

## Telebhisean mar ghoireas poileasaidh cànan

a chleachdadh aig cloinn dà-chànanaich

NicNèill, Catrìona Mòrag

DOCTOR OF PHILOSOPHY (AWARDED BY OU/ABERDEEN)

*Award date:*  
2018

*Awarding institution:*  
University of Edinburgh

[Link URL to thesis in UHI Research Database](#)

### **General rights and useage policy**

Copyright, IP and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the author, users must recognise and abide by the legal requirements associated with these rights. This copy has been supplied on the understanding that it is copyright material and that no quotation from the thesis may be published without proper acknowledgement, or without prior permission from the author. Unless otherwise stated, this thesis is provided under the terms of a CC BY re-use license, where use of any part of this thesis must be attributed to the author.

Users may download and print one copy of any thesis from the UHI Research Database for the not-for-profit purpose of private study or research on the condition that:

- 1) The full text is not changed in any way
- 2) If citing, a bibliographic link is made to the metadata record on the the UHI Research Database
- 3) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 4) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

### **Take down policy**

If you believe that any data within this document represents a breach of copyright, confidence or data protection please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

# **Telebhisean mar ghoireas poileasaidh cànanain: a chleachdadh aig cloinn dà-chànanaich**

Tràchdas a chuireadh air adhart airson PhD aig Oilthigh Obar  
Dheathain agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Catrìona Mòrag NicNèill  
LLB (le Urram) Lagh agus Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu  
M.Litt Poileasaidh agus Planadh Cànanain, Oilthigh Obar Dheathain

2018

Cuiridh mise, Catriona Mòrag NicNèill, an cèill an seo, agus daingnichidh mi le comharradh mo làimhe, gur mise a rinn a h-uile obair anns an tràchdas seo, nach deach an obair a chleachdadh airson ceum eile, gun do shònraich mi na h-iomraidhean le comharraidhean-luaidhe agus gun deach na tùsan fiosrachaidh uile aithneachadh mar bu chòir.

## **Giorrachadh**

Telebhisean mar ghoireas poileasaidh cànanain:  
a chleachdadh aig cloinn dà-chànanaich

Catrìona Mòrag NicNèill

2018

Thugadh sùil mhionaideach air cleachdadh susbaint le ochdnar cloinne da-chànanaich (aois 3 agus 4) bho dhiofar theaghlaichean stèidhichte ann am Barraigh agus Glaschu. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air dòigh a rinn pàrantan roghainnean a thaobh cànan na susbaint (eadar a' Bheurla agus a' Ghàidhlig) nuair a bha iad a' taghadh susbaint dhan chuid cloinne. Rannsaicheadh mar a bha poileasaidh cànanain nan teaghlaichean agus cleachdaidhean susbaint ag obrachadh còmhla. Chaidh leabhraichean-latha susbaint a lionadh air cleachdaidhean susbaint na cloinne agus chaidh agallamhan a chumail le pàrantan. Tha an rannsachadh a' sealltainn nach do chleachd a' chlann uile susbaint Ghàidhlig uile gu lèir mar a dh'fhaodadh iad agus gun robh diofaran ann eatorra. Chaidh fada a bharrachd susbaint Bheurla na susbaint Ghàidhlig a chleachdadh am measg na cloinne air fad. Chuir cuid de theaghlaichean luach air susbaint mar ghoireas poileasaidh cànanain agus iad ga chleachdadh airson cothroman cànanain-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh agus bha cuid ann nach do chleachd susbaint Ghàidhlig sam bith. Thug iomadh factar buaidh air roghainnean susbaint agus tha na factaran sin air an sgrùdadh. Tha na diofaran a nochd ann an cleachdadh susbaint air an cnuasachadh ann an co-theacsa poileasaidh chànanain theaghlaich. Cha robh poileasaidh cànanain làidir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh daonnan a' ciallachadh gun robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh. Thugadh molaidhean seachad do luchd-poileasaidh cànanain agus luchd-poileasaidh nam meadhanan Gàidhlig air leasachaidhean a dh'fhaoidte dèanamh gus cleachdadh susbaint Ghàidhlig a neartachadh.

## Buidheachas

‘Thig crìoch air an t-saoghal ach mairidh obair an tràchdais’ – gu dearbha, sin mar a tha mi air a bhith a’ faireachdainn tron phròiseas PhD seo. An toiseach, feumaidh mi taing a thoirt dhan sgioba-stiùiridh agam: Dr. Timothy Armstong, Prof. Meg Bateman, Prof. Robert Dunbar agus cuideachd Dr. Mike Cormack. Tha sibh air a bhith cho taiceil, còir agus deònach comhairle a thoirt dhomh uair sam bith a dh’iarrainn i. Mo thaing cuideachd do choimhearsnachd Sabhal Mòr Ostaig agus dhan a h-uile duine aig a’ Cholaiste a thug cuideachadh dhomh. Mòran taing do mhuinntir rianachd Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Bu mhath leam taing a thoirt cuideachd do luchd-sgrùdaidh an tràchdais.

Cha bhiodh tràchdas ann gun dàta, agus mar sin feumaidh mi taing mhòr, mhòr a thoirt dha na teaghlachan a ghabh pàirt anns an rannsachadh. Bha e na chuideachadh mòr gun robh iad cho fosgailte, beachdail agus dicheallach.

Bha an rannsachadh an eisimeil taic-airgid tro sgoilearachd bho Shoillse agus bho MG ALBA, agus tha mi air leth taingeil airson a’ chothruim. Tha mo cho-obrachan bho lionradh Shoillse air a bhith ann bhon toiseach agus tha mi nur comainn uile airson ur cuideachaidh agus ur càirdeis. Gu sònraichte, taing do Dr. Cassie Smith-Christmas agus Dr. Ciorstaidh NicLeòid (chi mi air Tràigh Eais thu, a Chiorstag!). Tha MG ALBA air iomadh cothrom agus taic a thabhann dhomh agus tha mi fada nur comainn. Tron rannsachadh thug iomadh neach agus buidheann eile comhairle agus cuideachadh dhomh, nam measg: BBC Gàidhlig, Iain Tormod MacLeòid, Iain Mac an Tàilleir, Raonaid Nic a’ Phearsain agus Ionad Ionnsachaidh Bharraigh.

Gun taic bho mo theaghlach agus bho mo charaidean, chan eil teagamh agam gum biodh e air a bhith do-dhèanta crìoch a chur air a’ PhD. Bha mi daonnan mothachail gun robh teaghlach taiceil, misneachail timcheall orm agus tha mi taingeil airson sin. Cuideachd, bha iad foighidneach; leig iad leam leantainn orm le mo chuid obrach gun a bhith a’ faighneachd cus cheistean! Tha mi fortanach gu bheil deagh charaidean agam, ’s cinnteach gu bheil cuid dhiubh a’ smaointinn gur e iad fhèin a bha a’ dèanamh PhD. Feumaidh mi taing shònraichte a thoirt do Mhar-Star, a bha ann bho thoiseach gu crìch, agus cuideachd do na Carrievanettes (gu h-àraidh The Glanx agus Pauline anns na mìosan mu dheireadh). Tha iomadh caraid eile air misneachd agus cuideachadh a thoirt dhomh — cus rin ainmeachadh an seo — ach bidh mi nur comainn gu bràth.

## CLÀR-INNSE

<b>FIOGAIREAN, CLÀRAN AGUS GRAFAICHEAN</b> .....	9
<b>1. RO-RÀDH</b> .....	10
1.1 Facal tòiseachaidh .....	10
1.2 Raon-rannsachaidh nam meadhanan mion-chànanach .....	12
1.3 Poileasaidh cànan teaghlaich .....	14
1.4 An rannsachadh .....	15
1.5 Structair agus geàrr-chunntas caibideilean an tràchdais .....	17
<b>2. CO-THEACSA</b> .....	19
2.1 Cunntas goirid air eachdraidh na Gàidhlig .....	19
2.2 Gàidhlig agus an Cunntas-sluaigh .....	22
2.3 Inbhe oifigeil agus laghail .....	24
2.4 Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig .....	26
2.5 Gàidhlig ann am Barraigh .....	30
2.6 Gàidhlig ann an Glaschu .....	33
2.7 Telebhisean Gàidhlig .....	34
<b>3. LITREACHAS AIR ATH-BHEÒTHACHADH AGUS GLÈIDHEADH CÀNAIN, AGUS POILEASaidH CÀNAIN TEAGHLAICH</b> .....	44
3.1 Ro-ràdh .....	44
3.2 Gluasad cànan .....	44
3.3 Gluasad cànan a' thionndadh .....	47
3.4 Cànan, cultar agus fèin-aithne .....	49
3.5 Beòthalachd etno-cànanach .....	53
3.6 Idèolas cànan .....	54
3.7 Poileasaidh agus planadh cànan .....	56
3.8 Poileasaidh cànan san teaghlach .....	58
3.8.1 Sòisealachadh cànan .....	60
3.8.2 Togail cànan agus cànan-a-steach .....	62
3.8.3 Ideòlasan ann am PCT .....	67
3.8.4 Cultar agus fèin-aithne ann am PCT .....	71
3.8.5 Mi-fhreagairt eadar ideòlas agus cleachdadh .....	73
3.8.6 Ideòlasan na cloinne .....	75
3.8.7 Cànan agus spòrs .....	77
3.9 PCT agus co-theacsa na Gàidhlig .....	80
3.10 Buntanas an litreachais dhan sgrùdadh seo .....	85

<b>4. LITREACHAS AIR TELEBHISEAN ANN AM POILEASaidH</b>	
<b>CÀNAIN</b>	87
4.1 Ro-ràdh	87
4.2 Telebhisean agus poileasaidh cànan	87
4.3 Telebhisean agus cànan-a-steach	92
4.4 Telebhisean agus sòisealachadh	102
4.5 Susbaint dhùthchail	107
4.6 Teòiridh chleachdaidhean agus dhuaisean	110
4.7 Pàrantan: cleachdaidhean agus duaisean	111
4.8 ‘Duaisean fèin-aithne shòisealta’	112
4.9 Fèin-aithne etno-cànanach	114
4.10 Faotainneachd	116
4.11 Cothrom, Comas, Miann	117
4.12 Buntanas dhan sgrùdadh seo	118
<b>5. SEASAMHAN RANNSACHAIDH AGUS MODHAN-RANNSACHAIDH</b>	120
5.1 Ro-ràdh	120
5.2 Seasamhan rannsachaidh	121
5.3 Amasan rannsachaidh	123
5.4 Sampall-rannsachaidh	124
5.5 Pàrantan mar luchd-pàirteachaidh	126
5.6 Cànan an rannsachaidh	127
5.7 Agallamhan mar mhodh-rannsachaidh	128
5.8 Dealbhachadh an agallaimh	129
5.9 Leabhraichean-latha susbaint mar mhodh-rannsachaidh	130
5.10 Dealbhachadh na leabhraichean-latha	134
5.10.1 ‘A’ coimhead’	136
5.10.2 Dè cho fada?	136
5.10.3 Cò agus cuin?	137
5.10.4 Adhbharan airson phuingean eile anns an leabhar-latha	139
5.11 Samplachadh	140
5.12 Rannsachadh pileat	143
5.13 Beusan	145
5.14 Trusadh	145
5.15 An sampall	146
5.16 Agallamhan anns an rannsachadh	148
5.17 Sgrùdadh nan agallamhan	149
5.18 Leabhraichean-latha anns an rannsachadh	149
5.19 Sgrùdadh nan leabhraichean-latha	150
5.20 Co-dhùnadh	152

<b>6. TORAIDHEAN</b>	153
6.1 Susbaint ann am beatha na cloinne	153
6.1.1 Uimhir: dàta nan leabhraichean-latha	153
6.1.2 Uimhir: dàta nan agallamhan	156
6.1.3 An ròl aig susbaint ann an uairean-saora na cloinne	158
6.1.4 A' cleachdadh susbaint: Gàidhlig/Beurla	160
6.1.5 Co-dhùnadh: susbaint ann am beatha na cloinne	167
6.2 Cothroman susbaint Ghàidhlig a choimhead	169
6.2.1 Dòigh-choimhid agus cothroman Gàidhlig	170
6.2.1.1 Susbaint bheò	170
6.2.1.2 Susbaint nach robh beò	171
6.2.2 Cothroman Gàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha	171
6.2.3 Dòighean-choimhid nach robh beò	174
6.2.3.1 'DVDan', 'Seirbheis a-rithist', 'Clàraidhean'	174
6.2.3.2. 'YouTube' agus 'Netflix'	174
6.2.4 Dòigh-choimhid bheò	175
6.2.5 Susbaint na maidne: agallamhan	182
6.2.6 Susbaint na bu thràithe air an fheasgar	184
6.2.7 Co-dhùnadh: cothroman Gàidhlig a choimhead	185
6.3 Mothachail mu na cothroman	186
6.4 A' gabhail cothroman Gàidhlig: seachdain nan leabhraichean-latha	189
6.4.1 DVDan	192
6.4.2 'Seirbheis a-rithist'	193
6.4.3 Clàraidhean	194
6.4.4 Beò	196
6.5 Furastachd cleachdaidh	198
6.6 Susbaint tharraingeach	201
6.6.1 An robh susbaint Ghàidhlig tarraingeach?	202
6.6.2 Susbaint Bheurla agus an cultar mòr-chòrdte	203
6.6.3 'Brandaidhean' Beurla	205
6.6.4 Deagh phrògraman oideachail	207
6.6.5 Aois	208
6.6.6 Cartùnan agus 'live-action'	209
6.6.7 Susbaint dhùthchail/ionadail	213
6.7 Factaran ceangailte ri poileasaidh cànan nan teaghlaichean	216
6.7.1 Teaghlaichean 'le Gàidhlig'	217
6.7.2 Teaghlaichean 'gun Ghàidhlig'	224
6.8 Ròl aig susbaint anns na poileasaidhean cànan	232
6.8.1 Teaghlaichean 'le Gàidhlig'	232
6.8.2 Teaghlaichean 'gun Ghàidhlig'	238
6.9 Co-dhùnadh	241
<b>7. DEASBAD</b>	242
7.1 Cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus poileasaidh agus planadh cànan san fharsaingeachd	242
7.2 Susbaint agus cànan-a-steach	245
7.2.1 Susbaint: luach mar ghoireas cànan-a-steach adhbhrachadh?	247
7.2.2 Poileasaidh cànan nan teaghlaichean	249
7.2.3 Comasan Gàidhlig nam pàrantan	252
7.2.4 Àite-fuirich	256
7.2.5 Mothachadh cànan	262



7.3 Factaran eile san fharsaingeachd .....	263
7.4 Cothroman coimhid .....	264
7.4.1 Netflix agus YouTube .....	265
7.4.2 Susbaint bheò .....	266
7.4.3 A' cleachdadh dòigh-choimhid eadar-dhealaichte .....	267
7.4.4 Gainnead 'iomlanachd institiuideach' .....	268
7.5 Sanasachd .....	270
7.6 Furastachd .....	271
7.7 Susbaint oideachail .....	272
7.8 Fèistean .....	276
7.8.1 Caraidean agus cuspairean cluiche .....	278
7.9 Susbaint 'sònraichte' .....	282
7.9.1 Raon farsaing de phrògraman .....	283
7.9.2 A' riochdachadh dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig .....	285
7.9.3 Susbaint dhùthchail .....	286
7.9.4 Cultar Gàidhlig .....	289
7.9.5 Prògraman ùra diofrach bhon Bheurla .....	290
7.9.6 Eadar-theangachaidhean .....	293
<b>8. CO-DHÙNADH .....</b>	<b>297</b>
8.1 Ro-ràdh .....	297
8.2 Carson nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh? .....	299
8.3 Dè thug air cuid barrachd oidhirp a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh na cuid eile? .....	303
8.4 Dè tha na toraidhean rannsachaidh a' ciallachadh do phoileasaidh cànan anns an fharsaingeachd? .....	310
8.5 Molaidhean practaigeach .....	313
8.6 Cuibhreachadh an rannsachaidh .....	316
8.7 Molaidhean airson tuilleadh rannsachaidh .....	317
8.8 Co-dhùnadh .....	318
<b>TÙSAN .....</b>	<b>320</b>
<b>EÀRR-RÀDH 1 .....</b>	<b>341</b>
<b>EÀRR-RÀDH 2 .....</b>	<b>345</b>

## FIOGAIREAN, CLÀRAIDHEAN AGUS GRAFAICHEAN

<b>Fiogair 1:</b> Leabhar-latha .....	135
<b>Clàr 1:</b> Mionaidean susbaint gu lèir a chaidh a choimhead san t-seachdain .....	153
<b>Clàr 2:</b> Cuibheas susbaint làitheil agus uairean-saora .....	159
<b>Clàr 3:</b> % de shusbaint gu lèir a chaidh a coimhead sa Ghàidhlig am measg cloinne a chleachd susbaint Ghàidhlig .....	162
<b>Clàr 4:</b> Cia mheud latha a chaidh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh? .....	162
<b>Clàr 5:</b> A' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh tric? .....	167
<b>Graf 1:</b> Mionaidean susbaint air gach latha san t-seachdain .....	155
<b>Graf 2:</b> Mionaidean de shusbaint Bheurla agus susbaint Ghàidhlig a chaidh a choimhead anns an t-seachdain .....	161
<b>Graf 3:</b> % de shusbaint gu lèir le cothrom Gàidhlig airson gach pàist .....	172
<b>Graf 4:</b> Susbaint-le-cothrom-Gàidhlig (CG), susbaint-gun-chothrom-Gàidhlig (GCG) agus dòigh-choimhid .....	173
<b>Graf 5:</b> % de shusbaint gu lèir a bha beò .....	176
<b>Graf 6:</b> Cuin a chaidh an t-susbaint bheò a choimhead .....	178
<b>Graf 7:</b> % de shusbaint bheò na maidne .....	180
<b>Graf 8:</b> % den t-susbaint gu lèir a bha air a coimhead sa mhadainn .....	181
<b>Graf 9:</b> % de shusbaint le-cothrom-Gàidhlig a chaidh a choimhead sa Ghàidhlig .....	190
<b>Graf 10:</b> Susbaint le-cothrom-Gàidhlig: dòigh-choimhid agus cànan .....	191

## CAIBIDEIL 1: RO-RÀDH

*Far am bithe roinn nan sgeul  
Aig luchd cèilidh mun teine,  
'S ann tha 'n aire 'n-diugh gu lèir  
Air a' chèis leis a' ghloinne*

Aonghas Caimbeul (1972: 92), 'Telebhision Tì-Bhì'

### 1.1 Facal tòiseachaidh

Cha mhòr nach eil telebhisean aig a h-uile duine, no uidheamachd air choreigin leis an tèid aca air susbaint<sup>1</sup> thelebhisean no bhideo a choimhead. Tha fònaichean-làimhe agus *tablets* a' ciallachadh gu bheil an 'telebhisean' ri fhaotainn anns a h-uile àite aig àm sam bith. Tha sinn air ar cuairteachadh le na meadhanan gach latha, fad an latha agus 'an sgrion' mar phàirt nàdarra de ar beatha. Chan e a-mhàin gu bheil teicneòlas fuaighte nar beatha ach gu bheil e cuideachd ag atharrachadh fad na tìde. B' eòlach do sheanair air 'smart phone', 'Netflix', 'iPlayer', 'on-demand', 'catch-up' no 'series link'!

Gu dearbha, tha sinn beò ann an saoghal eadar-dhealaichte bho linn mo shean-phàrantan. Rugadh agus thogadh iadsan ann am Barraigh agus Uibhist a Deas, le Gàidhlig mar a' chiad chànan agus iad air am bogadh ann an cultar nan Gàidheal. B' e sgeulachdan, òrain agus ceòl an seòrsa dibhearsain a bha acasan, le taighean-cèilidh agus traidisean beul-aithris mar phàirt den dòigh-beatha; bha a' Ghàidhlig aig a cridhe. Leis gun robh na h-eileanan cho iomallach bha sin a' ciallachadh nach robh mòran gnothach aca ri saoghal na Beurla agus gun robh a' Ghàidhlig air a dìon bhon taobh a-muigh.

---

<sup>1</sup> **susbaint**: content. A' toirt a-steach susbaint thelebheisein agus bhideo a tha air a coimhead air diofar uidheamachd (mar eisimpleir, telebhisean, fòn-làimhe) agus susbaint a tha agus nach eil air a coimhead beò (mar eisimpleir, susbaint air a clàradh no air a coimhead air seirbheis coimhead-a-rithist).

Ach dh'atharraich an saoghal sin. Cha do dh'fhan na sgìrean sin cho iomallach ri linn adhartasan ann an còmh-dhail agus conaltradh, ri linn cogaidh, eilthireachd agus in-imrich. Leis a sin thàinig a' Bheurla. Ged a bha na sgìrean anns an robh daoine a' fuireach air atharrachadh agus barrachd Beurla ri cluinntinn mun cuairt orra, fhathast anns na dachaighean, bha ballaichean an taighe mar dhùn a' cumail Beurla aig starsaich an dorais. Ach rè ùine ann an Arm na Beurla, nochd dithis Shaighdear tapaidh, spaideil aig an robh an comas a bhith a' sàthachadh na Beurla tron doras: an toiseach a' Uèirleas agus an uair sin an Telebhisean. Dh'fhàs cleachdadh an uèirleas agus telebhisean sa Bheurla na bu bhitheanta thairis air na bliadhnaichean. Ann an dòigh, bha an telebhisean coltach ri cuideigin eile san t-seòmar-suidhe ris am b' urrainnear èisteachd agus coimhead. Ach aocoltach bho dhaoine eile a-staigh, b' e Beurla a bha a' tighinn a-mach às a bheul. Cuideachd, le dibhearsain ri fhaotainn bhon telebhisean, dh'atharraich an t-iarrtas a bha ann airson nan seann chèilidhean a b' àbhaist a bhith mar chur-seachad.

Chanadh a' mhòr-chuid gun do rinn telebhisean cron air staid na Gàidhlig; tha e follaiseach gu bheil na meadhanan, agus telebhisean gu sònraichte, air buaidh a thoirt air cleachdaidhean cànan 's e air cumhachd na Beurla a dhaingneachadh. Ag aithneachadh buaidh a' chumhachd seo, chaidh iomairtean a thòiseachadh gus seirbhisean telebhisean Gàidhlig a stèidheachadh. Chaidh strì a dhèanamh tro na bliadhnaichean agus bha iad soirbheachail, le prògraman Gàidhlig a' nochdadh air telebhisean. Mean air mhean chunnacas leudachadh ann an telebhisean na Gàidhlig agus mu dheireadh thall ann an 2008 chaidh an t-sianail dhìseatach Gàidhlig, BBC ALBA, a stèidheachadh.

Tha an co-theacsa gu h-àrd gar toirt dhan tràchdas seo fhèin. Thathas air beachdachadh gun robh pàirt aig telebhisean na Beurla ann an crìonadh na Gàidhlig agus gun robh am beachd

ann gun robh agus gu bheil telebhisean na Gàidhlig cudromach san iomairt gus cumhachd na Beurla a lughdachadh agus cumhachd na Gàidhlig a neartachadh. Ach dè dìreach cho feumail 's a tha telebhisean Gàidhlig dhan chànan agus a bheil e ann an da-rìribh a' cuideachadh Gàidhlig? Ceist mhòr agus ceist a tha doirbh, ma dh'fhaoidte ro dhoirbh, a fhreagairt. Ach mar cheum air adhart san deasbad, tha an tràchdas seo a' feuchainn ri clach a chur ri càrn-eòlais rannsachadh nam meadhanan Gàidhlig.

## **1.2 Raon-rannsachaidh nam meadhanan mion-chànanach**

Tha an tràchdas seo suidhichte anns an raon-rannsachaidh meadhanach òg de rannsachadh nam meadhanan mion-chànanach. Tha an raon-rannsachaidh seo a' feuchainn ri rannsachadh air mion-chànanan agus rannsachadh air na meadhanan a thoirt còmhla 's e a' faighneachd cheistean leithid dè an ròl a tha aig na meadhanan mion-chànanach ann a bhith a' toirt taic do chànan agus cultar agus cuideachd ciamar a thèid na meadhanan mion-chànanach a stèidheachadh agus a mhaoineachadh 's iad a' frithealadh mion-choimhearsnachd (Cormack 2004). Tha an raon a' sealltainn air a' cheangal eadar na meadhanan agus mion-chànanan, tric le fòcas air 'the expanding domains in minority languages, increasing awareness of them and enhancing the means and motivations to use these languages' (Pietikäinen 2008a: 174).

A' coimhead air a' cheist mhòir air ciamar a tha na meadhanan a' cuideachadh mhion-chànan, tha iomadh ro-bheachd ann gu bheil na meadhanan mion-chànanach 'math', mar a tha Cormack ag aithris:

Media give status to a language, they can link up and unify different segments of the language community, they can focus political development, they add to the minority culture, they can provide a context for economic development, and, indeed, contribute directly to it. Over and above these practical points, media provision in a minority language answers human rights claims and helps in the important work of preserving as much of human language and culture as possible. (Cormack 2013: 256)

Ach tha gainnead rannsachaidh ann a tha a' dearbhadh nan ro-bheachdan sin le fianais chruaidh a tha a' coimhead air a' bhuidh a tha aig na meadhanan air glèidheadh cànan (Cormack 2004: 3). Gu dearbha bha an sòisio-cànanaiche ainmeil, Fishman, teagmhach mun ròl aig na meadhanan ann an gluasad cànan a thionndadh,<sup>2</sup> 's e den bheachd gum bu chòir prìomhachas a chur air ath-stèidheachadh tar-chur cànan eadar na ginealachdan san dachaigh agus sa choimhearsnachd (Fishman 1991: 92-96) mus gabhar gnothach ri 'higher order props' leithid nam meadhanan (ibid: 380). Bha e làidir na rabhadh mun dòigh anns an robh luchd-iomairt nam mion-chànanan air am beò-ghlacadh le na meadhanan 's e ga ainmeachadh mar 'fetish' (Fishman 2001: 482). Bha Fishman den bheachd gu bheil na meadhanan mòr-chànanach a' dèanamh barrachd cron na tha na meadhanan mion-chànanach a' dèanamh feum. Ach tha argamaid ann gu bheil ròl diolaidh aig na meadhanan mion-chànanach gus bacadh a chur air a' chron a dh'fhaodadh na meadhanan mòr-chànanach a dhèanamh air a' mhion-chànan:

When a state seeks to maintain linguistic diversity with respect to minority languages that are traditionally found on its territory, it needs to balance the scales. Proactive action to strengthen the position of minority languages, e.g., in the digital world, has a restitutionary character; such measures are taken in order to counter the damage that the development of new media would do to the minority language if no such measures were taken. (Moring agus Dunbar 2008)

A dh'aindeoin beachd Fishman gu bheil na meadhanan a' dèanamh barrachd cron na feum, 's e fìorachas an t-suidheachaidh gu bheil na meadhanan ann agus chan eil iad a' dol a dh'àite sam bith. Bha Fishman a' moladh prìomhachas a chur air tar-chur cànan eadar na ginealachdan agus e a' faicinn an teaghlaich mar 'a natural boundary that serves as a bulwark against outside pressures, customs and influences' (Fishman 1991: 94). Ach dè cho fìor 's a tha am beachd sin fhathast an-diugh? Tha na meadhanan air briseadh a-steach dhan raon prìobhaiteach seo agus chan eil an teaghlach cho tèarainte 's a bha e roimhe. Leis gu bheil na meadhanan cho bitheanta ann an raon-cleachdaidh-cànan na dachaigh,

---

<sup>2</sup> **gluasad cànan a thionndadh**: reversing language shift

raon a rèir Fishman fhèin a tha cho cudromach do luchd-planadh-cànain, nach bu chòir fòcas a chur air na meadhanan agus tuigse fhaighinn air mar a tha iad gan cleachdadh san dachaigh?

### **1.3 Poileasaidh cànain teaghlaich**

Tha cleachdadh cànain anns an teaghlach agus tar-chur cànain eadar na ginealachdan deatamach do ghlèidheadh agus ath-bheòthachadh cànain. Nuair a tha clann air àrachadh ann an àrainneachd ioma-chànanach tha sin a' ciallachadh, aig ìre air choreigin, gum bi roghainnean rin dèanamh mu dè an cànan a thèid a chleachdadh leis a' phàist (Smith-Christmas 2014: 511). Poileasaidh Cànain Teaghlaich (PCT) 'provides an integrated overview of research on how languages are managed, learned and negotiated within families' (King *et al.* 2008: 907). Tha rannsachadh air PCT a' tarraing air, agus a' cur ris, na raointean-rannsachaidh poileasaidh cànain agus togail cànain am measg cloinne (ibid: 907). Gu tric ann an rannsachadh PCT, tha sgrùdadh air a dhèanamh air teaghlaichean a tha a' feuchainn ri cloinn dà-chànanach a thogail far a bheil am 'mion-chànan' na mhòr-chànan cheana anns an t-saoghal mhòr fhèin (Smith-Christmas 2014: 511). Ach tha sgrùdadh a-nis a' nochdadh a tha a' coimhead air fìor mhion-chànanan agus na pròiseasan ideòlach sònraichte a tha ceangailte ri bhith ag àrachadh clann ann an cànan a tha ann an suidheachadh gluasad cànain (ibid). Ann an Alba tha rannsachadh air a shealltainn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig cho cugallach agus lag 's gum biodh e 'very unlikely that Gaelic would be spoken by children in the home to any significant extent without at least some deliberate planning by adult family members' (Armstrong 2014: 572).

Thathar air cnuasachadh gu bheil na meadhanan agus susbaint a-nis nam pàirt de theaghlaichean agus iad ann an dòigh mar ghuth eile anns an dachaigh. Leis gu bheil planadh a dhìth ma tha pàrantan airson an cuid cloinne a thogail le Gàidhlig, feumar

faighneachd a bheil pàrantan a' toirt aire do chleachdadh susbaint mar phàirt den phoileasaidh cànanain teaghlaich aca. Chan eil fianais ann air dè dìreach a' bhuidh a tha aig na meadhanan air mion-chànanan, ach b' urrainnear a ràdh gum bi cleachdadh susbaint Ghàidhlig co-dhiù ag adhbhrachadh cleachdadh na Gàidhlig aig ìre gu math bunasach tro 'usage in consumption' (Milligan *et al.* 2011). Le susbaint Bheurla agus susbaint Ghàidhlig rim fhaotainn, tha roghainnean rin dèanamh a thaobh cànanain na susbaint agus a' bhuidh aige sin air na cànanan a tha rin cluinntinn a-staigh. Bhiodh cleachdadh susbaint Beurla ann an dachaigh Ghàidhlig a' ciallachadh gum biodh Beurla air a thoirt a-steach dhan dachaigh. Mar an ceudna, bhiodh cleachdadh susbaint Ghàidhlig ann an dachaigh Bheurla a' ciallachadh gum biodh Gàidhlig air a thoirt a-steach dhan dachaigh. Cuideachd, bhiodh cleachdadh susbaint Ghàidhlig ann an dachaigh Ghàidhlig a' ciallachadh gum biodh àrainneachd Ghàidhlig air a cumail a-staigh. No ann an dachaigh Bheurla bhiodh cleachdadh susbaint Bheurla a' ciallachadh gum biodh a' Bheurla air a cumail a-staigh. Mar sin, tha iomadh suidheachadh ann a bhiodh a' toirt buaidh air na cànanan a bhiodh rin cluinntinn anns an dachaigh. Dh'fhaoidte beachdachadh gum faodadh pàrantan susbaint a chleachdadh mar ghoireas poileasaidh cànanain gus cothrom Gàidhlig a chluinntinn a-staigh a cruthachadh. Leis gu bheil susbaint Ghàidhlig ann, shaoilte gum biodh i air a cleachdadh le cloinn a bha a' togail no ag ionnsachadh na Gàidhlig ach chan eil fianais againn air mar a tha cleachdadh susbaint agus poileasaidh cànanain teaghlaich ag eadar-obrachadh.

#### **1.4 An rannsachadh**

Chunacas gu bheil ro-bheachdan ann gum faodadh na meadhanan mion-chànanach a bhith nam buannachd anns na h-iomairtean airson glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànanain. Sin cuideachd am beachd farsaing a tha aig luchd-poileasaidh cànanain agus luchd-poileasaidh susbaint Ghàidhlig ann an Alba agus tòrr airgid air a chosg air craoladh Gàidhlig an taca ri gnothaichean Gàidhlig eile. Ach ma tha deagh bhuidhean rim faighinn, gus na



buannachdan fhaighinn (agus luach fhaighinn bhon airgead a tha air a chosg air) dh'fheumadh an t-susbaint a bhith air a cleachdadh anns a' chiad dol-a-mach. Tha an tràchdas seo gus leudachadh air an eòlas a tha againn ann an co-theacsa na Gàidhlig air mar a tha roghainnean cànan gan dèanamh a thaobh susbaint thelebhisean am measg cloinn dà-chànanach.

Tha an tràchdas seo a' sealltainn air cleachdadh susbaint am measg ochdnar cloinne, aois 3 agus 4, a bha dà-chànanach gu diofar ìrean ann am Beurla agus Gàidhlig. Rinneadh sgrùdadh air mar a bha pàrantan a' dèanamh roghainnean susbaint airson an cuid cloinne agus mar a bha iad a' ruighinn cho-dhùnaidhean a thaobh cànan na susbaint. Airson fiosrachadh air cleachdadh susbaint fhaighinn chaidh leabhraichean-latha cleachdaidh telebhisein a lionadh le pàrantan às leth an cuid cloinne. Rinneadh cuideachd agallamhan le pàrantan gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu na poileasaidhean cànan teaghlaich a bha aca agus mun phròiseas taghaidh a bha aca a thaobh cleachdadh susbaint na cloinne. Bha poileasaidh cànan farsaing aig pàrantan gach pàist gun robh iad airson Gàidhlig a bhith aig an cuid cloinne agus iad air roghainn a dhèanamh an cur gu sgoiltean-àraich tro mheadhan na Gàidhlig. Ach bha poileasaidhean cànan teaghlaich eadar-dhealaichte aig na h-ochd teaghlaichean bhon tàinig a' chlann; bha leth dhen chloinn a' tighinn bho theaghlaichean a bha a' cleachdadh na Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus leth nach robh. Cuideachd, bha leth dhe na teaghlaichean stèidhichte ann am Barraigh agus leth ann an Glaschu. Mar sin bha raon farsaing de dhiofar shuidheachaidhean poileasaidh cànan air an riochdachadh anns an rannsachadh gus faicinn an robh diofar ann eadar mar a bha susbaint air a cleachdadh.

Ann an rannsachadh bhathar airson faighinn a-mach an robh pàrantan a' cleachdadh, no a' cur luach air, susbaint Ghàidhlig mar ghoireas poileasaidh cànan a bha cuideachail dhaibh.

B' e na prìomh ceistean rannsachaidh:

- 1) Dè cho bitheanta 's a chleachd a' chlann susbaint san fharsaingeachd?
- 2) An robh ròl aig susbaint Ghàidhlig ann am beatha na cloinne?
- 3) Dè na factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint? Taobh a-staigh na ceist seo bhathar airson cnuasachadh dè na factaran a bhiodh a' brosnachadh cleachdadh susbaint Ghàidhlig?

### **1.5 Structair agus geàrr-chunntas caibideilean an tràchdais**

Tha an caibideil seo, Caibideil 1, air an cuspair rannsachaidh a stèidheachadh agus air geàrr-iomradh air a' cho-theacsa rannsachaidh anns a bheil an cuspair suidhichte a thoirt seachad. Tha ceistean rannsachaidh agus amasan an rannsachaidh air an ainmeachadh. Ann an Caibideil 2 (Co-theacsa na Gàidhlig) tha geàrr-chunntas ga thoirt seachad air co-theacsa na Gàidhlig ann an Alba agus air a' cho-theacsa shòisio-cànanach anns na sgìrean rannsachaidh, Barraigh agus Glaschu. Cuideachd, thathas gus iomradh a thoirt air eachdraidh agus leasachadh telebhisean Gàidhlig ann an Alba, an t-sianail BBC ALBA. Ann an Caibideil 3 ('Litreachas air ath-bheòthachadh agus glèidheadh cànan agus poileasaidh cànan teaghlaich') thathar a' toirt iomradh air rannsachadh planadh cànan san fharsaingeachd agus a' toirt sùil mhionaideach air poileasaidh cànan san teaghlach. Ann an Caibideil 4 ('Litreachas air telebhisean ann am poileasaidh cànan') tha rannsachadh air telebhisean agus cànan air a chnuasachadh. Anns an dà chaibideil litreachais seo thathar ag ainmeachadh nam beàrnan rannsachaidh agus a' tarraing air bun-bheachdan frèam-obrach an rannsachaidh. Ann an Caibideil 5 ('Modhan-Rannsachaidh') dèiligear ris na modhan-rannsachaidh. Tha Caibideil 6 ('Toraidhean') a' toirt seachad dàta air dè cho bitheanta 's a bha susbaint ann am beatha na cloinne agus air an àite a bha aig susbaint Ghàidhlig nam

beatha. Thathar a' tomhas nan cothroman a bha ann dhan chloinn susbaint Ghàidhlig a chleachdadh, dè an ìre de mhothachadh a bha ann mu na cothroman agus dè cho tric 's a chaidh na cothroman sin a ghabhail. Cuideachd, tha toraidhean air an toirt seachad air na factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint. Ann an Caibideil 7 (Deasbad), thathas a' deasbad nan toraidhean ann an co-theacsa prìomh amasan an tràchdais. Mu dheireadh ann an Caibideil 8 (Co-dhùnadh) tha co-dhùnidhean air an ruighinn agus molaidhean air an toirt seachad.

## CAIBIDEIL 2: CO-THEACSA

### **2.1 Cunntas goirid air eachdraidh na Gàidhlig**

Thathar a' creidsinn gur ann mun t-siathamh linn a thàinig a' Ghàidhlig a dh'Alba às Èireann an toiseach (Clancy 2005: 1). Thathar den bheachd gun deach leudachadh air an Rìoghachd Ghàidhealaich, Dál Riata, ann an taobh an Ear-Thuath de dh'Èirinn gus pàirtean mòra de dh'Earra-Ghàidheal ann an Alba a thoirt a-steach agus ri linn sin thàinig an cànan Gàidhlig aca dhan dùthaich (Ó Baoill 2010: 2). Ach, tha cuid a' ceasnachadh a' bhuntanais Èireannaich seo (Campbell 2001: 290-291). Gu ruige an 11mh linn b' e a' Ghàidhlig cànan a' chrùin, an riaghaltais, na flaitheachd agus nan clèir agus i làidir air feadh Alba (McLeod 2004: 16). Ach mun 12mh linn thòisich an cànan ri crìonadh le Fraingis Normanach agus Laideann a' gabhail àite na Gàidhlig mar phrìomh chànanan na dùthcha (McLeod 2004: 16). Cuideachd, agus gu sònraichte, bha buaidh aig fiùdalachd agus leudachadh ann am malairt le taobh deas na dùthcha far an robh Beurla air a cleachdadh (Withers 1984: 19). Bhon 15mh linn bha sgaradh cànanachais air nochdadh eadar Galldachd na h-Alba far an robh Albais air a cleachdadh agus a' Ghàidhealtachd far an robh Gàidhlig air a cleachdadh. B' e *Erse* no 'Irish' a bha aca anns an àm sin air a' Ghàidhlig, a' sealltainn an atharrachaidh a bha air tighinn air inbhe a' chànain leis nach robh e a-nis air aithneachadh mar chànan muinntir na h-Alba (Ó Baoill 2010: 13). Chaidh dì-moladh a dhèanamh air muinntir na Gàidhealtachd is iad air am measadh mar dhaoine borb, iargalta, fhad 's a bha a' Ghalltachd air a faicinn mar àite adhartach, cumhachdail, agus chaidh na beachdan seo a dhaingneachadh ri linn an Ath-Leasachaidh (MacKinnon 1991: 41).

Ann an linn-tean a bha ri thighinn chunnacas tachartasan a thug buaidh air a' Ghàidhlig. Chaidh oidhirp mùchaidh a dhèanamh air a' chànan nuair a chaidh Reachdan Ì a chruthachadh ann an 1609. Am measg na bha Reachdan Ì a stèidheachadh, bha aonta ann gun rachadh oighreachan nan ceann-cinnidh oideachadh anns a' Ghalltachd anns a' Bheurla (MacKinnon 1991: 46-47). Anns an 18mh linn thachair aonadh pàrlamaidean Alba agus Shasainn fo Achd an Aonaidh 1707, leis a' chumhachd phoilitigeach a' laighe na b' fhaide air falbh bho àiteachan Gàidhlig na h-Alba. Ri linn seo, dh'fhàs ceanglaichean Alba le Sasainn agus a' Bheurla na bu teinne (Ó Néill 2005: 241). Cuideachd anns an 18mh Linn, chaill na Seumasaich aig Blàr Chùil Lodair agus chunnacas Achd an Toirmisg 1746, a thug ionnsaigh air cultar na Gàidhlig (MacKinnon 1991: 57-58).

Anns an 18mh agus 19mh linn thàinig atharrachaidhean ann an eaconamaidh na Gàidhealtachd le iarrtas airson màl ann an cruth airgid agus thòisich an dàimh phearsanta eadar uachdaran no ceann-cinnidh agus tuath no neach-cinnidh a shìoladh às (MacKinnon 1991: 61). Chaidh seòrsachan chaorach ùra, feabhasach air a toirt a-steach dhan Ghàidhealtachd gus prothaidean a thoirt gu bàrr agus bha na Gàidheil air am fuadachadh far an fhearainn (MacKinnon 1991). Dhan Ghàidhlig, b' e buille uabhasach a bha seo le sluagh na Gàidhlig ri eilthreachd agus mar a sgrìobh MacKinnon (1991):

In terms of the Gaelic speech community this could be regarded as the removal of its heartland. (62)

Bha na bha air fhàgail dhe na coimhearsnachdan Gàidhlig stèidhichte air iomall chostachan gu tuath agus dhan iar agus cuideachd anns an Innse Ghall (ibid).

A thaobh foghlaim, b' ann le Society in Scotland for Propagating Christian Knowledge (SSPCK), an eaglais agus comainn sgoiltean Gàidhlig aig an robh uallach airson foghlam ach rinn Achd an Fhoghlaim 1872 atharrachadh air sin agus an t-uallach air a thoirt do

bhùird sgoiltean ionadail (MacKinnon 1991: 74-75). Fon reachdas a bha seo cha deach Gàidhlig ainmeachadh agus bha buaidh aig seo air inbhe na Gàidhlig ann am foghlam agus a thaobh na Ghàidhlig fhèin, ‘undoubtedly contributed to its long-term demographic decline’ (Dunbar 2006: 4). Ach chaidh atharrachadh a dhèanamh fo Achd an Fhoghlaim 1918 agus leis an achd seo bha aig ùghdarrasan foghlaim ri thoirt seachad ‘teaching of Gaelic in Gaelic-speaking areas’ ach bha mì-chinnt ann mu na bha sin a’ ciallachadh (McLeod 2003: 121). Ri linn sin, is ainmig a chaidh a Ghàidhlig a chleachdadh ann an teagasg.

Chaidh tuilleadh dì-dhaoineachadh a dhèanamh air a’ Ghàidhealtachd agus air na h-eileanan ri linn an sgrios-bhàis a thàinig air na coimhearsnachdan Gàidhlig anns a’ Chiad agus an Dàrna Cogadh. Chaill na h-eileanan tòrr de dh’fhir òga agus rinn seo crìonadh na Gàidhlig buileach na bu mhiosa (MacLeod 2010: 29) Cuideachd, bha atharrachaidhean sòisealta agus eaconamach anns an 20mh linn a’ fosgladh cothrom siubhail agus cosnadh, le daoine a’ fàgail choimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig agus a’ sireadh obair anns na bailtean mòra. Bha daoine gun Ghàidhlig a’ gluasad gu coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig airson obraichean proifeasanta, agus mar sin bha a’ Bheurla na bu chumanta ann am beatha shòisealta agus oifigeil nan coimhearsnachdan (MacKinnon, 2010: 130). Dh’adhbharaich an sreath de thachartasan seo, am measg iomadh buaidh eile, gluasad cànanain ann an Alba bho Ghàidhlig gu Beurla agus lùghdachadh ann an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Ged a tha àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig air a bhith a’ crìonadh tha slaodachadh air tighinn air an astar lùghdachaidh sin bho mu 1991. Bho dheireadh an 20mh linn chaidh iomairtean a thòiseachadh gus taic phoilitigeach agus mhaoineachail fhaighinn gus an cànan a neartachadh agus a bhrosnachadh. Dh’èirich spèis do chultaran dùthchail le fàs ann

am poilitigs ceangailte ri fèin-aithne agus ùidh ann an cultar ‘folk’ agus ceangailte ri sin bha fàs ann an iomairteachd na Gàidhlig (Oliver 2005: 2). B’ ann anns na 80an a chunnacas an ‘Gaelic Renaissance’ (MacDonald 1997: 6) a bha seo a’ tighinn am bàrr agus ceumannan air an gabhail bhon àm sin airson a’ Ghàidhlig a dhaingneachadh ann an suidheachaidhean oifigeil. Chaidh a’ chiad bhuidheann oifigeil airson leasachadh na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, a stèidheachadh ann an 1984. Thòisich Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 1985 agus e air sìor-fhàs chun an latha an-diugh. Bha inbhe oifigeil na Gàidhlig air neartachadh tro reachdas laghail agus thàinig piseach air a’ Ghàidhlig anns na meadhanan.

Anns a’ chòrr dhen chaibideil bheirear iomradh air staid na Gàidhlig an-diugh ann an Alba a rèir figearan a’ chunntais-shluaigh agus an uair sin air inbhe oifigeil na Gàidhlig agus leasachaidhean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Dèiligear ri eachdraidh telebhisean Gàidhlig aig deireadh na caibideil ach roimhe sin bheirear sùil air suidheachadh na Gàidhlig ann am Barraigh agus Glaschu.

## **2.2 Gàidhlig agus an cunntas-sluaigh**

Tha e iomchaidh a bhith a’ coimhead air toraidhean cunntasan-sluaigh na h-Alba airson dealbh àireamhail fhaighinn air crìonadh na Gàidhlig ann an Alba. Ann an 1891, nuair a chaidh ceistean air àireamhan luchd-labhairt fhaighneachd cha mhòr san aon dòigh ’s a tha iad an-diugh (Paterson *et al.* 2014: 430), bha mu chairteal mhillean neach-labhairt na Gàidhlig ann a’ dèanamh suas mu 6% de sluagh na h-Alba uile gu lèir.

Bho chunntas-sluaigh 2011 ann an Alba tha 57,375 neach ann a bhruidhneas Gàidhlig agus, a’ toirt a-steach sgilean cànan eile, tha 87,056 neach ann a bhruidhneas no thuigeas no leughas no sgrìobhas Gàidhlig. Chan eil luchd-labhairt na Gàidhlig a’ dèanamh suas ach

1.1% de shluagh na h-Alba gu lèir. Tha a' mhòr-chuid (64.9%) de luchd-labhairt na Gàidhlig gu lèir nas sine na aois 35 (National Records for Scotland 2015a: 13). Bha 51.5% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd (sgìrean comhairle nan Eilean Siar, na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid) agus 48.5% a' fuireach air a' Ghalltachd (Mac an Tàilleir 2015: 3), a' ciallachadh gu bheil mu leth de shluagh-labhairt na Gàidhlig a' fuireach taobh a-muigh sgìrean traidiseanta a' chànain. Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos a-rithist eadar 2001 agus 2011 cha robh ach mu 2% crìonadh ann, crìonadh na bu lugha na bha anns na cunntasan-sluaigh roimhe (eadar 1981-1991 bha crìonaidh de mu 17% ann; eadar 1991-2001 bha crìonadh de mu 11% ann). Mar sin tha maille air tighinn air an astar-lùghdachaidh. Bha lùghdachadh ann an roinn de dhaoine a bhruidhneadh a' Ghàidhlig aig gach aois ach chunnacas airson a' chiad uair àrdachadh, le 0.1% de dhaoine a bhruidhneadh a' Ghàidhlig fo aois 20.

Anns a' chunntas-sluaigh 2011 chaidh ceist fhaighneachd air cleachdadh cànanain anns an dachaigh ach chan eil i buileach soilleir dè tha cleachdadh san dachaigh a' ciallachadh. Ma dh'fhaoidte gu bheil seo a' toirt a-steach dhaoine a tha ga cleachdadh gu cunbhalach a-staigh agus daoine a bhios a' cleachdadh facal no dhà an-dràsta is a-rithist. Bha 40.2% de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh (National Records for Scotland 2015a: 17). Anns na h-Eileanan Siar tha mu 40% den t-sluagh gu lèir a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh, ach a-mach à luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar tha 77% dhiubh a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh (Mac an Tàilleir 2015: 13-14). Tha seo air dealbh a thoirt dhuinn de chrìonadh na Gàidhlig agus mar a tha gluasad air a bhith ann gu Beurla ann an Alba.

'S ann air cloinn eadar aois 3 agus 4 a tha an tràchdas seo ag amas agus mar sin tha e iomchaidh a bhith a' coimhead air na tha àireamhan a' chunntais-shluaigh ag innse dhuinn



mu chloinn aig an aois sin. Bha 797 duine-cloinne aig aois 3-4 a bhruidhneadh a' Ghàidhlig (National Records of Scotland 2015c) agus bha iad a' tighinn bho dhachaighean eadar-dhealaichte a thaobh chomasan cànan. Bha mu 51% den chloinn a' tighinn bho dhachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig na h-inbhich gu lèir anns an dachaigh, 24% bho dhachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig cuid de na h-inbhich san taigh agus 25% bho dhachaighean far nach robh sgilean Gàidhlig sam bith aig inbheach sam bith a-staigh (National Records of Scotland 2015c). A' coimhead air seo ann an dòigh eile, bha 1085 duine-cloinne a' fuireach ann an dachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig na h-inbhich gu lèir a-staigh, ach a-mach às an 1085 sin cha robh ach 37.8% dhiubh a bhruidhneadh a' Ghàidhlig (National Records of Scotland 2015c). Tha seo a' togail na ceist, dè tha a' tachairt anns an dachaigh agus carson a tha an àireamh sin cho ìosal? A thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, bha 62.9% de chlann aois 3-4 a bhruidhneadh Gàidhlig a' cleachdadh Gàidhlig anns an dachaigh. Am measg na cloinne aois 3-4 a bha a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh bha 63% dhiubh bho dhachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig na h-inbhich gu lèir a-staigh, 26% dhiubh bho dhachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig cuid de na h-inbhich a-staigh, agus 10% dhiubh bho dhachaighean far nach robh sgilean Gàidhlig aig inbhich a-staigh idir (National Records for Scotland 2015a: 18).

### **2.3 Inbhe oifigeil agus laghail**

Thàinig piseach air seasamh laghail na Gàidhlig ann an 2001 nuair a dhaingnich an Rìoghachd Aonaichte an 'European Charter for Regional and Minority Languages' no 'Cairt Eòrpach nam Mion-Chànan agus nan Cànanan Roinneil' agus a' Ghàidhlig air aithneachadh fo Phàirt III. 'S e amasan na Cairte a bhith a' toirt air Stàitean a bhith a' brosnachadh agus a' dìon mion-chànanan na h-Eòrpa. A' leantainn seo ann an 2005, chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe

thèarainte a thoirt dhan chànan mar ‘an official language of Scotland commanding equal respect to the English language’ (Scottish Parliament 2005). Ach tha cuid a’ cur na ceist gu dè dìreach a tha ‘equal respect’ a’ ciallachadh leis nach eil aig an abairt ‘clearly recognized meaning in law’ (Walsh agus McLeod 2008: 35).

Fon Achd, chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar bhuidhinn phoblaich le dleastanasan airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus a dhìon. Tha aig a’ Bhòrd ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chruthachadh gach còig bliadhna agus tha comas aca a bhith a’ toirt air buidhnean poblach eile planaichean Gàidhlig a chruthachadh. Tha am Bòrd gus feuchainn ri meudachadh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig agus na cothroman a tha aig daoine a’ Ghàidhlig a chleachdadh. Bha a’ chiad Plana Nàiseanta (2007-2012) stèidhichte air a bhith a’ toirt buaidh air ceithir raointean planadh cànan: togail cànan, cleachdadh cànan, inbhe cànan agus corpas cànan. Bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 tha am Bòrd ag amas air Gàidhlig a leasachadh ann an sia diofar àiteachan: [1] an dachaigh agus tràth-bhliadhnaichean; [2] foghlam: sgoiltean, tidsearan agus foghlam seach-sgoile; [3] coimhearsnachdan; [4] àite-obrach; [5] ealain, na meadhanan, dualchas agus turasachd; agus [6] corpas (Bòrd na Gàidhlig 2012: 14).

Tha an obair a tha am Bòrd a’ dèanamh a thaobh clann agus na meadhanan inntinneach dhan tràchdas seo. Tha am Plana Nàiseanta a’ mineachadh gu bheil àite cudromach aig na meadhanan ann a bhith a dèanamh na Gàidhlig ‘nas fhollaisiche agus nas tarraingiche agus ann a bhith a’ brosnachadh dilseachd dhan chànan’ (Bòrd na Gàidhlig 2012: 38) agus am Bòrd ag obrachadh gus na meadhanan a leasachadh. A thaobh cloinne, tha am Bòrd a’ cur prìomhachas air an raon leasachaidh ‘dachaigh agus tràth-bhliadhnaichean’ agus ag aithneachadh gu bheil ‘ionnsachadh cànan anns an dachaigh agus ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean deatamach ma tha a’ Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba san àm ri

teachd' (Bòrd na Gàidhlig 2012: 18). B' e aon de phrìomh amasan a' Bhùird aire dhaoine a thogail mu 'cho cudromach 's a tha an dachaigh a thaobh togail na Gàidhlig' agus a bhith a' 'dèanamh cinnteach gu bheil taic phractaigeach, goireasan agus comhairle rim faotainn mu bhith a' toirt na Gàidhlig do chloinn anns an dachaigh' (Bòrd na Gàidhlig 2012: 18). Mar sin, tha prìomh àite aig poileasaidh cànan teaghlaich anns a' Phlana Nàiseanta agus am Bòrd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an dachaigh do ghlèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig. Cuideachd, tha am Plana Nàiseanta gu sònraichte ag ainmeachadh ròl nam meadhanan ann an togail cànan cloinne agus tuigse ann gu bheil prògraman telebhisean a' toirt 'taic do thogail na Gàidhlig aig an aois seo [tràth-bhliadhnaichean]' (Bòrd na Gàidhlig 2012: 19).

'S dòcha gu bheil gu bheil na ceumannan cudromach seo ann an inbhe oifigeil na Gàidhlig air buaidh a thoirt air beachdan an t-sluaigh air a' Ghàidhlig. Bho sgrùdadh a chaidh a dhèanamh ann an Suirbhidh Bheachdan Sòisealta 2012, chaidh sealltainn nach robh ìre mhòr de mhi-rùn dhan Ghàidhlig ga lorg am measg muinntir na h-Alba. Anns an t-suirbhidh seo bha 76% den t-sampall a' smaointinn gun robh a' Ghàidhlig cudromach do dhualchas na h-Alba (Paterson *et al.* 2014: 438) agus bha 87% den bheachd gum bu chòir do Ghàidhlig a bhith air a brosnachadh air feadh na h-Alba (32%) no ann an àiteachan far a bheil i air a cleachdadh mar thà (55%) (ibid: 439).

## **2.4 Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig**

B' ann anns na h-ochdadan, air sàillibh iomairtean bho phàrantan, a thòisich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' chruth anns an aithnicheadh an-diugh e. Chaidh Comhairle nan Sgoiltean Àraich (CNSA) stèidheachadh ann an 1982 agus ri linn sin chaidh sgoiltean-àraich tro mheadhan na Gàidhlig am meud. An-diugh, tha 54 buidhnean sgoiltean-àraich ann agus 1039 duine-cloinne gam frithealadh (Bòrd na Gàidhlig 2016).

Às dèidh do sgoiltean-àraich a bhith air an stèidheachadh, thàinig iarrtas airson foghlam-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig agus ann an 1985 ‘in response to lobbying by predominantly Gaelic-speaking parental groups anxious to maintain their children’s identity as Gaelic speakers’ (Fraser 1989: 1), dh’fhosgladh na ciad aonadan Gàidhlig bun-sgoile ann an Inbhir Nis agus Glaschu. Anns a’ chiad fhichead bliadhna de fhoghlam-bhun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig chaidh an àireamh de sgoilearan am meud bho 24 sgoilearan ann an 1985 gu còrr is 2000 ann an 2005 (MacKinnon 2005: 8). Ann an 2016-17, bha 3145 sgoilearan eadar 57 bun-sgoiltean a’ dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig 2016). Anns a’ chumantas tha foghlam bun-sgoil ri fhaighinn ann an aonadan Gàidhlig ann am bun-sgoiltean Beurla ach a-nis tha còig sgoiltean Gàidhlig fa-leth ann (Inbhir Nis, Dùn Èideann, an Gearasdan agus dà ann Glaschu). Aig ìre bun-sgoile tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a’ ciallachadh gu bheil an t-‘ionnsachadh agus teagasg gu lèir tron Ghàidhlig anns an ìre bogaidh bho Phrìomh 1 gu Prìomh 3. Thèid cànan na Beurla a thoirt a-steach mean air mhean tro mheadhan na Gàidhlig, ach is e Gàidhlig an cànan as treasa san t-seòmar-sgoile anns gach roinn den churraicealam’ (Ionnsachadh agus Teagasg Alba 2010: 3).

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd ri fhaighinn aig ìre àrd-sgoile ach chan eil seo air a bhith cho soirbheachail ’s a tha e air a bhith aig ìre bun-sgoile. ’S ann glè ainneamh a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a thoirt seachad ann an cuspairean a bharrachd air ‘Gàidhlig’ mar chuspair. Chan eil ach aon àrd-sgoil a tha na h-àrd-sgoil Ghàidhlig fa-leth agus ’s e sin Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Ann an 2016/17 bha 31 àrd-sgoiltean a’ toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le 1272 sgoilearan gu lèir an sàs ann (Bòrd na Gàidhlig 2016).

Tha pàrantan a' taghadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig airson an cuid cloinne airson iomadh adhbhar, nam measg adhbharan co-cheangailte ri ceanglaichean ri cultar agus dualchas na Gàidhlig no gu bheil dà-chànanachas tarraingeach (O'Hanlon *et al.* 2010: 6). Ann an 2016 ghabh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ceum eile air adhart fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, a tha a' mìneachadh pròiseas far an tèid aig pàrantan aig a bheil clann fo aois sgoile tagradh a chur a-steach airson solarachadh foghlam bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig airson an cuid cloinne agus tha aig Comhairlean ri measadh foirmeil a dhèanamh air an tagradh fo riaghailtean a tha stèidhichte san achd.

Tha e follaiseach gu bheil cuideam air a bhith air a chur air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar dhòigh ghlèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig am measg ghinealachdan ùra. Tha Bòrd na Gàidhlig a' faicinn foghlam mar suidheachadh cudromach far an tèid aca air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh agus iad a' cur prìomhachas air a bhith a' dùblachadh an àireamh de sgoilearan (gu 800 gach bliadhna ro 2017) a tha a' tòiseachadh foghlam bun-sgoile (Bòrd na Gàidhlig 2012: 8). Ach an cois nan amasan mòra a tha seo thig iomadh dùbhlán. Gu h-àraidh tha trioblaidean ann le dith thidsearan agus seo air ainmeachadh mar an 'greatest single obstacle' (Dunbar 2006: 5) gu maireachdainn siostam foghlaim Gàidhlig. Tha a bhith a' lorg thidsearan le sàr chomasan cànan cuideachd na thrioblaid agus dh'fhaodadh comasan cànan nan tidsearan buaidh a thoirt air cho math agus a thèid leasachadh Gàidhlig nan sgoilearan aca (Pollock 2010: 118).

Ged a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith soirbheachail a thaobh àireamhan de sgoilearan a tha a' dol tron t-siostam, chaidh ceistean a thogail mu dè cho soirbheachail is a tha e air a bhith a thaobh comasan cànan na cloinne. Ged a tha rannsachadh air sealltainn gu bheil na comasan acadaimigeach aig sgoilearan bho fhoghlam tro mheadhan

na Gàidhlig na b' fheàrr no a cheart cho math is na tha sgoilearan aon-chànanach aig an co-aoise (O'Hanlon *et al.* 2010), tha coltas ann gu bheil an cuid sgilean Beurla nas fheàrr na an cuid sgilean Gàidhlig (ibid). Chunnaic Landgraf (2013) agus MacLeod *et al.* (2014) gun robh laigsean ann an comasan Gàidhlig am measg cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraidh am measg cloinne a bha air an cànan ionnsachadh agus nach tàinig à dachaighean anns an robh Gàidhlig ga bruidhinn.

Air sàillibh agus gu bheil clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig chan eil sin ri ràdh gun tàinig iad à dachaighean le Gàidhlig a-staigh. Airson a' mhòr-chuid de chloinn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig 's ann bho dhachaighean gun Ghàidhlig a tha iad a' tighinn agus airson 2011 tha O'Hanlon *et al.* (2012) a' dèanamh às gu bheil 23% de sgoilearan anns a' bhun-sgoil agus àrd-sgoil aig a bheil Gàidhlig mar phrìomh chànan na dachaigh (O'Hanlon *et al.* 2012: 4). Le bhith a' cleachdadh an aon dòigh-mheasaidh airson 2016, tha figearan Riaghaltas na h-Alba a' sealltainn gu bheil 522 sgoilearan ann an Alba le Gàidhlig mar phrìomh chànan san dachaigh (Scottish Government 2016: Clàr 1.14) agus tha dàta bho Bhòrd na Gàidhlig a' sealltainn gu bheil 4417 sgoilearan ann am foghlam bun-sgoil agus àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig 2016). Mar sin, aig a' char as motha tha mu 12% de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' tighinn bho dhachaighean leis a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan; ma bhios a h-uile sgoilear aig a bheil a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan cuideachd a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig bhiodh sin a ciallachadh gum biodh 522 sgoilearan a-mach à 4417 sgoilearan aig a bheil Gàidhlig mar phrìomh chànan, agus sin 12% de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig a bheil Gàidhlig mar phrìomh chànan. Ach, leis nach bi a h-uile sgoilear le Gàidhlig mar phrìomh chànan aig an taigh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is cinnteach gu bheil an àireamh nas lugha na 12% de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig a bheil a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan.

Mar sin, leis gu bheil a' mhòr-chuid de sgoilearan bho dhachaighean far nach eil a' Ghàidhlig na prìomh chànan, tha sin a' ciallachadh nach eil an uimhir de chothroman aca Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile. Ach fiù 's am measg cloinn le Gàidhlig a-staigh san dachaigh, chunnaic Will (2012) anns an rannsachadh aice anns na h-Eileanan an Iar gun robh ìrean ìosal de shòisealachadh ann, ann an Gàidhlig a-staigh agus aig an sgoil.

## **2.5 Gàidhlig ann am Barraigh**

Tha Eileanan Bharraigh agus Bhatarsaigh (ceangailte le cabhsair) a' suidhe aig ceann a deas nan Eileanan an Iar. 'S e eilean beag a tha ann am Barraigh mu 8 mìle de dh'fhaid agus mu 5 mìle ann an leud agus bha 1264 neach a' fuireach ann am Barraigh agus Bhatarsaigh ann an 2011. Gu h-eachdraidheil, mar àiteachan eile anns na h-eileanan, dh'fhuiling Barraigh buaidh nam fuadaichean agus ri linn sin chaill an t-eilean mu 20% dhen t-sluagh eadar 1841 agus 1851 (Campbell 1936: 171). Cuideachd thug an dàrna cogadh buaidh air àireamhan sluagh an eilein, agus ann an 1971 bha sluagh an eilein lethach na bha e ann an 1831. Bha beatha muinntir an eilein crochte air croitearachd agus iasgach fad iomadh bliadhna agus ged a tha na h-obraichean sin fhathast pailt an-diugh 's ann ri obraichean seirbhisean poblach agus còmhhdail a tha a' mhòr-chuid (Comhairle nan Eilean Siar 2012).

Tha Barraigh riamh air a bhith làidir a thaobh na Gàidhlig, mar eisimpleir ann an 1881 cha mhòr nach robh Gàidhlig aig a h-uile duine air an eilean leis a' mhòr-chuid dhiubh gun Bheurla idir (Duwe 2005). Bhon uair sin, thug foghlam Beurla buaidh air na h-àireamhan de dhaoine aig an robh Gàidhlig a-mhàin ach dh'fhan àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig fallain suas gu co-dhiù 1981 nuair a bha luchd-labhairt na Gàidhlig a' dèanamh

suas barrachd na 80% den t-sluagh. Ach bhon uair sin chunnacas crìonadh luath anns na h-àireamhan sin le àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig sìos gu 72.5% dhen t-sluagh ann an 1991 agus 66.4% ann an 2001. Bha crìonadh a-rithist air fhaicinn anns a' chunntas-sluaigh as ùire ann an 2011: a-mach à daoine aois 3 agus nas sine (1222) bha dìreach 62% dhiubh a bhruidhneadh a' Ghàidhlig. Ann an Eilean Bharraigh a-mhàin bha crìonadh ann an luchd-labhairt na Gàidhlig bho 68% den eilean ann an 2001 gu 62% dhen eilean ann an 2011. Ach ann an Bhatarsaigh bha fàs ann anns an deichead sin bho 56% dhen eilean a bhruidhneadh Gàidhlig ann an 2011 suas gu 59% dhen eilean ann an 2011 (Mac an Tàilleir 2015: 19). Ach feumar cuimhneachadh gu bheil àireamhan-sluaigh gu math ìosal agus dh'fhaodadh e bhith gun dèanadh gluasad de dhuine no dithis a-steach no a-mach às an àite diofar mòr.

Tha crìonadh cianail air a thighinn air a' Ghàidhlig anns na h-Eileanan an Iar air fad ach an taca ri coimhearsnachdan eile anns na h-eileanan, tha a' Ghàidhlig ann am Barraigh an ìre mhath làidir le 62% dhen t-sluagh nan luchd-labhairt. Chan eil ach Scalpaigh (76%), Èirisgeigh (73%) agus Uibhist a Deas (65%) ann an staid nas fhallaine (Mac an Tàilleir 2015: 16) ach tha sgìrean ann an Leòdhas (m.e an Iar Thuath) cuideachd làidir. Ann an 2011, a-mach à clann aois 3-4 anns na h-Eileanan Siar air fad, chan robh ach 52 duine-cloinne a bhruidhneadh a' Ghàidhlig a bha a' fuireach ann an eileanan far an robh a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid dhe na cho-aoisean aca (Mac an Tàilleir 2015: 64). Tha sin a' ciallachadh nach robh ach 52 duine-cloinne ann a bha a' fuireach ann an àite far an robh teansa ann gur i a' Ghàidhlig a' chànain a bhruidhneadh iad ri an co-aoisean. Ann an àiteachan eile 's i Beurla a-mhàin a bhiodh aig a' mhòr-chuid de chloinn, a' ciallachadh gur i Beurla cànan sòisealta na cloinne. A-mach às na 52 duine-cloinne a chaidh ainmeachadh b' ann ann am Barraigh agus Bhatarsaigh a bha 29 dhiubh a' fuireach. Ann



am Barraigh agus Bhatarsaigh bha mu 55% de cloinn aois 3-4 a bhruidhneadh a' Ghàidhlig (ibid).

A' thaobh foghlaim, tha dà sgoil air an eilean: Bun-sgoil Eòlaigearraidh agus Sgoil Bhàgh a' Chaisteil. Chan eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn aig Bun-sgoil Eòlaigearraidh. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Beurla rim faighinn aig sgoil Bhàgh a' Chaisteil. Ann an 2015 chaidh an sgoil sin ainmeachadh mar 'sgoil Ghàidhlig', ach tha connspaid ann mu dè dìreach a tha ann an sgoil Ghàidhlig agus argamaid gur e dìreach aonad Gàidhlig a tha aca ann am Barraigh (Mac Leòid 2015). Tha foghlam ri fhaighinn bho aois 3 gu 18 aig an sgoil agus sgoil-àraich, bun-sgoil agus àrd-sgoil uile air an aon làraich.

Do dh'inbich, tha cùrsaichean Gàidhlig aig ìre oilthigh air an toirt seachad air an eilean fhèin aig Ionad Ionnsachaidh Bharraigh tro Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Cuideachd, tha cùrsaichean Ùlpan (stèidhichte air dòigh shònraichte cànan ionnsachadh gu luath) ann do dh'inbich a tha airson Gàidhlig ionnsachadh. Chan eil clasaichean sònraichte do phàrantan air an toirt seachad tron sgoil. Ged a bha oidhirpean ann airson clasaichean a stèidheachadh corra bliadhna air ais cha robh iarrtas mòr ann air an son.

Tha Barraigh agus Bhatarsaigh ann an sgìre-chomhairle Comhairle nan Eilean Siar. Tha Plana Gàidhlig aig a' Chomhairle fhèin agus iad a' feuchainn ri Gàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh na buidhne fhèin. Ach cuideachd tha iad ag amas air na h-Eileanan an Iar a chumail mar 'choimhearsnachd dhà-chànanach far a bheil an aon ùghdarras aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh' (Comhairle nan Eilean Siar 2013: 13). Ann am Barraigh agus Bhatarsaigh fhèin tha a' Ghàidhlig ri faicinn air soidhnichean rathaid agus air soidhnichean anns na bùthan ann am Bàgh a' Chaisteil. Ann an 2012

bhuannaich a' choimhearsnachd duais Choimhearsnachd Ghàidhlig na Bliadhna a tha air a thoirt seachad do choimhearsnachdan a tha a' feuchainn ri Gàidhlig a leasachadh agus a cleachdadh gu làitheil.

## **2.6 Gàidhlig ann an Glaschu**

'S e Glaschu am baile as motha ann an Alba agus an-diugh, a rèir cunntas-sluaigh 2011, tha mu 1.7 millean neach a' fuireach ann an Glaschu agus na sgìrean air iomall a' bhaile, le sluagh baile Ghlaschu fhèin aig 593,245. 'S e 'Baile Mòr nan Gàidheal' a tha aca air Glaschu no 'the "first city" of Gaelic Scotland' (Withers 2007: 130) agus tha ceangal làidir air a bhith aig na Gàidheil ris a' bhaile agus gu leòr dhiubh air gluasad dhan bhaile a' sireadh obair. Aig deireadh an 19mh linn bha mu 20,000 neach-labhairt na Gàidhlig a' fuireach anns a' bhaile (ibid). Bhon uair sin tha crìonadh air tighinn air an àireamh sin agus an-diugh tha 5907 neach-labhairt na Gàidhlig ann an Glaschu (National Records of Scotland 2013). Le 10.3% de luchd-labhairt na Gàidhlig gu lèir a fuireach innte b' e Glaschu an t-àite le àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig as motha ann an Alba taobh a-muigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan Siar (National Records for Scotland 2015b: 9). A thaobh sluagh baile Ghlaschu fhèin chan eil ach mu 1% nan luchd-labhairt na Gàidhlig (ibid).

Ach ged a tha luchd-labhairt na Gàidhlig nam fìor mhion-shluagh ann an Glaschu, tha inbhe aig a' chànan anns a' bhaile agus i a' faighinn taic aig ìrean oifigeil. Tha Plana Gàidhlig oifigeil aig comhairle baile Ghlaschu agus iad ag aithneachadh gu bheil 'prìomh àite aig a' Chomhairle ann an neartachadh a' chànan san àm ri teachd' (Glasgow City Council 2013: 5). Am measg amasan eile, tha am plana ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh agus inbhe na Gàidhlig a thogail anns a' bhaile. Tha Oifigear

Leasachaidh Gàidhlig aig a' chomhairle agus tha tachartasan sòisealta anns a' Ghàidhlig air an ruith tron bhliadhna.

Chunnaic sinn cheana gun robh àite cudromach aig a' bhaile ann am bliadhnaichean tràth de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an 2016-17 bha 3 buidhnean sgoil-àraich ann le 124 duine-cloinne gam frithealadh agus dà bhun-sgoil Ghàidhlig fa-leth ann le 600 sgoilearan. 'S ann ann an Glaschu a tha an aon àrd-sgoil Ghàidhlig fa-leth ann an Alba agus bha 286 sgoilearan air an oideachadh innte ann an 2016-17 (Bòrd na Gàidhlig 2016). Dh'èirich connspaid ann an Glaschu ann an 2016 nuair nach robh àiteachan bun-sgoile gu leòr ann airson a h-uile sgoilear a bha ag iarraidh àite oir bha iad taobh a-muigh an sgìre-sgoile, ged a bha pàrantan a' togail an cuid cloinne le Gàidhlig. Tha a' Chomhairle a-nis a' coimhead ri bun-sgoil eile a stèidheachadh anns a' bhaile. Do dh'inbhich, tha foghlam Gàidhlig ri fhaotainn aig ìre Oilthigh agus tha a' Chomhairle a' tabhann chlasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh. Cuideachd tro na sgoiltean, tha clasaichean Gàidhlig ann do phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

## **2.7 Telebhisean Gàidhlig**

B' ann anns na 1960an a nochd prògraman Gàidhlig air an telebhisean an toiseach le beagan phrògraman ciùil air an craoladh air a' BhBC, Craoladair Seirbheis Phoblach ann am Breatainn, agus anns na 1970s nochd prògraman Gàidhlig cuideachd air telebhisean coimearsalta. Anns na 1970an chunnacas prògraman cùisean làitheil agus prògraman sgoiltean agus aig deireadh na deichead nochd am prògram cloinne 'Cuir Car' air Grampian TV, companaidh neo-eisimeileach aig an robh cead sianail 3 ann an Ear-Thuath na h-Alba. Thòisich am BBC ri prògraman cloinne a chraoladh anns na 1980an le *Bzzz* ann an 1981, *Mag is Mog* ann an 1982 agus am prògram *Dòtaman*, a' tòiseachadh ann an 1985 (<http://www.bbc.co.uk/alba/tasglann/timeline/>). Mar sin anns na tràth-bhliadhnaichean de

thelebhisean Gàidhlig bha àite aig prògraman cloinne. Bha tuigse aig ìre riaghaltais gun robh craoladh cudromach do ghlèidheadh na Gàidhlig agus an Riaghaltas a' gairm air na h-ùghdarrasan craolaidh tuilleadh prògraman Gàidhlig a chraoladh gu h-àraidh prògraman foghlaim agus prògraman cloinne (Home Office 1978). Aig toiseach nan ochdadan cha robh ach glè bheag de phrògraman Gàidhlig air an craoladh agus anns a' bhliadhna 1981 cha deach ach 29 uairean de phrògraman Gàidhlig a chraoladh uile gu lèir (Broadcasting Council For Scotland 1982: Appendix A). Thàinig piseach air craoladh Gàidhlig ro dheireadh nan ochdadan le mu 85 uairean a thide de phrògraman Gàidhlig air an craoladh ann an 1988 (Comunn na Gàidhlig 1988) ach fhathast b' e glè bheag de phrògraman a bha sin, dìreach 2 uair gach seachdain (Dunbar 2012: 401).

Anns na h-ochdadan chaidh buidheann leasachaidh airson na Gàidhlig a stèidheachadh, 'Comunn na Gàidhlig' (CNAG), agus e ag obair gus leasachadh a thoirt air foghlam, craoladh agus leasachadh coimhearsnachdan na Gàidhlig. Chaidh CNAG an sàs ann an iomairt gus craoladh Gàidhlig a leasachadh agus am beachd ann gun robh craoladh sa Ghàidhlig deatamach do ghlèidheadh na Gàidhlig (Dunbar 2012: 401). Mhol CNAG 'Seirbheis' Gàidhlig a stèidheachadh (cha deach sianail fa-leth a mholadh) a bhiodh a' toirt seachad barrachd agus raon na b' fharsainge de phrògraman le solarachadh na bu rianail agus cuideachd bhiodh tuilleadh maoin eachaidh a dhith (Comunn na Gàidhlig 1988). Dh'èist Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte ri molaidhean CNAG agus fo Achd Craolaidh 1990 chaidh Maoin Telebhisean na Gàidhlig a stèidheachadh le uallach air 'Comataidh Telebhisean Gàidhlig' (CTG) prògraman Gàidhlig a mhaoin eachadh. Fo Achd Craolaidh 1996 chaidh a' Chomataidh ath-ainmeachadh mar 'Comataidh Craolaidh Gàidhlig' (CCG) agus uallach orra a-nis airson craoladh Gàidhlig an àite telebhisean a-mhàin. Fo na h-Achdan Craolaidh b' e dleastanas an CCG a bhith a' dèanamh cinnteachd gun robh 'a wide

range of high quality television programmes in Gaelic’ air an craoladh (Broadcasting Act 1990 s.183(6)(a)).

Ri linn nan Achdan Craolaidh chaidh an uimhir de phrògraman Gàidhlig a chaidh a chraoladh am meud. Ach bha cumhachdan CCG cuingealaichte; bha smachd aca air maoinachadh prògraman ach cha b’ urrainn dhaibh prògraman a choimiseanadh agus cha robh smachd aca air cuin a bhiodh na prògraman air an craoladh. Cuideachd, cha deach an t-suim de mhaoinachadh a bhiodh ri fhaotainn ainmeachadh anns na h-Achdan Craolaidh agus an co-dhùnadh air sin a’ laighe aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte (agus an uair sin Riaghaltas na h-Alba às dèidh stèidheachadh Pàrlamaid na h-Alba) (Dunbar 2012: 405-406). Chaidh na duilgheadasan seo le structar craoladh Gàidhlig agus maoinachadh air aithneachadh ann an dà aithisg a chaidh a dhèanamh airson an Riaghaltais: an toiseach ann an 1998 le Neil Friseal, ‘A Review of Aspects of Gaelic Broadcasting’ (Fraser 1998) agus an uair sin ann an 2000 le aithisg bhon ‘Gaelic Broadcasting Taskforce’ (Gaelic Broadcasting Task Force 2000), fo stiùir Alasdair Milne. Chaidh a mholadh gum bu chòir ‘Gaelic Broadcasting Authority’ a bhith air a stèidheachadh ri beachd Sianail Dhiseatach Ghàidhlig a thòiseachadh agus gum bu chòir foirmle maoinachaidh air a son a bhith stèidhichte ann an lagh (Gaelic Broadcasting Taskforce 2000: 4-6). Bha glèidheadh na Gàidhlig mar phàirt de na prìomh argamaidean airson sianail Ghàidhlig a stèidheachadh:

Without positive action, the global technological revolution could have disastrous consequences for Gaelic in terms of increasing cultural marginalization and exclusion. (ibid: 9)

Gu h-àraidh bha aithneachadh anns an aithisg gum b’ e aon de na prìomh amasan na sianail prògraman a thoirt seachad dhan òigridh:

The generation for whom television and new technologies are as the air they breathe are those most deprived by the absence of material which addresses the reality of their communicative existence. The provision of as wide a range of

programming as possible for them must represent a primary objective of a Gaelic television service. (ibid: 10)

Fhuair na molaidhean agus an iomairt taic bho shaoghal na Gàidhlig agus iad cuideachd air an neartachadh ann an 2001 nuair a ghabh an Rìoghachd Aonaichte ri ‘Cairt Eòrpach nam Mion-Chànan agus nan Cànanan Roinneil’ agus leis, dleastanas brosnachadh a thoirt dhan iomairt airson a bhith a stèidheachadh sianail telebhisean dhan Ghàidhlig (Dunbar 2012: 407).

Anns an reachdas a lean an iomairt, Achd Conaltraidh 2003, chaidh buidheann ùr, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (a-nis MG ALBA), stèidheachadh ann an àite na CCG. Cha deach sianail Ghàidhlig a chruthachadh tron Achd ach a-nis bha barrachd chumhachdan aig a’ bhuidhinn agus a bharrachd air a bhith a’ maoinachadh phrògraman, dh’fhaodadh iad cuideachd a bhith an sàs ann a bhith a’ cruthachadh phrògraman agus gan craoladh. Ged nach robh dleastanasan laghail air a’ bhuidhinn ceangailte ri glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig, air bòrd na buidhne chaidh ainmeachadh gum feumadh Bòrd na Gàidhlig cuideigin ainmeachadh airson a bhith na bhall. Mar sin bha e follaiseach gun robh aithneachadh ann gu bheil ceangal ann eadar craoladh Gàidhlig agus glèidheadh agus ath-bheòthachadh a’ chànain (ibid: 410).

Bha Achd Craolaidh 2003 a’ toirt seachad an cothrom sianail Ghàidhlig a stèidheachadh ach bha dìth airgid fhathast na chnap-starra agus gun gealltanas ionmhasail iomchaidh a’ tighinn bhon Riaghaltas. Mar sin, ghabh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig slighe eile agus sianail Ghàidhlig a stèidheachadh agus iad a’ coimhead ri co-bhanntachd a chur air dòigh leis a’ BhBC. Chaidh aonta a dhèanamh eadar am BBC agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ann an 2007 airson Seirbheis Ghàidhlig BBC, BBC ALBA, a stèidheachadh le maoinachadh de mu £10m a’ tighinn bho Sheirbheis nam Meadhanan

Gàidhlig (tro mhaoineachadh bhon Riaghaltas) agus mu £4m a' tighinn bhon BhBC fhèin. B' e seirbheis shònraichte a bhiodh ann am BBC ALBA, 's e a' chiad seirbheis BBC a bhiodh air a ruith ann an co-bhanntachd. Bhathar am beachd gum biodh an t-sianail BBC ALBA a' craoladh airson mu sheachd uairean gach latha an toiseach le uair a thìde gu leth de shusbaint ùr (a' thuilleadh air naidheachdan) gach latha, ag èiridh gu trì uairean ro 2013 agus bhiodh an dàrna leth dhen t-susbaint airson na sianail a' tighinn bho chompanaidhean telebhisean neo-eisimeileach bhon BhBC (ibid: 411).

Mus chuireadh an t-sianail beò bha aig muinntir na co-bhanntachd cead fhaighinn bho Urras a' BhBC, a' bhuidheann a bha a' cumail sùil air obrachadh a' BhBC, agus feum aca a bhith riarichte gum biodh luach poblach aig an t-sianail. An toiseach rinn an t-Urras co-dhùnadh gun robhas airson barrachd fianais fhaicinn gum biodh an t-sianail a toirt seachad luach poblach tron a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig agus luach na b' fharsainghe dhan luchd-amhairc Albannach (BBC Trust 2007: 1.7). Bha teagamhan aca nach deach cuideam gu leòr a chur air a bhith a' tarraing luchd-labhairt ùra dhan chànan agus mar a bhiodh ro-innleachd foghlaim na sianail air a thoirt seachad. Mar sin, a-rithist chithear gun robh tuigse ann gum bu chòir do chraoladh a bhith a' cuideachadh a' chànan agus gun robhas an dùil gum biodh amasan togail cànan aig an t-sianail tron a bhith a' brosnachadh luchd-labhairt ùra. Chaidh bòrd manaidsearachd na sianail air ais dhan Urras leis an fhianais a bha a dhìth orra agus fhuair cead sianail dhidseatach na Gàidhlig a stèidheachadh air saideal agus càball. Cha tug iad cead seachad airson faotainneachd na sianail air 'Freeview', telebhisean talmhaidh didseatach,<sup>3</sup> agus iad airson fhaicinn an toiseach dè cho soirbheachail is a bhiodh an t-sianail.

---

<sup>3</sup> **telebhisean talmhaidh didseatach:** digital terrestrial television

Chaidh an t-sianail ùr, BBC ALBA, beò airson a' chiad uair air an 19mh den t-Sultain 2008. Leis gur e sianail BBC a tha ann am BBC ALBA, air a ruith le co-bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC, tha sin a' ciallachadh gu bheil buntanas aig reachdas riaghlaidh agus feallsanachd a' BhBC ri mar a tha an t-sianail air a ruith. Tha Barantasan seirbheis a' BhBC a' mìneachadh na tha aig gach seirbheis BBC, mar BBC ALBA, ri thoirt seachad agus na dòighean anns an tèid aca air dleastanasan poblach a' BhBC a coileanadh tron t-seirbheis (BBC ALBA Service Licence 2015). Mar Chraoladair Seirbheis Phoblach tha amasan poblach a' BhBC rin lorg ann an Cairt Rìoghail a' BhBC, bun-stèidh reachdail a' BhBC, agus ann an Aonta-Frèim<sup>4</sup> a tha a' suidhe taobh ri taobh ris. Aig an àm a chaidh BBC ALBA a stèidheachadh b' e Cairt Rìoghail 2006 a bha ga riaghladh ach aig tòiseach 2017 chaidh Cairt Rìoghail a' BhBC agus an Aonta-Frèim a' BhBC ath-ùrachadh. Chaidh na h-amasan poblach ath-chruthachadh ach fhathast aig cridhe aithris-rùin a' BhBC b' e fiosrachadh, foghlam agus dibhearsain a chumail ri daoine. Ann an reachdas riaghlaidh 2006 agus 2017 tha iomradh air a thoirt air cruthachadh susbaint ùir le ìre-mhathais àrd (BBC Framework Agreement 2006: ii; BBC Framework Agreement 2017: S.1(2)(b) agus (c)) agus susbaint a tha a' riochdachadh beatha na Rìoghachd Aonaichte agus a diofar choimhearsnachdan agus chultaran (BBC Royal Charter 2006: S.4(4)(d); BBC Royal Charter 2017: S.6(4)). Ged a bha susbaint shònraichte cudromach roimhe, anns a' Chairt Rìoghail as ùire, tha barrachd cuideam air susbaint 'shònraichte' agus sin nis air a h-ainmeachadh mar phàirt de dh'aithris-rùin a' BhBC:

The Mission of the BBC is to act in the public interest, serving all audiences through the provision of impartial, high-quality and distinctive output and services which inform, educate and entertain (BBC Royal Charter 2017: S.5).

---

<sup>4</sup> **Aonta-Frèim:** Framework Agreement



Cuideachd, a-nis 's iad Ofcom a-mhàin (a' gabhail thairis uallach Urras a' BhBC) a bhios na buidheann riaghlaidh a bhios a' measadh co-dhiù a bheil am BBC a' coileanadh nan dleastanasan aca.

Tha ro-innleachd coimiseanaidh BBC ALBA stèidhichte air a bhith ag amas air dà bhuidhinn den luchd-coimhid: a' choimhearsnachd Ghàidhlig fhèin agus an luchd-coimhid a b' fharsaingeach aig nach eil a' Ghàidhlig ach aig a bheil ùidh ann am prògraman Albannach nach eil ri fhaotainn an àite sam bith eile (MG ALBA 2009: 11). Tha an t-sianail a' craoladh phrògraman telebhisean gach latha mar as trice tron t-seachdain bho mu 17.00 gu 00.00 ach air an deireadh-seachdain tha an clàr-ama eadar-dhealaichte agus an t-sianail gu tric a' tòiseachadh nas tràithe agus a' crìochnachadh nas anmoiche. Gu cumanta bidh craoladh a' tòiseachadh le prògraman cloinne airson mu 2 uair a thìde (na h-aon phrògraman gun fo-thotalan ach prògram *An La*) agus eadar 19.00-20.00 bidh prògraman ann do luchd-ionnsachaidh, prògram naidheachdan *An Là* ann aig 20.00 agus às dèidh sin tha gnothaichean nas fhosgailte le prògraman aithriseach, cur-seachad, spòrs agus mar as trice 's ann às dèidh 21.00 a bhios a' chuid as mhotha de na prògraman ciùil ri fhaicinn.

Bha ciad bhliadhnaichean tràtha na sianail soirbheachail agus ruigsinneachd<sup>5</sup> luchd-coimhid a' ruighinn 220,000 neach ann an Alba agus mu 70% de choimhearsnachd na Gàidhlig ga coimhead gach seachdain agus cleachdadh an iPlayer a' dol am meud gach bliadhna (MG ALBA 2009, MG ALBA 2010, MG ALBA 2011). Bha an t-sianail cho soirbheachail gun do dh'aontaich Urras a' BhBC ann an 2011 BBC ALBA a chur air 'Freeview'. Bha an t-Urras den bheachd gun robh BBC ALBA a' toirt seachad seirbheis làidir do luchd-labhairt na Gàidhlig agus tarraingeach do dhaoine aig nach robh Gàidhlig agus a' tarraing luchd-labhairt ùra dhan chànan. Cuideachd, mheas iad gun robh a' cho-

---

<sup>5</sup> **ruigsinneachd**: reach

bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC ag obair gu math (BBC Trust 2010). Ri linn seo, chaidh BBC ALBA beò air Freeview air an 8mh latha dhen Òg-mhìos 2011 agus le sin thàinig meudachadh ann an ruigsinneachd na sianail le mu 500,000 neach ga coimhead gach seachdain.

Ged a tha BBC ALBA air a bhith air leth soirbheachail, bha agus tha gainnead airgid air a bhith na thrioblaid. Airson na bliadhna 2016/17, b' e buidseat na sianail mu £22m: £13m tro MG ALBA bho Riaghaltas na h-Alba, £1m bho Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte agus £8m bhon BhBC (MG ALBA 2017: 71; BBC 2017: 135). Cha deach amas na sianail airson 3 uairean a thìde de phrògraman ùra gach latha a choileanadh agus iad san latha an-diugh a' craoladh mu 2 uair a thìde dhe na prògraman sin (MG ALBA 2017). Tro na bliadhnaichean, tro aithisgean bliadhnail MG ALBA, tha aithneachadh air a bhith ann gu bheil dith airgid a' ciallachadh dith prògraman ùra agus luchd-coimhid a tha air fàs sgith de dh'ath-chraolaidhean, ged a tha àireamhan luchd-coimhid air a bhith an ìre mhath seasmhach. Bha MG ALBA dòchasach gum faigheadh iad tuilleadh maoinichaidh agus taice bhon BhBC aig àm ath-nuadhachadh Cairt Rìoghail a' BhBC ach cha d' fhuair iad an taic chun na h-ìre ris a bhathar an dùil. Ach tha am BBC air gealltainn £1m a bharrachd a thoirt dhan t-sianail agus gum bi adhartas ann a thaobh tuilleadh prògraman ùra.

Tha gainnead prògraman ùra cloinne riamh air a bhith na adhbhar dragh do MG ALBA agus dith maoinichaidh air coireachadh airson na laigse seo. 'S e a bhith a' frithealadh dhaoine òga an dùbhlàn as motha a tha aca (ibid: 8). Tha aithneachadh ann gu bheil e 'deatamach gum bi òigridh le Gàidhlig a' faighinn làn chothrom air prògraman a tha taitneach is a tha a' buntainn riutha fhèin gu mòr' (MG ALBA 2016: 8). Anns an aithisg bhliadhnail aca ann an 2014/15 thug iad iomradh air rannsachadh a chaidh a choimiseanadh air an son fhèin a sheall nach deach na meadhanan Gàidhlig a chleachdadh

gu ìre mhòr am measg dhaoine òga. Thathar mothachail gu bheil ginealachd ann a-nis a tha a' faighinn buannachd bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gu bheil e riatanach gu bheil na tha MG ALBA a' tabhann a' dèanamh ceangal leis an òigridh sin (MG ALBA 2015a: 14). Tha aithneachadh ann cuideachd gu bheil cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig leis an òigridh na bhuannachd do ghlèidheadh cànan:

Tha e air leth cudromach gum bi iadsan an sàs gus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig a' cumail oirre a' leasachadh agus ann an suidheachadh seasmhach do na ginealaichean a tha ri teachd. (MG ALBA 2017: 8)

Chan eil an reachdas laghail a stèidhich MG ALBA a' cur uallach air a' bhuidhinn gnothach a' gabhail ri amasan poileasaidh cànan no a bhith a' cur ri glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig; 's e dleastanas na seirbheis:

to secure that a wide and diverse range of high quality programmes in Gaelic are broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland (Communications Act 2003 s.208(3))

Ach ann an ro-innleachd MG ALBA fhèin agus anns na h-aithisgean bliadhnail tha e follaiseach gu bheil iad a' tuigsinn gu bheil ròl cudromach aig BBC ALBA ann an glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig: 'Tha MG ALBA ag amas air a bhith a' cur gu mòr ri togail, cleachdadh, inbhe agus leasachadh na Gàidhlig ann an Alba' (MG ALBA 2016: 12). Ann an 2012 chuir MG ALBA agus Bòrd na Gàidhlig ainm ri Meòrachan Còrdaidh, a' daingneachadh gum bi an dà bhuidhinn ag obrachadh ri chèile gu maith na cànan (MG ALBA 2013: 8). Aig deireadh 2015 chuir iad air bhog an ro-innleachd 'Lèirsinn 2021' a chuir an cèill 'measadh MG ALBA air mar as fheàrr a chuireas na meadhanan Gàidhlig ri ath-bheòthachadh na Gàidhlig agus na ceumannan a dh'fheumar a ghabhail airson sin a choileanadh' (MG ALBA 2015b: 4). Mar phàirt dhen ro-innleachd sin thathar an dùil rannsachadh a bhrosnachadh a bhios a' toirt sùil air:

[a' chàirdeas] a tha eadar susbaint mheadhanan Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig/togail agus cumail na Gàidhlig, gus taic nas fheàrr a thoirt do ionnsachadh, agus mar sin meudachadh a dhèanamh air an àireamh de luchd-

labhairt, na tha a' dèanamh FMG, agus gus meudachadh beachd deimhinneach mun Ghàidhlig. (ibid: 28)

Mar sin tha aithneachadh ann a-rithist nach b' urrainnear a bhith cinnteach mu dè na dearbh bhuidhean a tha aig na meadhanan air glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig, ged a tha e follaiseach gu bheil ro-bheachd ann gu bheil buannachdan rim faighinn.

### **CAIBIDEIL 3: LITREACHAS AIR ATH-BHEÒTHACHADH AGUS GLÈIDHEADH CÀNAIN, AGUS POILEASaidH CÀNAIN TEAGHLAICH**

#### **3.1 Ro-ràdh**

Anns an tràchdas seo thathar gu bhith a' sgrùdadh mar a tha roghainnean susbaint air an dèanamh ann an dachaighean far a bheil clann aig a bheil a' Ghàidhlig a' fuireach. Dèiligear ri cuspairean a leithid an ròl a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint ann a bhith a' toirt taic do dh'iomairtean glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan. Mar sin, tha e iomchaidh an toiseach sùil a thoirt air na factaran a tha an sàs ann an glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan san fharsaingeachd. An uair sin, leis gur ann air teaghlaichean a tha an tràchdas seo stèidhichte, bheirear sùil mhionaideach air raon-rannsachaidh poileasaidh cànan teaghlaich (PCT).

#### **3.2 Glusad cànan**

Tha a' Ghàidhlig na cànan a tha air a bhith a' fulang bho bhuidheann ghluasad cànan. 'S e pròiseas a tha ann an gluasad cànan far a bheil buidheann de luchd-labhairt cànan air sgur a chleachdadh a' chànain aca agus iad a' cleachdadh cànan eile na àite. Tha Van Herk ga mhineachadh mar seo:

The gradual replacement of one language by another as the primary language of communication and socialization within a speech community. (Van Herk 2012: 163)

Aig crìch pròiseas gluasad cànan thig call cànan far nach eil luchd-labhairt a' chànain air fhàgail no far nach eil luchd-labhairt idir ga bhruidhinn (Dorian 1981: 8).

Tha gluasad cànan air adhbhrachadh nuair a tha suathachadh<sup>6</sup> ann eadar co-dhiù dà bhuidhinn chànan no dà bhuidhinn chultarail agus gu tric ann an suidheachaidhean mar seo tha cumhachd nan cànanan aig cridhe a' ghluasaid. Tha luchd-labhairt aon chànan a' gluasad gu bhith a' cleachdadh cànan eile nuair a tha cothroman aig a' bhuidhinn chumhachdail smachd a ghabhail air pròiseasan sòisealta na buidhne ìochdaraich<sup>7</sup> agus a bhith a' cur sìos air a' chànan aca. Mar eisimpleir, gu h-eachdraidheil ann an co-theacsa na Gàidhlig chuirte sìos air a' Ghàidhlig anns an t-siostam fhoghlaim. Ach, cuideachd bidh gluasad bhon dàrna cànan gu cànan eile a' tachairt nuair a bhios cleachdadh a' chànan eile a' ciallachadh cothrom air cumhachd, ged a bhitheadh e na chumhachd sòisealta, eaconamach no phoilitigeach. Tha seo ceangailte ris a' bhun-bheachd aig Bourdieu (1991) air a' mhargaid chànanachais:<sup>8</sup>

Linguistic utterances or expressions are always produced in particular contexts or markets, and the properties of these markets endow linguistic products with a certain 'value'. In a given linguistic market, some products are valued more highly than others. (Thompson 1991: 18)

Ann an suidheachaidhean mion-chànanach dùthchasach,<sup>9</sup> mar a' Ghàidhlig, tric bidh am mion-chànan air fhaicinn mar 'superfluous to practical requirements — the country's majority language is almost guaranteed to be more widely spoken, more useful in the job market, more prestigious, and more acceptable for communication with the outside world' (Gardner-Chloros 2007: 469).

Mar thoireadh air gluasad cànan, chìthear luchd-labhairt a' gluasad bhon dàrna cànan gu cànan eile agus cuideachd chìthear lughdachadh ann an raointean-cleachdaidh<sup>10</sup> a' chànan. 'S e a th' ann an raon-cleachdaidh ach an t-àite, suidheachadh no co-theacsa anns am bi an cànan ga chleachdadh. Tha Fishman air corra eisimpleir de raointean-cleachdaidh a

---

<sup>6</sup> **suathachadh**: contact

<sup>7</sup> **ìochdaraich**: subordinate

<sup>8</sup> **a' mhargaid chànanachais**: the linguistic market

<sup>9</sup> **dùthchasach**: autochthonous

<sup>10</sup> **raointean-cleachdaidh**: domains

shònrachadh mar: an dachaigh, obair, foghlam, creideamh, dibhearsain agus na meadhanan (Fishman 1991: 44). Ann an suidheachaidhean far am bi dà chànan beò ri chèile gu tric chithear suidheachadh ‘diglossia’ (Fergusson 1959) far am bi diofar chànanan air an cleachdadh ann an diofar raointean-cleachdaidh. Bidh an dàrna cànan air fhaicinn mar chànan le inbhe àrd agus e air a chleachdadh anns na raointean-cleachdaidh le inbhe àrd, mar eisimpleir, obair, riaghaltas agus foghlam, agus an cànan eile air fhaicinn mar chànan le inbhe ìosal agus e air a chleachdadh ann an raointean-cleachdaidh ìosal mar an dachaigh. Gu tric ann an suidheachadh de ghluasad cànan, bidh lùghdachadh ann an àireamhan de luchd-cleachdaidh a’ mhion-chànain a’ ciallachadh lùghdachadh ann an raointean-cleachdaidh far an tèid am mion-chànan a chleachdadh. Ann an suidheachadh na Gàidhlig, tha a’ Ghàidhlig air a faicinn mar chànan le inbhe ìosal a bhiodh mar bu trice air a cleachdadh anns an dachaigh agus gun mòran inbhe aice ann an raointean-cleachdaidh le inbhe àrd. Ach tha suidheachadh na Gàidhlig air fàs gu math cugallach, mar eisimpleir ann an sgìrean a bha gu traidiseanta làidir a thaobh na Gàidhlig. Tha ‘cleachdadh na Gàidhlig gu sòisealta a’ crìonadh, agus tha e a’ crìonadh anns an teaghlach cuideachd...’ (Mac an Tàilleir *et al.* 2010: 24). ’S e a tha a’ tachairt gu bheil sgleò ag èirigh eadar na raointean-cleachdaidh agus am mòr-chànan a’ tòiseachadh ri bhith a’ nochdadh anns na raointean-cleachdaidh far nach biodh i gu bitheanta roimhe.

Tha am modal gluasad cànan ann an trì ginealachdan aig Fishman (1965: 86) a’ toirt sealladh dhuinn air mar a tha lùghdachadh ann an raointean-cleachdaidh cànan, an seo an dachaigh, ag adhbhrachadh gluasad cànan. Nuair a bhios cànan air gluasad gu bhith na mhion-chànan, tha Fishman a’ tagradh gum bi a’ chiad ghinealachd aon-chànanach anns a’ mhion-chànan, gum bi an dàrna ginealachd dà-chànanach anns a’ mhion agus anns a’ mhòr-chànan, agus gum bi an treasamh ginealachd sa chumantas aon-chànanach anns a’ mhòr-chànan. Tha gluasad cànan air adhbhrachadh leis a’ mhòr-chànan a’ drùidheadh a-

steach do raon-cleachdaidh na dachaigh. Ann an gluasad cànan bidh dà-chànachas a' nochdadh mar cheum sa phròiseas air an t-slighe gu aon-chànanachas sa chànan ùr (Romaine 1995: 40).

### 3.3 Gluasad cànan a thionndadh

Ann an suidheachaidhean far a bheil gluasad cànan a' tachairt, mura h-eilear airson agus gum bi 'call cànan' no bàs cànan ann, tha feum air iomairtean gus an cànan a ghlèidheadh agus ath-leasachadh, no gluasad cànan a thionndadh mar a chuir Fishman e (Fishman 1991). Chruthaich Fishman modal airson tionndadh gluasad cànan stèidhichte air an sgèile ochd-cheumnach aige airson a bhith measadh cor nam mion-chànanan agus gus dearbhadh far am bu chòir a dhol an sàs ann an gnothaichean gus stad a chur air tuilleadh crìonadh cànan. Tha an sgèile (Fishman 1991: 395) ri fhaicinn gu h-ìosal agus bu chòir a leughadh bhon bhonn gu bàrr ('s e X an cànan a tha a' fuiling gluasad cànan agus 's e Xmen luchd-labhairt a' chànan sin agus 's e Y am mòr-chànan a tha a' gabhail àite X):

1. Education, work sphere, mass media and governmental operations at higher and nationwide levels
2. Local-/regional mass media and governmental services
3. The local/regional (i.e. non-neighbourhood) work sphere, both among Xmen and Ymen
4. 4b: Public schools for Xish children, offering some instruction via Xish, but substantially under Yish curricular and staffing control  
4a: Schools in lieu of compulsory education and substantially under Xish curricular and staffing control

#### *II. RLS transcends diglossia*

5. Schools for literacy acquisition, for the old and for the young, and not in lieu of compulsory education
6. The intergenerational and demographically concentrated home-family-neighbourhood-community: the basis of mother-tongue transmission
7. Cultural interaction in Xish primarily involving the community-based older generation
8. Reconstructing Xish and adult acquisition of XSL (X as a second language)

#### *I. Reverse language shift to attain diglossia*



Tha Fishman a' moladh gum bu chòir an cànan a neartachadh aig na h-ìrean as ìsle den sgèile an toiseach, 8-5, gus 'diglossia' seasmhach a ruigsinn mus feuchar ri ath-bheòthachadh cànan a dhèanamh aig na h-ìrean as àirde (Fishman 1991: 396-400). Bha esan a' tuigsinn diglossia mar dà-chànanachas far a bheil raointean-cleachdaidh fa-leth aig gach cànan agus far a bheil cleachdadh an dà-chànain seasmhach, gus am bi an t-àite fhèin aig X gun a bhith ann an cunnart bho Y (ibid: 85). 'S e ìre 6 an ìre as cudromaiche agus as riatanaiche air an sgèile agus tha Fishman a' tuigsinn tionndadh gluasad cànan mar ath-stèidheadh de thar-chur cànan eadar na ginealachdan:<sup>11</sup> 'without intergenerational mother tongue transmission...no language maintenance is possible. That which is not transmitted cannot be maintained' (ibid: 113).

Tha cuid den obair aig Fishman ga cur an amharas, mar eisimpleir le Suzanne Romaine agus ise amharasach mu dè cho freagarrach 's a tha an teòiridh seo aig Fishman agus i den bheachd gum bu chòir dhuinn ath-bheachdachadh a dhèanamh air na tha an sgèile a' ciallachadh do chànan a bhith air a ghlèidheadh gun tar-chur cànan eadar na ginealachdan (Romaine 2006: 443). Tha i ag argamaid gu bheil bun-bheachdan mu chànanan 'ideologically linked to and entangled with other dualities' (ibid: 445) agus tha iad seo a' toirt buaidh air gluasad cànan. Gu dearbha, thug i seachad rabhadh mu bhith ag ath-neartachadh cànan anns na raointean-cleachdaidh a leithid na h-eaglaise, an teaghlaich agus na dachaigh leis na ceanglaichean ideòlach a tha aca sin ri bhith a' toirt ìomhaigh dhan chànan mar rud cumhang, traidiseanta, le inbhe ìosal; beachdan a chaidh an comharrachadh air mion-chànanan Eòrpach, a leithid a' Ghàidhlig agus Breatannais, agus air an cultar a thug buaidh air gluasadan cànan anns a' chiad dol-a-mach (ibid: 445). Ged a tha teòiridh Fishman air tar-chur cànan eadar na ginealachdan air a cur an amharas, chan

---

<sup>11</sup> **tar-chur cànan eadar na ginealachdan:** intergenerational transmission

eil sin a ràdh nach eil tar-chur cànan fìor chudromach do ghlèidheadh agus do dh'ath-bheòthachadh cànan (Ó hIfearnáin 2013: 349).

Dh'aidich Fishman fhèin gu bheil teaghlaichean bailteil an latha an-diugh air cuid den cumhachd sòisealachaidh a chall ach, a dh'aindheoin sin, 's e raon an teaghlaich fhathast 'the most common and inescapable basis of mother tongue transmission, bonding, use and stabilization' (Fishman 1991: 94). Bha e den bheachd gum biodh e comasach a bhith ag amas air diofar ìrean den sgèile aige ach air an tuigse gum biodh ceangal daonnan gan dèanamh air ais gu ìre 6:

linkages must be sought and instituted from above as well as below, so that additional and attractive functions [of Xish] can propel RLS and motivate those attracted to it. (Fishman 2001: 467)

### **3.4 Cànan, cultar agus fèin-aithne**

A rèir Fishman chan ann a-mhàin mu dheidhinn cànan a tha RLS (reversing language shift) ach mu 'language-in-culture' agus e den bheachd gum bi cultar air a lagachadh ma bhios call cànan an sàs:

most cultures reveal the 'domino principle' in operation and when any of their main props, such as language, are lost, most other props are seriously weakened and far more likely to be altered and lost as well. (Fishman 1991: 17)

Chan e a-mhàin gu bi cànan air a chleachdadh gus beachdan agus luachan aithris ach '[that language itself] codifies many cultural elements, such as ideas about language' (Guardado 2010: 330). Chan eil cànan cudromach a-mhàin mar dhòigh bhruidhinn ach cuideachd 'intrinsically, as a cultural inheritance and as a marker of identity' (Réaume 2000: 251).

Tha 'ethnolinguistic identity theory' no teòiridh fhèin-aithne etno-cànanach (Giles agus Johnson 1981; 1987), a' cur cànan aig teis-meadhan fèin-aithne shòisealta. Tha àite cho cudromach aig cànan ann am fèin-aithne 's gu bheil rannsachadh air sealltainn gum bi

daoine a' dèanamh dàimh nas dlùithe ri cuideigin aig a bheil an aon chànan na cuideigin aig a bheil an aon chultar. Mar eisimpleir ann an rannsachadh anns a' Chuimrigh bha daoine a bha dà-chànanach sa Bheurla agus sa Chuimris gam faicinn fhèin nas dlùithe ri Sasannach aig an robh Cuimris na Cuimreach aig an robh Beurla a-mhàin (Giles *et al.* 1977a).

Tha cuid air a chur an amharas cho riatanach 's a tha cànan do chultar agus do dh'fhèin-aithne agus iad a' cumail a-mach gum faodadh cultar agus fèin-aithne a bhith beò às aonais cànan, gum faodar a bhith na 'Xman via Yish'. Chan eil an ròl aig cànan mar shuidheachantas de dh'fhèin-aithne stèidhichte air a bhruidhinn gu h-àraidh ann an suidheachadh far a bheil gluasad cànan a' tachairt:

a language that is no longer regularly spoken may yet have a role to play in the maintenance of group boundaries...a 'symbolic' retention may be a welcome quantity, one that signals social cohesion. (Edwards 2010: 6)

Tha May (2000: 373) ag aithris gu bheil tuigse gu ìre ann am measg acadaimigeach gur e rud cruthaichte a tha ann an fhèin-aithne agus nach eil cànan mar phàirt riatanach dhen sin, ach 'while language may not be a *determining* factor of ethnic and national identity, it remains nonetheless a *significant* one in many instances' (May 2011: 135).

Ge bith dè an taobh den deasbad a thathar a' gabhail ris, 's urrainnear aontachadh gu bheil ceangal eadar cultar agus cànan agus gu bheil buaidh aca air a chèile. Airson mion-chànan mar a' Ghàidhlig, far a bheil a luchd-labhairt dà-chànanach co-dhiù, chan eil a' Ghàidhlig a-nis riatanach airson conaltradh. Mar sin, nuair a bhios daoine a' cleachdadh mion-chànan de leithid, bidh iad ga chleachdadh airson adhbharan a bharrachd air conaltradh, 's dòcha air adhbharan pearsanta ceangailte ri cultar no ri fèin-aithne (Edwards 2009). Ma tha daoine a' dol a bhith dealasach mu chànan, agus a bhith ga chleachdadh trom beatha, tric bidh seo stèidhichte air a' bheachd '[that] language embodies, or symbolises, part of their

personal or ethnic identity’ (MacLeod 2009: 236). Ma tha clann gu bhith a’ cumail dlùth ri mion-chànan trom beatha, feumaidh barrachd luach a bhith sa chànan dhaibh na cuspair eile san sgoil (MacLeòid 2007:12). Tha Baker (2011) den bheachd gum feumar ceangal a dhèanamh eadar cànan agus cultar gus adhbhar a thoirt seachad an cànan a chleachdadh:

Language skills in the minority language are no guarantee of continued use of that language into teens and adulthood. Enculturation therefore becomes essential if that language is to be useful and used. (Baker 2011: 292)

Tha cruthachadh fèin-aithne agus deagh ideòlasan mun mhion-chànan cudromach do chleachdadh cànan:

if immersion pupils do not develop social identifications and supportive ideologies toward the languages through which they are educated, it should not necessarily be surprising if they do not then speak the language outside of the classroom, or after completing formal education. (Dunmore 2016: 12)

Ann an co-theacsa na Gàidhlig, chan eil coltas ann gu bheil leasachadh ideòlasan ‘pro-Gaelic’ am measg sgoilearan foghlaim Ghàidhlig na amas dearbhte aig tidsearan (ibid: 6).

Bha Fishman den bheachd gum bu chòir prìomhachas a chur air *Gemeinschaft* (intimate community) seach *Gesellschaft* (impersonal society) ann an iomairtean RLS (1991: 6).

Ach ann an co-theacsa na Gàidhlig, tha Oliver (2010) a’ dol às àicheadh bun-bheachd Fishman:

as important as a notion of ‘intimate community’ (*Gemeinschaft*) is, and was, for traditional cultural practices, in the contemporary globalised age, attempts to bound the Gaelic language and culture in a homogenous concept of community will be confounded by the diversity of choice and access to unbounded culture experiences – including to a broader range of communities of practice through the technologies (including education) of modern, ‘impersonal society’ (*Gesellschaft*). (Oliver 2010: 77)

Tha Oliver air iomradh a thoirt air mar a tha a’ Ghàidhlig air gluasad bho raointean priobhaideach gu raointean poblach agus a’ Ghàidhlig gu tric ga cleachdadh ann an co-theacsa poblach, mar eisimpleir anns an sgoil, no aig an obair, no anns na meadhanan. Tha

e a' cumail a-mach gu bheil gu leòr ann a tha fileanta sa chànan, ach aig nach eil a' Ghàidhlig a-staigh no nach cleachd i a-staigh, agus nach cleachd Gàidhlig gus *Gemeinschaft* a chruthachadh no gus am fèin-aithne a dhearbhadh (2005: 22). Sgrìobh e mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig foghlam tro-mheadhan na Gàidhlig:

However, the further growth hoped for in Gaelic-medium education will introduce more young people to Gaelic who do not have Gaelic at home, adding to the dynamic of Gaelic identities, identities that in increasingly complex social contexts are subject to multiple competing identities as young people become adults, weakening the prospects for the future everyday use of Gaelic by these people. (Oliver 2005: 22-23)

Tha e den bheachd gu bheil fèin-aithne cudromach ach gum bi fèin-aithne daonnan ag atharrachadh agus diofraichte ann an diofar shuidheachaidhean (Oliver 2010: 78-79). Tha e den bheachd '[that] the human condition is more complex than an imagined choice of *Gemeinschaft* over *Gesellschaft* – it is more hybrid, as with identity and culture' (ibid: 85) agus gum faodar a' Ghàidhlig a neartachadh tro 'reimagining of Gaelic identities' (Oliver 2005: 23).

Le dà-chànanachas, ma dh'fhaoidte gun tig dà-chultarachd agus daoine gan lorg fhèin ann an dà àite eadar-dhealaichte, sgarichte ann an cànan agus cultar, le pearsa dùbailteach aca 's iad a' faireachdainn mar phàirt de dhà shaoghal dhiofraichte (Pietikäinen 2008: 31). Tha Dunmore (2016) a' ceasnachadh sealladh Fishman air a' cheangal eadar fèin-aithne agus cànan:

the view of the relationship between language and identity he [Fishman] espouses may not adequately reflect the nested and multifarious view of language and identities, in which multilingual minority language speakers may simultaneously identify as 'Xian' and 'Yian' (as well, potentially, as 'Zian'). (Dunmore 2016: 4)

Ri linn cruinneachas<sup>12</sup> tha sgleò air èirigh eadar culturann agus fèin-aithne, agus tha tuigse ann gu bheil fèin-aithne chultarail iom-fhillte. Tha an abairt, 'Third Culture Kids' (Fail,

---

<sup>12</sup> **cruinneachas**: globalisation

Thompson agus Walker 2004) ga cleachdadh air daoine a tha a' cur seachad ùine ann an dà bhuidhinn chànanaich/chultarail no barrachd, agus iad a' toirt phìosan bho na diofar bhuidhnean agus a' stèidheachadh cultar ùr dhaibh fhèin, an treasamh cultar (Useem, Useem agus Donoghue, 1963).

### **3.5 Beòthalachd etno-cànanach<sup>13</sup>**

Tha teòiridh beòthalachd etno-cànanach feumail nuair a thig e gu sgrùdadh fèin-aithne air sàillibh gu bheil an teòiridh a' cur air adhart frèam-obrach airson a bhith a' cnuasachadh an ròl a bhios aig diofar chaochladairean ann an suidheachaidhean gluasad cànan. 'S e a tha ann am beòthalachd etno-cànanach ach 'that which makes a group likely to behave as a distinctive and collective entity within the intergroup setting' (Giles, Bourhis agus Taylor 1977: 308). Ma bhios beòthalachd àrd aig buidheann bidh iad nas dualtaiche an cuid cànan agus cultair a ghlèidheadh, ach ma bhios beòthalachd ìosal bidh e nas coltaiche nach bi a' bhuidheann air a faicinn mar bhuidhinn fa leth agus bidh co-choslachadh cànan<sup>14</sup> nas dualtaiche tachairt (Yagmur agus Ehala 2011: 102).

Ann am frèam-obrach Giles, Bourhis agus Taylor (1977b) tha iad a' toirt seachad trì factaran a chleachdar gus ìrean beòthalachd etno-cànanach na buidhne a thomhas: demografaidh (m.e. àireamhan sluaigh, pàtrain in-imrich); inbhe (m.e. inbhe eaconamach agus sòisealta); agus taic instituideach (m.e. taic fhoghlaim, seirbheisean poblach agus na meadhanan). Tha measadh air na factaran sin a' toirt sealladh dhuinn air ìre beòthalachd neo-chlaon<sup>15</sup> ach chuir Bourhis *et al.* (1981) air aghaidh gum faodadh beachdan

---

<sup>13</sup> **beòthalachd etno-cànanach:** ethnolinguistic vitality

<sup>14</sup> **co-choslachadh cànan:** linguistic assimilation

<sup>15</sup> **beòthalachd neo-chlaon:** objective vitality

beòthalachd claon<sup>16</sup> a bhith a cheart cho cudromach ri ìrean beòthalachd neo-chlaon; gu bheil am meas aig buill na buidhne fhèin cudromach do bheòthalachd am buidhne-san.

A thaobh a' cheangail eadar beòthalachd agus fèin-aithne saoillear gum biodh ìre àrd de bheòthalachd ceangailte ri fèin-aithne làidir agus an caochladh. Ann an rannsachadh air Ameireaganaich-Mheagsagach le Gao *et al.* (1990) (air ainmeachadh ann an Harwood *et al.* 1994: 185-186) bha ìrean fèin-aithne ceangailte ris a' bheòthalachd chlaoin aca; an fheadhainn aig an robh fèin-aithne làidir, bha iadsan a' faicinn beòthalachd àrd anns a' bhuidhinn aca. Ach dh'fhaodadh an caochladh a bhith fìor cuideachd, mar eisimpleir ann an rannsachadh sa Chuimrigh, b' iad na h-oileanaich le beachdan ìosal air beòthalachd na buidhne aca an fheadhainn aig an robh an fhèin-aithne a bu treasa (Giles agus Johnson 1981). Tha Harwood *et al.* (1994:186) a' beachdachadh gu bheil diofar ann eadar an dà shuidheachadh seo agus gur e an diofar a thaobh beòthalachd neo-chlaon anns gach suidheachadh as coireach. Ann an co-theacsa nan Ameireaganach-Meagsagach le fèin-aithe làidir, ma dh'fhaoidte gu bheil iadsan ag aithneachadh gu bheil a' bhuidheann aca a' fàs (gu demografaigeach co-dhiù) anns na Stàitean. Ach anns a' Chuimrigh, ma dh'fhaoidte gu bheil an fheadhainn le fèin-aithne làidir nas fhiosraichte mun chrìonadh cànanain a tha a' tachairt agus nach eil feadhainn le fèin-aithne nas laige cho mothachail air a' chrìonadh. Mar sin, faodaidh an co-theacsa agus an àrainneachd anns am bi cuideigin stèidhichte buaidh a thoirt air cho làidir 's a tha an cuid fèin-aithne.

### **3.6 Idèolas cànanain**

Bidh buaidh aig fèin-aithne, cultar agus beòthalachd cànanain air mar a bhios daoine a' smaointinn mu chànan agus cho luachmhor 's a tha e; bidh buaidh air na h-ideòlasan cànanain aca. Tha diofar mhìneachaidhean agus dheasbadaan rim faicinn anns an litreachas air

---

<sup>16</sup> **beòthalachd claon**: subjective vitality

na tha ‘ideòlas cànan’ a’ ciallachadh. Mar thoiseach-tòiseachaidh, tha am mìneachadh a leanas aig Silverstein (1979: 193): ‘sets of beliefs about language articulated by users as a rationalization or justification of perceived language structure or use’. Bhon àm sin, bha iomadh mìneachadh eile air an toirt seachad, cuid a tha farsaing: ‘values, practices and beliefs associated with language’ (Blackledge & Pavlenko 2002: 123), agus cuid nas mionaidiche: ‘a reasonably coherent set of beliefs, attitudes and norms that describe the value of language and how it should be used’ (Armstrong 2014: 573).

Tha Guardado (2010) den bheachd gu bheil na diofar mhìneachaidhean air ideòlas a’ sealltainn gu bheil co-dhiù dà thaobh de dh’ideòlas rim faicinn:

On one hand, language ideologies are closely connected to processes of social interaction. Through microlinguistic analyses, people’s language ideologies and identities are discoverable in their linguistic practices...Language ideologies also refer to people’s understandings, beliefs, and assumptions about the relationship between language and social life. (Guardado 2010: 330)

Mar sin, thig ideòlasan am bàrr anns an dòigh a mhìnicheas daoine na beachdan agus ideòlasan aca gu fosgailte, ach cuideachd faodar oidheam a thoirt às na cleachdaidhean cànan aig daoine mu na h-ideòlasan aca.

A bharrachd air dè cho luachmhor ’s a tha cànan no beachdan air mar a bu chòir a chleachdadh, tha ceanglaichean air an dèanamh eadar ideòlasan agus fèin-aithne agus cultar (Gal 1998; Gal & Woolard 1995: 130). Chan eil sin ri ràdh gu bheil ‘cultural uniformity’ ann, no gum faodar a ràdh ‘this is the language ideology of the x’ (Woolard 1998: 15). Ach tha rannsachadh air ideòlasan cànan a-nis a’ gabhail slighe far am bi iad air am faicinn mar phròiseas ‘involving struggles among multiple conceptualizations and demanding the recognition of variation and contestation within a community as well as contradictions within individuals’ (ibid: 71). B’ e mearachd a bhiodh ann smaointinn gum biodh coimhearsnachdan-labhairt aona-ghuthach mu na h-ideòlasan aca, oir tric cha bhiodh



aonta ann eadar na buill a thaobh ghnothaichean ceangailte ris a' chànan aca (Grenoble agus Whatel 2006: 95). Bidh diofar ideòlasan ann am farpais le chèile agus diofar ideòlasan air an cur an cèill a rèir dè an suidheachadh anns am bi cuideigin ga lorg fhèin.

Tha e iomchaidh nuair a thathas a' coimhead air glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan gun tuigear gu bheil iomadach ideòlas ann am farpais le chèile, oir tric bidh ideòlasan coimhearsnachdan nam mòr-chànanan a' toirt buaidh air coimhearsnachdan nam mion-chànanan (Duranti 1997: 75- 79). 'S e na tha an lùib glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan ach gun cuirear air adhart agus gun àrdaichear ideòlas ùr mun luach agus mun chleachdadh cànan aig a bheil inbhe ìosal, an aghaidh ideòlasan cumhachdail àbhaisteach a bhios a' toirt taic dhan phrìomh chànan anns a' choimhearsnachd (Armstrong 2014: 573).

### **3.7 Poileasaidh agus planadh cànan**

'S ann tro phoileasaidh agus tro phlanadh cànan a thèid tionndadh gluasad cànan, glèidheadh cànan no ath-bheòthachadh cànan adhbhrachadh. 'S e a th' ann am poileasaidh agus planadh cànan: 'a manipulative tool in the continuous battle between ideologies' (Shohamy 2006: 46). Tha na bun-bheachdan 'poileasaidh cànan' agus 'planadh cànan' dlùth cheangailte, agus tric tha an dà bhriathar air an cleachadh mar gu bheil iad a' ciallachadh an aon rud. Dh'fhaodar a ràdh gu bheil poileasaidh cànan ceangailte ris na buaidhean cànan a thathar airson glèidheadh agus an teòiridh air cùl sin, agus 's e planadh cànan dealbh dhe na h-innleachdan a cleachdar gus na buaidhean sin no na h-amasan sin a thoirt gu buill; 's ann tro phlanadh cànan a chuirear poileasaidh cànan an gnìomh. Anns an litreachas tha eadar-dhealachadh de bheachdan a' nochdadh mu dè a th' ann am poileasaidh cànan agus dè th' ann am planadh cànan, agus fiù 's bidh 'language policy and planning' air an cur còmhla mar aon nì, rud a tha air fhaicinn mar thuigse chuideachail (Hornberger 2006:25). Anns an tràchdas seo, thathas den bheachd gu bheil e cuideachail a

choimhead air poileasaidh agus planadh cànan còmhla mar seo air adhbhar agus gu bheil uimhir de dheasbad ann air an eadar-dhealachadh eadar an dà rud agus uimhir de dheasbad ann mu dè gu dìreach a th' ann am poileasaidh cànan fhèin.

Mar a chunnacas ann an co-theacsa na h-Alba, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air buaidh a thoirt air ceithear raointean de phlanadh-cànan 's iad air ainmeachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

- > Togail cànan: a' leasachadh sgilean labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh dhaoine sa Ghàidhlig
  - > Cleachdadh cànan: cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsan sòisealta, foirmeil agus obrach
  - > Inbhe: a' Ghàidhlig a bhith ri cluinntinn is ri faicinn agus barrachd aithne agus inbhe a bhith aice
  - > Corpas: leasachadh na Gàidhlig mar chànan èifeachdach, riaghailteach is beairteach.
- (Bòrd na Gàidhlig 2012: 49)

Tha Spolsky den bheachd gur ann mu dheidhinn roghainnean a tha poileasaidh cànan agus 's e amas teòiridh poileasaidh cànan mìneachadh a thoirt seachad air na roghainnean sin (Spolsky 2009: 1). Tha am modal aig Spolsky air poileasaidh cànan cuideachail (Spolsky 2004) mar dhòigh a bhith a' coimhead air poileasaidhean cànan agus e ag argamaid gu bheil poileasaidh cànan air a dhèanamh à trì co-phàirtean a tha diofraichte, ach ceangailte ri chèile agus a' toirt buaidh air a chèile: cleachdadh cànan; ideòlas cànan; agus manaidsearachd chànan. Tha e a' moladh gun seallar air dè nì daoine le cànan (cleachdadh), air na beachdan agus air na creideamhan aig daoine mu na cànanan aca (ideòlas) agus mar a bhios daoine a' feuchainn ri buaidh no atharrachadh a thoirt air cleachdadh cànan (manaidsearachd):

a useful first step is to distinguish between the three components of the language policy of a speech community: its language practices – the habitual pattern of selecting among the varieties that make up its linguistic repertoire; its language beliefs or ideology – the beliefs about language and language use; and any specific efforts to modify or influence that practice by any kind of language intervention, planning or management. (Spolsky 2004: 5)

Tha Spolsky ag innse dhuinn nach bi co-chòrdadh daonnan ann eadar na trì eileamaidean:

However language practices, beliefs and management are not necessarily congruent. Each may reveal a different language policy. The way people speak, the way they think they should speak and the way they think other people should speak may regularly differ. (Spolsky 2004: 217)

Ged a bhios rannsachadh air poileasaidh cànan tric a' coimhead air poileasaidhean cànan ann an suidheachaidhean institiuideach agus raointean poblach, tha poileasaidhean agus planadh cànan an gnìomh aig diofar ìrean nar beatha, bhon riaghaltas, chun an àite-obrach, chun an teaghlaich. Bhiodh poileasaidhean bàrr-a-nuas ann a chaidh a chruthachadh le riaghaltas, ùghdarras no cuideigin le smachd, agus bhiodh poileasaidhean bonn-a-nìos ann a chaidh a chruthachadh leis a' choimhearsnachd fhèin ris am biodh am poileasaidh a' toirt buaidh. Cuideachd faodaidh poileasaidhean a bhith faicsinneach<sup>17</sup> no do-fhaicsinneach,<sup>18</sup> a' ciallachadh gum faod poileasaidh soilleir a bhith ann far a bheil e, mar eisimpleir, sgrìobhte sìos le riaghaltas, no faodaidh poileasaidh a bhith ann nach eil air a chur an cèill ann an dòigh oifigeil. Tha Spolsky a' dèanamh a-mach gum faicear na poileasaidhean bho shealltainn air na cleachdaidhean cànan no ideòlasan cànan am measg a luchd-labhairt:

But language policy exists even where it has not been made explicit or established by authority. Many countries and institutions and social groups do not have formal written language policies, so that the nature of their language policy must be derived from a study of their language practice or beliefs. (Spolsky 2004: 8)

### **3.8 Poileasaidh cànan san teaghlach**

Mar phàirt den raon poileasaidh agus planadh cànan, tha an raon-rannsachaidh, poileasaidh agus planadh cànan san teaghlaich (PCT) air nochdadh air adhbhar agus gu bheil tar-chur cànan eadar na ginealachdan agus cleachdadh cànan san dachaigh air am faicinn mar phàirt ro chudromach do ghlèidheadh agus do dh'ath-bheòthachadh cànan. Tha e a' dèiligeadh ri ceistean a leithid: ann an suidheachaidhean far a bheil clann air an àrach le dà chànan, fear dhiubh na mhion-chànan, carson a tha cuid den chloinn a' fàs

---

<sup>17</sup> **faicsinneach**: explicit

<sup>18</sup> **do-fhaicsinneach**: implicit

comasach anns an dà chànan agus cuid eile nach bi (Smith-Christmas 2016: 2)? Chaidh PCT a mhìneachadh mar ‘explicit and overt planning in relation to language use within the home among family members’ (King *et al.* 2008: 907), no poileasaidhean a tha ‘implicitly acknowledged and practiced’ (Curdtt-Christiansen 2009: 352). Tha rannsachadh air PCT a’ sgrùdadh mar a tha cànanan ‘managed, learned, and negotiated within families’ (King *et al.* 2008: 907) le bhith a’ toirt sùil air ‘child language learning and use as functions of parental ideologies, decision-making and strategies concerning languages and literacies, as well as the broader social and cultural context of family life’ (King agus Fogle 2013: 172).

Tric ann an rannsachadh PCT, bidh am modal de phoileasaidh cànan aig Spolsky ga chleachdadh gus sgrùdadh a dhèanamh air PCT le bhith a’ coimhead air na h-ideòlasan, air na cleachdaidhean agus air a’ mhanaidsearachd chànan a bhios a’ tighinn am bàrr agus mar a bhios iad no nach bi iad a’ freagairt air a chèile. Tha sealladh de leithid a’ toirt fa-near dhan chleachdadh chànan aig teaghlaichean ann an da-rìribh gu làitheil; dha na beachdan agus ideòlasan aca mu dheidhinn cànan agus cleachdadh cànan; agus dha na h-amasan agus dha na h-oidhirpean a bhios a’ cruthachadh a’ chleachdaidh chànan agus nan amasan ionnsachaidh aca (King *et al.* 2008: 909).

Fon aon bhrataich, tha PCT a’ toirt a-steach raointean-rannsachaidh fa-leth, a leithid togail chànan agus shòisealachaidh chànan am measg cloinne, còmhla ris an raon-rannsachaidh poileasaidh cànan (King agus Fogle 2013). Chuir King *et al.* (2008) air aghaidh gun robh ‘blind spots’ a’ nochdadh anns na raointean-rannsachaidh eadar-dhealaichte seo. Ann an rannsachadh air togail chànan, ged a bhiodh an raon-rannsachaidh a’ dèanamh mion-sgrùdadh air conaltradh eadar pàrant agus pàist, cha robh e a’ toirt a-steach chuspairean na b’ fharsainghe a leithid ideòlasan phàrantan, amasan togail chànan no co-theacsa na coimhearsnachd (King *et al.* 2008: 909). A thaobh an rannsachaidh air poileasaidh cànan,

thug iad fa-near gun deach a' chuid a bu mhotha de rannsachadh a dhèanamh air suidheachaidhean institiudeach agus roinnean poblach, le gainnead de dh'aire air suidheachaidhean san dachaigh (ibid: 908). Tha rannsachadh PCT a' lionadh nam 'blind-spots' anns gach raon-rannsachaidh, 's e a' tarraing air agus a' cur ris an obair anns gach raon. Thugar sùil aithgheàrr mar-thà air an raon-rannsachaidh, poileasaidh agus planadh cànan, agus a-nis, thathar gus iomradh goirid a thoirt air na raointean eile a tha iomchaidh ann am PCT: sòisealachadh cànan agus togail chànan (gu sònraichte an ròl aig cànan-a-steach<sup>19</sup>).

### 3.8.1 Sòisealachadh cànan

Tha raon-teòiridh, sòisealachadh cànan, cudromach do rannsachadh ann am PCT oir tha e a' dèiligeadh ri mar a thèid giùlan<sup>20</sup> cànan ionnsachadh. Tha an obair aig Schieffelin agus Ochs (1986) ag innse dhuinn gu bheil clann air an sòisealachadh tro chànan, ach cuideachd, air an sòisealachadh ann an cleachdaidhean cànan. Ged a tha ceangal dlùth eadar an dà raon, tha sòisealachadh cànan diofraichte bhon raon togail chànan, anns an sgrùdar 'what constitutes linguistic competence at different developmental points' (Schieffelin agus Ochs 1986: 166). Tha sgrùdadh air sòisealachadh cànan ag amas air tuigsinn ciamar a bhios cuid a' fàs nam buill chomasach, no 'competent members', de bhuidhnean sòisealta agus dè am pàirt a th' aig cànan anns a' phròiseas seo (ibid: 167). Chan ann a-mhàin mu thogail cànan a tha sòisealachadh cànan ach cuideachd mun dòigh a bhios sòisealachadh cànan a' stiùireadh leasachadh cànan ann an cloinn le bhith ag ionnsachadh dhaibh nan dòighean àbhaisteach cànan a chleachdadh gu sòisealta agus gu cultarail. Chuir Halliday (2003) air aghaidh gu bheil an leasachadh no an sòisealachadh cànan aig cloinn a' toirt a-steach trì nithean: ag ionnsachadh/a' togail cànan; ag ionnsachadh tro chànan; agus ag ionnsachadh mu dheidhinn cànan. Tha sòisealachadh

---

<sup>19</sup> **cànan-a-steach**: language input

<sup>20</sup> **giùlan**: behaviour

cànain a' toirt buaidh air cultar, ideòlas, agus fèin-aithne agus tha Duff a' toirt seachd mìneachadh coileanta air:

The core theoretical premise of language socialization is that language is learned through interactions with others who are more proficient in the language and its cultural practices and who provide novices explicit and (or) implicit mentoring or evidence about normative, appropriate uses of the language, and of the worldviews, ideologies, values, and identities of community members. (Duff 2010: 172)

Tro shòisealachadh cànain thathar ag ionnsachadh riaghailtean cleachdaidh chànain a thaobh am bu chòir, cuin agus cò ris a bu chòir cànain a chleachdadh agus tha seo gu h-àraidh cudromach ann an suidheachaidhean ioma-chànanach. Gu h-àraidh ann an suidheachaidhean de ghluasad cànain, tha rannsachadh a' coimhead air mar a tha clann air an sòisealachadh gu bhith tuigsinn 'cultural capital' (Bourdieu 1986) a tha a' toirt prìomhachas do chànan sònraichte os cionn chànanan eile (Ochs agus Schieffelin 2011: 11).

Le cloinn òg, bidh sòisealachadh cànain a' tachairt anns an dachaigh agus an teaghlach agus e stèidhichte air 'adults' modelling language practices and social norms and the children's subsequent understanding and use of these models' (Smith-Christmas 2014: 522). Ach chan eil sòisealachadh na thachartas aon-uair; bidh e tachairt fad ar beatha (Bucholtz agus Hall 2004: 378). Nuair a bhios clann a' fàs, bidh iad a' tachairt ri nithean taobh a-muigh na dachaigh, a leithid sgoil-àraich agus na sgoile, a' coinneachadh ri caraidean agus ri inbhich eile, agus is iad nan tobraichean sòisealachaidh cumhachdail a bhios a' toirt buaidh air cleachdadh cànain (Slavkov 2016: 2). An cois dà-chànanachas, thig 'bilingual persona' far a bheil roghainnean rin dèanamh a thaobh cànain agus thathar a' cur air aghaidh nach eil fèin-aithne seasmhach nas motha: gum bi daoine òga a' cruthachadh fèin-aithne ùr mheasgaichte dhaibh fhèin (Bayley agus Schecter 2003: 6).

### 3.8.2 Togail cànan agus cànan-a-steach

Tha an litreachas a' sealltainn gu bheil ròl cudromach aig an uimhir de chànan-a-steach ann an togail agus leasachadh a' chànan sin. Le cloinn dà-chànanach (aois 2), chaidh a shealltainn gum bi am meud de bhriathrachas a bhios aig a' chloinn ceangailte ris an uimhir de chànan-a-steach a gheibh iad (Pearson *et al.* 1997). Airson sgilean cànan na b' fharsainghe na dìreach uimhir bhriathrachais a thomhas, chaidh a lorg gun robh clann dà-chànanach ann am Beurla agus Spàinntis a' dèanamh na b' fheàrr ann an sgilean cànan a rèir na h-uimhir de chànan-a-steach a fhuair iad anns gach cànan (Oller and Eilers: 2002). Cuideachd thàinig Place agus Hoff (2011) dhan aon cho-chùnadh: gum bi cànan-a-steach a' toirt buaidh air builean cànan anns an rannsachadh aca am measg cloinn dà-chànanach aois 2 ann am Beurla agus Spàinntis. Am measg trì buidhnean (buidheann aon-chànanach Duitsis agus buidheann Morocais-Duitsis agus Tuirgis-Duitsis) chunnaic Scheele *et al.* (2010), gun robh pàtranan cànan-a-steach a' mìneachadh an diofair eadar fileantas ann an ciad chànan na cloinne, agus anns na buidhnean dà-chànanach, ann am briathrachas an dàrna cànan aca. Gu ìre mhòir san litreachas air a' chuspair tha aonta ann: '[that] the greater the amount or frequency of exposure, the quicker and 'fuller' the acquisition, indicating a specific and important role for input' (Thomas *et al.* 2014: 479). Ma tha clann gu bhith air an àrach a bhith làn chomasach ann an dà chànan, bidh seo an eisimeil phàtranan cànan-a-steach nam pàrantan (De Houwer 2007: 421).

Tha caochladh shuidheachaidhean ann far am bi clann gan togail le dà chànan. Bidh cuid ann a bhios a' cluinntinn an dà chànan gan cleachdadh aig an aon ìre, far am bithear an dùil gum bi a' chlann a' fàs nan dà-chànanaich chothromaichte. Ach ann an cuid de shuidheachaidhean eile bidh clann a' cluinntinn fada a bharrachd de dh'aon chànan na bhios iad de chànan eile agus, ri linn, bidh iad a' fàs nas buadhaich anns a' chànan a bhios iad a' cluinntinn agus a' cleachdadh nas trice. Ann an àrainneachd far a bheil mòr-chànan

làidir ri taobh mion-chànan, bidh cothrom cànan-a-steach sa mhion-chànan fhaighinn nas gainne. Tha coltas ann, ann an suidheachaidhean mar seo, gun tog clann am mòr-chànan chun na h-aon ìre ri cloinn aon-chànanach sa mhòr-chànan ge brith dè na pàtranach cànan-a-steach, ach nach tog clann am mion-chànan ach fo shuidheachaidhean sònraichte (Gathercole agus Thomas 2009: 233). Tric ann an suidheachaidhean mion-chànan, 's e dùbhlán a bhios ann cànan-a-steach gu leòr fhaighinn anns a' mhion-chànan:

in societies where two languages coexist but one dominates over the other in terms of prestige, number of speakers, and/or domains of use, gaining enough native input and exposure to the 'minority' language is a challenge. (Williams agus Thomas 2017: 856)

Tha an uimhir de chànan-a-steach cudromach airson togail cànan choileanta. Ann an suidheachaidhean far a bheil cànan eile a' gabhail àite a' chiad chànan aig neach-labhairt agus e a-nis na phrìomh chànan no na chànan bhuadhach, tha rannsachadh air sealltainn gu bheil an uimhir de chànan-a-steach a' toirt buaidh air cho coileanta 's a thèid a' chiad chànan a thogail sa chiad àite, agus gur ann tric a chithear 'togail cànan mì-choileanta':<sup>21</sup>

the amount of input received was not optimal to fully develop and sustain the linguistic system [. . .] even when the exposure occurred early in childhood. (Montrul 2008: 6)

Ann an rannsachadh ann an Èirinn (O'Toole agus Hickey 2016) bha adhartas ann am briathrachas Gàidhlig na h-Èireann na b' fheàrr nuair a bha barrachd cànan-a-steach Gàidhlig ann bho na pàrantan. Ach chunnacas gun robh seòrsa de stairsneach chànan-a-steach no 'input threshold' ann far nach robh briathrachas na cloinne a bha a' cluinntinn na Gàidhlig 'mar as àbhaist' bho na pàrantan na b' fheàrr na clann a bha a' cluinntinn na Gàidhlig 'gu h-ainneamh'. Mar sin bha iad a' moladh gum bu chòir do phàrantan a bhith mothachail air cho cudromach 's a bha an uimhir de chànan-a-steach.

---

<sup>21</sup> **togail cànan mì-choileanta**: incomplete language acquisition



Coltach ri Gàidhlig na h-Eireann (O'Toole agus Hickey 2017), tha Gàidhlig ann an Alba cuideachd ann an suidheachadh gu math lag an taca ris a' Bheurla, leis gu bheil luchd-labhairt a dèanamh suas dìreach 1.1% de shluagh na h-Alba a rèir a' chunntais-shluaigh 2011. Tha a' Bheurla cho cumhachdach agus buadhach agus tha an co-theacs sòisio-cànanach a' toirt buaidh air cothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a' Ghàidhlig a chluinntinn. Ann an suidheachaidhean de leithid far a bheileas a' feuchainn ri cloinn a thogail le dà chànan, bidh aig pàrantan ri barrachd oidhirp a dhèanamh a thaobh a' mhion-chànain na a thaobh a' mhòr-chànain:

... it appears that, when bilingual children hear less of the minority language than they do of the majority language, parents may have to compensate for the difference with more active language teaching strategies than are normally associated with first language acquisition. (Pearson *et al.* 1997: 56)

Tha Yamamoto (2001) a' moladh a' phrionnsabail de 'maximal engagement' leis a' mhion-chànan far am bi am pàist a' faighinn barrachd cànan-a-steach sa mhion-chànan ach cuideachd gum bi am pàist a' faighinn fios gu bheileas an dùil gur e am mion-chànan an cànan conaltraidh san teaghlach. Mar as motha a thèid am pàist an sàs sa mhion-chànan, 's ann as dualtaiche a bhios e ri a chleachdadh le a phàrantan (Yamamoto 2001: 128). Ann an rannsachadh a rinn Ò hIfeanàin (2013) ann an co-theagsa na h-Èireann, rinneadh argamaid, ann an àrainneachd far a bheil Beurla cho cumhachdach, gum feumar poileasaidh làidir aon-chànanach Gaelige a-staigh gus an tèid aig a' chloinn a' fàs dà-chànanach.

Chan e dìreach an uimhir de chànan-a-steach a tha cudromach do thogail chànain, ach tha ìre-mhathais<sup>22</sup> a' chànan-a-steach cuideachd cudromach. Tha rannsachadh air cloinn aon-chànanach air sealltainn gu bheil ceanglaichean eadar ìre-mhathais agus beartais a' chànan-a-steach agus leasachadh cànan, agus bhite an dùil gum biodh na h-aon

---

<sup>22</sup> **ìre-mhathais**: quality

cheanglaichean rim faicinn le cloinn dà-chànanach, ged nach eil an dearbh uimhir de rannsachadh air a dhèanamh air an dream seo. Tha dhiofar factaran ann a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air ìre-mhathais a' chànan-a-steach, a leithid na h-uimhir de luchd-labhairt a chluinnear ga bhruidhinn, agus cuideachd, ann an bho luchd-labhairt aig an robh an cànan mar a' chiad chànan a chluinnear e (Place agus Hoff 2011). Tha rannsachadh cuideachd a' sealltainn gu bheil ceanglaichean ann eadar cho sofiostaigeach 's a tha am briathrachas a chluinnear agus leasachadh briathrachas na cloinne (Weisman agus Snow 2001), agus gu bheil ceanglaichean ann eadar conaltradh mineachail<sup>23</sup> no aithriseach le pàrantan agus sgilean briathrachais na cloinne (Beals 2001). Tha coltas ann cuideachd gu bheil aois a' toirt buaidh air cho èifeachdach 's a tha diofar eileamaidean de dh'ìre-mhathais chànan air leasachaidhean cànan. Anns an rannsachadh aig Rowe (2012) fhuair gum b' e uimhir cànan-a-steach a bha a bu chudromaiche san dàrna bliadhna de bheatha chloinne, gum b' e farsaingeachd agus sofiostaigeachd a' chànan a bha a bu chudromaiche san treasamh bliadhna agus gum b' e cleachdadh cànan aithriseach agus mineachail a bha a bu chudromaiche san ceathramh bliadhna (Rowe 2012: 10).

Leis gu bheil cànan-a-steach cho cudromach do thogail-chànain, bidh roghainnean manaidsearachd aig pàrantan rin dèanamh a thaobh ciamar a bheir iad cànan-a-steach seachad dhan chloinn aca. Tha pàrantan cànan-a-steach an eisimeil an t-seòrsa de mhodal cleachdadh chànan a bhios aig teaghlach a-staigh. Chithear diofar seòrsa modailean cleachdaidh, agus 's e am modal, OPOL (One-Parent-One-Language), fear de na modailean as rannsaichte. Bidh an dàrna pàrant a' bruidhinn ris a' phàist ann an cànan 'A' agus bidh am pàrant eile a' bruidhinn ris ann an cànan 'B'. Am measg nam modailean eile, tha: 'mion-chànan anns an dachaigh' far am bi an dithis phàrant a' bruidhinn a' mhion-chànain a-mhàin; modal 'measgaichte' far am bi an dithis phàrant a' bruidhinn an dà

---

<sup>23</sup> **mìneachail**: explanatory

chànain; agus ‘mòr-chànan san dachaigh’ far am bi pàrantan a’ cleachdadh a’ mhòr-chànain a-mhàin agus iad an eisimeil thobraichean cànan eile airson mion-chànan na cloinne a leasachadh (Slavkov 2016: 3).

A thaobh cho soirbheachail ’s a tha na diofar mhodailean seo a thaobh adhbhrachadh chomasan labhairt sa mhion-chànan, tha rannsachadh aig De Houwer (2007) a’ toirt soilleireachadh dhuinn. ’S iad na teaghlaichean as soirbheachaile na teaghlaichean far an robh dithis phàrant a’ cleachdadh a’ mhion-chànain a-mhàin agus na teaghlaichean far an robh an dithis phàrant a’ cleachdadh a’ mhion-chànain le aon phàrant a-mhàin a’ cleachdadh a’ mhòr-chànain cuideachd. Bha an seans gum bruidhneadh duine-cloinne anns na teaghlaichean sin am mion-chànan aig còrr is 90%. A thaobh theaghlaichean OPOL, bha an seans a’ tuiteam gu 75%, agus mar sin: ‘[OPOL] did not provide a necessary nor sufficient input condition’ (De Houwer 2007: 411). A thaobh nan teaghlaichean far an robh dithis phàrant a’ bruidhinn a’ mhòr-chànain agus aonan cuideachd a’ bruidhinn a’ mhion-chànain, bha an seans gum bruidhneadh duine-cloinne am mion-chànan a’ tuiteam a-rithist gu 36%. Mar sin, cha bhi clann cho dualtach dà-chànanas a choisinn ma bhios pàrantan a’ cleachdadh a’ mhòr-chànain le an cuid cloinne.

Tric bidh pàrantan a’ cleachdadh ‘parental discourse strategies’ (Lanza 2004) gus smachd a chumail air cleachdadh cànan an cloinne. Dh’ainmich Lanza (2007:56) còig ro-innleachdan a bhios pàrantan a’ cur an gnìomh gus an cuid cloinne a shòisealachadh ann an cleachdadh cànan:

1. Minimal grasp strategy, whereby the “adult indicates no comprehension of the child’s language choice”;
2. Expressed guess strategy, whereby the “adult asks a yes-no question using the other language”;
3. Adult repetition, whereby the parent repeats “the content of the child’s utterance, using the other language”;
4. Move-on strategy, whereby the adult allows the “conversation to continue without intervening”; and

5. Adult code-switching, whereby the parent himself/herself uses both languages.

Chaidh a shealltainn gun robh leasachadh dà-chànanach soirbheachail nuair a chùm pàrantan ris na roghainnean cànan aca, le pàrantan a bha a' cleachdadh 'minimal grasp' na bu soirbheachail na pàrantan a bha a' cleachdadh 'move-on' agus 'code-switching' (Lanza 2004).

### **3.8.3 Ideòlasan ann am PCT**

Tuigear gu bheil cànan-a-steach cudromach agus gu bheil roghainnean rin dèanamh air an dòigh as fheàrr cànan-a-steach adhbhrachadh. Mar sin tha na dòighean anns an tig pàrantan gu na co-dhùnaidhean sin cudromach; tha na h-ideòlasan cànan aca cudromach cho math ris na h-ideòlasan aca air ionnsachadh/togail cànan. Tha ideòlasan cànan air am faicinn mar 'the driving force' ann am poileasaidh cànan leis gu bheil iad stèidhichte air an tuigse a th' aig daoine air cho luachmhor, cumhachdail agus feumail 's a tha cànanan (Curdt-Christiansen 2009: 354-355). Bidh ideòlasan agus beachdan pàrantan air dà-chànanachas agus na dòighean as fheàrr cànan ionnsachadh a' toirt buaidh air na roghainnean a nì pàrantan a thaobh togail chànan an cuid cloinne (De Houwer 1999). Mar eisimpleir, thug Mertz (1989) iomradh air pàrantan dà-chànanach ann an Ceap Breatainn agus mar a sguir iad a bhruidhinn na Gàidhlig ri an cloinn oir bha iad den bheachd gun cuireadh sin bacadh air togail na Beurla, an cànan a bha deatamach dhaibh gus adhartas a dhèanamh nam beatha. Gu h-eachdraidheil, agus gu ìre fhathast, tha pàrantan air a bhith iomagaineach mu dheidhinn a bhith a' togail an cuid cloinne le dà chànan ged a tha rannsachadh a' sealltainn nam buannachdan a tha na chois (Barac agus Bialystok 2011: 36). Tha iad iomagaineach mu dheidhinn dàil ann an leasachadh cànan a' phàist agus gum bi am pàist a' fàs troimh-chèile mu chleachdadh cànan (King agus Fogle 2006).

Tha Curdt-Christiansen (2009) a' gabhail ris gu bheil factaran mòra agus factaran beaga a' toirt buaidh air ideòlasan agus beachdan phàrantan ann am poileasaidh cànan teaghlaich. Tha i a' toirt iomradh air ceithir co-theacsaichean mòra a tha nan tobraichean ideòlach a bhios ag adhbhrachadh roghainnean poileasaidh: bidh factaran sòisealta, poilitigeach, eaconamach agus cultarail a' toirt buaidh air ideòlasan. Chan e a-mhàin factaran mòra a bhios a' biadhadh ideòlasan phàrantan ach cuideachd factaran beaga. Bidh na pàrantan an dùil gun toir leasachadh dà-chànanach buaidh air na poileasaidhean cànan aca a-staigh. Tric bidh suidheachaidhean nam pàrantan agus mar a chaidh iad fhèin a thogail agus an t-eòlas a tha aca fhein air dà-chànanachas a' toirt buaidh air na beachdan aca (Curd-Christiansen 2009: 356).

Bidh na diofar fhactaran, mòra agus beaga, ceangailte ri chèile agus iad uile a' toirt buaidh air càch a chèile. Bidh sgrùdadh air PCT a' taisbeanadh nan duilgheadasan a bhios aig buill an teaghlaich ann an dèiligeadh ris agus an t-eas-aonta a bhios uaireannan a' nochdadh eadar buaidhean sòisealta, suidheachaidhean poilitigeach agus foghlam air an dàrna làimh, agus air an làimh eile, iarrtas air dealas cultarail agus leantaileachd chànan (Curd-Christiansen 2013: 1).

Thug King agus Fogle (2006a) iomradh air mar a bhiodh pàrantan a' tarraing air diofar thùsan mar adhbharan airson an cuid cloinne a thogail le dà cànan: litreachas; comhairle bho eòlaichean; comhairle bho charaidean agus bhon teaghlach; agus an t-eòlas agus cleachdadh a bha aca fhèin agus iad ag ionnsachadh cànan. Mar is trice b' e an t-eòlas pearsanta a bha aca fhèin prìomh adhbhar nan roghainnean aca. Mar eisimpleir, bhiodh iad a' smaointinn gun do chaill iad fhèin cothrom cànan ionnsachadh no bhiodh an t-eòlas aca fhèin air dà-chànanachas a' toirt buaidh air buannachdan an ionnsachaidh òig. Cuideachd, bhiodh màthraichean a' measadh gun robh na poileasaidhean cànan aig daoine eile san

teaghlach (m.e. peathraichean) mì-shoirbheachail agus bhiodh seo a' toirt buaidh air mar a bha iad a' cruthachadh phoileasaidhean airson an cloinne fhèin. Bha na co-dhùnaidhean aca ceangailte ri an aithneachadh fhèin mar 'deagh phàrantan'.

Bidh beachdan air 'deagh' agus 'droch' phàrantachd a' toirt buaidh air roghainnean PCT. Sheall rannsachadh Okita (2002) gun robh obair chruaidh agus obair dho-fhaicsinneach, 'invisible' an lùib pàrantachd dà-chànanaich agus màthraichean a' feuchainn ri bhith nan 'good mothers', mar bu chòir do mhàthraichean Iapanach mas fhìor. Bha leasachadh dà-chànanaich na cloinne a' crochadh air na màthraichean a-mhàin agus tric bhiodh a' mhàthair a' fulang le ciont agus fo chuideam le cho doirbh 's a bha an obair.

'S e an abairt, 'impact beliefs,' a tha aig De Hower (1999) air '[the] belief that parents can exercise some sort of control over their children's linguistic functioning (1999: 83)'. A rèir De Hower ma bhios pàrantan den bheachd gu bheil an àrainneachd chànanaich cudromach agus ma thèid aca air an àrainneachd sin a stiùireadh agus atharrachadh, bidh seo a' toirt taic do leasachadh dà-chànanaich na cloinne (De Hower 2009: 96) agus cuideachd gu bheil deagh beachdan mun chànanaich agus mu dhà-chànanaich fhèin cudromach anns an t-seagh seo (De Hower 1999: 92). Gu sìmplidh, tha 'impact belief' aig pàrantan '[where] parents see themselves as more or less capable of and responsible for raising bilingual children' (Curdt-Christiansen 2016: 2). Faodaidh 'impact belief' a bhith làidir nuair a bhios pàrant a' smaointinn gum bi an cleachdadh cànan aca fhèin a' toirt buaidh air cànan an cloinne no nuair a bhios pàrantan a' feuchainn ri smachd a chumail air cleachdadh cànan na cloinne le a bhith gam peanasachadh no gam moladh a rèir mar a chleachdas iad cànanan. Tha 'impact beliefs' lag nuair a bhios pàrantan a' smaointinn nach bi na cleachdaidhean aca fhèin a' dèanamh diofar agus far a bheil 'attitude of "anything goes"' aca (Lanza 2007: 52). An cois 'impact beliefs' lag, chithear 'the loosely held conviction

that in general children will pick up language from the environment' (De Houwer 1999: 84).

Tha rannsachadh le Pérez Báez (2013) air shealltainn gum faicte gluasad cànan nam biodh pàrantan am beachd nach b' urrainn dhaibh cuideachadh le leasachadh dà-chànanach an cuid cloinne. Ann an rannsachadh aig Heath (1983) ann an Ameireaga, bha pàrantan Aimeireaganach-Afraganach den bheachd gum biodh clann a' bruidhinn riutha fhèin agus cha robh iad gam faicinn fhèin mar dhaoine ris an dèanadh a' chlann conaltradh, ach bha pàrantan Aimeireaganach-Eòrpach a' smaointinn gun robh ròl gnìomhach aca ann an leasachadh cànan an cloinne, agus ri linn, rinn iad tuilleadh conaltradh ris a' chloinn.

Bidh na co-theacsan anns am bi teaghlach suidhichte a' toirt buaidh air an ideòlasan. Bidh mòran den rannsachadh ann an PCT a' dèiligeadh ri teaghlaichean a tha air in-imrich a dhèanamh gu dùthaich ùr agus mar a bhios iad a' feuchainn ri an cànan aca fhèin a ghlèidheadh agus cuideachd mar a bhios iad ag ionnsachadh cànan na dùthcha ùire. Bidh a' chiad chànan aca na mhòr-chànan san dùthaich a dh'fhàg iad, ach na mhion-chànan san dùthaich ùir. Ann an suidheachaidhean mar seo 's e am mion-chànan prìomh-chànan nam pàrantan agus ma dh'fhaoidte gur e sin an cànan a chleachdas iad bho thùs le an cuid cloinne mar chiad chànan. Nuair a thachras gluasad cànan, bidh ciad chànan na cloinne a' crìonadh agus am mòr-chànan a' gabhail an àite aige, agus uaireannan bidh na pàrantan fhèin a' feuchainn ri am mòr-chànan a chleachdadh, ach ma dh'fhaoidte nach bi iad cho cofhurtail anns a' chànan sin. Ri linn, bidh pàrantan tric a' saòilsinn gu bheil iad a' call rudeigin faireachail<sup>24</sup> eadar iad fhèin agus an cuid cloinne leis nach tèid aca air bruidhinn riutha anns a' chànan as fheàrr leotha agus am fear anns am bi iad as cofhurtaile (Guardado 2006). Cuideachd, dh'fhaodadh pàrantan saòilsinn gum biodh cleachdadh a' chànan anns

---

<sup>24</sup> **faireachail**: emotional

am biodh iad fhèin a bu chofhurtail na bu shiubhalaich agus na bu ‘genuine’ (Tannenbaum 2005: 244).

### **3.8.4 Cultar agus fèin-aithne ann am PCT**

Tha iomadach sgrùdadh air an dèanamh ann an co-theacsan mion-chànanach air an ròl aig cultar agus aig eachdraidh ann an ideòlasan pàrantan a thaobh PCT. Tha rannsachadh air sealltainn gum bi ceanglaichean no ‘identification’ le cultar na seann dùthcha no na dùthcha ùire a’ toirt buaidh air an dòigh a thèid PCT a chruthachadh. Uaireannan bidh teaghlaichean airson astar a dhèanamh eadar iad fhèin agus cultar a’ mhion-chànain. Thug Pease Alvarez (2003) sùil air in-imrich a thàinig à Meagsago a Chalifornia agus fhuair a-mach gun robh cuid a’ seachnadh cleachdadh na Spàinntis leis a’ chloinn aca agus a’ cleachdadh na Beurla na h-àite. Bha iad a’ gabhail ri luachan agus ri prionnsabalan Aimeireaganach gus fèin-aithne chultarail ùr a chruthachadh dhan chloinn, gus an rachadh aca air buannachdan fhaighinn a bhiodh a’ tighinn an cois inbhe Aimeireaganaich. Cuideachd, chunnaic Martínez-Roldán agus Malavé (2004) gun robh in-imrich Hispànteach a’ cur sìos air a’ chànan aca fhèin agus gun robh an droch shealladh aca air a’ bhuidhinn eitnigich aca fhèin a’ ciallachadh nach biodh iad a’ brosnachadh dà-chànanachas am measg an cuid cloinne. Bidh factaran macro a’ toirt buaidh air ideòlasan nam pàrantan agus a’ ciallachadh ma bhios pàrantan den bheachd gum bi an cànan aca a’ cumail an cloinne air ais, bidh iad deònach a sheachnadh.

Ach dhan fheadhainn a bhios airson am mion-chànan a ghlèidheadh agus a bhrosnachadh, ‘s e cànan ‘a necessary social resource for maintaining cultural tradition and ethnic identity’ (Schechter agus Bayley 2002: 78). Mar sin, tha an teòiridh ann gun toir brosnachadh cleachdadh agus glèidheadh a’ mhion-chànain buaidh air fèin-aithne agus tuigse air dualchas, agus ri linn: ‘strong HL identity seems to be one of the most critical



factors leading to HLD [Heritage Language Development] and maintenance' (Guardado 2010: 331). Anns an rannsachadh le Pacini-Ketchabaw, Bernhard agus Freire (2001) air muinntir Latino a bha a' fuireach ann an Canada, chunnacas gun robh pàrantan a' faicinn glèidheadh na Spàinntis mar dhòigh an teaghlach a thoirt ri chèile agus fèin-aithne Latino a bhrosnachadh am measg an cuid cloinne. Mar an ceudna, anns an rannsachadh a rinn Curdt-Christiansen (2009), chunnaic i gun robh pàrantan bho theaghlaichean Sìneach ann an Canada a' faicinn cànan mar nì a bhiodh a' cruthachadh fèin-aithne agus nì a bhiodh cudromach gus tuigse fhaighinn air eòlas cultarail. Bha na pàrantan den bheachd gum biodh Sinis a' dearbhadh fèin-aithne chultarail, agus mar thoradh, rinn iad oidhirp sin a bhrosnachadh le bhith a' cur an cuid cloinne do sgoil Shìneach aig an deireadh-seachdain.

Thug Schechter agus Bailey (1997) sùil air ceithir teaghlaichean anns na Stàitean (a dhà ann an California agus a dhà ann an Texas) le dualchas Meagsagach. Bha an ceathrar cloinne bho gach teaghlach a' faicinn ceangal le Meagsago mar phàirt den fhèin-aithne aca agus bha na teaghlaichean uile a' faicinn Spàinntis mar phàirt chudromach den dualchas aca. Ach bha diofar ann eadar na teaghlaichean a thaobh mar a chleachdadh iad Spàinntis mar dhòigh an fhèin-aithne sin a dhaingneachadh. Cha robh ach dà theaghlach (na teaghlaichean ann an California) a' dèanamh oidhirp fhoillaiseach agus làidir Spàinntis a chleachadh. B' e an teaghlach a bha air an gluasad a bu mhotha a dhèanadh dhan chlas-meadhanach<sup>25</sup> an teaghlach a bu mhì-shoirbheachail ann an tar-cur Spàinntis, ged a bha iad a' brosnachadh glèidheadh cultarail. Bha coltas ann gun robh na teaghlaichean ann an Texas a' fuireach ann an coimhearsnachd Mheagsagach làidir, ach cha robh na teaghlaichean ann an California. Ri linn, bha na teaghlaichean ann an California den bheachd: 'they could not "let up"' (538) agus gum feumadh iad oidhirp a bharrachd a

---

<sup>25</sup> **clas-meadhanach**: middle class

dhèanamh Spàinntis a bhrosnachadh agus gum b' ann a-staigh a bha an t-àite far an robh an smachd a bu mhotha aca gus sin a dhèanamh.

### **3.8.5 Mi-fhreagairt eadar ideòlas agus cleachdadh**

Uaireannan chithear mì-fhreagairt eadar na ideòlasan aig daoine agus an cleachdadh cànan fhèin; ma dh'fhaoidte gum bi pàrantan gu mòr airson cleachdadh cànan a bhrosnachadh agus iad a' smaointinn gu bheil sin cudromach ach ann an da-rìribh chan e sin a bhios a' tachairt. Mar eisimpleir, anns an rannsachadh aig Ó hIfeárnáin (2007), ged a bha cuid de pàrantan den bheachd gum biodh e math Gaeilge a-mhàin a chleachdadh le cloinn, cha b' e sin a bha a' tachairt ann an da-rìribh. Bha coltas ann gur dòcha nach robh pàrantan fiosraichte gu leòr mun oidhirp a bharrachd a bhiodh aca ri dhèanamh leis a' mhion-chànan gus an rachadh clann a thogail le dà chànan. Bha cuid de na pàrantan a' coimhead air ais le aithreachas nach do bhruidhinn iad barrachd Gaelige ris a' chloinn aca.

Chunnaic Schwartz (2008) mì-fhreagairt cuideachd eadar cho dealasach agus a bha pàrantan ann an Iosrael ag ràdh gun robh iad a thaobh glèidheadh cànan (Ruisis) agus na bha iad ag aithris mu na cleachdaidhean cànan aca ann an da-rìribh. Mar eisimpleir, ged a bhiodh deagh bheachdan aig pàrantan mu ghlèidheadh Ruisis, cha robh ach 27% dhiubh a' dèanamh leughadh ann an Ruisis leis a' phàist. Cuideachd thuirtear 69% dhe na pàrantan gun do ghluais iad gu cleachdadh na h-Eabhra nuair nach do thuig a' chlann an Ruisis aca. Mheòraich Schwartz gun robh a' mhì-fhreagairt seo ann eadar na h-ideòlasan reusanta làidir a thaobh glèidheadh Ruisis agus na bha a' tachairt ann an da-rìribh oir bha pàrantan 'preoccupied with competing demands, relent in their struggle for their favourite language and find it easier to manage the co-existence of the two languages' (Schwartz 2008: 415). Fhuair i mach gum b' e ideòlasan nan cloinne a bu chudromaiche na ideòlasan nam

pàrantan, le deagh bheachdan agus deagh shealladh aig a' chloinn air a' Ruisis a' toirt buaidh air glèidheadh agus cleachdadh a' chànain.

Anns an rannsachadh Kopeliovich (2009) am measg theaghlaichean Ruiseach ann an Iosrael, chunnaic i fiù 's far an robh ideòlasan làidir aca agus iad a' brosnachadh na Ruisis gu dealasach agus ga cleachdadh a-staigh, agus far an robh na goireasan agus an t-eòlas aca gus sin a dhèanamh, nach robh na teaghlaichean ro shoirbheachail. Thug i sùil mionaideach air aon teaghlach (2010) anns an robh ideòlas 'pro-RLS' aig a' mhàthair agus i a' dèanamh oidhirp dheimhinne gus cleachdadh Ruisis na cloinne a bhrosnachadh, ach chunnaic i, ann an da-riribh, nach robh i soirbheachail agus gun robh a' chlann a' diùltadh Ruisis a chleachdadh. Bha aice ri na ro-innleachdan Ruisis aice a thrèigsinn agus bha sin na adhbhar-bhròin dhi. Ach aig a cheart àm, bha an ideòlas làidir a bha aice a' ciallachadh nach robh i a' dol a sheachnadh na h-iomairt aice gus Ruisis a bhrosnachadh agus i a' feuchainn ri co-rèiteachadh a ruigsinn agus car a dhèanamh air an dòigh mhanaidsearachd cànan aice (Kopeliovich 2010: 169).

Anns an rannsachadh aig Kirsch (2012) a bha a' coimhead air màthraichean a bha a' feuchainn ri an cuid cloinne a thogail le Lucsamburgais agus a' Bheurla ann am Breatainn, chunnaic i, ged a bha na màthraichean a' dèanamh dlùth cheangail le Lucsamburgais agus ged a bha deagh bheachdan aca mu dhà-chànanachas, nach robh na h-ideòlasan sin gu leòr gus dèanamh cinnteach gum biodh Lucsamburgais air a cleachdadh gu cunbhalach. Ged a bhiodh na màthraichean a' cruthachadh chothroman Lucsamburgais a chleachdadh, bhiodh iad cuideachd a' sòisealachadh an cuid cloinne ann an gnìomhan culturail Breatannach 's iad ag iarraidh faireachdainn mar phàirt den choimhearsnachd, agus ri linn, chaidh a' Bheurla a chleachdadh ann an raon farsaing de cho-theacsan. Bha seo a' dèanamh soilleir an strì eadar ideòlasan nam màthraichean agus an t-ideòlas aon-chànanach Beurla ann am

Breatainn, fear aig a' cheann thall '[that] lured these multilingual mothers into the frequent use of English with their children which, in turn, reduced the input in Luxembourgish and, therefore, the chances to raise the children as bilinguals' (Kirsh 2012: 110). Am measg nam màthraichean a bha soirbheachail clann dà-chànanach a thogail, bha trì factaran ann a bha a' toirt buaidh air an soirbheas: cho deònach 's a bha a' chlànn Lucsamburgais a bhruidhinn, feum air cleachdadh a' chànan, agus àrainneachd a bhrosnaich an leasachadh de dheagh bheachdan mun chànan (ibid: 109).

Gu dearbha, 'ideology conflicts can be problematic for effective policy enactment' (Curdt-Christiansen 2016: 3), agus dh'fhaodadh raon an teaglaich a bhith na 'crucible for such ideological conflicts' (King, Fogle agus Logan-Terry 2008: 911). Tha Curdt-Christiansen (2016: 4) a' moladh gu bheil e cudromach gun soilleirichear carson a bhios còmhstri ideòlach ann, mar a thèid a cruthachadh anns an teaghlach, agus a' bhuidh aig a' chomhstri sin air cleachdaidhean cànan. Thathar air faicinn nach bi ideòlasan phàrantan daonnan a' tighinn am follais anns na bhios a' tachairt ann an da-rìribh. Chan eil an teaghlach mar 'self-contained institution that can adopt its own strategies and devices for language transmission,' leis gu bheil e 'open to influences and interests from other broader social forces and institutions' (Canagarajah 2008: 170–171). A dh'aindheoin rùn agus miann nam pàrantan, 's dòcha nach bi iad soirbheachail, oir, bidh cleachdaidhean 'constantly negotiated and co-constructed between parents and children' (Kirsh 2012: 97).

### **3.8.6 Ideòlasan na cloinne**

Tric tha rannsachadh air PCT air sealltainn air ideòlasan agus air manaidsearachd phàrantan, agus mar a tha iad sin cudromach do ghlèidheadh cànan a-staigh. Ach bho chionn ghoirid, tha a' bhuidh a tha aig a' chloinn fhèin air cleachdaidhean cànan air a cnuasachadh. Mar eisimpleir, tha rannsachadh air sealltainn gum bi clann cuideachd a'

sòisealachadh am pàrantan ann an cleachdadh cànanain (Luykx 2005; Tuominen 1999) agus mar a bhios clann a' diùltadh a bhith a' gabhail ri ro-innleachdan manaidsearachd am pàrantan chun na h-ìre gum bi na pàrantan a' gabhail ris na cleachdaidhean aig a' chloinn, agus gum bi gluasad cànanain an uair sin 'talked into being' (Gafranga 2010).

Tha Fogle agus King (2013) den bheachd gum bu chòir dhuinn PCT a thuigsinn 'as emerging in interactions between and among caretakers and children, as a process which involves both "top-down" (e.g., explicit parent-directed decisions about which language or which routine) and "bottom-up" (e.g., child resistance and negotiation of those decisions) phenomena' (Fogle agus King 2013: 19). Bidh ideòlasan agus cleachdaidhean cànanain na cloinne a' toirt buaidh air pàtranan cleachdaidh a-staigh agus bidh na h-ideòlasan sin cuideachd fo bhuaidh ideòlasan nas fharsainghe sa choimhearsnachd (Canagarajah, 2008).

Gu h-àraidh bidh cànan nan caraidean agus nan co-aoisean a' toirt buaidh air an cleachdaidhean cànanain. Rinn Caldas agus Caron-Caldas (2000, 2002) rannsachadh air an teaghlach aca fhèin 's iad a' feuchainn ri a' chlann a thogail leis an Fhraingis ann an Louisiana anns na Stàitean Aonaichte. Ged a bha iad air àrainneachd Fhraingis a chruthachadh a-staigh agus ged a bha a' chlann ann an sgoil Fhraingis, bha buaidh na Beurla sa choimhearsnachd a' ciallachadh gum biodh a' chlann a' bruidhinn na Beurla ann an suidheachaidhean sòisealta len caraidean, agus bha sin a' toirt buaidh cuideachd air cleachdadh na Fraingis a-staigh. Aig a' cheart àm, nuair a bhiodh iad a' dol gu Quebec air lathaichean-saora agus iad a' fuireach ann an àrainneachd shòisealta Fhraingis, chunnacas àrdachadh ann an cleachdadh na Fraingis a-staigh leis a' chloinn. Nuair a bhios clann a' gluasad bho chànan an dachaigh gu canan na h-àrainneachd anns an taobh-a-muigh, tha Harris (1995) a' cur an aghaidh gur e sòisealachadh buidhne<sup>26</sup> as coireach; b' fheàrr le

---

<sup>26</sup> **sòisealachadh buidhne:** group socialization

cloinn an siostam giùlain<sup>27</sup> aig an co-aoisean taobh a-muigh an taighe seach an siostam giùlain a fhuair iad a-staigh. Mar sin, tha Caldas (2012) air sgrìobhadh, ‘perhaps the most poisonous external environment to a bilingual family language policy is that of a child’s peer group’.

Le bhith a’ dol gu Quebec, àrainneachd Fhraingis, agus a bhith a’ cur an cuid cloinne a sgoil Fhraingis an sin, bha an teaghlach Caldas (2000, 2002) a feuchainn ri ‘external control’ (Schwartz 2008) a chumail air a’ phoileasaidh theaghlaich aca agus, bha buaidh aig sin air cleachdadh na Fraingis am measg an cuid cloinne. Bidh pàrantan a bhios a’ feuchainn ri smachd a chumail air an àrainneachd taobh a-muigh an taighe a’ planadh los seo a dhèanamh agus a’ feuchainn ri na ro-innleachdan aca a chur an gnìomh (Schwartz *et al.* 2011: 150). A bharrachd air foghlam tron mhion-chànan, tha rannsachadh air sealltainn gum bi pàrantan air àite-fuirich a thaghadh faisg air in-imrich eile gus am bi cothrom aig an cuid cloinne am mion-chànan a chluinntinn (Barkhuizen agus Knoch 2006). Cuideachd, ma dh’fhaoidte gum bi eaglaisean no ionadan creideamh eile a bhios a’ toirt seachd seirbheisean sa mhion-chànan cudromach gus ro-innleachdan manaidseachd nam pàrant a thoirt gu buil (Park agus Sarkar 2007). Ann an O’Toole agus Hickey, bhathar ag aithneachadh ‘parents alone cannot be expected to hold back the tide of English’ (O’Toole agus Hickey 2017: 158) agus gun robh feum air taic bho thaobh a-muigh na dachaigh gus na suidheachaidhean sòisealta agus spòrsail a leudachadh anns an urrainn dhan chloinn Gàidhlig na h-Eireann a chleachdadh agus a chluinntinn.

### **3.8.7 Cànan agus spòrs**

A thaobh chothromon cànan a thèid a chleachdadh gu sòisealta agus ann an suidheachaidhean spòrsail, ’s e seòrsa de planadh inbhe cànan a th’ ann; thathar airson

---

<sup>27</sup> **siostam giùlain:** behavioural system

ceanglaichean a dhèanamh leis a' chànan mar rudeigin a tha tarraingeach. Tha sinn air faicinn cho doirbh 's a tha e do phàrantan cumail orra le cleachdadh a' mhion-chànain gun a bhith ga sparradh air a' chloinn. Tha rannsachadh air sealltainn gum bi clann aig a bheil màthair a bhruidhneas am mion-chànan a' dèanamh nas fheàrr leis a' chànan na clann ann an teaghlaichean anns nach eil am mion-chànan ach aig an athair, oir, gu traidiseanta, bidh clann a' cur seachad barrachd ùine le màthair, agus ri linn, a' faighinn barrachd cànan-a-steach bhuaipese. Ach anns an rannsachadh aig Döpke (1992) air teaghlaichean ann an Astràilia a bhruidhneadh Gearmailtis mar mhion-chànan, chunnacas nach robh seo buileach fìor, agus gun do rinn a' chlann le athraichean a bhruidhneadh Gearmailtis glè mhath a thaobh an leasachadh cànan. Nuair a bhiodh a' chlann le atharaichean a bhruidhneadh Gearmailtis a' cur seachad ùine còmhla ri an athraichean, bha an ùine sin gu math 'child centred', agus ri linn, bha an 'quality of interaction' na b' fheàrr (Döpke 1992: 193). Oir tric bidh uallach obair an taighe agus àrach na cloinne air na màthraichean agus cha b' urrainn dhaibh a bhith a' cluich leis a' chloinn anns an aon dòigh a bhiodh na h-athraichean.

Ann an Chevalier (2012) chunnacas gun robh dòigh chonaltraidh eadar-ghnìomhach<sup>28</sup> gu math cudromach gus labhairt sa chànan chonaltraidh a phiobrachadh. Bha aon phàist, Lina, anns an rannsachadh a dh'fuirich anns an roinn Ghearmailtis den Eilbheis 's i a' faighinn Gearmailtis-Eilbheisich a-staigh bho a màthair, an Fhraingis bho a h-athair agus a' Bheurla bho a h-antaidh. Bha fada a bharrachd cànan-a-mach aice ann am Beurla na bha anns an Fhraingis ged a bha i a' caitheamh barrachd tìde le a h-athair seach a h-antaidh. Ach bha an dòigh anns an robh a h-antaidh a' conaltradh leis a' phàist sgileil 's i a' cleachdadh dhòighean teagaisg chànain agus i gu math beòthail na dòigh chonaltraidh. Cha bhiodh an t-athair a' cleachdadh dhòighean mar sin tric idir. Cuideachd, anns an rannsachadh a bha

---

<sup>28</sup> **eadar-ghnìomhach**: interactional

seo, bha inbhe chànan cudromach do chànan-a-mach. Bhiodh Lina a' bruidhinn barrachd Gearmailtis-Eilbheisich na na cànanan eile a bh' aice, leis gum b' e sin cànan na coimhearsnachd agus a màthar, agus cha robh coimhearsnachdan mun cuairt oirre anns an robh a' Bheurla no an Fraingis gam bruidhinn. Mar sin, bha togradh aice gus Gearmailtis-Eilbheisich a bhruidhinn. Ach anns an teaghlach eile san rannsachadh far an robh am pàist a' fuireach anns an roinn Fhraingis den Eilbheis, bhiodh e a' bruidhinn na Beurla, na Fraingis agus na Gearmailtis-Eilbheisich chun na h-aon ìre. Bha e a' faighinn Beurla bho mhàthair agus Gearmailtis-Eilbheiseach bho athair agus Fraingis bhon choimhearsnachd. Chleachd athair dòigh chonaltraidh eadar-ghnìomhach leis, ach cuideachd, bha coimhearsnachd Ghearmailtis-Eilbheisich aig a' phàist anns an robh e na bhall còmhla ris an teaghlach na b' fharsainghe aige. Ann an dà theaghlach, b' e a' Bheurla cànan conaltraidh nam pàrantan ri chèile, agus tha Chevelier den bheachd gum biodh seo cuideachd a' togail inbhe na Beurla ann an sùilean nam pàistean agus a' toirt togradh dhaibh gus a' Bheurla a chleachdadh cuideachd.

Anns an rannsachadh aig Kopeliovich (2013) air an teaghlach aice fhèin, tha i air aithris gum bi i a' feuchainn ri dòigh 'Happylingual' a leanntainn. Anns an dòigh seo, bithear a' feuchainn gun a bhith a' sparradh cleachdadh a' mhion-chànain air a' chloinn gus nach tèid droch cheanglaichean a dhèanamh eadar an cànan agus ceannas. Ach 's e a lorg i ach gu bheil cothromachadh ann eadar oidhirpean gus am mion-chànan a ghlèidheadh agus a chleachdadh a bhrosnachadh air an dàrna làimh, agus air an làimh eile, 'avoiding futile fights against natural sociolinguistic forces that drive the children towards the stronger language' (Kopeliovich 2013: 273). Bha iad a' feuchainn ri cleachdadh am mion-chànain a dhèanamh spòrsail gus feum air cleachdadh a' mhion-chànain a chruthachadh.



Ann an rannsachadh aig Ruby (2012) air diofar dhaoine an sàs ann an cùram cloinne agus iad a' cluich geama le pàist, shealladh gun robh an dòigh aig seanmhair shònraichte soirbheachail ann a bhith a' toirt air a' phàist am mion-chànan a chleachdadh, 's i a' cothromachadh an ról oideachail a bh' aice agus ris an ról aice mar sheanmhair. Bha seanmhair a' phàist air àrainneachd a chruthachadh dhan phàist far nach robh ìmpidh oirre targaidean a ruighinn, agus far am biodh i cofhurtail. Bha an t-seanmhair sgileil anns an dòigh a bhiodh i a' togail diofar chuspairean agus a' toirt air a' phàist bruidhinn orra sa mhion-chànan. Ach le màthair a' phàist, chan robh de thide aice an oidhirp a bharrachd sin a dhèanamh.

Mhinich Kirsch (2012: 97) ceithir ro-innleachdan agus suidheachaidhean anns am bi dà-chànanachas ga bhrosnachadh. An toiseach, feumaidh pàrantan a bhith taiceil, a bhith mothachail mun ról aca agus a bhith mothachail mu inbhe a' chànain. Cuideachd, bidh cànan-a-steach cunbhalach a dhìth air cloinn bho dhiofar luchd-labhairt ann an diofar suidheachaidhean. A bharrachd air sin, bidh clann ag iarraidh brosnachadh no adhbhar a bhith a' cleachdadh a' chànain. Mu dheireadh, feumaidh na ro-innleachdan tar-chur cànan aig na pàrantan a bhith soilleir.

### **3.9 PCT agus co-theacsa na Gàidhlig**

Tha mòran rannsachaidh againn air PCT ann an cotheacsan theaghlaichean dà-chànanach bho na Stàitean Aonaichte, bho Astràilia agus bho Chanada agus sgrùdadh air cleachdadh mhion-chànanan le inbhe àrd ann an dùthchannan eile san t-saoghal: mar eisimpleir, Spàinntis. Tha dith rannsachaidh ann air teaghlaichean a tha air in-imrich a dhèanamh agus iad a' feuchainn ri cloinn a thogail le cànanan gun inbhe àrd san t-saoghal fharsaing (Kirsch 2012: 96). Ach tha an uimhir de rannsachadh a th' againn air teaghlaichean nach do rinn in-imrich agus a tha a' feuchainn ri an cuid cloinne a thogail le mion-chànan

dùthchasach nas lugha fhathast. 'S e co-theacsa na Gàidhlig ann an Alba fear de na suidheachaidhean sin. Nuair a thathar a' sgrùdadh poileasaidh cànanain san teaghlach, bidh na factaran sòisio-cànanach a bhios a' cuideachadh no a' cur bacadh air glèidheadh agus air ath-bheòthachadh cànanain a-staigh diofraichte bhon dàrna coimhearsnachd chànanain gu coimhearsnachd chànanain eile, agus mar sin, tha e cudromach sgrùdadh fa-leth a dhèanamh air gach coimhearsnachd chànanain shònraichte (Schwartz 2008: 401).

Tha co-theacsa na Gàidhlig diofraichte bho cuid de na suidheachaidhean a tha air nochdadh san litreachas. Bidh pàrantan a cheart cho fileanta, no fada nas fhileanta, sa Bheurla 's a bhios iad sa Ghàidhlig, agus mar sin, bidh iad cofhurtail san dà chànan, agus tric, bidh e a' faireachdainn mì-chofurtail agus 'mì-nàdarra' a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Ach do chuid eile, ged a bhios iad a cheart cho cofhurtail sa Bheurla, bidh iad a' smaointinn gu bheil rudeigin 'nàdarra' ann mu dheidhinn bruidhinn ri pàist sa Ghàidhlig, agus iad cuideachd airson ceangal faireachail a dhèanamh tron chànan. Chan eil clann a' dol a chall chothroman conaltraidh ri linn agus nach eil a' Ghàidhlig aca, oir, bidh a' Bheurla aig a h-uile duine san teaghlach co-dhiù. Mar sin, leis nach eil mion-chànan riatanach airson conaltradh, ann an suidheachadh na Gàidhlig, feumar ceangal a bharrachd a dhèanamh leis a' chànan — mar eisimpleir aig ìre chultarail no fèin-aithneil — no feumar buannachdan dà-chànanachais a shoillearachadh gus a cleachdadh a bhrosnachadh. Mar sin, bidh ideòlasan phàrantan mu chudromachd dhà-chànanachas no cudromachd chultar, agus ideòlasan mu chudromachd chànanain ann an cultar a' toirt buaidh air cho dealasach 's a bhios iad nuair a thig e gu brosnachadh glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig anns na dachaighean aca fhèin.

Tha an obair aig Armstrong agus Smith-Christmas air a' phrosbaig a chur air poileasaidh cànanain teaghlaich ann an Alba agus air na factaran sòisio-cànanach a bhios a' toirt buaidh

air ideòlasan phàrantan agus cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Tha e iomchaidh sùil a thoirt air an obair aca agus air a' mhion-fhiosrachadh shònraichte a bha iad air taisbeanadh mu chleachdadh na Gàidhlig anns an teaghlaichean oir dh'fhaoidte gun nochd cuid de na h-aon tèamanan anns an rannsachadh a leanas.

Rinn Armstrong (2014) rannsachadh a sgrùd màthraichean de dhiofar chomasan Gàidhlig a bha air a' Ghàidhlig ionnsachadh mar inbhich agus iad a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a stèidheachadh a-staigh leis a' chloinn aca. Tha a' Ghàidhlig air lagachadh chun na h-ìre ann an Alba gu bheil e cumanta nach bi a' Ghàidhlig aig pàrantan a tha air an cuid cloinne a chur tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus mar sin, nì cuid de phàrantan fhèin oidhirp gus a' Ghàidhlig ionnsachadh. Tha na toraidhean aig Armstrong a' toirt dealbh nas soilleire dhuinn mu na trioblaidean a bhios aig pàrantan a bhios ag ionnsachadh na Gàidhlig agus an dòigh anns am bi iad a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh. Bha cuid de na pàrantan anns an rannsachadh aige ag ionnsachadh na Gàidhlig leis a' phrìomh amas gum biodh iad comasach gu leòr còmhraidh a chumail ris a' chloinn aca, agus bha cuid eile anns an t-sampall aige le amasan na b' àirde fhathast, agus iad airson cànan na dachaigh a thionndadh bhon Bheurla chun na Gàidhlig. Chaidh a chur air aghaidh gun robh poileasaidh cànan anns na teaghlaichean seo coltach ri 'moving target' (Armstrong 2014: 575): bha am poileasaidh air ath-rèiteachadh ri linn atharrachaidhean anns na teaghlaichean agus ri linn leasachaidhean ann an comasan cànan na cloinne agus nam pàrantan. Nochd e gun robh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh na bu doire na bha pàrantan an dùil gum bitheadh e, gu h-àraidh nuair a bhiodh comasan cànan nam pàistean air fàs na b' fheàrr na comasan nam pàrantan. Bha an t-adhartas ann an togail chànan nam pàrantan a' toirt buaidh air an ìre aig an robh iad a' cleachdadh na Gàidhlig a-staigh, agus tric bha e doirbh adhartas a dhèanamh leis cho tearc agus mì-rianail 's a tha cùrsaichean Gàidhlig do' inbhich ann an Alba (McLeod, Pollock, agus MacCaluim 2010).

A thuilleadh air na gnothaichean ceangailte ri comasan cànan a bha a' toirt buaidh air poileasaidh cànan, cuideachd, bhiodh ideòlasan coimhearsnachd na Beurla a' toirt buaidh air:

The overwhelmingly dominant and normalized language ideology in Britain is one of English monolingualism, so if parents wish to use a language other than English with their children, if they wish to use Gaelic with their children, they will have to self-consciously advance and defend a norm of Gaelic use in the home in direct opposition to this monolingualist Anglophone ideology. (Armstrong 2014: 576)

A' tarraing air a' phròiseas fhèin-mhothachail<sup>29</sup> a bha aig pàrantan ri cur an gnìomh, tha e a' cur a' bheachd air aghaidh gum bi seo a' dol an aghaidh an ideòlais gum bu chòir cleachdadh cànan a bhith 'nàdarra', agus nach bu chòir do phàrantan a' Ghàidhlig a sparradh air cloinn, oir, chan fhaicear sin mar 'deagh phàrantachd'. Tha ideòlas ceangailte ri 'nàdarrachd' ag àbhaisteachadh agus a' dligheachadh cleachdadh na Beurla ann an Alba agus bha seo na dhuilgheadas dha na pàrantan a bha a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig adhbhrachadh a-staigh.

Tha Armstrong a' moladh gu bheil feum air 'critical awareness' (cf. Chrisp 2005: 173-177) am measg phàrantan mun ròl a bhios aca ann an cruthachadh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh, agus gum bu chòir dhuinn a' Ghàidhlig a theagasg mar 'social practice' no gnìomh sòisealta. Feumaidh pàrantan a bhith mothachail air cho doirbh 's a bhios e poileasaidh cleachdadh cànan a chur an gnìomh agus nach bi an gnìomh a' faireachdainn 'nàdarra'.

Tha an rannsachadh aig Smith-Christmas (2014) stèidhichte air poileasaidh cànan teaghlaich ann an aon teaghlach dà-chànanach (Beurla agus Gàidhlig) air an Eilean Sgitheanach ann an Alba. Fo shealladh 'language ecology of the family' (faic Luykx 2003), a' coimhead air an teaghlach gu lèir an àite dìreach air pàrant agus pàist, tha i a'

---

<sup>29</sup> **fèin-mhothachail**: self-conscious

sgrùdadh an ròl a tha aig na diofar dhaoine ann an diofar ghinealachdan san teaghlach ann am poileasaidh cànanan an teaghlaich. Tha i ag argamaid, ged a tha PCT ‘pro-Gaelic’ anns an teaghlach, bidh an dàrna ginealachd a’ cleachdadh na Beurla cha mhòr a-mhàin, gu h-àiridh ri chèile, agus bidh seo a’ sòisealachadh an treasamh ginealachd (na pàistean) ann an gluasad cànanan chun na Beurla. Cuideachd, thèid a’ Ghàidhlig a chleachdadh le athair nam pàistean a-mhàin nuair a bhios e trod riutha. Tha Smith-Christmas a’ cur air aghaidh gu bheil seo a’ dèanamh ceangal eadar a’ Ghàidhlig air an dàrna làimh agus ùghdarras agus suidheachadh mì-chàilear (trod) air an làimh eile, agus ri linn, bidh seo a’ toirt buaidh air cho dualtach ’s a bhiodh na pàistean a’ Ghàidhlig a chleachdadh ann an co-theacsan nas toilichte. Tha rannsachadh Smith-Christmas a’ sealltainn gu bheil sòisealachadh cànanan na cloinne a’ toirt buaidh air an dòigh ’s a tha a’ Ghàidhlig ga faicinn mar mhion-chànan taobh a-staigh agus taobh a-muigh an taighe, agus mar chànan a thèid a chleachdadh le ginealachd na seanmhar; i.e., mar chànan a chleachdas inbhich gus bruidhinn ri cloinn ann an dòigh ‘vertical’.

Tha an sealladh ‘vertical’ seo air a chnuasachadh ann am barrachd doimhneachd ann an Smith-Christmas (2017) far a bheil i a’ sealltainn gu bheil a’ Ghàidhlig ceangailte ris an sgoil, agus i air a faicinn mar chànan na sgoile; chan ann mar chànan àbhaisteach a thèid a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile ann an suidheachaidhean sòisealta. Tha i a’ tarraing air rannsachadh eile a tha a’ sealltainn nach eil foghlam tro mheadhan a’ mhion-cànan a’ ciallachadh gum bi clann a’ cleachdadh an cànanan taobh a-muigh na sgoile (Edwards & Newcombe 2005; O’Hanlon, McLeod, & Paterson 2010; Will 2012). Fiù ’s nuair a bhios a’ Ghàidhlig air a chleachdadh a-staigh, thèid dèiligeadh ris mar ‘an object to be performed, not as an everyday normative mode of communication’ agus bidh seo ga ceangal a-rithist ri ùghdarras ann an inntinn na cloinne.

### **3.10 Buntanas an litreachais dhan sgrùdadh seo**

Annas a' chaibideil seo, thòisicheadh le sealladh farsaing air na factaran a bheir buaidh air glèidheadh agus air ath-bheòthachadh cànan. Chaidh aithneachadh gum biodh tar-chur cànan eadar na ginealachdan agus cleachdadh cànan san teaghlach agus san dachaigh aig cridhe iomairt gus gluasad cànan a thionndadh, b' e sin an t-adhbhar gun deach clann agus teaghlaichean a sgrùdadh anns an rannsachadh a leanas. Rinneadh cruasachadh air na ceanglaichean a bh' ann eadar cultar, fèin-aithne agus cànan, agus chaidh a shealltainn gum bi ideòlasan cànan tric a' stiùireadh phoileasaidhean cànan. Leis a' cho-theacsa sin air a stèidheachadh, ghluaiseadh gu a bhith a' coimhead gu mionaideach air teòiridh phoileasaidh cànan teaghlaich (PCT). Mar phàirt den rannsachadh a leanas, thugadh sùil air an dòigh anns am bi cleachdadh susbaint agus poileasaidh cànan teaghlaich ag eadar-obrachadh ri chèile. Mar sin bha e deatamach gun toireamaid sùil air an dòigh a thèid poileasaidhean cànan teaghlaichean a chruthachadh agus air na rudan a bheir buaidh air roghainnean cànan san dachaigh. Le eòlas air poileasaidh cànan teaghlaich, faodar an uair sin sgrùdadh a dhèanamh air an fhreagairt eadar PCT agus na roghainnean cànan a nithear a thaobh susbaint.

Thugadh iomradh air rannsachadh air PCT ann an co-theacsa na Gàidhlig ann an Alba. Bidh gach co-theacsa cànan diofraichte, agus mar sin, bha e deatamach gun tug sinn sùil air gnothachaidhean PCT a bhiodh sònraichte ann an co-theacsa Gàidhlig na h-Alba. Tha an sgrùdadh air PCT ann an co-theacsa na Gàidhlig gu h-ìre mhòir ùr, agus tha an t-uabhas ann fhathast ri sgrùdadh. Bidh an sgrùdadh a leanas a' cur ris an rannsachadh air PCT ann an co-theacsa na Gàidhlig. Cuideachd, anns an rannsachadh a leanas, sgrùdar PCT ann an co-theacsa na Gàidhlig bho shealladh ùr leis gun nithear sgrùdadh air cleachdaidhean susbaint mar innleachd a chum PCT a chur an gnìomh.

Annas a' chaibideil seo, thugadh sùil air cuid dhe na factaran a bhios cudromach do ghlèidheadh agus do dh'ath-bheòthachadh cànanain san fharsaingeachd, agus thugadh sùil air PCT gu sònraichte. Bha e cudromach na factaran seo a shònrachadh an toiseach, agus anis, anns an ath chaibideil, bithear a' coimhead air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint nam meadhanan air cuid de na factaran sin.

## CAIBIDEIL 4: LITREACHAS AIR TELEBHISEAN ANN AM POILEASaidH CÀNAIN

### **4.1 Ro-ràdh**

Thathar air cnuasachadh air poileasaidh cànain san dachaigh agus na diofar fhactaran a bhios a' toirt buaidh air cleachdadh cànain am measg cloinne. Anns an tràchdas seo thathar gus an ròl a bhios aig telebhisean a sgrùdadh am measg na diofar eileamaidean a tha cudromach ann am PCT. Mar eisimpleir, dè an ròl a th' aig telebhisean ann a bhith a' cruthachadh cànain-a-steach no dè a' bhuidh a th' aige air ideòlasan? Mus dèiligear ris na ceistean seo gu mionaideach anns a' chòrr den chaibideil, tha e iomchaidh tòiseachadh le a bhith a' sealltainn air na tha an litreachas ag innse dhuinn mu dheidhinn buaidh nam meadhanan air poileasaidh cànain airson an rannsachadh a stèidheachadh ann an co-theacsa nas fharsainge.

### **4.2 Telebhisean agus poileasaidh cànain**

Mhinich Cormack (Cormack 2007) grunn ro-bheachdan a bhios a' nochdadh mu na dòighean anns am faodadh na meadhanan mion-chànanach a bhith taiceil do chànan anns an fharsaingeachd. Tha a' chiad ro-bheachd a' tarraing air bun-bheachd, am 'Public Sphere' (Habermas 1989), agus a' cur air aghaidh gu bheil na meadhanan riatanach do leasachadh choimhearsnachdan; 's ann tro na meadhanan a gheibh sluagh am fiosrachadh a bhios a dhìth orra gus pàirt a ghabhail ann an gnothaichean sòisio-phoilitigeach na coimhearsnachd aca (Cormack 2007: 53). Cuideachd ceangailte ri coimhearsnachd, tha an dàrna ro-bheachd a' cur air adhart gum bi daoine, tro bhith a' cleachdadh nam meadhanan, a' faireachdainn gu bheil iad nam pàirt de choimhearsnachd. Ged nach bi cuid de dhaoine anns a' 'choimhearsnachd' eòlach air a chèile, tro chleachdadh nam meadhanan dh'fhaodadh iad a bhith, ann an dòigh, nam pàirt de 'choimhearsnachd mhac-



meanmnach<sup>30</sup> (Anderson 1991). Tha am pròiseas seo ri fhaicinn ann an co-theacsa na Gàidhlig far a bheil coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig air crìonadh chun na h-ìre 's gu bheil mun dàrna leth de luchd-labhairt na Gàidhlig a-nis a' fuireach taobh a-muigh na Gàidhealtachd, agus ma dh'fhaoidte nach eil iad a' faireachdainn mar phàirt de choimhearsnachd Ghàidhlig. Ach 's ma dh'fhaoidte gu bheil ròl aig na meadhanan anns an t-seadh sin:

Minority language media in general permit speakers of learners who may live in areas where the geographical base of the language has been eroded to maximize their connection with and participation in the particular speech community. (Moriarty 2009: 147)

Tron a bhith mar phàirt de choimhearsnachd, ma dh'fhaoidte gun tig leasachadh air fèin-aithne am measg sluagh na coimhearsnachd. Tha telebhisean cudromach anns an dòigh ideòlaich seo, oir, na chois, thig cothroman aithne na coimhearsnachd a chomharrachadh agus na rudan luachmhor dha na coimhearsnachdan a thaisbeanadh (Dunbar 2003: 77). Tha na meadhanan cudromach anns an dòigh a bhios iad a' riochdachadh na coimhearsnachd dhan choimhearsnachd fhèin, ach cuideachd anns an dòigh a bhios iad a' riochdachadh na coimhearsnachd do dhaoine bhon taobh a-muigh (Comrack 2004: 4). Bidh na meadhanan a' giùlain cultar, agus cuideachd, bidh iad a' cruthachadh cultar (ibid). Tha cultar, coimhearsnachd, ideòlasan, agus aithne cudromach do dh'iomairtean glèidhidh agus ath-bheòthachaidh chànain mar a chunnaic sinn ann an earrann 3.4.

Tha ro-bheachd eile ann gu bheil na meadhanan mion-chànanach air am faicinn mar dhòigh a bhith a' sealltainn gu bheil an cànan, agus a' choimhearsnachd a thig na chois, comasach gu leòr air pàirt a ghabhail anns an t-saoghal ùr, no nuadh, anns a bheil sinn beò. Tha am pròiseas seo ceangailte ri àrdachadh inbhe a' chànain, rudeigin a tha cudromach do mhion-chànanan: 'An endangered language will progress if its speakers increase their

---

<sup>30</sup> **coimhearsnachd mhac-meanmnach**: imagined community

prestige within the dominant community' (Crystal 2000: 130). Fàsaidh cànan dligheil tro bhith a' nochdadh anns na meadhanan, agus a-rithist, tha am pròiseas seo buadhach, oir: '[the] legitimization and institutionalisation of a language are key to its long-term survival in the modern world' (May 2001: 163). Tha eachdraidh na Gàidhlig a' sealltainn gun deach tàir a dhèanamh air a' chànan tro na linntean, agus daoine, fiù 's luchd na Gàidhlig fhèin, a' faicinn na Gàidhlig mar chànan gun fheum a chuireadh bacadh air adhartas, ga fàgail le inbhe ìosal. Mar sin, tha gnothaichean, mar na meadhanan, a bhios a' togail inbhe na Gàidhlig, chan ann a-mhàin am measg an t-sluaigh shlàin, ach am measg sluagh na Gàidhlig cuideachd, cudromach do ghlèidheadh agus do dh'ath-bheòthachadh na Gàidhlig. Ceangailte ri inbhe, bidh susbaint nam meadhanan ga toirt seachad tron chànan fhèin, agus leis a sin, bidh pàirt aig na meadhanan ann an glèidheadh no fiù 's ann an clàradh a' chànan, agus cuideachd, na sgaoileadh dhan t-sluaigh. Nì seo suidheachadh a' chànan nas stèidhichte, gu h-àraidh ann an raon anns nach robh àite aig a' chànan gu traidiseanta.

Tha Cormack cuideachd a-mach air buaidhean eaconamach a tha rim faighinn bho na meadhanan mion-chànanach; nam measg, deagh obraichean. Tha obraichean anns na meadhanan an dà chuid tarraingeach, agus mar is tric, air an deagh phàigheadh. Ma bhios comasan anns a' mhion-chànan feumail airson obair mhath fhaighinn, a-rithist, bidh seo a' togail inbhe a' chànan. Ach mus faighear a' bhuidhe seo, feumar am mion-chànan a chleachdadh anns na h-obraichean a thèid a chruthachadh tro na meadhanan mion-chànanach, agus chan eil seo daonnan mar a bhios gnothaichean idir. Ach a' bharrachd air obraichean a chruthachadh do luchd-labhairt nan cànanan fhèin, bidh cothroman na h-obraichean seo a stèidheachadh anns na coimhearsnachdan mion-chànanach. Tha obraichean riatanach do choimhearsnachdan airson an cumail seasmhach agus tha coimhearsnachdan a bhruidhneas am mion-cànan riatanach do bheòthalachd a' chànan.

Tha an abairt ainmeil a' riochdachadh seo ann an co-theacsa na h-Èireann: 'no jobs, no people; no people, no Gaeltacht' (Williams 1988: 279).

Anns an obair aig Moring agus Husband (2007: 78), tha iadsan a' cur ris na ro-bheachdan aig Cormack. Tha iad ag ràdh gu bheil ròl aig na meadhanan ann an leasachadh a' chànain fhèin agus ath-nuadhachadh le bhith a' cruachadh agus a' sgaoileadh briathrachas ùr a tha a' beantainn ris an latha an-diugh. Cuideachd, tha iad a' tarraing air obair aig Grin *et al.* (2003: 8, 214-215) agus a' cur air aghaidh an ro-bheachd gum bi na meadhanan a' toirt cothrom do dhaoine cànan a chleachdadh gu tric agus gu làitheil mar neach-èisteachd no neach-leughaidh a' chànain. Anns an sgrìobhadh aig Jones (2007:190), tha ise cuideachd a-mach air ro-bheachdan air na meadhanan agus tha ise a' cur air adhart gum bi telebhisean a' coileanadh còig gnìomhan:<sup>31</sup> conaltrail; cultarail; eaconomaigeach; inbheil agus cànanach. Tha i a' cur an cèill, air sàillibh 's bheil na gnìomhan seo aig telebhisean, gum bi telebhisean deatamach do choimhearsnachd chànain sam bith (ibid).

Thathar air a bhith a-mach air na meadhanan mion-chànanach agus na ro-bheachdan aig eòlaichean mu na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig na meadhanan air a' mhion-chànan fhèin. Ach a thaobh a' mhòr-chuid de choimhearsnachdan mion-chànanach, gu h-àraidh anns an Roinn Eòrpa, bidh am buill cuideachd nan luchd-cleachdaidh de na meadhanan mòr-chànanach, agus feumar cuimhneachadh air a sin nuair a thathar a' coimhead air buaidhean nam meadhanan (Cormack 2007: 57). Gu dearbh, 's ann tro na meadhanan a bhios na mòr-chànanan air an daingneachadh ann am beatha luchd-labhairt nam mion-cànanan agus pròiseasan gluasaid chànain bho mhion-chànan gu mòr-chànan air an neartachadh. Mar sin, tha e ciallach a smaointinn gu bheil ròl aig na meadhanan mion-

---

<sup>31</sup> **gnìomhan:** functions

chànanach ann a bhith a' dol an aghaidh na gaoithe agus a' feuchainn ri car a chur air na pròiseasan sin (Dunbar 2012: 397).

Anns an rannsachadh a leanas, gabhar ris na ro-bheachdan a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, ach, aig an aon àm, gabhar ris a' mheasadh aig Grin: 'the actual effect of specific media is still under-researched' (Grin *et al.* 2003: 117). Tha gainnead fianais chruaidh againn a shealladh gum biodh seirbheis nam meadhanan mion-chànanach a' cuideachadh ath-stèidheachadh agus ath-bheòthachadh cleachdaidh chànan (Browne, 1996: 169) agus chan eil tuigse cheart againn fhathast air buaidh nam meadhanan air mion-chànanan (Browne & Uribe-Jongbloed 2013: 26). Mar sin, chan eil Fishman 'alone in his view that an eagerness to establish media in one's own language cannot always be substantiated with real progress in minority language use and lead to an increase in linguistic vitality' (Jones 2013: 61). Ged a tha Cormack air ro-bheachdan a chur air aghaidh mu bhuidhean nam meadhanan air cànan, tha e fhèin ag aithneachadh nam beàrnan a tha a' nochdadh anns an raon-rannsachaidh:

What they do not tell us much about, other than in a very indirect way, is how development and use of the media by minority language communities actually helps language maintenance, how it might encourage people to speak a specific language when the dominant social, economic and political structures (not to speak of the media themselves) all work in favour of a different language. (Cormack 2013: 256)

Tha dith fianais againn a bhiodh a' dèiligeadh ri na meadhanan ann an suidheachaidhean sònraichte nam mion-chànanan agus ann an co-theacsa poileasaidh agus planaidh chànan. Ach 's urrainnear sealltainn air rannsachadh bho raon-rannsachaidh nam meadhanan airson tuigse fhaighinn air na dòighean a dh'fhaodadh telebhisean buaidh a thoirt air cànan agus air cloinn san fharsaingeachd. Tha rannsachadh a chaidh a dhèanamh air na meadhanan agus togail cànan agus leasachadh cànan am measg cloinne gu h-àraidh buntainneach ris

an tràchdas seo le cho cudromach 's a tha cànan-a-steach do phoileasaidh cànan theaghlaich.

### **4.3 Telebhisean agus cànan-a-steach**

Mar a chunnaic sinn ann an earrann 3.8.2, tha uimhir agus ìre-mhathais cànan-a-steach fìor chudromach do thogail-cànain. Ach a bheil susbaint bhon telebhisean freagarrach mar chànan-a-steach anns an t-seadh sin? Chan e a-mhàin cluinntinn cànan a bhios cudromach ach cuideachd, an dòigh anns a bheil am pàist fhèin a' cleachdadh a' chànan agus cò ris. Bidh clann ag ionnsachadh tro eadar-gnìomh leis an àrainneachd mun cuairt orra agus le inbhich (Close 2004: 08). Tha eadar-gnìomh briathrail le inbhich gu math cudromach airson togail cànan a leasachadh, gu h-àraidh nuair a bhios inbhich a' cleachdadh dòigh bhruidhinn shònraichte a fhreagras ri pàist (Hart & Risley 1995, Weizman & Snow 2001). Mar sin, 's e a' cheist a th' ann: dè cho èifeachdach 's a tha telebhisean mar thaic ri conaltradh eadar-gnìomhach mar seo (Close 2004: 08)?

Tha connspaid air èiridh anns an litreachas mun bhuaidh a bhios aig telebhisean air sgilean agus air leasachadh cànan am measg cloinne. Ann an Ameireaga, tha an American Academy of Pediatrics a' moladh cleachdadh nam meadhanan a sheachnadh (seach 'conaltradh-bhideo' le cloinn nas òige na 18-24 mìosan (American Academy of Pediatrics 2016). Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil clann fo aois 2 nas fheàrr air briathrachas ionnsachadh bho inbhich ann an suidheachaidhean beò na tha iad bho bhideo (Krcmar, Grela & Lin 2004). Chunnaic Chonchaiya agus Pruksananonda (2008) gun robh clann a bha a' tòiseachadh a' coimhead telebhisean ro aois 12 mìosan agus a bha a' coimhead barrachd na 2 uair a thìde gach latha 6 uiread na bu dualtaiche a bhith air dheireadh nan leasachadh cànan. Ann an rannsachadh le Zimmerman *et al.* (2007), am measg mìle duine-cloinne fo aois 2, cha deach buannachdan leasachaidh sam bith a lorg ceangailte ri

cleachdadh telebhisean. Ach chunnacas gun robh sgilean cànan na bu mhiosa aig cloinn eadar 7-16 mìosan a bha a' coimhead 'baby DVDs' na an fheadhainn nach robh. Cha robh an t-aon eadar-dhealachadh ri fhaicinn le cloinn 17-24 mìosan. Cuideachd, anns an rannsachadh aig Ruangdaraganon *et al.* (2009), chan fhacas ceangal eadar dàil ann an leasachadh cànan agus coimhead telebhisean airson còrr is 2 uair a thide gach latha am measg cloinn a bha air aois 2 a ruighinn.

Tha barrachd aonta anns an litreachas gum faod deagh bhuidhe a bhith aig telebhisean air cloinn a tha nas sine na aois 2, oir, bhith na comasan tuigse agus cognatach aca air fàs (Linebarger agus Vaala 2010: 184-185). Bha rannsachadh air am prògram *Sesame Street* a' sealltainn gun robh e comasach do chloinn eadar aois 3-3 ½ faclan ùra ionnsachadh às aonais co-choimhid. Cha robh clann na b' òige na a trì agus na bu sine na a còig cho dualtach na h-aon bhuanachdan fhaighinn bho *Sesame Street* (Rice *et al.* 1990). Bha seo air sgàth is gun robh feartan *Sesame Street* ag amas gu sònraichte air aoisean 3-5. Mar sin, chaidh a dhearbhadh gu bheil buannachdan leasachadh cànan rim faighinn do chloinn a bhios a' coimhead air prògraman le ìre inbheachd a tha freagarrach dhan aois aca (Close 2004: 15).

Nuair a bhios ceanglaichean air am faicinn eadar an uimhir de thelebhisean a thèid a coimhead agus droch bhuidhean leasachaidh, chan eil i soilleir an e an uimhir de thelebhisean a tha as coireach, no an e susbaint an telebhisein fhèin a th' ann (ibid: 5). Le bhith a' coimhead air uimhir agus ùine a-mhàin, tha Linebarger agus Vaala 2010 a' toirt rabhadh dhuinn gum bi rannsaichean a' call chothroman ceanglaichean cudromach a dhèanamh eadar susbaint nam prògraman fhèin agus leasachadh cànan (Linebarger agus Vaala 2010: 187). Tha mòran dàta ann a tha a' sealltainn gu bheil na prògraman air am bi clann a' coimhead agus an co-theacsa anns am bi iad gan coimhead nas cudromaiche na an

uimhir de thelebhisean a bhios iad a' coimhead (Christakis agus Zimmerman 2009: 1179). Anns an lèirmheas-litreachais choileanta aig Close (2004), tha i a' sealltainn gu bheil fianais ann gu bheil leasachadh cànan bhon telebhisean an urra ri iomadh rud, a leithid: aois a' phàist, inbhe chànanach a' phàist, cho freagarrach 's a tha am prògram dha aois a' phàist, inbheachd a' phrògram, an uimhir de thelebhisean a thèid a choimhead agus ma bhios pàrantan a' gabhail pàirt sa ghnothach (Close 2004: 32).

Chunnaic Anderson *et al.* (2000) gun robh ceangal eadar a bhith a' coimhead susbaint fhoghlaim air an telebhisean agus a bhith a' dèanamh gu math ann an deuchainnean briathrachais. Ann an Wright *et al.* (2001), rinn iad sgrùdadh air cloinn aois 2-7 agus iad air an roinn ann an trì buidhnean: prògraman oideachail, cartùnan agus prògraman inbheach (mar na naidheachdan). Bha a' chlànn a choimhead prògraman oideachail na bu shoirbheachail ann an deuchainnean a thomhais cho deiseil 's a bha iad airson na sgoile. Ach bha ceangal eadar droch chomharraidhean ann an deuchainnean briathrachais agus a' coimhead phrògraman nach robh oideachail.

Faodar smaointinn air susbaint oideachail mar, 'those designed around a curriculum with a specific goal to communicate academic or social skills, teach their intended lessons' (Kirkorian *et al.* 2008: 46). Faodaidh prògraman cuideachd a bhith eadar-dhealaichte bho chèile, chan ann dìreach a thaobh susbaint nam prògraman fhèin, ach cuideachd a thaobh fheartan foirmeil mar 'format (animation versus live-action)' agus 'pace' (ibid: 45). A thaobh phrògraman nach eil oideachail (mar chartùnan coimeirsealta do chloinn nas sine agus prògraman dha inbhich), tha aonta anns an litreachas nach brosnach prògraman mar sin leasachadh cànan, agus ann an cuid de shuidheachaidhean, tha coimhead phrògraman dhen leithid ceangailte ri comasan cànan nas ìsle ann an cloinn (Close 2004: 21).

Ann an rannsachadh le Linebarger agus Walker 2005, fhuair iad a-mach gu bheil ceangal eadar deagh sgilean cànanain ann am pàistean agus prògraman mar *Dora the Explorer* agus *Blue's Clues* aig a bheil susbaint a tha coltach ri ionnsachadh san t-saoghal fhìor le daoine beò, le structairean aithris simplidh, le caractaran a bhios a' bruidhinn ris an neach-coimhid gu dìreach, agus anns an tèid beàrnan a chumail do fhreagairtean bhon phàist. Nuair a bhios susbaint thelebhisean coltach ri suidheachaidhean ionnsachaidh chànanain anns an t-saoghal fhìor, thathar den bheachd gu bheil ionnsachadh cànanain nas dualtaiche tachairt (Linebarger agus Vaala 2010: 187). Mura glac prògraman aire cloinne, cha tèid aca air am prògram a thuigsinn agus mura tuig iad am prògram, cha tèid aca air ionnsachadh bhuithe (Kirkorian *et al.* 2008). Ged nach eil e comasach gu teicneòlach conaltradh ann an da-riubh leis an neach-coimhid tron telebhisean, cuiridh na dòighean fuadain seo an coltas air gu bheilear, le caractaran a' bruidhinn a-steach dhan chamara mar gu bheil iad a' bruidhinn ris an neach-coimhid (Linebarger agus Vaala 2010: 190). Bidh prògraman a bhios a' toirt chothroman dhan chloinn pàirt a ghabhail sa phrògram tro òrain agus tro cheistean ag obrachadh chun nan amasan seo (Rice *et al.* 1990).

Tha beachd air a chur seachad gur iad na feartan a thèid a chleachdadh tron 'eadar-gnìomh' fhèin a bhios a' cluich pàirt nas cudromaiche na tha an dòigh no am meadhan anns a bheil na 'interactions' sin air an toirt seachad. Bhiodh sin a' ciallachadh gum faodadh togail chànanain tachairt a dh'aindheoin cò às a thigeadh an tùs cànanach, nam biodh na sanasan sòisealta ann agus nam biodh na cleachdaidhean a' freagairt air na dùilean aig a' chloinn (Linebarger agus Vaala 2010:189).

Chan e a-mhàin ceanglaichean ri leasachadh cànanain a chaidh a lorg, ach cuideachd ceanglaichean eadar coimhead telebhisean agus ri trioblaidean aire.<sup>32</sup> Thug Zimmerman

---

<sup>32</sup> **trioblaidean aire:** attentional problems



agus Christakis 2007 sùil air trì diofar seòrsa susbaint: prògraman foghlaim (mar eisimpleir, *Sesame Street*), prògraman fèisteis<sup>33</sup> gun fhòirneart (mar *The Aristocats*) agus prògraman fèisteis le fòirneart (mar *Looney Tunes*). Lorg iad ceangal eadar trioblaidean aire ann an clann aois 3 agus na b' òige agus a bhith a' coimhead nam prògraman fèisteach, fòirneart ann no às. Ach cha robh an aon cheangal ri lorg ris na prògraman foghlaim. Bheachdaich iad gur dòcha gun robh prògraman foghlaim na bu slaodaiche a thaobh an astair aig an tachradh gnìomhan annta, agus mar sin, cha chuireadh iad cus cuideim air eanchainnean na cloinne.

Ann an Lillard agus Peterson (2011), bha clann aois 4 air an roinn ann am buidhnean le cuid a' coimhead chartùnan a bha a' dol aig astar math no 'fast-paced', le cuid eile a' coimhead chartùnan oideachail, agus leis a' chuid mu dheireadh a' tarraing dealbh. Chunnacas gun do rinn a' chlann a choimhead na cartùnan luath na bu mhiosa air deuchainnean a mheas aire na a' chlann anns an dà bhuidhinn eile.

Tha a' mhòr-chuid de rannsachadh air telebhisean agus air cànan am measg cloinne air coimhead air suidheachaidhean aon-chànanach. Ach tha rannsachadh ann a tha air sealltainn air cloinn a bha a' feuchainn ri dà chànan a thogail agus mar a bhiodh cleachdadh telebhisean ag obair anns na suidheachaidhean sin. Thug Patterson (2002) sùil air ceanglaichean eadar bitheantas coimhead thelebhisein agus meud briathrachais labhairtich<sup>34</sup> am measg 64 daoine-cloinne dhà-chànanaich aois 21-27 mìosan, a' gabhail a-steach na h-uimhir de chànan-a-steach a fhuair iad anns gach cànan. Aig a' cheann thall, cha robh co-dhàimh bhrìgheil<sup>35</sup> ri lorg eadar bitheantas coimhead telebhisean agus meud briathrachais na cloinne ann an cànan sam bith. Ged nach deach ceangal a lorg, bha na co-

---

<sup>33</sup> **fèisteas**: entertainment

<sup>34</sup> **briathrachas labhairteach**: expressive vocabulary

<sup>35</sup> **co-dhàimh bhrìgheil**: significant correlation

èifeachdan co-dhàimheil<sup>36</sup> faisg air ìre staitistigeil brìgheil,<sup>37</sup> agus leis a sin, chaidh a thogail ma dh'fhaoidte gum faicear ceangal ann an sampall na bu mhotha de chloinn no ann an coimhearsnachd le roghainn na b' fharsainghe de phrògraman cloinne (504). Bhiodh coimhead-telebhisein nach robh oideachail air a ghabhail a-steach dhan rannsachadh seo leis nach deach faighneachd air pàrantan ach dè cho tric 's a bha an cuid cloinne a' coimhead telebhisean anns gach cànan. Mar sin, ma dh'fhaoidte gum biodh toraidhean eadar-dhealaichte aca nan robh coimhead-telebhisein nach robh oideachail air a chumail a-mach às an rannsachadh. Bha an rannsachadh seo cuideachd a' coimhead air cho bitheanta 's a chaidh leabhraichean a leughadh dhan chloinn, agus chunnacas ceangal eadar sin agus meud briathrachais na cloinne (ibid: 506).

Ann an Scheele *et al.* (2010) chaidh rannsachadh a dhèanamh air trì buidhnean cloinne aois 3 anns an Òlaind: teaghlaichean bhon Òlaind o thùs a bha aon-chànanach san Duitsis; teaghlaichean in-imrich dà-chànanach Morocais-Duitsis; agus teaghlaichean in-imrich dà-chànanach Turcais-Duitsis. Cha robh co-dhàimh ri lorg eadar coimhead telebhisein (oideachail) ann an cànan sam bith agus briathrachas ann an cànan sam bith ann an suidheachadh sam bith. Ach ann an Leseman *et al.* (2009) chaidh co-dhàimh a lorg eadar coimhead phrògraman cloinne ann an Duitsis agus briathrachas Duitsis (mar dàrna cànan) am measg cloinn dà-chànanach Turcais-Duitsis agus Morocais-Duitsis suas gu aois 6. Bha ceangal àicheil<sup>38</sup> eadar coimhead telebhisein anns a' chiad chànan agus leasachadh a' chiad chànan (ach leis a' bhuidhinn Morocais-Duitsis nach do choimhead telebhisean anns a' chiad chànan aca idir). Mhol na h-ùghdaran tuilleadh phrògraman cloinne oideachail mar dhòigh taic a thoirt do leasachadh cànan a' mhòr-shluaigh am measg cloinn in-imrich.

---

<sup>36</sup> **co-èifeachdan co-dhàimheil:** correlational coefficients

<sup>37</sup> **staitistigeil brìgheil:** statistical significance

<sup>38</sup> **ceangal àicheil:** negative association

Ann an Dixon *et al.* (2012) chaidh sùil a thoirt air na factaran sa choimhearsnachd agus san dachaigh a ro-innseadh ìrean briathrachais am measg cloinne (aois 5-6) ann an Singeapòr aig an robh cànanan eitnigeach mar a’ chiad chànan aca, ach a bha cuideachd ag ionnsachadh na Beurla. A thaobh telebhisean, clann a bhiodh sa chumantas a’ coimhead an aon uimhir de thelebhisean sa chànan eitnigeach ’s a bha iad sa Bheurla (no sa chànan eitnigeach a’ mhòr-chuid den àm), bha ìrean na b’ àirde de bhriathrachas sa chànan eitnigeach aca an taca ri cloinn a bhiodh a’ coimhead telebhisean Beurla sa mhòr-chuid no a-mhàin (Dixon *et al.* 2012: 555).

Ann an Van Horn agus Kan (2015), thug iad sùil air sgilean ‘fast-mapping’<sup>39</sup> ann an cloinn fo aois sgoile a bha dà-chànanach ann an Spàinntis agus a’ Bheurla ann an dà cho-theacsa: a’ leughadh sgeulachd bho leabhar agus a’ coimhead air cartùn. Sheall na toraidhean gun do dh’ionnsaich clann faclan ùra a cheart cho math tro bhith a’ coimhead cartùn ’s a dh’ionnsaich iad tro leughadh. Ach, chan b’ e dòigh-choimhid chartùnan àbhaisteach a chaidh a cleachdadh; bha aithris bheò air a toirt seachd le inbhich san aon dòigh agus leis an aon sgrìobt sa chleachd iad leis an leabhar. Mar sin, bha seòrsa de ‘interaction’ eadar an duine-cloinne agus an sgrùdaiche. Ri linn, feumar a bhith faiceallach le na toraidhean seo, oir, cha ghabh coimeas ceart a dhèanamh eadar an suidheachadh sin agus suidheachadh telebhisean àbhaisteach (Van Horn agus Kan 2015: 8).

Cuideachd anns an litreachas air telebhisean agus air cloinn dà-chànanach, tha an coltas ann uair eile gu bheil an t-susbaint fhèin cudromach do leasachaidhean cànan. Ann an Uchikoshi (2005), chaidh rannsachadh a dhèanamh air buaidh a’ phrògram thelebhisein *Arthur* air sgilean aithriseach am measg cloinn Spàinntis aois 5 a bha ag ionnsachadh na Beurla. Cuideachd, chaidh prògram *Between the Lions* a choimhead, prògram nach eil a-

---

<sup>39</sup> ionnsachadh fhaclan

mach a cheart cho tric air structairean aithriseach 's a tha am prògram *Arthur*. Chaidh an dà phrògram a choimhead sa chlas anns a' sgoil. Bha ìre fhàis ann an sgilean aithriseach Beurla na bu mhotha aig an fheadhainn a choimhead *Arthur* na bha aig an fheadhainn a choimhead *Between the Lions*. Ann an Uchikoshi (2006), a-rithist, chaidh buaidh *Arthur* agus *Between the Lions* a rannsachadh, ach an uair seo rinneadh measadh air leasachadh briathrachais am measg na cloinne. A bharrachd air coimhead air na prògraman anns a sgoil, chaidh fhaighneachd ann an ceisteachan gu pàrantan mu chleachdaidhean telebhisean na cloinne a-staigh, agus gu sònraichte, an robh iad a' coimhead *Arthur* no *Between the Lions*. Cha do lorgadh ceangal eadar coimhead nam prògraman sa chlas agus briathrachas Beurla na cloinne idir. Ach chaidh ceangal a lorg eadar leasachadh briathrachais agus coimhead nam prògraman aig an taigh. Ri linn agus gun do choimhead cuid den chloinn na prògraman mus do thòisich iad Kindergarten, bha ìrean na b' àirde de bhriathrachas labhairteach aig an fheadhainn a bha air *Arthur* a choimhead, agus bha ìrean na b' àirde de bhriathrachas labhairteach agus briathrachas tuigseach<sup>40</sup> aig an fheadhainn a bha air *Between the Lions* a choimhead na bh' aig a' chloinn nach do choimhead na prògraman seo. Ma dh'fhaoidte gun robh diofaran rim faicinn ann an dòigh-choimhid anns a' chlas agus an dòigh-choimhid aig an taigh, oir cha robh na h-aon chothroman aca anns a' chlas gus a dhol thairis air na dh'ionnsaich iad bho na prògraman (Uchikoshi 2006: 46), ach aig an taigh, ma dh'fhaoidte gum biodh barrachd cothruim aca a dhol thairis agus bruidhinn air na chaidh a choimhead (ibid: 47). Aig a cheart àm, thugadh rabhadh seachad gum feumte a bhith faiceallach leis a' cheangal eadar telebhisean san dachaigh agus briathrachas, oir, ma dh'fhaoidte gun robh àrainneachd na bu taiceil aig a' chloinn a choimhead na prògraman, agus bu choireach gun robh ìre bhriathrachais na b' àirde aca.

---

<sup>40</sup> **briathrachas tuigseach**: receptive vocabulary

Thathar air faicinn gu bheil susbaint thelebhisean nas cudromaiche na an uimhir de thelebhisean a tha air a coimhead nuair a thig e gu leasachadh cànan. Ach cuideachd, chan e dìreach an t-susbaint a tha cudromach, ach an àrainneachd agus an co-theacsa anns a bheil coimhead telebhisean a' tachairt. Chaidh a chur air adhart, an àite nam faclan 'television viewing', gum bu chòir dhuinn na faclan 'television experience' a chleachdadh air sgàth 's gum biodh sin a' gabhail a-steach amharc na b' fharsainghe air na bhiodh a' tachairt fhad 's a bha am pàist a' coimhead telebhisean (Christakis agus Zimmerman 2009: 1179).

Bheir factaran eile air taobh a-muigh na h-ùine choimhid buaidh air togail chànan am measg cloinn òga. Bidh ath-choimhead dhen aon susbaint a' brosnachadh tuigse am measg phàistean agus iad ag ionnsachadh bho ath-aithris agus bho chunbhalas (Linebarger agus Vaala 2010: 193). Mar eisimpleir, bidh ath-choimhead ag adhbhrachadh ath-aithris am measg phàistean (Barr *et al.* 2007) agus ionnsachadh fhaclan (Vandewater 2010). Air sgàth 's nach bi cùl-eòlais no cùl-fiosrachaidh mu thelebhisean aig pàistean, tha ath-choimhead glè chudromach gus am bi ionnsachadh a' tachairt (Linebarger agus Vaala 2010:194).

'S e buaidh eile ann an co-choimhead, cho-theacsa a bhios ga dhèanamh nas dualtaiche gum bi telebhisean a' toirt buaidh air leasachadh cànan. Ma bhios inbheach no cuideigin comasach eile an làthair nuair a bhios clann òga a' coimhead telebhisean, bidh buaidh air na dh'ionnsaicheas pàistean bhon thelebhisean (Linebarger agus Vaala 2010: 194). Mar eisimpleir, ma bhios clann a' tighinn seachad air cus fhaclan air nach eil iad eòlach, bidh co-coimhead agus an cuideachadh bhon pàrantan a' toirt taic dhan tuigse aca (Naigles agus Mayeux 2001). Fhuair Lemish agus Rice a-mach gum bi comasan labhairteach ann an cloinn òg air an leasachadh tro bhith a' co-coimhead phrògraman foghlaim le pàrantan (Lemish agus Rice 1986). Dh'fhaodadh co-coimhead gnìomhach (active) le cuideigin

comasach a tha an làthair no le caractar air sgrìon a bhith air leth feumail mar ro-innleachd o chionn 's gum bi iad a' toirt taic le tuigse, le glèidheadh fiosrachaidh, agus às dèidh sin, le bhith a' dol thairis air fiosrachadh a chaidh ionnsachadh (Barr *et al.* 2008).

'S e an dòigh as cudromaiche agus an dòigh as èifeachdaiche a bhios clann òga ag ionnsachadh mun t-saoghal mun cuairt orra conaltradh le daoine eile agus an t-eadar- gnìomh leis an àrainneachd sa bheil iad (Gauvain 2001). Tha teòiridh 'displacement' a' cumail a-mach gu bheil cleachdadh telebhisein a' dèanamh cron air na cothroman seo, gum bi coimhead telebhisein a' gabhail àite nan suidheachaidhean eile far am bi cothroman leasachaidh aig a' chloinn. Ann an rannsachadh a chaidh a dhèanamh air teaghlaichean air beulaibh telebhisean, chunnacas nach robh pàrantan no pàistean a' bruidhinn a cheart cho tric nuair a bha an telebhisean air 's a bha iad na nuair a bha an telebhisean dheth (Christakis *et al.* 2009). A bharrachd air bitheantas conaltraidh, nì telebhisean cron air inbheachd a' chonaltraidh eadar pàrantan agus pàistean (Tanimura, Okuma agus Kyoshima 2007). Ma dh'fhaoidte gun dèan telebhisean a thèid fhàgail air anns a' chùl cron air conaltradh sòisealta tro bhith a' glacadh aire an inbhich 's a' toirt aire air falbh bhon phàist (Linebarger agus Vaala 2010: 195). Tha Christakis (2009) den bheachd nach bu chòir dhuinn faighneachd am b' urrainn do thelebhisean deagh bhuidh a thoirt air leasachadh cànan, ach 's e a' cheist a bu chòir a bhith againn: a bheil an t-ionnsachadh sin nas fheàrr na dòighean eile a th' againn airson cànan a leasachadh (Christakis 2009: 10)?

Ged 's dòcha gu bheil dòighean nas fheàrr ann na bhith a' coimhead air telebhisean airson leasachadh cànan agus leasachadh anns an fharsaingeachd a bhrosnachadh, 's e an fhìrinn a th' ann gum bi clann a' coimhead susbaint agus gum bi iad ga choimhead nas trice na bha iad a-riamh. Mar sin, tha e cudromach gum faigh sinn tuigse air na dòighean as fheàrr buannachd fhaighinn bhon telebhisean. Tha e air fàs nas fhasa agus nas saoire telebhisean

fhaotainn, le sàsachadh de shianailean agus cothrom prògraman a choimhead ann an iomadh dòigh, aig àm sam bith a thogras sinn fhèin. Tha rannsachadh air sealltainn gum bi clann òga a' tòiseachadh ri coimhead air telebhisean gu cunbhalach aig aois 9 mìosan (Zimmerman *et al.* 2007). A rèir Ofcom (2016a: 45), ann am Breatainn, bidh clann aois 3-4 a' cur seachad cha mhòr 2 uair a thìde air lathaichean sgoile a' coimhead telebhisean air set telebhisein, agus bidh an ùine seo ag èiridh gu 2 uair a thìde gu leth aig an deireadh-seachdain. Bidh iad cuideachd a' cur seachad mu uair a thìde air an eadar-lìon gach latha sgoile, agus mu uair a thìde gu leth aig an deireadh-seachdain. Leis gu bheil susbaint thelebhisean ri faotainn air an eadar-lìon, ma dh'fhaoidte gum bi cuid de dh'ùine air an eadar-lìon air a cosg le bhith a' coimhead susbaint. Mar sin, ma bhios clann nan dùsgadh mu 12 uair a thìde gach latha, agus a' cur seachad 3 uair a thìde a' coimhead telebhisean no air an eadar-lìon, tha an t-àm aca air beulaibh an sgrìon a' gabhail a-steach 25% dhen àm aca nuair nach eil iad nan cadal.

#### **4.4 Telebhisean agus sòisealachadh**

Le cho bitheanta 's a tha an telebhisean ann am beatha làitheil clann an latha an-diugh, 's cleachdadh telebhisean air fònaichean-làimhe agus sgrìonaichean beaga a leithid 'tablets' gu math cumanta, bidh an telebhisean na phàirt de shòisealachadh na cloinne. Thugadh iomradh mar-thà air sòisealachadh cànan agus air na diofar thobraichean sòisealachaidh bhon a bhios clann a' faighinn tuigse air mar am bu chòir agus cuin am bu chòir dhaibh diofar chànanan a chleachdadh. Air sàillibh 's gu bheil an telebhisean gu mòr mar phàirt dem beatha, is dòcha gum bi e a' toirt buaidh air an dòigh a bhios clann a' smaointinn mu dheidhinn cànan cuideachd. Thèid diofar theòiridhean a chleachdadh ann an raon-rannsachaidh nam meadhanan a mhinicreas mar a dh'fhaodadh na meadhanan buaidh a thoirt air beachdan an luchd-amais. Mar eisimpleir, tha 'Social Learning Theory' (Bandura 1971) a' cumail a-mach gu bheil daoine ag ionnsachadh giùlan tro 'direct experience or by

observing the behavior of others' (Bandura 1971: 3). Dh'fhaodadh daoine coimhead air an dol-a-mach ga thaisbeanadh air telebhisean, agus anns an dòigh sin, ag ionnsachadh mu na tha 'appropriate' agus 'inappropriate' (Kunkel *et al.* 1996). Ann an co-theacsa telebhisein agus cànan, ma dh'fhaoidte gum faodadh clann ionnsachadh bhon telebhisean cuin a bhiodh e freagarrach Gàidhlig a chleachdadh no cuine nach biodh. Mar eisimpleir, ma chì iad gaisgeach dhaibhsan a' bruidhinn Gàidhlig air an telebhisean, ma dh'fhaoidte gum bi clann ag ionnsachadh gu bheil e freagarrach Gàidhlig a bhruidhinn. Tha teòiridh 'cultivation' a' cumail a-mach gum bi coimhead telebhisein a' toirt buaidh air an dòigh a bhios an luchd-coimhid a' faicinn 'fiorachas'.<sup>41</sup> 'S e prìomh beachd na teòiridh gu bheil 'those who spend more time "living" in the world of television are more likely to see the "real world" in terms of the images, values, portrayals, and ideologies that emerge through the lens of the television' (Gerbner *et al.* 2002: 47). Mar eisimpleir, ann an co-theacsa na Gàidhlig, ma bhios clann a' faicinn na Gàidhlig air an telebhisean, 's dòcha gum bi iad a' smaointinn gu bheil Gàidhlig cudromach, agus gun tog sin inbhe na Gàidhlig, agus ma dh'fhaoidte, gam brosnachadh gu Gàidhlig a bhruidhinn.

Ann an co-theacsa sòisealachaidh chloinne, bidh cluich na phàirt mhòr dhen leasachadh aca; leis gum bi cluich a' gabhail a-steach cleachdadh cànan, agus tric a' tachairt ann an suidheachaidhean sòisealta, thathar air ceanglaichean a dhèanamh anns an rannsachadh eadar cluich agus leasachadh cànan agus leasachadh sòisealta am measg cloinne (Bergen 2002). Tha ròl aig telebhisean mar 'popular culture' le bhith a' toirt buaidh air cuspairean cluiche: 'children's play is also shaped by the rich media world in which they are immersed' (Marsh agus Bishop 2014: 16). Ann an Grugeon (2004), chaidh rannsachadh a dhèanamh air cuspairean cluiche a bha a' nochdadh anns an raon-chluiche agus lorgadh: 'popular culture was exerting a powerful influence on children's play' (Grudeon 2004: 74).

---

<sup>41</sup> **fiorachas**: reality



Mar eisimpleir, nuair a bhios clann a' cluich mas fhìor gur e caractar bho fhiolm a th' anna, tha e na bhuannachd, oir: '[it] enables children to rehearse film language, develop understanding of characterisation and story structure and try out new social roles and identities' (Marsh *et al.* 2005: 31). Tha cluich air atharrachadh thar nam bliadhnaichean; gu h-eachdraidheil, bhiodh clann òg a' tarraing air daoine air an robh iad eòlach agus suidheachaidhean fìora mar chuspairean cluiche, ach le teachd an telebhisein, 's ann a-mach air 'superheroes' bhon telebhisean a bhios na cuspairean cluiche (French agus Pena 1991). Bidh prògraman telebhisean tric a' nochdadh ann an conaltradh eadar cloinn, agus cuideachd, bidh eòlas mu phrògram telebhisein na dhòigh pàirt a ghabhail ann an conaltradh no ann an cluich, no cion-eòlais na adhbhar a bhith air am fàgail a-mach (Kampf agus Hamo 2015). Bidh eòlas air prògraman a' toirt cumhachd do chloinn: '[it] allows them to join in, be party to common knowledge, to be in on the latest thing' (Griffiths agus Machin 2003: 147). Mar sin, chan eil prògraman telebhisean dìreach cudromach air adhbhar agus gum bi iad a' brosnachadh cluich agus air adhbhar nam buannachdan a bhios a' tighinn an cois sin, ach cuideachd, air adhbhar agus gum bi eòlas orra a' ciallachadh inbhe am measg charaidean agus ann an conaltradh: 'the medium becomes a socio-cultural force not because people are what they see, but because what they see and talk about are important parts of their experience' (Comstock 1993: 118).

Ma bhios telebhisean a' toirt bheachdan/chuspairean cluiche do chloinn, saoil, ann an suidheachaidhean far a bheil clann dà-chànanach, am bi cànan an telebhisein a' toirt buaidh air a' chànan-chluiche? Anns an rannsachadh inntinneach aig Orellana (1994a), tha ise a' meòrachadh air a' phuing seo. Rinn i sgrùdadh ann an Ameireaga air trìùir dhaoine-cloinne mu aois 3 air an robh Spàinntis mar a' chiad chànan aca. Bha iad air a bhith ann an sgoil-àraich dhà-chànanach (Beurla agus Spàinntis) fad sia mìosan agus gun a' Bheurla aca mus do thòisich iad. Thug i sùil air na cànanan anns am biodh a' chlann a' cluich agus

mhothaich i, nuair a bha clann a' cluich mas fhìor gur iad caractaran bho 'popular culture' (mar eisimpleir, 'superhero' bho chultar na Beurla a bha iad air fhaicinn air telebhisean Beurla) gum b' e a' Bheurla a-mhàin a bhiodh iad a' cleachdadh. Ach eadar na pìosan 'play acting', ma bha iad a' bruidhinn ri chèile, mar eisimpleir a' toirt seachad òrdughan mu na bha iad a' dol a dhèanamh sa chluich, b' e Spàinntis a bhiodh aca, mar a bhiodh cuideachd aca ann an cluich eile nach robh na 'play acting'. Bhiodh a' chlann a' cleachdadh Spàinntis mar an guth 'aca fhèin' agus a' Bheurla mar ghuth aig daoine 'eile'. Tha Orellana am beachd gur dòcha gum biodh a' chlann a' bruidhinn na Beurla nuair a bhiodh iad a' cluich mar 'superheroes' oir b' e sin an cànan a bhiodh na 'superheroes' fhèin a' bruidhinn, ach tha i amharasach: 'to dismiss the findings as a mere reflection of the children's linguistic input is to overlook the power dimensions associated with each language' (Orellana 1994a: 188).

Chuir Orellana am beachd air aghaidh, nan robh a' chlann gu bhith a' fàs suas mar dhà-chànanaichean thigeadh an t-àm far am biodh aca ris a' ghuth 'eile' a ghabhail a-steach mar phàirt dhen ghuth aca fhèin agus ri bhith:

finding some way to reconcile the power differential between those two voices, and assuming each as part of their whole identities. Alternatively, the children may dissolve the tension between their divided selves by appropriating fully the voice of the more powerful other, negating the part of their identity that now seems to constitute their core selves. (ibid: 189)

Gach uair a bhiodh a' chlann a' cluich mas-fhìor taobh a-muigh na sgoil-àraich b' ann air na caractaran bho 'popular culture' a bhiodh iad a' tarraing, a' sealltainn cumhachd a' chultair sin. Bha buaidh a' chultair air cleachdadh cànan am follais cuideachd, le aon phàist ag ràdh nach bruidhneadh e Spàinntis nuair a dh'fhàsadh e na bu shine, oir, cha robh Batman, Superman, no Peter Pan a' bruidhinn Spàinntis. Bha seo ma dh'fhaoidte na chomharradh air an 'struggle that lies ahead' (ibid) nam biodh a' chlann gu bhith a' fàs suas gu deimhinne dà-chànanach. Cha robh na dàta bhon sgrùdadh seo a' sealltainn gun

robh pàtran crionaidh air nochdadh ann an Spàinntis na cloinne, ach leis cho bitheanta 's a tha a' Bheurla, chaidh a mholadh gur dòcha gum bu chòir seasamh an aghaidh nam pàtranan cleachdaidh seo le bhith 'overcompensating', agus a' cleachdadh barrachd den mhion-chànan na a' Bheurla (Orellana 1994a: 190).

Ged a thòisich a' chlann am beatha le Spàinntis mar an cànan buadhach aca, rè ùine thachair e gun do ghabh a' Bheurla làmh an uachdar. Ann an sgrùdadh eile le Orellana (1994b) air an dearbh chloinn trì bliadhna às dèidh a' chiad sgrùdaidh, mhothaich i nach biodh a' chlann a' bruidhinn Spàinntis gu saor-thoileach ri chèile no ri an cuid phàrantan, nach robh iad deònach Spàinntis a bhruidhinn fiù 's nuair a chaidh ìmpidh a chur orra a bruidhinn, agus nach robh iad comasach gu leòr na beachdan aca a chur an cèill ann an Spàinntis tuilleadh. Ged nach b' urrainnear a' choire airson a' ghluasaid chànan seo a chur air na meadhanan agus air 'popular culture' a-mhàin, b' e sin fear de na factaran aig fìor thoiseach ghnothaichean a thug buaidh air beachdan agus air ideòlasan nan cloinne mu chànan.

Mar sin, 'under the surface of this vast flow of images [bhon telebhisean] lie systematic patterns of inclusion and exclusion, of convention and stereotypes, reflecting ideology and social power' (Huntemann agus Morgan 2001: 309). Saoil nam b' e Spàinntis a bh' aig na 'superheroes' ann an rannsachadh Orellanna, am biodh atharrachadh anns a' chànan-chluiche aca? Am biodh iad a' faicinn Spàinntis, cha b' ann a-mhàin mar rudeigin a bha 'cool', ach cuideachd, mar rudeigin a bha àbhaisteach? Tha e cudromach gum bi clann a' faicinn dhaoine coltach riutha fhèin air an riochdachadh air an telebhisean: 'children [...] who don't see characters "like themselves" on television are learning a fundamental lesson about their group's importance in society. Daily, they are being sent a message loud and clear that they do not count for very much in society' (ibid: 316).

Tha rannsachaidhean air coimhead air an dòigh a thèid diofar seòrsa bhuidhnean (mar eisimpleir a rèir cinneadh no gnè) a riochdachadh air an telebhisean, agus an dòigh anns an toir seo buaidh air a' chloinn a bhios ga choimhead. Tric bidh mion-bhuidhnean fo-riochdaichte<sup>42</sup> anns na meadhanan, agus fiù 's nuair a bhios iad air an riochdachadh, 's ann ann an droch dhòigh no ann an gnàth-ìomhaigheachd<sup>43</sup> a bhios iad (Klein agus Schiffman 2006). Anns na bliadhnaichean a tha air a dhol seachad, thathar air faicinn gu bheil riochdachadh nigheanan agus bhoireannach air an telebhisean air fàs nas fheàrr agus an seasamh 'girl power' air tighinn am bàrr. 'S e a tha seo ach:

a recognition of women as contributing members of society now meriting a kind of visibility. And increasingly, the kind of visibility that carries with it an important dimension of power is media or cultural visibility. (Banet-Weiser 2004: 137).

#### 4.5 Susbaint dhùthchail

A thaobh susbaint anns am faic luchd-coimhid iad fhèin agus buidhnean coltach riutha fhèin gan riochdachadh, tha argamaid ri dèanamh gum bi susbaint dhùthchail<sup>44</sup> a' coileanadh nan amasan sin nas fheàrr. Tha an ro-beachd ann gu bheil susbaint a thèid a dhèanamh ann am Breatainn nas fheàrr do chloinn Bhreatainn agus susbaint de leithid deatamach airson gum bi clann a' faireachdainn mar phàirt de Bhreatainn (Steemers agus D'Arma 2012: 68-69). Tha solar phrògraman dùthchail miannaichte,<sup>45</sup> oir, bidh iad sin nas dualtaiche a bhith a' riochdachadh beatha cloinne Breatannaich, an cultair agus an àite anns a bheil iad beò (D'Arma agus Labio 2017: 188). Ann am Breatainn, tha Ofcom ag aithneachadh 'reflecting UK cultural identity' am measg nan amasan aig Craoladairean Seirbheis Phoblach (Ofcom 2016b: 4).

---

<sup>42</sup> **fo-riochdaichte**: under-represented

<sup>43</sup> **gnàth-ìomhaigheachd**: stereotype

<sup>44</sup> **susbaint dhùthchail**: domestic content

<sup>45</sup> **miannaichte**: desirable

Faodar ceist a thogail an seo mu dè gu dìreach a tha ann am fèin-aithne chultarail na Breatainn nuair a tha ceithir dùthchannan eadar-dhealaichte fo bhratach na Rìoghachd Aonaichte. Ach cuideachd, tha ceistean rin togail mu gu dè 'n ìre sam b' urrainn dhuinn a ràdh gur ionann susbaint dhùthchail agus cultar na dùthcha, oir, 'the domestic origin of a programme cannot be taken to be tantamount to the provision of culturally specific content' (D'Arma agus Labio 2017: 194). Ann an saoghal fo bhuidh chruinneachas, bidh prògraman air an cruthachadh ann an cruth gus an tèid aca air an reic air feadh an t-saoghail. Tha an gnìomh seo ceangailte ri 'cultural discount' no 'lasachadh cultarail' (Hoskins agus Mirus 1988): gum bi luach a' phrògram air lùghdachadh nuair a thèid a shealltainn ann am margaid eile far nach eil an aon tuigse chultarail aig an luchd-coimhid ùr. Mar sin, tric bidh prògraman air an dèanamh gun cus ceangail ri cultar gus am bi iad nas fhasa an reic. Tha cartùnan nan eisimpleir de shusbaint aig a bheil 'lasachadh cultarail':

animation is easy and cheap to dub for overseas markets, and exhibits lower content-related cultural barriers than drama and other live action forms, as it features stylised characters and it is likely to have fewer culturally specific references. (D'Arma agus Steemers 2012: 152)

Airson Craoladairean Seirbheis Phoblach, tric bidh dleastanasan orra a bhith 'distinctive' agus chaidh a chur air aghaidh gur e aon dòigh 'distinctiveness' a mheasadh 's e a bhith a' sealltainn air an uimhir de phrògraman dùthchail a bhios air a tabhann bhon t-seirbheis (D'Arma agus Labio 2017). Feumaidh Craoladairean Seirbheis Phoblach a bhith diofraichte bho sheirbheisean coimearsalta, agus tha beachd ann gum bu chòir Craoladairean Seirbheis Phoblach a mheasadh le sealltainn air an uimhir de phrògraman ùra (originations), air an roghainn de phrògraman agus air ìre-mhathais nam prògraman (Steemers agus D'Arma 2012: 74-75). Tha Ofcom cuideachd air na feartan a leanas ainmeachadh mu choinneimh Craoladairean Seirbheis Poblach mar riatanasan: 'high quality', 'original', 'innovative', 'challenging', 'widely available' agus 'distinctive'

(Ofcom 2016b: 5). Mar Chraoladair Seirbheis Phoblach, 's e aithris-rùin a' BhBC gun toirear fiosrachadh, foghlam agus dibhearsain do dhaoine le bhith a' toirt susbaint seachad a bhios 'impartial, high-quality and distinctive' (Cairt Rìoghail BBC 2017 s.5).

A bharrachd air susbaint dhùthchail mar shlat-thomhais air 'distinctiveness', cuideachd, thathar an dùil gum bi Craoladairean Seirbheis Phoblach a' toirt seachd roghainn fharsaing de phrògraman a thaobh 'genre' agus 'format'. Bidh seo gan sgaradh bho shianailean coimearsalta a bhios tric a' lionadh an cuid chlàraidhean le cartùnan no 'live-action' a bhios air an ceannach a-steach bho dhùthchannan cèin (D'Arma agus Labio 2017: 189). Gu h-àraidh, bidh 'live-action fictional programmes' air am faicinn mar am 'format' as fheàrr gus beatha cloinne agus an cultar a riochdachadh, oir, bidh clann fhìor agus daoine fìora a' nochdadh air an sgrìon ann an suidheachaidhean sòisealta agus àiteachan dha-riribh (D'Arma agus Labio 2017: 194).

Tha Steemers agus D'Arma (2012) a' beachdachadh gu bheil e doirbh an argamaid a tha aca, gum bu chòir taic a chur ri luach susbaint dhùthchail, a dhaingneachadh oir, tha e doirbh dearbhadh de an seòrsa susbaint dhùthchail a tha luachmhor agus math do chloinn an taca ri susbaint nach deach a dhèanamh san dùthaich. Ach tha iad a' moladh 'normative case' a chur air aghaidh airson roghainn fharsaing de shusbaint dhùthchail a bhrosnachadh, oir, às aonais: 'PSBs [Public Service Broadcasters] look dangerously similar to their commercial rivals, and vulnerable to assessments of market impact when seeking to break out beyond traditional broadcasting' (Steemers agus D'Arma 2012: 82). Cuideachd, chan urrainnear a ràdh gum bi susbaint dhùthchail soirbheachail, oir chan eil cinnt sam bith ann gun coimhead clann oirre; chan ionann daonnan susbaint 'distinctive' agus susbaint 'popular' (ibid: 70). Mar sin, a bharrachd air sireadh fhreagairtean mu bhuidhean deimhinne a dh'fhaodar faighinn bho shusbaint dhùthchail, thathar a' moladh gluasad gu

bhith a' feuchainn ri tuigse nas fheàrr fhaighinn air an dòigh a bhios clann agus pàrantan a' cur luach air susbaint, agus an dòigh a bhios iad a' dol an sàs ann an cleachdadh nam meadhanan (Steemers agus D'Arma 2012: 75). Ann an seagh, thathar a' gluasad bho bhith a' sealltainn air na dh'fhaodadh telebhisean dèanamh, no air a' bhuidhean a bhios aige, gu bhith a' sealltainn air na bhios daoine a' dèanamh le telebhisean: gluasad bho 'bhuidhean' gu 'cleachdaidhean agus duaisean'.

#### **4.6 Teòiridh chleachdaidhean agus dhuaisean**

Thàinig 'cleachdaidhean agus duaisean' gu bith an cois gluasad ann an rannsachadh bho fhaighneachd, 'dè tha na meadhanan a' dèanamh do dhaoine?' no mu bhuidhean nam meadhanan, gu faighneachd, 'dè tha daoine a' dèanamh leis na meadhanan?' (Katz 1959: 2); 'shifting the focus from the direct and undue influence of the media on passive and isolated individuals to active audience members selecting and using the media' (Rubin 2009: 148). Tha an raon-rannsachaidh seo a' coimhead air an luchd-coimhid an àite air susbaint nam meadhanan fhèin agus e a' cur air adhart gu bheil feumalachdan aig an luchd-coimhid a bhios a' stiùireadh cleachdadh nam meadhanan (Katz, Blumler agus Gurevitch 1974). Thathar a' dèanamh a-mach gum bi daoine air am brosnachadh gu na meadhanan a chleachdadh gus na feumalachdan aca a shàsachadh agus gu bheil iad mothachail mu na roghainnean a bhios iad a' dèanamh. Cuideachd, tha an raon-rannsachaidh a' gabhail ris gu bheil na feumalachdan aca ceangailte ri feartan pearsa an neach-coimhid (Rosengren 1974) agus gum bi diofar adhbharan-cleachdaidh aig diofar dhaoine, agus ri linn, bidh iad seo, ma dh'fhaoidte, ag atharrachadh nam buaidhean a bhios rim faighinn bho chleachdadh nam meadhanan (Rubin 2009: 147).

Sgrìobh McQuail, Blumer agus Brown (1972) gum biodh ceithir adhbharan agus duaisean cleachdaidh ann mu choinneimh cleachdadh nam meadhanan: dibhearsan (m.e.: a' gabhail

fois, faochadh faireachail), càirdeas pearsanta (m.e.: a' sireadh companas, co-fhaireachdainn sòisealta), fèin-aithne phearsanta (m.e. fèin-tuigse, luachan ath-neartachaidh<sup>46</sup>) agus sgrùdadh (m.e. ionnsachadh, fiosrachadh no comhairle a shireadh). Bhon uair sin, tha rannsachadh air coimhead air diofar adhbharan agus dhuaisean-cleachdaidh ann an diofar shuidheachaidhean agus air leudachadh gu bhith a' toirt a-staigh, chan e a-mhàin na meadhanan traidiseanta ach cuideachd na meadhanan ùra. 'S e fèistean fear dhe na prìomh fheumalachdan a thèid a sgrùdadh gu tric anns an rannsachadh (Sundar agus Limperos 2013). Cuideachd, a' beantainn ris an deasbad a chunnacas air susbaint dhùthchail, tha beagan fianais ann gum b' fheàrr le dhaoine susbaint a choimhead anns an nochd daoine bho na buidhnean anns a bheil iad fhèin nam buill, agus tha seo ceangailte ri 'social identity gratifications'.

#### **4.7 Pàrantan: cleachdaidhean agus duaisean**

Tha ròl cudromach aig pàrantan ann an taghadh agus cleachdadh nam meadhanan am measg an cuid cloinne, agus mar sin, tha e luachmhor tuigsinn na tha pàrantan a' sireadh bho na meadhanan (Broekman *et al.* 2016: 142). Tha rannsachadh air sealltainn gum bi pàrantan a' lorg susbaint a tha oideachail no a bhios a' glacadh aire an cuid cloinne fad ùine gu leòr gus an urrainn dha na pàrantan obair-taighe a dhèanamh (Rideout agus Hamel 2006). Tha e beagan doirbh an teòiridh 'cleachdaidhean agus duaisean' a chur an gnìomh ann an co-theacsa cleachdadh nam meadhanan am measg cloinn òige, oir tha dìthis an sàs anns a' ghnìomh sin – pàist agus pàrant : 'the "media selector" (the parent) is the focal point of interest, instead of the actual user of the medium (the child)' (Broekman *et al.* 2016: 143). Tha an dà chuid, feumalachdan 'parent-centred' agus 'child-centred', a' toirt buaidh air roghainnean nam meadhanan agus air an smachd aig pàrantan air a dhà (ibid). Ma dh'fhaoidte gum bi pàrantan a' taghadh susbaint mar chùram-cloinne (a' riarachadh

---

<sup>46</sup> **luachan ath-neartachaidh:** reinforcing values



nam feumalachdan aca fhèin) ach aig a’ cheart àm, bidh iad a’ taghadh susbaint a chòrdas ris a’ phàist (a’ riarachadh fheumalachdan a’ phàist). Anns an rannsachadh aig Broekman *et al.* (2016), dh’ainmich iad na prìomh fheumalachdan aig pàrantan a bhios a’ stiùireadh nan roghainnean aig an cuid cloinne a thaobh ‘apps’, agus sheall iad gum b’ e fèistean neo-eisimeileachd<sup>47</sup> an rud a bu cudromaiche dhaibh.

Cuideachd, anns an rannsachadh aig Boekman *et al.* (2016), rinneadh cnuasachadh air a’ cheangal eadar feumalachdan pàrantan agus stoidhle phàrantachd. Dh’ainmich iad trì stoidhlichean pàrantachd: ‘authoritative’ no ùghdarrasail (pàrantachd bhlàth, ‘an-sàs’), ‘authoritarian’ no ceannsachail (pàrantachd smachdail, cruaidh) agus ‘permissive’ no ceadachail (pàrantachd *laissez-faire*) (Broekman *et al.* 2016: 146). Bha iad a’ tarraing air an litreachas rannsachaidh a sheall gum biodh buaidh aig stoidhle phàrantachd air na h-amasan a bhiodh aig pàrantan dhan chuid cloinne, le amasan a chuireadh clann aig cridhe na cùise na bu dualtaiche am measg na cuide a dhèanadh pàrantachd ùghdarrasail (Hastings agus Grusec 1998). Cuideachd, bha iad a’ tarraing air rannsachadh a bha a’ sealltainn gum biodh stoidhle phàrantachd a’ toirt buaidh air an dòigh a bhiodh pàrantan a’ cumail smachd air cleachdadh nam meadhanan aig an cuid cloinne (Padilla-Walker agus Coyne 2011; Padilla-Walker *et al.* 2012). Cò-dhùin iad gun deach diofar phrìomhachasan a chur air diofar fheumalachdan a rèir na stoidhle pàrantachd:

whereas authoritative parenting seems to be related with a more thoughtful use of apps for young children, parents who adopt an authoritarian and permissive style are comparably more interested in how an app can occupy their children. (Broekman 2016 *et al.*: 149)

#### **4.8 ‘Duaisean fèin-aithne shòisealta’**

Anns an rannsachadh aig Harwood (1997), thugadh sùil air ‘social identity gratifications’ no duaisean fèin-aithne shòisealta agus chaidh a sgrùdadh an robh daoine a’ dèanamh

---

<sup>47</sup> **fèistean neo-eisimeileachd**: independent entertainment

roghainnean telebhisein stèidhichte air ballrachd bhuidhnean sòisealta. Sheall an sgrùdadh aige gum b' fheàrr le cloinn, le inbhich òga agus le inbhich sheana, caractaran a choimhead air an telebhisean a bha dhen aon aois riuthasan. Chaidh an rannsachadh aige na b' fhaide ann an Harwood (1999), 's e a' sealltainn nach b' e a-mhàin gum biodh daoine a' sireadh caractaran a bha coltach riutha ach gun robh an ìre mhiann air caractaran a bha coltach riutha ag atharrachadh a rèir cho làidir agus a bha an dàimh aca ris a' bhuidhinn aca. Thug an rannsachadh taic dhan bheachd: 'that social identity reinforcement is sought by more highly identified viewers, but not by those less strongly identified [with the group]' (Harwood 1999: 130).

Leudaich Abrams agus Giles (2007) air an obair aig Harwood agus iad ag ainmeachadh fèin-aithne eitnigeach mar fèin-aithne shòisealta eile a bhiodh an sàs ann an roghainnean telebhisein. Thug iad sùil air Aimeireaganaich-Afraganach agus iad a' beachdachadh gum biodh ceangal ann eadar an ìre dhàimh aca ris a' bhuidhinn eitnigich aca agus na taghaidhean telebhisein aca, agus cuideachd, seachnadh telebhisein. Chunnacas taic dhan bheachd-bharail<sup>48</sup> gum biodh Aimeireaganaich-Afraganach le ìre dhàimh àrd ris a' bhuidhinn aca a' seachnadh telebhisein nach robh a' freagairt air na feumalachdan fèin-aithne eitnigich aca. Ach chan fhacas gun taghadh iad telebhisean airson freagairt air na feumalachdan eitnigeach aca, agus chaidh an toradh seo an aghaidh thoraidhean Harwood. Bheachdaich Abrams agus Giles (2007) nach deach am beachd-barail a dhearbhadh ri linn adhbharan ceangailte ris na dòighean-obrach a chaidh a chleachdadh no gun robh droch sheallaidhean aig na h-Aimeireaganaich-Afraganach air an dòigh a bha an telebhisean gan riochdachadh, agus mar sin, cha deach telebhisean a choimhead airson an fhèin-aithne eitnigeach aca a dhuaiseachadh.<sup>49</sup> Ach ann an rannsachadh le Abrams (2010) air Aimeireaganaich-Aiseanach chunnacas *gun robh* ceangal ann eadar dàimh làidir ris a'

---

<sup>48</sup> **beachd-bharail**: hypothesis

<sup>49</sup> **duaiseachadh**: gratifying

bhuidhinn eitnigich agus taghadh telebhisean a chum duaiseachaidh eitnigich, ged nach robh an aon cheangal ri lorg a thaobh seachnadh telebhisean. Am measg Hiospàintich ann an Ameireaga, bha ìre dhàimh ris a' bhuidhinn eitnigich a' ro-innse<sup>50</sup> taghadh agus seachnadh telebhisean (Abrams agus Giles 2009).

Mar sin, tha rannsachadh ag innse dhuinn gu bheil fèin-aithne eitnigeach agus fèin-aithne shòisealta eile nan rudan air am fiach e sùil a chumail mar rannsaichean. Ma dh'fhaoidte gum bi daoine a' sireadh susbaint bhon telebhisean a bhios a' riochdachadh dhaoine coltach riutha fhèin, agus gum bi am miann seo ceangailte cuideachd ris an ìre de dhàimh a bhios aca ris a' bhuidhinn eitnigich aca. Chan e dìreach taghadh nam meadhanan a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh, ach cuideachd, ma dh'fhaoidte gum bi daoine a' seachnadh susbaint thelebhisean mar dhòigh gus an fhèin-aithne aca a dhìon.

#### **4.9 Fèin-aithne etno-cànanach**

Ann an co-theacsan dà-chànanach no ioma-chànanach, bidh cànan na phàirt chudromach de dh'fhèin-aithne, agus dh'fhaodadh gum bi 'ethnolinguistic identity' no fèin-aithne etno-cànanach mar 'an important compass when seeking media messages' (Vincze agus Freynet 2014: 117). Ged a bhios fèin-aithnean neo-chànanach<sup>51</sup> air an taisbeanadh air telebhisean gu fisiceach tro na caractaran, bidh cànan cuideachd air a thaisbeanadh tro na caractaran, ach a bharrachd air sin, bidh cànan na chaolas eadar an t-susbaint agus an luchd-coimhead. Ri linn, 'in choosing between minority and majority language media channels, the chooser is making a fundamental choice concerning messages that represent and transmit group-identity-relevant messages in a fully-saturated manner' (Harwood agus Vincze 2015: 74).

---

<sup>50</sup> **ro-innse**: predicting

<sup>51</sup> **fèin-aithnean neo-chànanach**: non-linguistic identities

Ann an Calvert *et al.* 2007, chunnacas gum biodh nigheanan agus clann Chabhasach a' dèanamh dàimh leis a' charactar 'Dora' (nighean Hiospàinteach) barrachd na bhiodh balaich agus clann Hiospàinteach. Bha e inntinneach nach biodh clann Hiospàinteach a' dèanamh dàimh cho mòr rithe 's a bha clann Chabhasach, agus b' e cànan fear de na h-adhbharan a thug na h-ùghdaran seachad airson seo. Bha iad am beachd, leis gum biodh Dora a' bruidhinn barrachd Beurla na Spàinntis anns a' phrògram, gum biodh sin a toirt buaidh: 'to the extent that language is comprehensible and perceived as a marker of a shared cultural identity, Caucasian children may find her more similar to them than Hispanic children do' (Calvert *et al.* 2007: 443). Mar sin, bha iad ag aithneachadh cànan mar rudeigin ris am biodh clann a' dèanamh dàimh. Tha seo a' buntainn ris an tràchdas seo, oir ma dh'fhaoidte nach biodh clann 'Ghàidhlig' a' smaoinichidh orra fhèin mar bhuidhinn eitnigich no buidhinn chinnidhich<sup>52</sup> agus gum b' e an cànan a bhiodh gan daingneachadh mar bhuidhinn.

Bha an rannsachadh àireamhail le Harwood agus Vincze (2015) a' sealltainn air an dòigh 's a bha ìre dhàimh etno-cànanach a' stiùireadh roghainnean telebhisein am measg luchd-labhairt mion-chànain agus mar a bha duaisean sònraichte ag adhbhrachadh a' cheangail seo. Lorgadh gum b' iad na duaisean 'fèin-aithne etno-cànanach' agus 'dibhearsain' na duaisean a bu treasa a bhiodh ag adhbhrachadh a' cheangail sin. Thug iad sùil cuideachd air diofar mhodaràtairean<sup>53</sup> a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na toraidhean agus fhuair iad a-mach: "identity gratifications" mediating effect is enhanced under conditions of low subjective vitality and high intragroup contact' (Harwood agus Vincze 2015: 85). Ann an suidheachaidhean anns an robh daoine mothachail air a' mhion-inbhe aig a bhuidhinn, bha Harwood agus Vincze a' beachdachadh gum biodh an ìre-dhàimh a bh' aig na daoine sin ris a' chànan ag adhbhrachadh cleachdadh telebhisein mhion-chànanaich. B' e am beachd

---

<sup>52</sup> **cinnidheach:** racial

<sup>53</sup> **modaràtairean:** moderators

air chùl sin gum biodh daoine a' smaointinn gun toireadh na meadhanan taic agus neartachadh dhan fhèin-aithne aca (ibid: 85-86). A thaobh na buaidh aig 'intragroup contact' no an ìre co-thadhal am measg dhaoine bhon aon bhuidhinn, bheachdaich iad: 'plausibly, high levels of intragroup contact reflect a broader desire for ingroup support that also manifests in identification driving a search for ingroup media characters' (ibid: 86). Cho-dhùin iad gum biodh ìre dhàimh ris a' bhuidhinn a' stiùireadh cleachdadh telebhisein mhion-chànanaich, ach cha bhiodh i chun na h-ìre 's a bhite an dùil. Chaidh beachdachadh gum faodadh an 'objective availability of media' na toraidhean a mhìneachadh, oir, cha b' urrainnear meadhanan a chleachdadh nach biodh rim faotainn (ibid: 87).

#### **4.10 Faotainneachd**

Tha an obair aig Moring (2007) agus Moring agus Husband (2007) a' toirt dhuinn tuigse nas fheàrr air teòiridhean mu fhaotainneachd nam meadhanan ann an suidheachaidhean mion-chànan agus i a' toirt dhuinn nam bun-bheachdan 'institutional completeness' no 'iomlanachd institiuideach' agus 'functional completeness' no 'iomlanachd ghnìomhach'. 'S e a tha ann an 'iomlanachd institiuideach' ach cho coileanta 's a tha siostam nam meadhanan a bhios air an solar dhan mhion-bhuidhinn, ma dh'fhaoidte, tro na diofar seòrsa mheadhanan a bhios rim faotainn (mar eisimpleir, rèidio, telebhisean, pàipearan naidheachd) no na diofar 'formats' no 'genres' a bhios rim faotainn. 'S e a th' ann am 'iomlanachd ghnìomhach' ach an ìre 's a bhios a' bhuidheann a' cleachdadh nam meadhanan a chaidh a chruthachadh dhaibh, anns an t-seagh am faod luchd-labhairt a' chànan a bhith beò 'in and through the language without having to resort to other languages, at least within the confines of everyday matters in their community' (Moring 2007:18). Feumar 'iomlanachd institiuideach' mus bi cothrom ann air 'iomlanachd

ghnìomhach' a ruighinn: 'it is evident that institutional completeness is a necessary, yet not sufficient condition for functional completeness' (Moring agus Husband 2007: 86).

Tric anns na seòrsa shuidheachaidhean anns am bi meadhanan mion-chànanach, bidh na meadhanan mòr-chànanach rim faotainn cuideachd agus bidh luchd-labhairt a' mhion-chànain dà-chànanach anns a' mhòr-chànan (Moring 2007: 28). Mar sin, ma bhios cleachdadh nam meadhanan mion-chànanach a' tachairt, bidh feum air 'strict preference' no 'leiteachas teann': i.e., 'all other things being equal, a net preference for carrying out at least some of their activities in the minority language' (Grin agus Vaillancourt 1999: 98). Mura h-eil 'leiteachas teann' ann, tha Grin agus Vaillancourt a' moladh amasan poileasaidh a bhios a' stiùireadh luchd-coimhid gus an leiteachas<sup>54</sup> sin ag adhbhrachadh (ibid: 98-99). Mar sin, airson 'leiteachas teann' adhbhrachadh, feumar buaidh a thoirt air a' mhiann no air an rùn a bhios aig daoine telebhisean mion-chànanach a chleachdadh.

#### **4.11 Cothrom, Comas, Miann**

Tha am modal air 'Capacity, Opportunity and Desire' no Comas, Cothrom agus Miann (Grin *et al.* 2003) feumail airson a bhith a' sealltainn air cuid de na bun-bheachdan a nochd anns an lèirmheas seo. Tha am modal a' cur air aghaidh gu bheil beòthalachd cànan agus cleachdadh cànan feumach air trì cumhaichean: comas (feumar a bhith comasach gu leòr an cànan a thuigsinn no a bhruidhinn), cothroman (feumaidh suidheachaidhean gu leòr a bhith ann anns an urrainnear an cànan a chleachdadh) agus miann (feumar faireachdainn gu bheilear ag iarraidh an cànan a chleachdadh). Tha gach cumha riatanach, ach fa-leth chan eil iad gu leòr; feumaidh an trì a bhith ann còmhla gus cleachdadh cànan adhbhrachadh. Tha Grin agus Moring a' moladh gum bu chòir poileasaidhean a stèidheachadh gus na trì cumhaichean seo a chruthachadh (ibid: 5).

---

<sup>54</sup> **leiteachas**: preference

'S e modal a tha seo a thathar a' cleachdadh ann an gnothaichean poileasaidh chànain agus cleachdaidh chànain san fharsaingeachd, ach tha e a cheart cho feumail nan cleachdar am modal ann an dòigh nas mionaidiche airson sealltainn air 'cleachdadh telebhisein mhion-chànanaich'. Ann an co-theacsa na Gàidhlig, feumar a bhith comasach Gàidhlig a thuigsinn gus telebhisean a thuigsinn; feumaidh cothroman a bhith ann telebhisean Gàidhlig a choimhead; agus feumaidh miann a bhith ann na prògraman sin a choimhead.

#### **4.12 Buntanas dhan sgrùdadh seo**

Tha an lèirmheas air an litreachas air cuid de na ceanglaichean eadar telebhisean agus cànan a thaisbeanadh. Thathar air sealltainn gu bheil ro-bheachdan ann gum faodadh ròl cuideachail a bhith aig susbaint do ghlèidheadh agus do dh'ath-bheòthachadh cànan. Ged nach eil fianais dheimhinne ann gu bheil buaidhean ann an da-riribh aig susbaint air gnothaichean cànan, thathar air litreachas a thaisbeanadh a bheir taic dhan argamaid gu bheil ròl cudromach aig susbaint. Chaidh iomradh a thoirt air rannsachadh a bheir taic dhan bheachd gum faodadh susbaint, an t-susbaint cheart, a bhith na cuideachadh do thogail chànain am measg cloinne. Cuideachd, chaidh iomradh a thoirt air an ròl a dh'fhaodadh a bhith aig telebhisean ann an sòisealachadh cànan na cloinne. Mu dheireadh, mhìnichadh gum biodh cleachdadh susbaint an crochadh gu mòr air na h-adhbharan agus air na feumalachdan a bhiodh aig pàrantan a bhith a' cleachdadh susbaint.

Anns an sgrùdadh a leanas, nithear tarraing air na beachdan a nochd anns an litreachas agus bithear gan cur ann an co-theacsa na Gàidhlig. Am b' urrainn dha cleachdadh susbaint Ghàidhlig na buaidhean a chaidh ainmeachadh adhbhrachadh? Dè na beachdan a th' aig pàrantan air telebhisean mar ghoireas cànan-a-steach no sòisealachaidh chànain? A thaobh fheumalachdan nam pàrantan air cleachdadh susbaint, am bi feumalachdan poileasaidh

cànain teaghlaich a' cluich pàirt sa phròiseas thaghaidh aca? Ma tha buaidh sam bith aig susbaint air glèidheadh agus air ath-bheòthachadh cànain, feumaidh i an toiseach a bhith air a cleachdadh. Mar sin, nithear sgrùdadh air an dòigh a bhios pàrantan a' tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh cleachdadh susbaint anns an rannsachadh a leanas.



## CAIBIDEIL 5: SEASAMHAN RANNSACHAIDH AGUS MODHAN-RANNSACHAIDH

### **5.1 Ro-ràdh**

Ann an Caibideil 3 thugadh sùil air an litreachas air gluasad cànanain agus poileasaidh cànanain san fharsaingeachd agus air an ròl aig poileasaidh cànanain san teaghlach anns a' cho-theacsa sin. Ann an Caibideil 4, thugadh iomradh air na ro-bheachdan mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint air gnothaichean poileasaidh cànanain, le sùil gheur air a toirt air buaidhean air togail agus inbhe cànanain. Cuideachd, chan e a-mhàin buaidhean susbaint a bha air an cnuasachadh ach chaidh iomradh a thoirt air carson a bhios daoine a' cleachdadh nam meadhanan, dè na h-adhbharan-cleachdaidh a tha aca agus dè na feumalachdan a tha iad a' feuchainn rin riarachadh. Chaidh beàrn ainmeachadh ceangailte ris an tuigse a tha againn air poileasaidh cànanain san teaghlach ann an co-theacsa na Gàidhlig agus cuideachd dh'aithnicheadh beàrn ann an rannsachadh air cleachdaidhean telebhisein ann an co-theacsa na Gàidhlig. Bho na beàrnan seo chaidh amasan rannsachaidh ainmeachadh gun robhar airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn air an dà rud seo ach cuideachd airson beachdachadh air mar a bha poileasaidh cànanain teaghlaich agus cleachdaidhean susbaint ag obrachadh còmhla.

Tòisichidh an caibideil seo le na seasamhan agus teòiridhean rannsachaidh a stiùir an rannsachadh. An uair sin, thèid an sampall a chaidh a sgrùdadh ainmeachadh agus nìthear iomradh air na prìomh mhodhan-rannsachaidh a chaidh a chleachdadh: agallamhan leth-structarail agus leabhraichean-latha susbaint. Às dèidh sin thèid an ro-innleachd rannsachaidh agus mu dheireadh na dòighean-sgrùdaidh a mhineachadh.

## 5.2 Seasamhan rannsachaidh

Mus tòisich air rannsachadh, tha e cudromach seasamhan rannsachaidh ointeòlach agus eipistemeòlach a chnuasachadh. Anns na saidheansan sòisealta, tha ointeòlas ceangailte ris na thathar a' creidsinn mu na tha ri fhaighinn a-mach mun t-saoghal; a bheil fìorachas sòisealta ann ann an da-rìribh, neo-eisimeileach bho na beachdan agus na mìneachaidhean ris am bi daoine fhèin a' gabhail? (Snape agus Spencer 2003: 11). Air an dàrna làimh tha rannsaichean 'positivist' neo-chlaon<sup>55</sup> nan dòighean agus iad den bheachd gu bheil saoghal 'fìor' ann a thèid fhaicinn leis a h-uile duine. Air an làimh eile, tha rannsaichean 'interpretivist' claon<sup>56</sup> nan dòighean agus iad den bheachd gu bheil barrachd na aon saoghal fìor ann, agus gum bi daoine a' mìneachadh an t-saoghail timcheall orra a rèir nan suidheachaidhean làitheil anns a bheil iad stèidhichte. Tha Snape agus Spencer (2003) a' gabhail ris gu bheil fìorachas agus an saoghal sòisealta ann neo-eisimeileach bho beachdan mhic-an-duine ach nach fhaighear sealladh air an t-saoghal seo ach tro beachdan agus tro mhineachaidhean mhic-an-duine (Snape agus Spencer 2003:19). Fìorachas an t-saoghail shòisealta ann an da-rìribh ann no às, san tràchdas seo thathar ag aontachadh ris 'the critical importance of respondents' own interpretations of the relevant research issues' agus a' gabhail ris 'that their different vantage points will yield different types of understanding' (Snape agus Spencer 2003: 19).

Tha gnothaichean eipistemeòlach a' cur cheistean a leithid: ciamar a tha fios againn air na tha fios againn air? Ciamar a nithear rannsachadh air fìorachas no dha-rìreachas? Tha seo a' toirt a-staigh beachdan air buaidh an rannsaiche fhèin air an rannsachadh; am b' urrainn do rannsaiche a bhith neo-eisimeileach bhon rannsachadh agus a bhith cothromach agus neo-chlaon, no a bheil làthaireachd an rannsaiche a' toirt buaidh air an luchd-pàirteachaidh, mar eisimpleir tron 'observer's paradox'. Chan e a-mhàin buaidh an

---

<sup>55</sup> **neo-chlaon:** objective

<sup>56</sup> **claon:** subjective

rannsachaidh an lùib na h-obrach rannsachaidh fhèin a tha a’ cunntadh ach cuideachd buaidh an rannsaiche air mar a bhios dàta rannsachaidh air an sgrùdadh agus rannsachaidhean tric a’ tighinn dhan rannsachadh le na beachdan agus amasan aca fhèin. Cuideachd, tha ceistean mu thàbhachd an rannsachaidh a’ nochdadh agus deasbadaan a thaobh nam modhan-obrach as fheàrr airson dealbh fìor de shuidheachadh fhaighinn.

Tha sealladh positivist mar as trice an eisimeil mhodhan-obrach àireamhail agus tha sealladh ‘interpretivist’ mar as trice an eisimeil mhodhan-obrach càileachdail, ’s an-luchd-rannsachaidh a’ sireadh tuigse iomlanach<sup>57</sup> air beachdan agus gnìomhan mhic-an-duine ann an co-theacsa na beatha farsaing (Snape agus Spencer 2003: 7). Ach tha argamaidean rin dèanamh gun a bhith a’ cuingealachadh roghainnean rannsachaidh fo bhuaidh dheasbadaan feallsanachdail agus gum bu chòir dòigh-dèiligidh<sup>58</sup> phragmatach a leantainn le bhith a’ taghadh nam modhan-obrach as iomchaidh gus na ceistean rannsachaidh a fhreagairt (Seale 1999).

Tha deasbad air nochdadh air cleachdadh mhodhan-obrach càileachdail agus àireamhail anns an aon sgrùdadh. Tha cuid den bheachd gu bheil na bunaitean ointeòlach agus eipistemeòlach cho diofraichte agus nach tèid an dà sheòrsa mhodh-rannsachaidh a mheasgachadh agus a chleachdadh còmhla, ach tha cuid eile den bheachd gum faighear rannsachadh luachmhor le bhith a’ toirt an dà mhodh còmhla (Ritchie 2003: 38). Chaidh ‘triantanachadh’<sup>59</sup> a mhìneachadh mar ‘testing one source of information against another’ (Fetterman 1998: 93) agus diofar dhòighean-obrach, leithid modhan àireamhail agus càileachdail, air an cleachdadh mar dhòigh gus dàta agus toraidhean a dhearbhadh no tàbhachd an dàta a dhaingneachadh. Tha triantanachadh air fàs nas cumanta a-nis, chan ann

---

<sup>57</sup> **iomlanach**: holistic

<sup>58</sup> **dòigh-dèiligidh**: approach

<sup>59</sup> **triantanachadh**: triangulation

mar dhòigh tàbhachd a dhaingneachadh ach mar dhòigh gus sealladh nas fharsainge agus nas doimhne fhaighinn: ‘triangulation is less a strategy for validating results and procedures than an alternative to validation [. . .] which increases scope, depth and consistency’ (Flick 2009: 445).

### **5.3 Amasan rannsachaidh**

Ann a bhith cnuasachadh air an t-sampall-rannsachaidh agus na modhan-obrach freagarrach, feumar sealltainn air amasan an rannsachaidh. Bhathar airson faighinn a-mach mu poileasaidhean cànan a bha aig teaghlaichean agus airson fiosrachadh fhaighinn air mar a bha na poileasaidhean air an cruthachadh agus mar a bha roghainnean cleachdadh cànan air an dèanamh; agus gu dè na h-ideòlasan, a’ mhanaidsearachd agus an cleachdadh a bha an lùib nam poileasaidhean. Ceangailte ris a seo bha cuspairean air sòisealachadh cànan, fèin-aithne agus na bha pàrantan an dùil ris airson an cuid cloinne. Cuideachd, bhathar airson mion-fhiosrachadh fhaighinn air cleachdaidhean susbaint am measg cloinne aig an robh Gàidhlig agus na h-adhbharan-cleachdaidh agus feumalachdan a bha aig pàrantan nuair a bha iad a’ dèanamh roghainnean susbaint airson an cuid cloinne.

Tha an tràchdas seo stèidhichte eadar dà raon-rannsachaidh — sgrùdadh poileasaidh cànan teaghlaich agus sgrùdadh nam meadhanan — agus bha e ciallach tarraing air dòighean-obrach rannsachaidh bhon dà raon sin. Airson am fiosrachadh iomchaidh fhaighinn rinneadh co-dhùnadh measgachadh de mhodhan-rannsachaidh a chleachdadh, an dà chuid càileachdail agus àireamhail. Chleachdadh agallamhan le pàrantan agus leabhraichean-latha susbaint air an lionadh le pàrantan às leth an cuid cloinne. Gu h-ìosal thathar a’ toirt iomradh air mar a chaidh an sampall-rannsachaidh a thaghadh agus air na h-adhbharan airson a bhith taghadh phàrantan mar luchd-pàirteachaidh. An uair sin, bheirear seachad adhbharan airson a bhith a’ taghadh agallamhan agus leabhraichean-latha susbaint mar

mhodhan-rannsachaidh agus a minichear mar a chaidh an dealbhachadh airson an rannsachaidh.

#### **5.4 Sampall-rannsachaidh**

Anns an rannsachadh seo bhathar airson tuigse fhaighinn air an ròl a tha aig susbaint ann am poileasaidh cànan teaghlaich; bhathar airson rannsachadh a dhèanamh air teaghlaichean agus gu sònraichte cleachdaidhean susbaint chloinne. Mar sin, bha roghainnean rin dèanamh a thaobh an t-sampaill-rannsachaidh.

Leis gun robhar a' toirt sùil air co-theacsa na Gàidhlig, bha e iomchaidh sgrùdadh a dhèanamh air teaghlaichean aig an robh poileasaidh Gàidhlig san t-seagh anns an robh pàrantan airson agus gum biodh Gàidhlig aig an cuid cloinne. Rinneadh co-dhùnadh gur e roghainn poileasaidh cànan a bhiodh ann nam biodh pàrant air an cuid cloinne a chur tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig; le bhith a' dèanamh an roghainn sin b' e amas farsaing nam pàrant gum biodh Gàidhlig aig an cuid cloinne.

Dhearbhaich an litreachas cudromachd tar-chur cànan eadar na ginealachdan agus togail cànan aig aois òg agus mar sin bhathar airson an rannsachadh a stèidheachadh air teaghlaichean le cloinn òga. Mar thoradh air sin, rinneadh co-dhùnadh clann fo aois-sgoile a sgrùdadh. Dh'aontaich an litreachas air na meadhanan gu ìre, nach robh deagh bhuidh aig na meadhanan air cloinn fo aois 2 agus nan robh deagh bhuidhean ann idir gun robh seo nas coltaiche am measg cloinn nas sine na aois 2. Mar sin, bhathar gus sgrùdadh a dhèanamh air teaghlaichean le cloinn aois 3 agus 4 a bha clàraichte ann an sgoiltean-àraich Gàidhlig.

Chìthear ann an co-theacsa na Gàidhlig nach eil gach duine-cloinne a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' tighinn bho dhachaigh no bho theaghlach far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Aithnichear gu bheil iomadh suidheachadh cànanain ann anns a bheil clann aig a bheil Gàidhlig, no a tha ga h-ionnsachadh, gan togail agus bhathar airson farsaingeachd nan suidheachaidhean seo a riochdachadh anns an rannsachadh. Bhathar airson teaghlaichean a bha a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus teaghlaichean nach cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh a sgrùdadh oir beachdaichear gur dòcha gum biodh diofaran ann a thaobh cleachdadh susbaint Ghàidhlig eadar na teaghlaichean eadar-dhealaichte. Ach cha robhas buileach cinnteach dè na diofaran a bhiodh ann: am biodh clann a bha a' bruidhinn Gàidhlig a-staigh buailteach ri susbaint Ghàidhlig a chleachdadh a-staigh leis gun robh e na fhasan dhaibh Gàidhlig a chleachdadh? Am biodh clann gun Ghàidhlig a-staigh a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson agus gun robh am pàrantan air a shon? No ma dh'fhaoidte nach biodh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh idir agus bhiodh e cudromach tuigse fhaighinn air na h-adhbharan air cùl na roghainn sin. A thaobh na bhathar a' mineachadh le 'a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh' 's e a bhathar lorg ach teaghlaichean a chleachdadh Gàidhlig mar phrìomh chànan na dachaigh, no teaghlaichean a chleachdadh barrachd Gàidhlig na Beurla a-staigh, no teaghlaichean a chleachdadh Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre.

A bharrachd air diofar shuidheachaidhean cànanain anns an dachaigh, tha fios againn bhon lèirmheas-litreachais gur dòcha gu bheil buaidh aig beòthalachd etno-cànanach air fèin-aithne agus cuideachd air cleachdaidhean susbaint. Air sàillibh sin rinneadh roghainn teaghlaichean a sgrùdadh a bha a' fuireach ann an àiteachan eadar-dhealaichte a thaobh beòthalachd etno-cànanach neo-chlaon, a-rithist, airson farsaingeachd de dhàta a chruinneachadh. Air adhbharan pearsanta, thaghadh Baile Ghlaschu agus Eilean Bharraigh mar làraichean rannsachaidh a bhiodh a' riochdachadh ìrean eadar-dhealaichte de

bheòthalachd. Buinidh mi fhìn do Ghlaschu agus 's ann anns a' bhaile a tha mi a' fuireach agus cuideachd 's ann à Barraigh a tha mo chuideachd agus tha àite-fuirich agam air an eilean. Mar sin, shaoil mi gum biodh e furasta dhomh a bhith ag obair anns na làraichean seo, agus le mion-eòlas air na h-àiteachan agus na daoine, dh'fhaodainn tarraing air na lionraidhean pearsanta agam fhìn gus luchd-pàirteachaidh a lorg.

## **5.5 Pàrantan mar luchd-pàirteachaidh**

Ged is ann air cleachdaidhean subsaint chloinne air an robh an rannsachadh ag amas agus air na poileasaidhean cànan aig na teaghlaichean anns an robh iad air an togail, rinneadh co-dhùnadh gur iad na pàrantan an luchd-pàirteachaidh anns an rannsachadh; 's ann le pàrantan a chumte agallamhan agus 's iad na pàrantan a lìonadh leabhraichean-latha às leth an cuid cloinne. Bha iomadh adhbhar airson seo, an toiseach, air puing phractaigich agus bheusaich, bha e nas fhasa rannsachadh a ghabhail os làimh le inbhich nan luchd-pàirteachaidh seach le cloinn. A dh'aindeoin nan adhbharan beusach airson a bhith a' taghadh phàrantan, bhathar den bheachd gur e fiosrachadh na b' fheàrr a gheibhte bho phàrantan co-dhiù. 'S ann air roghainnean poileasaidh cànan a bhathar a' coimhead agus chunnaic sinn bhon litreachas gu bheil prìomh ròl aig pàrantan ann an sòisealachadh cànan an cuid cloinne agus cò a b' fheàrr ach pàrantan iad fhèin a sgrùdadh airson faighinn a-mach mar a chaidh roghainnean poileasaidh cànan a dhèanamh? Cuideachd, ged is ann air cleachdaidhean subsaint chloinne a bhathar a' rannsachadh, air sàillibh gur e modh-rannsachaidh leabhraichean-latha subsaint a chaidh a chleachdadh, cha bhiodh na comasan aig a' chloinn — air adhbharan aois — na leabhraichean-latha a lìonadh iad fhèin.

Ged a tha an litreachas ag innse dhuinn gu bheil ròl aig a' chloinn fhèin, tro na h-ideòlasan aca, ann an cleachdadh cànan agus cleachdaidhean subsaint, bhathar den bheachd gum faodadh na pàrantan fhèin fiosrachadh a thoirt seachad air an smachd a bh' aig a' chloinn

air cleachdaidhean cànan agus susbaint agus mar a bha seo ag obair a-staigh. Cuideachd, air sàillibh 's gun robh a' chlann aig aois 3 agus 4, bhiodh iad fhathast aig aois far am biodh e ciallach smaointinn gun robh smachd fhathast aig pàrantan air a' ghiùlan aca, a thaobh cuin a bhiodh e ceadaichte dhaibh telebhisean a choimhead agus dè bhiodh ceadaichte dhaibh a choimhead. Mar sin, bha e ciallach bruidhinn ri pàrantan mu na roghainnean seo.

Ann an cuid de na teaghlaichean bhiodh barrachd na aon duine-cloinne ann agus bhithte dèanamh soilleir do phàrantan gun robh fòcas an rannsachaidh air a' phàist a bha anns an sgoil-àraich agus gum bu chòir ceistean a fhreagairt agus leabhraichean-latha a lionadh mun phàist sin a-mhàin.

## **5.6 Cànan an rannsachaidh**

Mus toirear iomradh air na modhan-rannsachaidh ann an doimhneachd, tha e iomchaidh facal a ràdh mu chànan an rannsachaidh. Bhathar gu bhith dèiligeadh ri pàrantan, an dà chuid, aig an robh agus aig nach robh a' Ghàidhlig agus mar sin bhathar airson cothrom a thoirt dhaibh pàirt a ghabhail anns an rannsachadh anns a' chànan a thogradh iad. Mar sin, bhiodh cothrom aca agallamh a chumail anns a' Ghàidhlig no anns a' Bheurla.

Ach airson nan leabhraichean-latha, lionadh iad sin anns a' Bheurla a-mhàin air trì adhbharan. An toiseach, mar a chithear gu h-ìosal, ma dh'fhaoidte nach b' e na pàrantan a-mhàin a bhiodh gan lionadh agus mar sin, bha e na b' fhasa na leabhraichean-latha a chumail anns a' Bheurla air eagal agus gun robh cuideigin gun a' Ghàidhlig gan lionadh. An dàrna adhbhar, 's e gun robhar mothachail nach eil e daonnan fìor gu bheil comasan leughaidh agus sgrìobhaidh Gàidhlig aig daoine aig a bheil comasan labhairt sa chànan. Mar sin, ged a bhiodh iad toilichte gu leòr a bhith a' bruidhinn sa Ghàidhlig gus agallamh a chumail, ma dh'fhaoidte nach biodh iad cofhurtail a bhith a' leughadh agus a' sgrìobhadh



sa Ghàidhlig. Ceangailte ri seo tha an treas adhbhar, gur dòcha gum biodh a' Ghàidhlig air a cleachdadh anns an leabhar-latha car tomadach, briathrail, agus mì-shoilleir; bhathar gu bhith a' cleachdadh briathrachas gur dòcha nach tuigeadh am pàrant agus ma dh'fhaoidte gum biodh cruth car cearbach air. Mar sin, ged a bhathar ag aithneachadh gu bheil e cudromach roghainnean a thoirt do dhaoine mu chleachdadh cànan (gu dearbha anns an t-suidheachadh far a bheilear a' dèanamh rannsachadh a tha airson taic a thoirt dhan chànan sin) 's e as cudromaiche san t-suidheachadh seo am fiosrachadh ceart fhaighinn.

### **5.7 Agallamhan mar mhodh-rannsachaidh**

Bhathar airson faighinn a-mach mu dheidhinn faireachdainnean agus beachdan phàrantan co-cheangailte ri poileasaidh cànan ach cuideachd mu dheidhinn an cuid beachdan co-cheangailte ri cleachdadh susbaint an cuid cloinne. Tha modhan-obrach càileachdail luachmhor ann a bhith a' sealltainn air an ròl a tha aig cànan ann am beatha dhaoine (Ricento 2006:130). Rinneadh co-dhùnadh modh-rannsachaidh càileachdail a chleachdadh agus 's e agallamhan leth-structarail a chaidh a mheasadh as iomchaidh.

Chaidh agallamhan leth-structarail a thaghadh mar mhodh-rannsachaidh os cionn mhodhan càileachdail eile air iomadh adhbhar. Mar phàirt mhòr dhen rannsachadh 's e beachdan phàrantan a bha mi a' sireadh air iomadh cuspair agus cho-dhùin mi gur iad agallamhan an dòigh as fheàrr airson sealladh soilleir fhaighinn air faireachdainnean agus beachdan dhaoine. Acoltach ri suirbhidhean, tha agallamhan a' toirt cothrom dhan neach-pàrteachaidh na beachdan aca fhèin a thogail gun a bhith air an cuingealachadh fo cheistean stèidhichte mar a gheibheadh ann an suirbhidh. Le agallamhan leth-structarail tha an agallamhair<sup>60</sup> a' cleachdadh stiùireadh sùbailte le cothroman ann ceistean a thogail mu na beachdan air cùl fhreagairtean a bhiodh air an toirt seachad no gus soilleireachadh fhaighinn air diofar phuingean (Bryman 2012). Cuideachd, nuair a tha agallamhan air an

---

<sup>60</sup> **agallamhair**: interviewer

cumail aghaidh ri aghaidh, mar a rinneadh san rannsachadh seo, tha cothroman ann earbsa a stèidheachadh leis an neach-pàirteachaidh agus tha seo cudromach do cho soirbheachail 's a dh'fhaodadh agallamh a bhith (Wimmer agus Dominick 2013: 139).

Ach tha laigsean an cois a bhith a' cleachdadh agallamhan leth-structarail mar mhodh-rannsachaidh. Dh'fhaodadh duilgheadasan a bhith ann le a bhith a' dèanamh coimeas eadar agallamhan, leis gum bi gach agallamh eadar-dhealaichte agus an t-agallamh a' gabhail slighe a rèir co-theacsa. Cuideachd, feumar a bhith mothachail gum faodadh an rannsaiche fhèin buaidh a thoirt air freagairtean an neach-pàirteachadh; ma dh'fhaoidte gum bi an neach-pàirteachaidh a' toirt seachad nam freagairtean a tha iad a' beachdachadh gum bi an rannsaiche ag iarraidh. Cuideachd uaireannan tha na tha daoine ag ràdh gum bi iad a' dèanamh [rudan] diofraichte bho na tha iad a' dèanamh ann an da-rìribh: mar sin tha duilgheadasan a' nochdadh a thaobh fìorachas an dàta.

Mar dhòighean dèiligeadh ris na trioblaidean seo bha e cudromach rannsachadh pileat a dhèanamh gus dol thairis air ro-innleachdan an agallaimh agus gus cothrom a thoirt don rannsaiche aire a thoirt air àitean anns an agallamh far am faod 'taobhachd' a bhith a' togail a cinn agus ceartachadh a dhèanamh air sin. Ach ged a dh'fheuchadh buaidhean an rannsaiche a lùghdachadh bhathar a' gabhail ris nach rachadh seo a sheachnadh buileach agus mar sin dh'fheumadh a bhith mothachail air buaidh an rannsaiche ann a bhith sgrùdadh dàta nan agallamhan.

## **5.8 Dealbhachadh an agallaimh**

Airson nan agallamhan, chuireadh clàr ri chèile le na cuspairean a bhathar airson togail agus le na ceistean a bhathar airson faighneachd. B' e stiùireadh a-mhàin a bha seo oir bhathar airson agus gum biodh saorsa aig an neach-pàirteachaidh na beachdan aca a thoirt

seachad. Cuideachd bhathar airson an còmhradh a chumail nàdarra oir shaoileadh gum biodh seo na bu chofhurtaile dhan neach-pàirteachaidh agus ri linn bhiodh iad na b' fhosgailte mu na beachdan aca. Gu h-ìosal tha liosta dhe na cuspairean a chaidh a thogail anns na h-agallamhan, ged ma dh'fhaoidte nach deach iad uile a thogail anns an òrdugh seo agus ged nach tug an luchd-pàirteachaidh seachad an aon uimhir de dh'fhiosrachadh air gach puing.

### ***Cuspairean an agallaimh***

- > Cùl fiosrachadh air na pàrantan agus an cuid chomasan cànan
- > Beachdan air a' Ghàidhlig agus a h-inbhe
- > Beachdan air fèin-aithne
- > Beachdan air togail agus ionnsachadh cànan agus dà-chànanachas
- > Comasan cànanan na cloinne
- > Poileasaidh Cànan Teaghlaich: mar a tha cleachdadh cànan ag obair anns an taigh; mar a tha roghainnean air an dèanamh agus riaghailtean sam bith a stèidheachadh
- > Cànan-a-steach: càite agus cò às a tha a' chlann a' cluinntinn na Gàidhlig.
- > Dol-a-mach làitheil a' phàist, dè an coltas a th' air latha agus seachdain àbhaisteach nam beatha
- > Cleachdadh susbaint a' phàist san fharsaingeachd: seòrsa susbaint, dè cho fada agus a bha iad ga coimhead, cuin, càite agus ciamar a rachadh a choimhead
- > Roghainnean susbaint agus riaghailtean
- > Beachdan air buaidhean susbaint air cloinn anns an fharsaingeachd agus air a' phàist fhèin
- > Roghainnean cànan na susbaint
- > Ceistean gu sònraichte air susbaint Ghàidhlig: Carson a bha/nach robh iad ga coimhead; ìre-mhathais na susbainte; buaidhean na susbaint gu h-àraidh air cànan-a-steach agus inbhe na Gàidhlig
- > Ceistean gu sònraichte air susbaint Bheurla: ciamar a tha iad a' taghadh susbaint; ìre-mhathais; buaidhean na susbaint san fharsaingeachd agus air cleachdaidhean cànan a-staigh
- > Ceistean air cleachdaidhean mheadhanan eile
- > Cleachdaidhean susbaint nam pàrantan fhèin

## **5.9 Leabhraichean-latha susbaint mar mhodh-rannsachaidh**

Tha cleachdaidhean susbaint air atharrachadh gu mòr anns na bliadhnaichean a tha air a dhol seachad. Tha leasachaidhean ann an teicneòlas a' ciallachadh gu bheil uimhir susbaint fhèin air fàs agus gu bheil iomadh taghadh aig an neach-coimhid air dè tha ri coimhead agus an dòigh agus an uidheamachd air an coimheadar. Tha an fharsaingeachd seo a'

dèanamh ghnòthaichean doirbh do luchd-rannsachaidh nam meadhanan, 's iad a' sireadh dhòighean iomchaidh gus cleachdaidhean nam meadhanan a thomhas.

Am measg nan amasan rannsachaidh anns an tràchdas seo bhathar airson tuigse fhaighinn air cleachdaidhean susbaint na cloinne, gu sònraichte airson faighinn a-mach an robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh. Bha e gu bhith cudromach fhaighinn a-mach dè cho bitheanta 's a bha cleachdadh susbaint na cloinne gus co-dhùnaidhean a ruighinn air a' phàirt a bha aig susbaint nam beatha anns an fharsaingeachd. Cha robhar a-mhàin airson fhaighinn a-mach dìreach an robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh ach bhathar a' sùileachadh fiosrachadh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig an taca ri cleachdadh susbaint Bheurla. Mar thoireadh air na roghainnean a tha aig neach-coimhid susbaint a choimhead, bha e gu bhith iomchaidh sùil a thoirt air grunn rudan:

- > An seòrsa susbaint a chaidh a choimhead (na prògraman fhèin agus na sianailean)
- > Dè an uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead
- > Cuin a chaidh susbaint a choimhead (an t-àm den latha)
- > Dòigh-choimhid; 's e sin ciamar a chaidh susbaint a choimhead. Mar eisimpleir, beò, 'seirbheis a-rithist', clàradh, DVD, YouTube, Netflix<sup>61</sup>
- > Uidheamachd-choimhead. Mar eisimpleir, an deach susbaint a choimhead air telebhisean traidiseanta, tablet, fon-làimhe no laptop?

Ma ghabhar ris gu bheil e cudromach gum bi susbaint Ghàidhlig mar phàirt de bheathas-susbaint chloinne bidh fiosrachadh air na puingean gu h-àrd deatamach airson tuigse fhaighinn air far a bheil neartan agus laigsean ann an solarachadh agus cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Mar sin, chuireadh ceistean mu chleachdaidhean susbaint anns na h-agallamhan.

---

<sup>61</sup> \*Beò: air a choimhead aig an àm a tha an t-susbaint air a craoladh

\*'Seirbheis a-rithist': susbaint a tha ri faotainn bhon chraoladair às dèidh a bhith air a craoladh beò, far am faod an neach-coimhid taghadh nuair a thèid a choimhead

\*Clàradh: susbaint a chaidh a chlàradh ris an neach-coimhid agus far am faod iad a choimhead nuair a thogras iad fhèin

\*DVD: susbaint air DVD

\*YouTube: seirbheis bhideo air-loidhne far an tèid susbaint a choimhead

\*Netflix: seirbheis air loidhne far an tèid susbaint a choimhead

Ach bhathar airson modh-rannsachaidh eile a chleachdadh an taca ris na h-agallamhan airson fiosrachadh air cleachdaidhean susbaint fhaighinn an dà chuid mar ‘triantachadh’ agus airson sealladh nas doimhne agus nas mionaidiche fhaighinn. Rinneadh cnuasachadh air na modhan-rannsachaidh a bheireadh a leithid de dh’fhiosrachadh. Chithte gun robh fiosrachadh air tomhasan ùine-choimhid susbaint deatamach dhan rannsachadh agus bhathar a’ lorg mhodhan-rannsachaidh a fhreagradh air an amas sin. Tha ‘tuairmsean ùine’<sup>62</sup> a’ toirt fiosrachadh seachad air cho tric ’s a bhios neach-coimhid a’ cleachdadh susbaint taobh a-staigh àm sònraichte (Vandewater agus Lee 2009: 1155). Dh’fhaodadh ceist suirbhidh no ceist agallaimh a chur air luchd-pàirteachaidh a’ faighneachd dè cho tric ’s a bha an cuid cloinne a’ coimhead susbaint gach seachdain no san t-seachdain a dh’fhalbh agus cuideachd dh’fhaodadh roghainnean freagairt a thoirt dhaibh, a leithid ‘1-2 uairean’. Ach, dh’fhaodadh teagamhan a’ nochdadh a thaobh earbsach dàta de leithid air thoireadh agus gum faodadh e a bhith doirbh do dhaoine cuimhne a bhith aca air an uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead, no fiù ’s doirbh a leithid de mhothachadh sin a bhith aca.

Mar mhodh nas earbsaiche, ann an cuid de rannsachadh bidh leabhraichean-latha uaireach air an cleachdadh gus fiosrachadh a chruthachadh air gnothaichean làitheil an luchd-pàirteachaidh agus an uimhir de dh’ùine a bhios iad a’ caitheamh air gnìomhan eadar-dhealaichte gach latha (Robinson agus Godbey 1997). Anns an rannsachadh seo cha robh fiosrachadh air gnìomhan taobh a-muigh amannan coimhid susbaint iomchaidh agus ri linn b’ iad leabhraichean-latha stèidhichte air cleachdaidhean susbaint a-mhàin a bu fhreagarraiche. Cha bhi uallach cho trom air an luchd-pàirteachaidh agus aca ris na cleachdaidhean susbaint a-mhàin a chlàradh seach a h-uile rud a rinn iad anns gach uair

---

<sup>62</sup> **tuairmsean ùine:** time estimates

(Vandewater agus Lee 2009: 1162). Cuideachd na bhuannachd, bidh leabhraichean-latha a' toirt cothrom dhan luchd-pàirteachaidh an t-susbaint a chlàradh a chaidh a choimhead anns an t-suidheachadh nàdarra anns an tachradh e, aig an àm a thachradh e. Tha seo a' lùghdachadh na h-ùine eadar an t-àm-coimhid agus an t-àm-clàraidh agus mar sin tha e a' seachnadh thrioblaidean co-cheangailte ri bhith a' cuimhneachadh air ais (Bolger *et al.* 2003: 580).

Tha fianais ann gu bheil leabhraichean-latha susbaint air an lionadh le pàrantan as leth cloinne a' toirt dealbh an ìre mhath coileanta air cleachdadh susbaint (Rice *et al.* 1990: 423). Mar eisimpleir rinneadh coimeas eadar leabhraichean-latha agus modh-rannsachaidh a bha a' togail bhideo de chloinn a' coimhead telebhisean agus thachair e gun robh dàta nan leabhraichean-latha gu math faisg air dàta na bhideo (Anderson *et al.* 1985: 1355).

Ged a tha buannachdan rim faighinn bhon a bhith a' cleachdadh leabhraichean-latha tha laigsean ann cuideachd. An toiseach, airson a bhith cinnteach gun tèid na leabhraichean-latha a lionadh gu ceart feumar stiùireadh mionaideach a thoirt dhan luchd-pàirteachaidh. Gus dàta earbsach agus tàbhachdach fhaighinn feumaidh an neach-pàirteachaidh a bhith dìcheallach a' lionadh an leabhar-latha, ìre uallaich ma dh'fhaoidte nach biodh aca le modhan-rannsachaidh eile (Bolger *et al.* 2003: 591-592). Cuideachd, ma dh'fhaoidte gum bi a bhith an sàs anns an rannsachadh fhèin a' toirt buaidh air na freagairtean a bhios air an toirt seachad sna leabhraichean-latha.

Tha duilgheadasan ann le daoine a' dìochuimhneachadh na leabhraichean-latha a lionadh agus leis a seo a' feuchainn ris an lionadh fada às dèidh làimh agus tha seo a' togail nan duilgheadasan a thathar airson seachnadh sa chiad dol-a-mach le bhith a' cleachdadh leabhraichean-latha (Bolger *et al.* 2003: 593). Cuideachd, ma dh'fhaoidte gun nochd

duilgheadasan mura h-eil na leabhraichean-latha aig an luchd-bratha faisg air làimh. Air sgàth 's gur e obair dhìcheallach a tha ann a bhith a' lìonadh leabhraichean-latha feumar feuchainn ris an obair seo a dhèanamh cho furasta 's a 's urrainn dhaibh. Ach tha dòighean ann gus feuchainn ri na duilgheadasan a tha tighinn le leabhraichean-latha a lùghdachadh. Mar eisimpleir: le bhith feuchainn gum bi na leabhraichean-latha furasta rin giùlain; feuchainn nach bi e furasta mearachdan a dhèanamh; dèanamh pileat; agus cumail ann an conaltradh ris an luchd-pàirteachaidh (Bolger *et al.* 2003: 594-595). Gu traidiseanta ann an rannsachadh mar seo is e peann agus pàipear a bhios air an cleachdadh gus na leabhraichean-latha a lìonadh. 'S e dòigh gu math sìmplidh a tha seo oir bidh a h-uile duine eòlach air foirmichean a lìonadh anns an dòigh seo.

## **5.10 Dealbhachadh nan leabhraichean-latha**

Ann an rannsachadh le leabhraichean-latha tha iomadh cruth ann anns am faodadh an leabhar-latha a dhealbhadh. Tha feadhainn de leabhraichean-latha a' toirt pàipear bàn dhan neach-pàirteachaidh agus aca ri notaichean a ghabhail air na rinn iad. Ach, bhathar den bheachd anns an rannsachadh seo gum biodh e na b' fhasa duilleag a thoirt dhan luchd-pàirteachaidh, le fiosrachadh air mar thà agus aca ri beàrnan a lìonadh. Bhiodh seo a' ciallachadh gum biodh e na b' fhasa dhaibh cuimhneachadh air dè am fiosrachadh a bha aca ri sgrìobhadh sìos agus cuideachd gum biodh am fiosrachadh gu lèir a bha dhìth ormsa ri fhaighinn. Bhiodh an leabhar-latha a' cruinneachadh dàta a bha an dà chuid àireamhail agus càileachdail. Bha stiùireadh (faic Eàrr-Ràdh 2) air a thoirt seachad a bha a' mìneachadh ceistean nan leabhraichean-latha gus am biodh an luchd-pàirteachaidh soilleir mu na bha a dhìth. Chithear cruth an leabhar-latha (Fìogair 1) far an robh aig an luchd-phàirteachaidh ris an duilleag a lìonadh gach triob a rachadh susbaint a choimhead leis a' phàist.

***Fiogair 1: Leabhar-latha***

DATE: \_\_\_\_\_

**1. NAME OF CONTENT**

\_\_\_\_\_

**2. HOW WAS THE CONTENT WATCHED?**

Live  Catch-up service  Recording  DVD  Other  Please specify

**3. WHAT CHANNEL DOES THE CONTENT COME FROM?**

\_\_\_\_\_

N/A

**4. WHAT TIME WAS THE CONTENT WATCHED? (please state am or pm)**

From \_\_\_\_\_ to \_\_\_\_\_

**5. ON WHAT DEVICE WAS THE CONTENT WATCHED?**

\_\_\_\_\_

**6. WHERE WAS THE CONTENT WATCHED?**

\_\_\_\_\_

**7. DID THE CHILD WATCH THE CONTENT WITH ANYONE?**

Yes  Who? \_\_\_\_\_ No  Don't know

[If answer is yes, please continue to Q.8. If answer is 'no' or 'don't know', then this entry is now complete]

**8. DID SOMEONE TALK TO THE CHILD ABOUT THE CONTENT DURING IT?**

Yes  Who? \_\_\_\_\_ No  Don't know

[If answer is yes, please continue to Q.9. If answer is 'no' or 'don't know', then this entry is now complete]

**9. IF SOMEONE SPOKE TO THE CHILD ABOUT THE CONTENT DURING IT, WHICH LANGUAGE WAS SPOKEN?**

English Only  Gaelic Only  Both Gaelic and English equally   
Mostly Gaelic  Mostly English  Don't know  Other  \_\_\_\_\_

**ANY OTHER COMMENTS**



### 5.10.1 ‘A’ coimhead’

Fhad ’s a bhathar a’ dealbhachadh an leabhair-latha rinneadh deasbad air na bha ‘a’ coimhead’ no ‘watching’ a’ ciallachadh. Ann an rannsachadh air cleachdaidhean susbaint, tric tha an rannsachadh a’ faighneachd dè cho tric ’s a tha clann ‘a’ coimhead’ telebhisean, ach chan eil an dòigh anns a bheil pàrantan a’ mìneachadh na ceist seo soilleir (Anderson agus Pempek 2005: 506). Anns an rannsachadh aig Rice *et al.* 1990 mheas iadsan gun robhar ‘a’ coimhead’ nuair a bhiodh a’ phàist an làthair airson barrachd na aon leth de dh’ùine de 15 mionaid, fhad ’s a bha an telebhisean air (Rice *et al.*: 423). Ach cha bhiodh seo freagarrach anns an rannsachadh seo oir chan eil cuid de na prògraman cloinne air BBC ALBA nas fhaide na 15 mionaidean. Ann an rannsachadh aig Mendelsohn *et al.* 2008 rinneadh eadar-dhealachadh eadar ‘overall media exposure’ – sin na prògraman a bha air nuair a bha am pàist an làthair agus na dhùisg – agus an tuigse a bha aig màthraichean air na bha a’ chlànn a’ coimhead ann an da-rìribh (Mendelsohn *et al.* 2008: 12). Cuideachd, feumar a bhith mothachail air an eadar-dhealachadh eadar ‘foreground television’ – susbaint a bha a’ cumail aire na cloinne – agus ‘background television’ – susbaint a bha air ach nach robh clann a’ coimhead no a’ tuigsinn (Anderson agus Pempek 2005: 506). Anns an rannsachadh seo bha e cudromach gnothaichean a chumail simplidh agus mhineachadh gum biodh clann ‘a’ coimhead’ susbaint nam b’ e sin am prìomh rud a bha iad a’ dèanamh agus gun robh an aire air a cumail air an telebhisean.

### 5.10.2 Dè cho fada?

Bha aig pàrantan ri na leabhraichean-latha a lionadh fad seachdain shlàn, Diluain gu Didòmhnaich. Bhathar airson sealladh fhaighinn air seachdain gu lèir oir bidh clàran telebhisein tric a’ leantainn an aon phàtran bho sheachdain gu seachdain agus mar sin bhathar an dùil beachd fhaighinn air cleachdaidhean susbaint àbhaisteach airson seachdain. Nam biodh an leabhar-latha air a lionadh fad cola-deug no barrachd dh’fhaodadh dealbh

nas fharsainghe fhaighinn air cleachdaidhean susbaint ‘àbhaisteach’ na cloinne, ach chaidh sin a dhiùltadh air adhbhar agus gum biodh cus cuideim air an luchd-phàirteachaidh. Shaoileadh gum biodh obair dhìcheallach agus throm an lùib a bhith a’ lionadh nan leabhraichean-latha; bhiodh pàrantan comasach air an lionadh airson seachdain ach ma dh’fhaoidte gum fàsadh iad sgìth nan robh aca rin lionadh airson ùine na b’ fhaide. Cuideachd, leis gun robhar airson agus gun lionadh na pàrantan na leabhraichean-latha uile thairis air an aon àm, bhiodh e na b’ fhasa seachdain fhaighinn a bha freagarrach airson a h-uile duine seach a bhith a’ feuchainn ri cola-deug a lorg.

Bhathar a’ feuchainn ri dealbh ‘àbhaisteach’ fhaighinn air na cleachdaidhean susbaint agus mar sin dealbh coitcheann a chruthachadh air na cleachdaidhean ann an dòigh àireamhail. Ach ged a b’ urrainnear beachdachadh gum biodh an t-seachdain a’ riochdachadh nan cleachdaidhean as àbhaistich aig a’ chloinn, cha b’ urrainnear a bhith deimhinne mun a sin. Ged a bhathar a’ cleachdadh dàta àireamhail b’ e prionnsabalan agus seasamhan càileachdail a bhiodh aig cridhe an rannsachaidh. Bhathar mothachail gur robhar an dùil ri doimhneachd gus dealbh mionaideach fhaighinn air aon suidheachadh aig àm sònraichte. Bhiodh an dàta àireamhail a’ cuideachadh le dealbhan domhainn a chruthachadh de chleachdaidhean susbaint thairis air seachdain shònraichte, agus bha sin, leis fhèin, cudromach airson tuigse air cleachdaidhean susbaint a neartachadh.

### **5.10.3 Cò agus cuin?**

Ged a bhathar an dùil gur iad na pàrantan fhèin a bhiodh a’ lionadh nan leabhraichean-latha, bhathar airson dealbh slàn fhaighinn dhe chleachdaidhean susbaint na cloinne agus le cinnt bhiodh sin a’ ciallachadh gum biodh a’ chlann a’ coimhead susbaint aig amannan nuair nach biodh iad fo chùram an cuid pàrantan. Bhon litreachas air rannsachadh de leithid chan fhacas mòran a thaobh stiùiridh air a’ phuing seo. Ann an rannsachadh aig

Christakis *et al.* 2013 chaidh modhan-rannsachaidh leabhraichean-latha a chleachdadh agus chaidh a ràdh ann an suidheachaidhean far nach robh pàrantan (a bha a' lionadh nan leabhraichean-latha) an làthair, gum bu chòir dha na pàrantan iarraidh air inbhich eile a bha a' coimhead às dèidh na cloinne an cuideachadh le bhith gan lionadh (d.433). Ach cha tugadh iomradh air mar a chaidh seo a dhèanamh; an robh na leabhraichean-latha air an toirt do na h-inbhich eile no an robh pàrantan dìreach a' faighneachd dhaibh?

Anns an rannsachadh, rinneadh soilleir dha na pàrantan gun robhar ag iarraidh uiread de dh'fhiosrachadh 's a ghabhadh agus gum biodh e math nan lìonadh na h-inbhich a bha a' coimhead às dèidh na cloinne an leabhar-latha nam biodh sin comasach dhaibh no am fiosrachadh iomchaidh a thoirt dha na pàrantan fhèin. Cuideachd, thug mi seachad roghainn de 'don't know' mura faigheadh na pàrantan dealbh slàn air na chaidh a choimhead. Nan robh na pàrantan gu bhith a' toirt nan leabhraichean-latha do chuideigin eile airson an lìonadh dh'iarrte orra stiùireadh a thoirt dhan inbheach eile agus cuideachd an aire a thogail dha na duilleagan stiùiridh a bha aig toiseach nan leabhraichean-latha.

Bhathar airson dealbh slàn fhaighinn air cleachdaidhean susbaint agus bhathar ag aithneachadh gur dòcha gum biodh clann a' coimhead susbaint fhad 's a bha iad aig an sgoil-àraich. Ach, nan robhar airson sin a chlàradh bhiodh aig na tidsearan na leabhraichean-latha a lionadh agus am fiosrachadh a thoirt seachad, agus b' e cus uallaich a bhiodh an sin dhaibh. Mar sin, anns an rannsachadh, rinneadh soilleir dha na pàrantan gur e fiosrachadh air cleachdadh susbaint taobh a-muigh na sgoil-àraich a-mhàin a bhathar a' sireadh.

#### **5.10.4 Adhbharan airson phuingeas eile anns an leabhar-latha**

*Date:* Bha e cudromach ceann-latha a chlàradh gus am biodh fios dè an uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead gach latha den t-seachdain rannsachaidh.

*Name of Content:* Bha e cudromach ainm na susbaint fhaighinn a-mach gus am faicte dè na prògraman a bha a' chlann a' coimhead. Bhiodh seo ag innse dhuinn am b' e susbaint Bheurla no Ghàidhlig a bha ann. Cuideachd, b' urrainn dhuinn faighinn a-mach dè 'n seòrsa susbaint a bha ann, an e cartùn no program oideachail a bha ann, mar eisimpleir.

*How was the Content watched?:* Bha e cudromach faighinn a-mach na dòighean anns am biodh clann a' gabhail cothrom susbaint a choimhead, an dòigh-choimhid, oir ma dh'fhaoidte gum b' urrainnear measadh far a bheil neartan agus laigsean ann an solarachadh susbaint Ghàidhlig.

*What channel does the content come from?:* Gheibhte a-mach dè na sianailean a b' fheàrr le cloinn agus bhon a sin gheibhte a-mach cuideachd dè tha tarraingeach mu dheidhinn nan sianailean sin. Mura b' e susbaint bhon telebhisean a bha am pàist a' coimhead, cha bhiodh aca ri sianail ainmeachadh (m.e. YouTube).

*What time was the content watched?:* Bha am fiosrachadh seo fìor chudromach oir bha e a' toirt dhuinn dàta àireamhail a thaobh na h-uimhir de dh'ùine a bha air a cur seachad a' coimhead susbaint. Cuideachd, bhiodh e ag innse dhuinn na h-amannan den latha as cumanta airson susbaint a choimhead.

*On what device was content watched?:* Bhathar airson faighinn a-mach mu dheidhinn na h-uidheamachd a b' fhasa dhaibh susbaint a choimhead.

*Where was the content watched?:* Bhiodh am fiosrachadh seo iomchaidh ri taobh fiosrachadh eile oir ma dh'fhaoidte gum biodh e ag innse dhuinn gun robh susbaint air a coimhead ann an aon àite nach robh ann an àite eile.

*Did the child watch the content with anyone?* An seo bhathar airson faighinn a-mach an deach susbaint a choimhead le inbheach eile oir tha fios bhon litreachas gu bheil seo cudromach airson a bhith ag ionnsachadh bhon t-susbaint.

*Did someone talk to the child about the content during it?* A-rithist an seo tha co-choimhead agus a bhith a' bruidhinn mun t-susbaint fhad 's a tha e air cudromach do dh'ionnsachadh bho shusbaint.

*If someone spoke to the child about the content during it, which language was spoken?:* An seo bhathar airson faighinn a-mach an robh cànan na susbaint a' toirt buaidh air cànan a' chòmhradh, oir bhiodh buaidh aige sin air poileasaidhean cànan na dachaigh.

*Any other comments:* B' e àite a bha seo gus barrachd dàta càileachdail a thogail nan robh beachdan aig pàrantan no rudeigin eile a bha iad airson togail.

## 5.11 Samplachadh

Ann an rannsachadh àireamhail 's e a thathar a' lorg ach samplachadh coltachd<sup>63</sup> far am bi an aon chothrom aig gach neach anns an t-sluagh rannsachaidh a bhith air an taghadh mar luchd-pàirteachaidh agus sin a' fàgail sampall a bhios riochdail gu statistigeach airson ginearalachadh a dhèanamh (Patton 1990: 169). Ach ann an rannsachadh càileachdail, 's e samplachadh a dh'aona-gnothach<sup>64</sup> a thathar a' sireadh, sampall le beartas fiosrachaidh air na prìomh chuspairean air a bheilear a' cnuasachadh (Patton 1990: 169). Am measg nan teaghlaichean anns an rannsachadh seo bhathar gu deimhinne a' sireadh caochladairean<sup>65</sup> ceangailte ri cleachdadh Gàidhlig anns an dachaigh agus cuideachd san àite-fuirich. Ach taobh a-muigh a bhith a' lorg nan caochladairean sin bhathar ag aithneachadh nach e fìor rannsachadh àireamhail air an robhar ag amas agus gun robh e cudromach beartas de

---

<sup>63</sup> **samplachadh coltachd:** probability sampling

<sup>64</sup> **samplachadh a dh'aona-gnothach:** purposeful sampling

<sup>65</sup> **caochladairean:** variables

theaghlaidhean eadar-dhealaichte a thrusadh. Cuideachd, dh'aithnicheadh gum biodh e doirbh teaghlaidhean a thrusadh nan robhar a' lorg sampall ro chuingealaichte .

Far a ghabhas a thrusadh, bidh caochladairean demograifigeach mar aois, gnè, cosnadh, àite-breith, ìre-fhoghlaim agus mar sin air adhart a' toirt doimhneachd fiosrachail do rannsachadh sòisealta, ach anns an tràchdas a leanas, rinneadh co-dhùnadh nach bu chòir na caochladairean demograifigeach seo a thoirt seachad air adhbharan diomhaireachd (Lewis 2003: 66-68). Leis gu bheil coimhearsnachd na Gàidhlig cho beag, le bhith a' toirt seachad fiosrachadh air caochladairean demograifigeach, bhiodh an cunnart ann gun gabhadh luchd-pàirteachaidh aithneachadh. Bhiodh seo fìor gu h-àraidh do luchd-pàirteachaidh à Barraigh far a bheil a' choimhearsnachd beag co-dhiù, agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig nas lugha buileach, agus coimhearsnachd Ghàidhlig san eilean le chloinn bhig san sgoil-àraich nas lugha na sin. Bhiodh an cunnart ann nan deach fiù 's aon chaochladair demograifigeach a thoirt seachad mu mhuinntir Bharraigh gun dheigheadh an aithneachadh. Leis gum biodh e fada ro chunnartach caochladairean demograifigeach a thoirt seachad aig luchd-pàirteachaidh am Barraigh, rinneadh co-dhùnadh gun chaochladairean a thoirt seachad aig luchd-pàirteachaidh sam bith. 'S ann cuideachd air na h-adhbharan diomhaireachd seo a chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gun tar-sgrìobhaidhean de na h-agallamhan slàn a thoirt seachad.

A bharrachd air feartan agus caochladairean an t-sampaill, bidh aig an rannsaiche ri roghainn a dhèanamh a thaobh meud an t-sampaill. Ann an rannsachadh càileachdail tha na tha a dhith ann am meud air a chothromachadh bho na thathar a' faighinn ann an doimhneachd (O'Reilly 2012: 225). 'S e an rud as cudromaiche gu bheil luchd-pàirteachaidh sònraichte air an toirt a-steach dhan rannsachadh (Brannen 2012:16). Tha Bryman (Bryman 2012: 18-19) a' moladh fhactaran air am bu chòir measadh ann an

roghainnean samplachaidh. An toiseach tha e a' moladh sàsachd no 'saturation' far a bheilear a' cumail oirbh le rannsachadh gus nach bi teòiridhean ùra a' nochdadh ro luath. 'S e na h-àireamhan as lugha a nì ciall no 'minimum requirements' an dàrna factar agus e a' moladh 20-30 de luchd-pàirteachaidh airson rannsachadh agallaimh agus còrr is 60 ann an suidheachaidhean càileachdail eile. Bidh teòiridh rannsachaidh, modhan-sgrùdaidh agus an ìre chaochlaideachd a thathar a' sireadh a' toirt buaidh air roghainnean samplachaidh. Mu dheireadh, bidh farsaingeachd nan ceistean rannsachaidh a' toirt buaidh air àireamh luchd-pàirteachaidh an rannsachaidh.

A' toirt nam factaran seo còmhla, anns an rannsachadh seo rinneadh co-dhùnadh ochd teaghlaichean a sgrùdadh. Bhiodh seo na bu lugha na bha Bryman a' moladh gu h-àrd, ach bha cuingealaichain nàdarra a thaobh meud an lùib a bhith a' rannsachadh ann an coimhearsnachdan beaga; ann am Barraigh cha robh na h-uimhir de theaghlaichean ann le cloinn aois 3-4 airson sampall mòr a sgrùdadh. Bhathar den bheachd gum biodh e iomchaidh na h-aon àireamh de theaghlaichean ann am Barraigh agus ann an Glaschu a sgrùdadh, gun dheigheadh comasan cothromach a dhèanamh eatorra nan robhar airson sin a dhèanamh, agus le sin, b' e sampall beag a chaidh a thaghadh. Ach a bharrachd air na cuingealaichean nàdarra a nochd a thaobh choimhearsnachdan beaga, bhathar den bheachd co-dhiù gum b' e doimhneachd a bhathar a' sireadh san rannsachadh, seach farsaingeachd, agus gum biodh an ceann-uidhe sin air a ruighinn le togail mòran dàta bho shampall beag seach na bu lugha de dhàta bho shampall mòr. A thaobh sin, bhathar gu bhith a' cleachdadh dà mhodh-rannsachaidh gu tur eadar-dhealaichte (agallamhan agus leabhraichean-latha), agus mar sin, bhiodh sin a' toirt mòran a bharrachd doimhneachd dhan rannsachadh. Leis gu bheil ùine teann ann an rannsachadh, dh'fheumar cuideachd a bhith faiceallach gum bi e comasach na dàta a thèid a chruinnicheadh a sgrùdadh gu ceart, agus a' cur an dà mhodh-rannsachaidh còmhla, bhiodh meudachd mhòr de dhàta ann.

Rinneadh roghainn ochdnar theaghlach a sgrùdadh, agus nan robhar a' smaointinn gun robh barrachd theaghlaichean a dhìth, bhiodh cothrom ann tuilleadh a thrusadh. Ach thachair e gun robh na h-aon seòrsa chuspairean agus fhreagairtean a' nochdadh anns na h-agallamhan agus anns na leabhraichean-latha, agus bhathar a' faireachdainn gun robh 'saturation' air a ruighinn. Cuideachd, aig a' cheann thall, cha deach mòran rannsachadh a dhèanamh roimhe air a' chuspair seo, agus b' e toiseach-tòiseachaidh a bha san amharc anns an rannsachadh a leanas. Ri linn, bhathar den bheachd gum biodh sgrùdadh na bu doimhne air sampall beag a' toirt dhuinn fiosrachadh mionaideach dhuinn air a' chuspair, agus a rèir na teamannan a nochdadh, dh'fhaoidte rannsachadh farsaing, àireamhail a dhèanamh stèidhichte air na teamannan seo.

## **5.12 Rannsachadh pileat**

Rinneadh rannsachadh pileat air na h-agallamhan agus air na leabhraichean-latha aig deireadh an t-samhraidh 2014. Chleachdadh dithis phàrant air an robh mi eòlach agus rinneadh agallamh leotha agus dh'iarradh orra leabhraichean-latha a lionadh. A thaobh nan agallamhan thug am pileat cothrom dhomh na ceistean fhaighneachd agus dèanamh cinnteach an robh iad a' dèanamh ciall agus dè na ceistean a bha ag obair agus dè na ceistean nach robh cho soilleir. Fhuair mi beachd air faid nan agallamhan agus iad a' toirt mu uair a thìde. Bha cothrom ann fhaighinn a-mach an robh cuspairean iomchaidh eile ann a bhiodh agam ri fhisheadh a-staigh dhan rannsachadh. Cuideachd, thug am pileat cothrom dhomh a bhith a' fàs misneachail às mo dhòighean cheasnachaidh agus às mo sgilean conaltraidh.

Rinneadh agallamh a-mhàin le aon phàrant bhon teaghlach agus dh'obraich seo gu math. Ged a bha mi mothachail nan robhar a' bruidhinn ri dithis phàrant (nan robh dithis phàrant ann) gum faighte dealbh na bu mhionaidiche air suidheachadh an teaghlaich, air adhbharan



practaigeach bha e na b' fhasa agallamh a chumail le aon phàrant a-mhàin gus a bhith lùghdachadh an dragh a chuirinn air an teaghlach. Cuideachd, ged ma dh'fhaoidte gum biodh beachdan eadar-dhealaichte bho aon phàrant seach aig pàrant eile, cha robhar airson cus cuingealachaidh a dhèanamh air an rannsachadh agus b' e an rud a bu chudromaiche gum faighinn luchd-pàirteachaidh airson an rannsachaidh. Bhathar mothachail gur dòcha gum biodh teaghlaichean aon-phàrantail air an toirt a-staigh dhan rannsachadh, mar sin bhathar deònach agallamh a chumail le màthair no athair an teaghlaich. A-rithist, b' e prionnsabalan càileachdail air an robh prìomhachas anns a' phròiseact rannsachaidh agus mar sin cha robh e cho cudromach coimeas a dhèanamh eadar na teaghlaichean iad fhèin ach dealbh mionaideach fhaighinn air gach teaghlach.

A thaobh nan leabhraichean-latha, bha aonta ann gun robh iad furasta gu leòr a chleachdadh. A thaobh na ceiste air 'cuin a chaidh susbaint a choimhead?', nochd e gum biodh agam ri dhèanamh na bu shoilleire gun robh aca ri 'am' no 'pm' a chur ris an uair. Mhothaicheadh gun robh e cudromach a bhith ann an conaltradh leis an luchd-pàirteachaidh tro sheachdain nan leabhraichean-latha airson cur nan cuimhne an lionadh. Rinneadh seo le bhith a' cur teachdaireachd thuca tro phost-dealain.

Cuideachd, fhuair mi beachdan air ais bho phàrantan nach do choimhead a' chlann aca an uimhir de shusbaint 's a b' àbhaist dhaibh leis gur e an samhradh a bha ann agus bha iad na bu dualtaiche a bhith trang le rudan eile. Bheachdaicheadh cuideachd nach b' e an geamhradh àm freagarrach nas motha seach gu bheil daoine nas dualtaiche barrachd telebhisein na na b' àbhaist dhaibh a chleachdadh anns a' gheamhradh nuair a tha i dorcha. Airson an rannsachaidh, rinneadh co-dhùnadh gum biodh seachdain nan leabhraichean-latha ann as t-Earrach 2015.

Cha robhar cinnteach dè an t-òrdugh anns am bu chòir an rannsachadh a dhèanamh agus anns a' phileat rinneadh na h-agallamhan mus sgaoileadh na leabhraichean-latha. Mhothaicheadh gun do dh'obraich seo glè mhath oir bha cothrom ann an toiseach bruidhinn ris na pàrantan agus fàs eòlach air a chèile agus earbsa a thogail san rannsaiche oir bha cothroman aca ceistean a thogail. Ri linn shaoileadh an uair sin, le càirdeas air èirigh, gum biodh iad airson a bhith a' cuideachadh an rannsaiche agus gum biodh iad na bu dicheallaiche le lìonadh nan leabhraichean-latha gu h-earbsach.

### **5.13 Beusan**

Air sgàth agus gun robhar a' cleachdadh dhaoine anns an rannsachadh, an toiseach fhuair cead beusach bho Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus rannsachadh a dhèanamh. Fhuair an luchd-pàirteachaidh uile bileag fiosrachaidh mun rannsachadh agus foirm-cead ri lìonadh. Le bhith a' cur an ainm dhan fhoirm-chead bha iad a' dearbhadh gun robh iad ag aontachadh ri pàirt a ghabhail san rannsachadh, ri clàradh de na h-agallamhan le inneal-clàraidh agus cuideachd ag aontachadh ri às-iomraidhean gun urra a bhith a' nochdadh ann an obair sgrìobhte. Bha iad a' tuigsinn cuideachd gum b' urrainn dhaibh tarraing a-mach às an rannsachadh aig àm sam bith gun a bhith a' toirt seachad adhbhar.

### **5.14 Trusadh**

Ann an àite beag mar Bharraigh bha e furasta gu leòr faighinn a-mach cò aig an robh clann anns an sgoil-àraich Ghàidhlig air an eilean. Bha mi eòlach air duine no dithis co-dhiù le cloinn aig an aois seo agus fhuair mi a-mach mu dheidhinn dhaoine eile a bhiodh freagarrach bho dhaoine air an robh mi eòlach air an eilean. Ach rinneadh seo ann an dòigh gu math neo-fhoirmeil agus farsaing gus nach biodh fios le cinnt aig na daoine dhen robh mi faighneachd cò chleachd mi mu dheireadh thall mar luchd-phàirteachaidh. Fhuair mi seòlaidhean post-dealain an luchd-pàirteachaidh agus chuir mi post-d thuca ag innse

dhaibh mun rannsachadh no bhruidhinn mi riutha aghaidh ri aghaidh oir bha mi eòlach orra co-dhiù.

Ann an Glaschu bha e na bu dorra luchd-pàirteachaidh a lorg. A-rithist bhon a bhith a' bruidhinn ri daoine air an robh mi eòlach fhuair mi fiosrachadh mu dhiofar dhaoine aig an robh clann ann an sgoiltean-àraich Gàidhlig agus dh'fhaighnich mi dhaibh am biodh e comasach dhaibh faighneachd dha daoine iomchaidh eile am biodh e ceart gu leòr an seòladh post-d aca a thoirt dhomh. A-rithist, cha do dh'innis mi dhaibh mòran mun rannsachadh agus cuideachd cha do rinn mi soilleir dhaibh an robh na daoine a mhol iad air an cleachdadh san rannsachadh aig a' cheann thall.

Chuir mi post-d chun an luchd-pàirteachaidh a' mìneachadh mo chuid rannsachaidh agus a' faighneachd am biodh iad deònach pàirt a ghabhail. Dh'innis mi dhaibh gun robh mi a' sireadh agallamh leotha agus cuideachd gun robh mi an dùil leabhraichean-latha telebhisein a thoirt dhaibh ri lionadh. Anns a' phost-d dh'fhaighnich mi ceist no dhà mu na cleachdaidhean cànan aca agus fhaighinn a-mach an robh iad a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh. Fhreagair iad uile gu math sgiobalta agus iad deònach pàirt a ghabhail san rannsachadh.

## **5.15 An sampall**

Chaidh ochd teaghlach a thrusadh agus seo mar a bha iad air an roinn:

> ***Dà theaghlach ann an Glaschu a bha a' cleachdadh na Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh***

A: Teaghlach le aon phàrant fileanta sa Ghàidhlig agus aon phàrant aig nach robh Gàidhlig ach a bha air abairtean beaga ionnsachadh. Mar sin chan e Gàidhlig a-mhàin a chaidh a chleachdadh a-staigh, ach bha Gàidhlig ga cleachdadh cho tric 's

a b' urrainn agus gu cunbhalach, dh'fhaoidte le Gàidhlig agus Beurla gan cleachdadh chun na h-aon ìre.

**B:** Teaghlach anns an robh Gàidhlig fhileanta aig a h-uile duine a-staigh agus Gàidhlig air a cleachdadh gu cunbhalach a-staigh, le barrachd Gàidhlig na Beurla ga cleachdadh.

> ***Dà theaghlach ann an Glaschu nach robh a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh***

**C:** B' e a' Bheurla prìomh chànan an teaghlach seo. Bha na pàrantan a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig agus iad a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh ach cha robh iad fhileanta. Bha iad a' feuchainn ris a' bheagan de Ghàidhlig a bha aca a chleachdadh a-staigh ach gu ìre mhòr, b' e Beurla a bha ga bruidhinn a-staigh.

**D:** Bha an teaghlach seo coltach ri Teaghlach C agus Beurla na prìomh cànan an taighe. Bha na pàrantan ag ionnsachadh na Gàidhlig aig clasaichean agus a' feuchainn ris a' bheagan de Ghàidhlig a bha aca a chleachdadh a-staigh an-dràsta 's a-rithist.

> ***Dà theaghlach ann am Barraigh a bha a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh***

**E:** Bha Gàidhlig fhileanta aig a h-uile duine anns an teaghlach seo agus b' e Gàidhlig prìomh chànan an taighe.

**F:** Bha teaghlach F coltach ri teaghlach E, agus Gàidhlig aig a h-uile duine a-staigh agus Gàidhlig na prìomh cànan san dachaigh.

> *Dà theaghlach ann am Barraigh nach robh a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh*

**G:** B' e a' Bheurla prìomh chànan na dachaigh. Ged a chaidh aon phàrant san teaghlach seo a thogail le Gàidhlig agus fhuair am pàrant eile oideachadh ann an Gàidhlig anns an sgoil, cha robh misneachd aca nan cuid chomasan. Ri linn sin cha robh iad a' cleachdadh na Gàidhlig a-staigh leis a' phàist idir, ach a-mhàin abairt no dhà.

**H:** B' e Beurla prìomh chànan an taighe. Bha beagan Gàidhlig aig aon phàrant san teaghlach seo agus cuideachd bha am pàrant eile air clasaichean Gàidhlig a fhrithealadh, ach bha e air sgur. Ach cha robh Gàidhlig air a cleachdadh leis a' phàist ach a-mhàin abairtean beaga an siud agus an seo.

## **5.16 Agallamhan anns an rannsachadh**

An toiseach chumadh agallamhan le na pàrantan. Rinneadh na h-agallamhan anns an Fhaoilleach agus sa Ghearran 2015. Airson sianar a-mach à ochdnar chumadh na h-agallamhan aig na dachaighean aca, agus chaidh agallamhan a dhèanamh leis an dithis eile aig an àite-obrach aca oir is e a b' fhasa dhaibh. Thug na h-agallamhan uile eadar 45-75 mionaidean agus fhuair mi cead na h-agallamhan a chlàradh air inneal-clàraidh fuaim. Rinneadh 4 agallamhan ann an Gàidhlig (A, B, E agus F) agus 4 ann am Beurla (C, D, G agus H). Chaidh agallamh a chumail le dìreach aon phàrant bho gach theaghlach ach aon. Anns an agallamh le teaghlach G, bha dithis phàrant an làthair agus iad a' toirt seachad beachdan, ged is e màthair G am prìomh agallaiche.<sup>66</sup>

---

<sup>66</sup> **agallaiche:** interviewee

## 5.17 Sgrùdadh nan agallamhan

Chaidh na h-agallamhan a' tar-sgrìobhadh leis an rannsaiche fhèin. B' e dòigh-sgrùdaidh chuspaireil<sup>67</sup> leis an sgrùdadh dàta nan agallamhan. Fon dòigh-sgrùdaidh seo tha an dàta air a sheòrsachadh a rèir chuspairean sònraichte agus iad air an leasachadh tro ath-leughadh dhen bhun-dàta (Ritchie, Spencer agus Connor 2003: 220). Chaidh na cuspairean a thaghadh bho na dh'èirich às an lèirmheas-litreachais agus cuideachd chaidh na h-agallamhan a stèidheachadh timcheall air clàr-chuspairean. A bharrachd air sin leughadh na tar-sgrìobhainnean a-rithist agus a-rithist gus diofar chuspairean a lorg agus an seòrsachadh mus tòisicheadh ath-chòdadh a dhèanamh gus an dàta a chur ann an cruth rianail.

Chaidh tar-sgrìobhaidhean nan agallamhan a chur a-staigh gu NVivo<sup>68</sup> dreach 10 agus chaidh na h-agallamhan a chòdadh le bhith a' cleachdadh a' phrògram coimpiutaireachd sin. Cha do rinneadh sgrùdadh sam bith le NVivo ach b' e dòigh ann na h-agallamhan a chòdadh agus fiosrachadh air gach còd a chruinneachadh còmhla agus bha e furasta agus luath sealltainn air fiosrachadh fo gach còd.

## 5.18 Leabhraichean-latha anns an rannsachadh

Chaidh seachdain rannsachaidh nan leabhraichean-latha a thaghadh anns a' Ghiblean 2015: Diluain 20/04/15 gu Didòmhnaich 26/04/15. Bhathar den bheachd gum biodh e na b' fhasa dha na teaghlaichean tòiseachadh air Diluain. Thaghadh na deitichean sin oir bha iad taobh a-muigh saor-lathaichean na sgoile (bhathar airson saor-lathaichean na sgoile a sheachnadh oir bhiodh sin a' toirt buaidh air àbhaisteachd na seachdain). Mun do thòisich seachdain nan leabhraichean-latha choinnich an rannsaiche leis an luchd-phàirteachaidh a-rithist aghaidh ri aghaidh gus na leabhraichean-latha a thoirt seachad agus gus dol tron stiùireadh.

---

<sup>67</sup> **dòigh-sgrùdaidh chuspaireil**: thematic analysis

<sup>68</sup> bathar-bog coimpiutair airson sgrùdadh dàta càileachdail

Bhathar a' gabhail ris gum biodh e na b' fhasa bruidhinn aghaidh ri aghaidh ri cuideigin mu na leabhraichean-latha, seach a bhith dìreach a' leughadh stiùireadh.

B' e pasgan (ringbinder folder) a chaidh a thoirt seachad dha na pàrantan le mu 80 duilleag le na ceistean nam broinn. Bhathar airson a bhith cinnteach nach ruitheadh iad a-mach à bileagan. Aig a' cheart àm dh'innis mi dhaibh nach bu chòir dhaibh dragh a ghabhail mun uimhir de dhuilleagan anns a' phasgan oir cha robh sin a' riochdachadh bheachdan sam bith mu na bha còir aca a lionadh. Cuideachd, dh'innis mi dhaibh gum b' urrainn dhaibh faighneachd airson tuilleadh dhuilleagan nan robh feum aca orra. Chaidh peann a cheangal ri pìos sreang agus chaidh am pìos sreang a cheangal ris a' phasgan; bha seo a' ciallachadh gum biodh peann faisg air làimh agus dh'fhaodadh an leabhar-latha a lionadh sa bhad gun coimhead airson peann an toiseach.

Air an Didòmhnaich ron Diluain a bha na leabhraichean-latha gus tòiseachadh chuireadh teachdaireachd chun nam pàrantan air fad gus cur nan cuimhne gun robh aca ris na leabhraichean-latha a thòiseachadh an ath latha. Agus tron t-seachdain gu lèir bha mi ann an conaltradh leotha tro theachdaireachdan a' cumail nan cuimhne na leabhraichean-latha a lionadh. Cuideachd, bha seo a' toirt chothroman dhaibhsan ceistean fhaighneachd nan robh gin aca. Às dèidh na seachdain rannsachaidh chaidh mi timcheall nan taighean gus na leabhraichean-latha a thogail. Bha seo a' toirt cothrom dhomh, a-rithist aghaidh-ri-aghaidh, a bhith faighneachd an robh trioblaidean sam bith aca agus cuideachd sùil a thoirt air na leabhraichean-latha gu luath feuch an robh sgath ann nach robh soilleir.

## **5.19 Sgrùdadh nan leabhraichean-latha**

Thèid tuilleadh mìneachaidh a thoirt seachad ann an Caibideil 6, caibideil nan toraidhean, air mar a rinneadh sgrùdadh air na leabhraichean-latha, ach b' e sgrùdadh aig ìre shìmplidh

a chaidh a dhèanamh. Bha e follaiseach gun robh an t-uabhas de dh'fhiosrachadh air thighinn bho na leabhraichean-latha agus chaidh co-dhùnadh a dhèanamh prìomhachas a thoirt dha na ciad cheithir ceistean anns an leabhar-latha a thug fiosrachadh seachad air an t-susbaint fhèin a chaidh a choimhead, air cuin a chaidh a choimhead agus dè cho fada 's a chaidh a choimhead oir b' e sin am fhiosrachadh a b' iomchaidh dhan rannsachadh.

Dhèiligeadh le gach leabhar-latha fa-leth agus thugadh sùil air na h-amannan nuair a chaidh susbaint a choimhead agus dh'obraicheadh a-mach dè cho fada (ann am mionaidean) 's a chaidh gach pìos susbaint no prògram a choimhead. Bhon a sin, chomharraicheadh fiosrachadh bunaiteach air cia mheud mionaid uile gu lèir a chaidh a choimhead, cia mheud mionaid de shusbaint Ghàidhlig agus Beurla a chaidh a choimhead agus cia mheud mionaid de gach seòrsa dòigh-choimhid a chaidh a choimhead. Leis an fhiosrachadh sin bha e furasta ceudachdan<sup>69</sup> obrachadh a-mach. Mar eisimpleir, airson obrachadh a-mach dè a' cheudachd dhen t-susbaint gu lèir a chaidh a choimhead sa Ghàidhlig, thugadh an àireamh airson mionaidean a chaidh a choimhead sa Ghàidhlig agus roinneadh sin leis an iomlan de mhionaidean airson na seachdain. Cuideachd, bha am fhiosrachadh air dè an t-àm den latha a chaidh susbaint a choimhead cuideachail airson faighinn a-mach cuin a bu dualtaiche dhan phàist susbaint a choimhead.

Bhon fhiosrachadh a fhuair e air ainm na susbaint a chaidh a choimhead dh'fhaodadh barrachd sgrùdaidh a dhèanamh air dè an seòrsa susbaint a bha ann. Rinneadh sin le a bhith a' cur ainm na susbaint a-steach gu inneal-rannsachaidh air-loidhne agus fhuair e fhiosrachadh bunasach mun t-susbaint. B' e na prìomh rudan a bhathar airson faighinn a-mach am b' e cartùn no prògram 'live-action' a chaidh a choimhead. Airson seachdain nan leabhraichean-latha fhuair e leth-bhreac de chlàr-ama BBC ALBA airson faighinn a-

---

<sup>69</sup> **ceudachdan**: percentages



mach dè na prògraman a bha ri fhaotainn agus bhon a sin b' urrainnear fhaighinn a-mach dè na seòrsachan de phrògraman Gàidhlig a bha air an taghadh no air an seachnadh.

Le a bhith a' cleachdadh clàr-ama BBC ALBA b' urrainnear sgrùdadh nan dearbh amannan a bha prògraman cloinne ri fhaotainn air an t-sianail agus mar a chìthear bha am fiosrachadh sin cudromach airson cothrom-coimhid-Gàidhlig a thomhas. A bharrachd air sin, bhon chlàr-ama bha cothrom ann sgrùdadh a dhèanamh air na dearbh phrògraman cloinne a bha rim faighinn air BBC ALBA an t-seachdain sin agus fiosrachadh a lorg a dh'innis an litreachas dhuinn a bha iomchaidh, mar eisimpleir, dè seòrsa phrògraman a bha annta, an e cartùnan no 'live-action' a bha annta, an robh coltas oideachail orra, an deach an dèanamh san dùthaich-sa, dè na cuspairean ris an robh na prògraman a' dèiligeadh, agus dè an aois chloinne air an robh iad ag amas. Feumar a bhith soilleir nach d' rinneadh sgrùdadh susbaint mionaideach idir air na prògraman agus cha deach an coimhead. B' ann bho fhiosrachadh agus tuairisgeulan air na prògraman a fhuair eadhon bhon eadar-lìon ris an deach am measadh.

## **5.20 Co-dhùnadh**

Anns a' chaibideil seo thugadh iomradh air seasamhan teòiridheil an rannsachaidh agus chaidh an sampall-rannsachaidh agus na modhan-rannsachaidh a dhearbhadh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air agallamhan agus leabhraichean-latha susbaint mar mhodhan-rannsachaidh agus rinneadh argamaid gur iad na modhan-rannsachaidh a bu fhreagarraiche dhan rannsachadh seo. Dhealbhaicheadh mar a chuireadh nam modhan-rannsachaidh an cèill anns an rannsachadh fhèin agus mar a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air dàta nan toraidhean rannsachaidh. Anns an ath chaibideil, tha toraidhean an rannsachaidh air an taisbeanadh.

## CAIBIDEIL 6: TORAIDHEAN

### **6.1 Susbaint ann am beatha na cloinne**

Bheachdaicheadh anns an lèirmheas-litreachais gum faodadh coimhead susbaint buaidh a thoirt air leasachadh-cànain cloinne. Ach ma tha a leithid de bhuidhean gu bhith ann, an toiseach dh'fheumadh clann susbaint a choimhead. Mar sin, mar toiseach-tòiseachaidh, bheirear sùil air an robh susbaint air a choimhead leis a' chloinn san t-sampall againn gus measadh a dhèanamh air cudromachd susbaint nam beatha. Airson a' chòrr dhen chaibideil seo bi e feumail ath-choimhead air duilleagan 147-149 airson feartan eadar-dhealaichte nan teaghlaichean a chuimhneachadh.

#### **6.1.1 Uimhir: dàta nan leabhraichean-latha**

Anns a' chlàr a leanas chìthear na mionaidean de shusbaint gu lèir a chaidh an coimhead le gach pàist ann an seachdain nan leabhraichean-latha.

##### *Clàr 1:*

##### *Mionaidean susbaint gu lèir a chaidh a choimhead san t-seachdain*


<b><u>Pàist</u></b>	<b><u>Mionaidean</u></b>
A	<b>879</b>
B	<b>715</b>
C	<b>642</b>
D	<b>805</b>
E	<b>915</b>
F	<b>1092</b>
G	<b>515</b>
H	<b>420</b>

Anns a' chlàr chìthear gun robh diofar irean de chleachdadh susbaint aig a' chloinn. Aig a' char-chleachdaidh a b' ìsle bha Pàist H, le 420 mionaidean san t-seachdain gu lèir. Aig a'

char-chleachdaidh a b' àirde bha Pàist F, le 1092 mionaidean de shusbaint. Mar sin, nochd raon farsaing de phàtranan cleachdaidh, le cuid de chloinn na bu thruime air cleachdadh susbaint na feadhainn eile. Tha seo a' ciallachadh gu bheil deagh mheasgachadh agus farsaingeachd de dhiofar shuidheachaidhean ann rin sgrùdadh.

Tha na figearan ann an Clàr 1 ag innse dhuinn gun robh susbaint air a cleachdadh le gach pàist agus, mar sin, bha susbaint mar phàirt de bheatha gach pàist gu ìre air choreigin. Ach chan eil Clàr 1 a' toirt dhuinn ach dealbh air cho bitheanta 's a bha cleachdadh susbaint ann an seachdain slàn; 's urrainnear a dhol ceum nas fhaide gus faicinn an e rud làitheil a bha ann an cleachdadh susbaint. Anns an ath ghraf (Graf 1) bhriseadh sìos cleachdadh susbaint tron t-seachdain, a' sealltainn dhuinn an uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead gach latha den t-seachdain le gach pàist.

**Graf 1:**  
**Mionaidean susbaint air gach latha san t-seachdain**



Airson còignear cloinne (A, B, C, F agus G) chaidh susbaint a cleachdadh gach latha (7 latha) san t-seachdain. Airson aon phàist (E) chaidh susbaint a cleachdadh 6 latha san t-seachdain. Airson dithis (D agus H) chaidh a cleachdadh 5 latha a-mach às na 7 latha. Airson na cloinne air fad, bha an uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead diofraichte gach latha; bha lathaichean ann far an robh barrachd susbaint air a coimhead na bha air lathaichean eile. Ach, nochd pàtran seasmhach airson Pàist F le 130 mionaidean de shusbaint air a choimhead Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin. Anns a' chumantas, ge-tà,

bha gach latha eadar-dhealaichte airson gach pàist; cha robh pàtranach cunbhalach ann. Ach, airson a' mhòr-chuid, bha iad na bu thruime air an t-susbaint air latha air an deireadh-seachdain na bha iad air lathaichean-sgoile (Diluain gu Dihaoine).

Mar a chunnacas san lèirmheas-litreachais (aig 4.3), dh'innis àireamhan Ofcom dhuinn gun robh clann ann am Breatainn gu h-àbhaisteach a' cur seachad 2 uair a thìde a' coimhead telebhisean air latha-sgoile agus 2 uair a thìde gu leth air latha air an deireadh-seachdain. Chìthear gun robh cha mhòr gach pàist a' ruighinn no a' tighinn faisg air na h-àireamhan sin air cuid de làthaichean.

### **6.1.2 Uimhir: dàta nan agallamhan**

Bha dàta nan leabhraichean-latha feumail airson dealbh domhainn a thoirt dhuinn air cleachdaidhean susbaint na h-aon seachdain shònraichte sin, ach airson farsaingeachd nan dàta a leasachadh 's urrainnear tarraing air dàta nan agallamhan. Bhathar an dùil coimeas a dhèanamh eadar àireamhan uimhir susbaint làitheil bho na leabhraichean-latha agus tuairmsean nam pàrant anns na h-agallamhan mu chleachdadh susbaint làitheil na cloinne. Nan robh na h-uimhirean coltach ri chèile bheireadh sin earbsachd do dh'fhìorachas nan dàta, oir bhiodh aonta ann eadar na bha pàrantan ag ràdh agus na bha iad a' dèanamh ann an da-rìribh. Mura robh aonta ann dh'fhaodadh sin ciallachadh gur dòcha nach robh an fhìrinn air innse anns na h-agallamhan no anns na leabhraichean-latha, no dh'fhaoidte nach robh na pàrantan fhèin mothachail mu chleachdaidhean susbaint an cuid cloinne. Cuideachd, mura robh aonta ann eadar na dàta, dh'fheumar aithneachadh gur e dìreach aon seachdain a chaidh a sgrùdadh anns na leabhraichean-latha agus 's dòcha air seachdainean eile gum biodh tuairmsean nam pàrant na b' fhaisge air an 'fhìrinn'. A' bharrachd air sin, chunnacas bho na leabhraichean-latha gun robh diofar ann an uimhir de shusbaint a bha air a' coimhead air diofar lathaichean agus nach robh pàtranach làitheil àbhaisteach. Ri linn sin

bhiodh e doirbh dhan na pàrantan ceist a fhreagairt air àbhaisteachd mura robh ‘àbhaisteachd’ ann.

Nuair a fhreagair na pàrantan a’ cheist mu uimhir susbaint làitheil cha tug gin aca freagairt seachad le làn chinnt. Bha iad ag aithneachadh gur e tuairmsean a bha iad a’ dèanamh a thaobh susbaint agus bha cuid aca a’ smaointinn gum biodh e inntinneach na leabhraichean-latha a lìonadh gus am faigheadh iad dealbh na b’ fheàrr air cleachdadh susbaint an cuid cloinne. Bha na tuairmsean a thug cuid de phàrantan seachad faisg air ceart airson cuid de lathaichean anns na leabhraichean-latha. Mar eisimpleir, bha Pàrant G a’ smaointinn gun robh am pàist a’ coimhead mu uair a thìde de shusbaint air latha sgoile, agus bho Ghraf 1 chunnacas gun robh dà latha ann le mu uair a thìde air a coimhead agus na trì lathaichean eile an ìre mhath faisg air sin cuideachd.

Ach airson phàrantan eile leis gun robh eadar-dhealachadh cho mòr ann bho latha gu latha ann an uimhir susbaint nan leabhraichean-latha, lean e nach biodh aonta ann eadar na tuairmsean agus na leabhraichean-latha. Mar eisimpleir, shaoil Pàrant A gum biodh am pàist a’ coimhead mu 45 mionaid shusbaint gach latha. Bhon leabhar-latha chunnacas gun deach 45 mionaidean de shusbaint a choimhead air Diciadain agus mar sin bha tuairmse a’ phàrant ceart ann an aon dòigh. Ach ma bheirear sùil air na lathaichean-sgoile eile bha cha mhòr an dà uiread no barrachd de shusbaint air a choimhead. Cuideachd airson Pàrant E, bha iad den bheachd gun robh am pàist a’ coimhead ‘s dòcha uair an uaireadair’ gach latha. Bho àireamhan nan leabhraichean-latha chìthear gun robh lathaichean ann nach deach susbaint a choimhead no glè bheag de shusbaint, ach air lathaichean a chaidh susbaint a choimhead, chaidh an dà uiread no barrachd is uair a thìde a choimhead.

Bha feadhainn de thuairmsean nam pàrant faisg air na nochd anns na leabhraichean-latha agus tuairmsean eile fad às, ach bha e follaiseach bho na pàrantan gur e tuairmsean a bha iad a' dèanamh; bha beachdan aca mu uimhir susbaint ach bha iad ag aithneachadh nach robh iad buileach cinnteach. Bha a' mhì-chinnt seo a' cur air aghaidh nach robh pàrantan a' toirt na h-uimhir sin de mhothachadh air uimhir susbaint agus gun robh na cleachdaidhean susbaint caran *ad-hoc*. Tha dàta nan leabhraichean-latha a' toirt taic dhan bheachd mu chleachdadh *ad-hoc* leis nach do nochd pàtranan làitheil cunbhalach.

Tha am fiosrachadh seo cuideachail dhan tràchdas seo oir tha e ag innse dhuinn gur dòcha nach robh pàrantan a' toirt aire cho mòr air cleachdadh susbaint an cuid cloinne. Air uairean, ma dh'fhaoidte gum b' urrainnear a ràdh nach robh pàrantan ag aithneachadh cudromachd susbaint ann am beatha na cloinne oir, airson feadhainn, bha pàirt na bu mhotha aice nam beatha na bha iad an dùil.

### **6.1.3 An ròl aig susbaint ann an uairean-saora na cloinne**

Bha beatha eadar-dhealaichte aig a' chloinn gu lèir agus iad aig sgoil-àraich, aig an taigh, agus nan cadal aig diofar amannan agus mar sin bhiodh ròl diofraichte aig susbaint ann am beatha gach pàist. Bhathar airson faighinn a-mach dè cho bitheanta 's a bha susbaint ann am beatha na cloinne taobh a-muigh uairean caidil agus uairean na sgoil-àraich agus dh'innseadh sin an robh susbaint sònraichte nam beatha. Bho na h-agallamhan fhuair eadh a-mach cuin a bhiodh a' chlann ag èirigh agus a' dol dhan leabaidh agus dè cho fada 's a bha iad anns an sgoil-àraich. Mar sin, fhuair eadh àireamh airson 'uairean-saora' na cloinne; uairean nuair nach biodh a' chlann anns an sgoil-àraich no nan cadal. Cha tug cuid de phàrantan seachad fiosrachadh air cuin a bha an cuid cloinne ag èirigh no nan cadal ach airson na cloinne sin rinneadh tuairmse gum biodh iad ag èirigh aig 07.30 agus a' dol a

chadal aig 19.30 oir bha na h-uairean sin coltach ris na h-uairean a thug na pàrantan eile seachad.

Cuideachd, dh'obraicheadh a-mach cuibheas<sup>70</sup> (meadhain agus meadhanach) cleachdadh susbaint làitheil (airson latha-sgoile) airson gach pàist<sup>71</sup> gus am b' urrainnear tuairmse a dhèanamh air dè an uimhir de dh'uairean-saora air latha-sgoile a bha air a chur seachad le a bhith a' coimhead susbaint. Tha iad seo air a shealltainn ann an Clàr 2 mar cheudachd.

**Clàr 2:**  
**Cuibheas susbaint làitheil agus uairean-saora**

	Uairean-saora (mionaidean)	Cuibheas susbaint (mionaidean)		% uairean-saora le susbaint	
		Meadhain	Meadhanach	Meadhain	Meadhanach
A	270	88	74	33%	27%
B	450	86	85	19%	19%
C	420	81	80	19%	19%
D	530	143	101	27%	19%
E	540	111	120	21%	22%
F	540	153	130	28%	24%
G	540	56	60	10%	11%
H	540	42	30	8%	6%

Tha uairean-saora airson Pàist A na b' ìsle na càch, oir bha Pàist A san sgoil-àraich airson latha-slàn ceithir lathaichean san t-seachdain agus càch san sgoil-àraich dìreach airson leth-latha gach latha.

<sup>70</sup> **cuibheas:** average

<sup>71</sup> Rinneadh seo le bhith a' roinn nan mionaidean iomlan de shusbaint airson lathaichean-sgoile gach pàist le còig (àireamh lathaichean-sgoile san t-seachdain).




Chithear gu bheil àireamhan meadhain agus meadhanach an ìre mhath faisg air a chèile, agus mar sin, chleachdar àireamhan cuibheis mheadhain a-mhàin anns a' chòrr dhen sgrùdadh. Airson a' mhòr-chuid chithear gun robh susbaint air a choimhead airson mu 20-30% den uairean-saoire aca air latha-sgoile. Cha robh ach dithis ann le 10% no na bu lugha (G agus H) dhen uairean-saora air a chur seachad le susbaint. Tha seo a' toirt dealbh dhuinn air cho tric 's a bha susbaint a' nochdadh ann am beatha na cloinne tron t-seachdain. Tha am fiosrachadh seo iomchaidh dhan tràchdas seo oir 's ann anns na h-uairean-saora a bhiodh a' chlann a' cluinntinn cànan taobh a-muigh na sgoil-àraich. Mar sin, bhiodh cànan na susbaint cudromach.

#### **6.1.4 A' cleachdadh susbaint: Gàidhlig/Beurla**

Dhealbhaicheadh gun robh a' chlann anns an rannsachadh seo a' cleachdadh susbaint agus gun robh pàirt chunbhalach, làitheil aig susbaint ann am beatha gach pàist. Thugadh sùil air argamaidean bhon litreachas gum faodadh susbaint buaidh a thoirt air cànan-a-steach agus gnothaichean inbhe cànan. Ach airson a leithid de bhuidhean seo a bhith ann dh'fheumadh susbaint a bhith air a coimhead. Tha seo gar toirt chun na h-ath cheist: an robh susbaint Ghàidhlig air a coimhead leis a' chloinn? Tha Graf 2 ag innse tuilleadh dhuinn:

**Graf 2:**

**Mionaidean de shusbaint Bheurla agus susbaint Ghàidhlig a chaidh a choimhead anns an t-seachdain**



Tha Graf 2 a' sealltainn dhuinn na mionaidean susbaint gu lèir a chaidh a choimhead air seachdain nan leabhraichean-latha. A-mach às na mionaidean sin chìthear cia mheud dhiubh a chuireadh seachad le susbaint sa Ghàidhlig (gorm) agus cia mheud a chuireadh seachad le susbaint sa Bheurla (dearg). Tha e follaiseach gun deach fada a bharrachd susbaint Bheurla a choimhead na susbaint Ghàidhlig. Bha ceathrar cloinne ann nach do chleachd susbaint Ghàidhlig sam bith air seachdain nan leabhraichean-latha: D, E, G agus H. A-measg na cloinne a chleachd susbaint Ghàidhlig, cha robh susbaint Ghàidhlig a' dèanamh suas ach glè bheag den t-susbaint gu lèir a chaidh a choimhead. Tha na h-àireamhan air an taisbeanadh mar cheudachd anns an ath chlàr.

**Clàr 3:**

**% de shusbaint gu lèir a chaidh a coimhead sa Ghàidhlig am measg cloinne a chleachd susbaint Ghàidhlig**

A	13%
B	30%
C	21%
F	2%

Am measg an fheadhainn a chleachd susbaint Ghàidhlig, chìthear ann an Clàr 3 gun deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gu diofar ìrean. Cha mhòr gun do chleachd Pàist F susbaint Ghàidhlig sam bith. Aig an ìre a b' àirde am measg an fheadhainn a chleachd susbaint Ghàidhlig, cha deach cleachdadh susbaint Ghàidhlig na b' àirde na 30% dhen t-susbaint a chaidh a chleachdadh gu lèir.

Tha na ceudachdan a' toirt dealbh air an ìre a bha Gàidhlig air a cleachdadh uile gu lèir, ach cuideachd tha e feumail suil a thoirt air cia mheud latha san t-seachdain a chaidh susbaint Ghàidhlig a choimhead. Le bhith a' coimhead air san t-seagh seo thathar a' faighinn beachd air dè cho làitheil 's a bha cleachdadh Gàidhlig, no an deach an t-susbaint Ghàidhlig a bh' air a coimhead, a choimhead dìreach ann an cnap mòr ann an aon latha. Tha Clàr 4, a leanas, a' sealltainn dhuinn cia mheud latha a-mach à 7 a chaidh susbaint Ghàidhlig a cleachdadh leis a' cheathrar a chleachd susbaint Ghàidhlig.

**Clàr 4:**

**Cia mheud latha a chaidh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh?**

A	5
B	6
C	3
F	1

Bhon chlàr chithear gun robh Pàist A agus B a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig air a' chuid a bu mhotha de lathaichean san t-seachdain. Mar sin, chanar gun robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh gu cunbhalach san t-seachdain agus gun robh i mar phàirt de bheatha làitheil na cloinne. Airson Pàist C, chaidh susbaint Ghàidhlig a cleachdadh dìreach na bu lugha na leth dhe na làthaichean san t-seachdain. Le sin, cha robh e na annas dhan phàist a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus dh'fhaodar a ràdh gun robh e na pàirt de bheatha làitheil a' phàist gu ìre. Ach a thaobh Pàist F, cha robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh ach air aon latha agus le sin chan e rud làitheil a bha ann dhan phàist sin.

Chan eil na h-àireamhan seo ach a' toirt dealbh dhuinn ach air na thachair ann an aon seachdain. Bha e iomchaidh na h-aon cheistean a thogail anns na h-agallamhan airson faighinn a-mach dè cho cumanta is a bha e gum biodh a' chlann a' coimhead susbaint Ghàidhlig no nach biodh. Bha aonta an ìre mhath ann eadar fiosrachadh nan agallamhan agus am pàtran a nochd bho na leabhraichean-latha. Tha e iomchaidh a dhol tro fhiosrachadh nan agallamhan gus dealbh nas slàine a thoirt seachad air cleachdaidhean susbaint na cloinne agus co-dhùnadh a ruighinn air cò bha a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus cò nach robh.

Bho na leabhraichean-latha chunnacas gun do chleachd Pàist A, B agus C susbaint Ghàidhlig agus bho na h-agallamhan nochd fianais gun robh e àbhaisteach dhan chloinn a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu tric. Bha Pàrant A cinnteach gun robh Pàist A a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig: 'Bidh [A] a' cleachdadh dìreach CBeebies<sup>72</sup> agus BBC ALBA'. Bha e follaiseach bhon agallamh le Pàrant A gun robh iad gu math eòlach air susbaint BBC ALBA agus iad ag ainmeachadh phrògraman a bha air an t-sianail. Leis gun

---

<sup>72</sup> Sianail BBC do chloinn fo aois-sgoile

robh deagh mhothachadh aig Pàrant A air an t-susbaint a bha ri faighinn, bha sin a' cur ris a' bheachd gun robh am pàist a' cleachdadh BBC ALBA gu tric. Ged nach b' e susbaint Ghàidhlig ach 13% dhen t-susbaint gu lèir aig Pàist A air seachdain nan leabhraichean-latha, bha i air a cleachdadh còig a-mach à seachd latha an t-seachdain sin le aon latha far an robh barrachd Ghàidhlig air a coimhead na Beurla. 'S urrainnear Pàist A ainmeachadh mar phàist air an deach oidhirp a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son, fiù 's ged ma dh'fhaoidte nach robh an t-susbaint sin a' dèanamh suas cnap mòr dhen t-susbaint gu lèir aca.

Bha Pàrant B cuideachd cinnteach nam beachd gun robh Pàist B a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu tric agus iad a' saoilinn gun robh am pàist a' coimhead barrachd susbaint Ghàidhlig na Beurla. Ged a bha na leabhraichean-latha ag innse dhuinn gun robh Pàist B a' cleachdadh dìreach 30% dhen t-susbaint gu lèir anns a' Ghàidhlig, ma dh'fhaoidte ann an da-rìribh gum biodh an àireamh sin na b' àirde air seachdainean eile. Ann an leabhar-latha Pàist B bha aon latha ann far an robh barrachd susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh na Beurla agus dà latha eile far an robh uimhir Ghàidhlig agus Beurla gu math faisg air a chèile. A-measg an t-sampaill de chloinn gu lèir b' e Pàist B am pàist leis a' cheudachd de shusbaint gu lèir a bu mhotha a bha sa Ghàidhlig agus b' e an aon phàist a chleachd susbaint Ghàidhlig air sia a-mach à seachd latha. Mar sin, 's urrainn dhuinn ainmeachadh Pàist B mar phàist air an deach oidhirp a dhèanamh gu tric gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son.

Anns an agallamh, bhon dòigh anns an robh Pàrant C a' bruidhinn bha e follaiseach gun robh BBC ALBA mar phàirt chunbhalach de bheatha Pàist C. Tuigear bhon ath luaidh gun robh e àbhaisteach dhan phàist a bhith a' cleachdadh BBC ALBA oir tha am pàist mion-eòlach air cuin a thig BBC ALBA air:

*C: And at five o'clock, I'll say to [C] "what time is it?" (laughs) [C] 'll say "is it five o'clock yet?" because all the [Gaelic] programmes start.*

Tha fiosrachadh nan leabhraichean-latha a' toirt taic dhan bheachd gun robh Pàist C a' coimhead BBC ALBA gu cunbhalach oir air seachdain nan leabhraichean-latha bha susbaint Ghàidhlig a' dèanamh suas an còigeamh den t-susbaint gu lèir aig Pàist C. B' e sin an dàrna àireamh a b' àirde san t-sampall de chloinn. Mar sin, dh'fhaodar co-dhùnadh gun robh e àbhaisteach gun robh Pàist C a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu tric.

A thaobh Pàist D, cha deach susbaint Ghàidhlig sam bith a chleachdadh ann an seachdain nan leabhraichean-latha. Ach bhon a chaidh a ràdh anns an agallamh le Pàrant D, dh'fhaodar a ràdh gun robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh agus gu ìre gun robh i na pàirt de bheatha Pàist D. Dh'aidich Pàrant D gur dòcha nach b' e rud làitheil a bha ann a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig ach bha am pàist ga chleachdadh:

*D: ...And [I'll choose] English, just because there is not the Gaelic available.*

Bhon luaidh gu h-àrd tuigear air uairean gum biodh prìomhachas air a chur air a bhith a taghadh susbaint Ghàidhlig seach Beurla, nan robh susbaint Ghàidhlig ri fhaotainn.<sup>73</sup> Mar sin, ged nach deach susbaint Ghàidhlig sam bith a chleachdadh ann an seachdain nan leabhraichean-latha, dh'fhaodar co-dhùnadh nach robh e neo-àbhaisteach dhan phàist susbaint Ghàidhlig a choimhead; ged nach bi e a' tachairt a h-uile latha, bha am pàrant a' faicinn cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar rudeigin a bha na pàirt àbhaisteach de bheatha a' phàist. Bhon agallamh nochd e gun robh e cumanta dhan phàrant seo a bhith a dh'aona-gnothach a' sireadh susbaint Ghàidhlig airson a' phàist. Mar sin, ged a bha mì-fhreagairt ann eadar fiosrachadh an agallaimh agus fiosrachadh an leabhair-latha, thathar a' gabhail ris gum bi Teaghlach D a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson Pàist D.

---

<sup>73</sup> Air seachdain nan leabhraichean-latha tric cha robh an cothrom aig Pàist D susbaint Ghàidhlig a choimhead, cha robh susbaint Ghàidhlig 'available'.

Cha do chleachd Pàist E susbaint Ghàidhlig sam bith air seachdain nan leabhraichean-latha. Anns an agallamh thuirt Pàrant E: ‘chan eil e na fhasan dhomh a’ cur air BBC ALBA’. Bhiodh am pàist a’ cleachdadh susbaint Ghàidhlig uaireannan ach cha robh gu cunbhalach. Bha coltas ann gun robh Pàist E a’ cleachdadh BBC ALBA an-dràst’ agus a-rithist ach mar bu trice dìreach nuair a thàinig am pàrant tarsainn air rudeigin air thuairmeas.<sup>74</sup> Cha robh Pàrant E a dh’aona-gnothach a’ sireadh susbaint Ghàidhlig airson a’ phàist agus cha robh susbaint Ghàidhlig air a faicinn mar phàirt mhòr de bheatha a’ phàist. Mar sin thathar ag ainmeachadh Pàist E mar phàist nach robh a’ cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu tric idir agus iad ann an suidheachadh far nach robh mòran oidhirp sam bith air a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son.

Airson Pàist F, chunnacas nach robh ach 2% dhen t-susbaint gu lèir a chaidh a chleachdadh air seachdain nan leabhraichean-latha ga cleachdadh sa Ghàidhlig. Ged a bha am pàist a’ cleachdadh susbaint Ghàidhlig b’ ann glè ainneamh a bha seo a’ tachairt. Bhon agallamh bha an aon bheachd a’ nochdadh:

*F: Nuair a thig BBC ALBA air, cuiridh mi siud air uaireannan. Cha bhi a h-uile latha...Ach mar as trice bidh CBeebies air.*

Cha robh coltas ann bhon agallamh gun robh oidhirp air a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh dhan phàist agus cha robh susbaint Ghàidhlig mar phàirt àbhaisteach de bheatha a’ phàist. Ri linn sin, ’s urrainnear Pàist F ainmeachadh mar phàist nach robh a’ cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu cunbhalach agus iad ann an suidheachadh far nach robh mòran oidhirp air a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son.

Airson Phàistean G agus H, cha deach susbaint Ghàidhlig sam bith a chleachdadh air seachdain nan leabhraichean-latha. Bha aonta ann le sin agus fiosrachadh a fhuairadh bho

---

<sup>74</sup> **air thuairmeas**: by chance

agallamhan nam pàrantan agus gach pàrant ag aideachadh nach robh an cuid cloinne idir a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig (ach ma dh'fhaoidte aig taigh nan sean-phàrantan ged nach robh iad cinnteach mu dheidhinn sin). Mar sin bha e follaiseach airson Pàist G agus Pàist H nach robh oidhirp air a dèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son agus nach robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh gu tric, ma bha idir.

Às dèidh sùil a thoirt air fiosrachadh nan agallamhan agus fiosrachadh nan leabhraichean-latha còmhla, thathar air co-dhùnaidhean a ruighinn air cò a bha a' dèanamh deagh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus ga choimhead gu tric agus cò nach robh. Airson clann A, B, C agus D chaidh oidhirp a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus i air a cleachdadh gu tric agus mar phàirt dem beatha. Dh'ainmichear clann E, F, G agus H mar chlann nach robh a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu tric ma bha idir; cha robh mòran oidhirp air a dèanamh susbaint Ghàidhlig a thaghadh agus cha robh e mar phàirt chudromach dem beatha.

**Clàr 5:**

***A' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh tric?***

A	✓	E	✗
B	✓	F	✗
C	✓	G	✗
D	✓	H	✗

**6.1.5 Co-dhùnadh: susbaint ann am beatha na cloinne**

Chunnacas gun robh gach pàist a' cleachdadh susbaint, gu diofar ìrean, agus gun robh e mar phàirt chunbhalach de bheatha gach pàist. Dh'innseadh dàta nan agallamhan nach robh pàrantan 's dòcha buileach cho cinnteach mu cho bitheanta 's a bha cleachdadh susbaint ann am beatha an cuid cloinne. Bha cleachdadh susbaint a' dèanamh suas bho 8% gu 33% de uairean-saora na cloinne, uairean far an cluinneadh iad cànan taobh a-muigh na sgoil-



àraich. Mar sin bhiodh susbaint na chnap sònraichte de chànan-a-steach na cloinne taobh a-muigh na sgoil-àraich agus ri linn sin bhiodh cànan na susbaint cudromach.

Air seachdain nan leabhraichean-latha cha do chleachd ach ceathrar chloinne susbaint Ghàidhlig, agus airson aonan dhiubh sin (F) bha an uimhir de shusbaint glè bheag. Cha robh fiosrachadh nan leabhraichean-latha a' toirt seachad dealbh ach air aon seachdain agus mar sin chleachdar dàta nan agallamhan airson dealbh nas slàine fhaighinn air cleachdaidhean. Bha aonta ann gu ìre eadar dàta nan agallamhan agus dàta nan leabhraichean-latha, agus bha e follaiseach airson 3 de na teaghlaichean (A, B agus C) a chleachd susbaint Ghàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha gun robh iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig bhon fhiosrachadh a fhuair bho nan agallamhan. Airson trì de na teaghlaichean nach do chleachd susbaint Ghàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha (E, G agus H) bha aonta ann le fiosrachadh nan agallamhan. Ach airson Pàist D agus Pàist F bha diofaran ann eadar na nochd bho na leabhraichean-latha agus na h-agallamhan. Ged a chleachd Pàist F glè bheag de shusbaint Ghàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha rinneadh co-dhùnadh gun robh a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig sa chumantas na annas agus nach robh mòran oidhirp air a dèanamh airson a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu cunbhalach. Airson Pàist D, ged nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh air seachdain nan leabhraichean-latha, bho fhiosrachadh nan agallamhan rinneadh co-dhùnadh gun robh oidhirp air a dèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gu tric.

Mar sin, rinneadh co-dhùnadh gun robh ceithir teaghlaichean ann a bha a' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh gu tric airson an cuid cloinne agus gun robh ceithir teaghlaichean ann nach robh a' dèanamh oidhirp cho mòr susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson an cuid cloinne ma bha iad a' dèanamh oidhirp sam bith. Ach fiù 's am measg an

fheadhainn a chleachdadh susbaint Ghàidhlig, mar cheudachd de shusbaint gu lèir, bha cleachdadh susbaint Ghàidhlig gu math ìosal. Airson nan ochd teaghlaichean, ma tha, cha robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh mar a dh'fhaodadh i. Chan e a-mhàin gum faodadh buaidh a bhith aig seo air cànan-a-steach na cloinne ach cuideachd le cleachdadh susbaint Bheurla cho bitheanta dh'fhaodadh seo buaidh agus cumhachd na Beurla ath-neartachadh.

Tha e iomchaidh a-nis tionndadh gu bhith a' faighneachd carson nach robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh mar a dh'fhaodadh i? Dè na factaran a bha an sàs ann a bhith a' dèanamh roghainnean susbaint agus roghainnean cànan na susbaint? Carson a bha cleachdadh susbaint Ghàidhlig cho gann agus nuair a chaidh susbaint Ghàidhlig a cleachdadh dè na factaran a bha a' brosnachadh cleachdadh?

## **6.2 Cothroman susbaint Ghàidhlig a choimhead**

Thathar air coimhead air cò bha a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus cò nach robh, agus sinn air fhaicinn nach robh ach glè bheag de shusbaint Ghàidhlig air a cleachdadh an taca ri susbaint Bheurla, le cuid ann nach robh a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig sam bith. Ach bidh roghainnean a thaobh susbaint stèidhichte air cothroman susbaint a choimhead; mura bi cothrom ann susbaint Ghàidhlig a choimhead, cha bhi roghainn ann susbaint Ghàidhlig a thaghadh. B' urrainnear a ràdh gu bheil cothroman ann susbaint Ghàidhlig a choimhead, mar eisimpleir beò gach latha, agus gum b' urrainn do dhaoine sin a thaghadh; gum b' urrainn do dhaoine an dòigh-beatha aca atharrachadh timcheall air a bhith a' cruthachadh chothroman dhaibh fhèin susbaint Ghàidhlig a choimhead. Ach bidh dòigh-beatha gach neach eadar-dhealaichte agus iad a' coimhead susbaint aig amannan agus ann an dòighean as fhreagarraiche dhaibh fhèin. Mar sin, a' cumail ri giùlan agus cleachdadh susbaint àbhaisteach na cloinne, tha e feumail fhaighinn a-mach an robh cothroman ann susbaint

Ghàidhlig a chleachdadh; an robh cothroman ann susbaint Ghàidhlig a chleachdadh an àite susbaint Bheurla? B' e cothrom Gàidhlig a choimhead a' chiad factar a bhiodh a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig.

### **6.2.1 Dòigh-choimhid agus cothroman Gàidhlig**

'S urrainnear dàta bho na leabhraichean-latha a chleachdadh gus sealladh fhaighinn air na cothroman a bhiodh ann gus susbaint Ghàidhlig a choimhead air an t-seachdain sin.

Thugadh sùil air an t-susbaint a chaidh a choimhead air seachdain nan leabhraichean agus fhaighnicheadh: an gabhadh susbaint Ghàidhlig<sup>75</sup> a choimhead an seo? Bha e deatamach sealltainn air ciamar a bha an t-susbaint a chaidh a choimhead air a coimhead, an dòigh-choimhid, agus an deigheadh air susbaint Ghàidhlig san aon dhòigh-choimhid a chleachdadh na h-àite.

#### **6.2.1.1 Susbaint bheò**

A thaobh susbaint bheò, cha robh cothroman ann susbaint bheò anns a' Ghàidhlig a choimhead ach aig amannan far an robh BBC ALBA a' craoladh. A thaobh an t-seòrsa susbaint bheò a bhiodh air a coimhead leis a' chloinn, b' e prògraman cloinne sa chumantas a bhiodh air an coimhead. Cha robh cothroman ann prògraman cloinne beò sa Ghàidhlig a choimhead air BBC ALBA ach aig amannan sònraichte (mar bu trice airson mu 2 uair gach latha). Mar sin, bho fhiosrachadh nan leabhraichean-latha, nan robh susbaint bheò sam bith air coimhead taobh a-muigh uairean-cloinne<sup>76</sup> BBC ALBA bhathar a' gabhail ris nach robh an cothrom ann an t-susbaint sin a coimhead sa Ghàidhlig. Fiù 's mura b' e prògram cloinne a bha air a choimhead taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA, bhathar ag ràdh nach robh an cothrom ann susbaint Ghàidhlig a bha coltach gu leòr

---

<sup>75</sup> mas e susbaint Bheurla a chaidh a cleachdadh.

<sup>76</sup> Uairean-cloinne BBC ALBA: nuair a bha BBC ALBA a' craoladh phrògraman cloinne (chaidh coimhead gach latha air an t-seachdain rannsachaidh cuin a thòisich agus a chrìochnaich prògraman cloinne airson an latha sin).

ris a thaghadh. Ach ma bha susbaint Ghàidhlig air a coimhead beò taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA (prògram air a choimhead air BBC ALBA nach robh na phrògram cloinne), bha an t-susbaint sin air a thoirt a-steach dhan iomlan gu lèir airson susbaint a dh'fhaodadh a bhith sa Ghàidhlig, oir chaidh a choimhead co-dhiù. Ma bha susbaint bheò sam bith (fiù 's mura b' e prògram cloinne a bha ann) air a coimhead taobh a-staigh uairean phrògraman cloinne BBC ALBA, bhathar den bheachd gun robh cothrom ann an t-susbaint sin a bhith na susbaint Ghàidhlig.


#### **6.2.1.2 Susbaint nach robh beò**

A thaobh susbaint nach robh beò, rinneadh co-dhùnadh nuair a bhiodh 'seirbheis a-rithist', clàraidhean no DVDan air an cleachdadh gum biodh cothrom ann seo a dhèanamh anns a' Ghàidhlig. Ach a thaobh sheirbheisean mar YouTube agus Netflix, rinneadh co-dhùnadh nach robh seirbheisean coltach gu leòr riutha seo sa Ghàidhlig agus, ri linn sin, nuair a chaidh iad seo a chleachdadh chanadh nach robh an cothrom ann sin a dhèanamh anns a' Ghàidhlig. Dh'fhaodar argamaid a dhèanamh nach eil DVDan gu leòr sa Ghàidhlig airson gabhail ris gun robh an cothrom ann iad seo a thaghadh sa Ghàidhlig ach tha DVDan Gàidhlig rim faighinn (agus chaidh an cleachdadh le aon phàist anns an rannsachadh seo). Mar sin bhathar den bheachd gun robh cothrom ann DVDan Gàidhlig a chleachdadh an àite DVDan Beurla.

#### **6.2.2 Cothroman Gàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha**

Le na crìochan air ruighinn air mar a rinneadh co-dhùnadh air cuin a bhiodh cothrom ann Gàidhlig a choimhead, thugadh sùil air gach leabhar-latha agus fhuair a' cheudachd (chun na ceudachd as fhaisge) den t-susbaint gu lèir a chaidh a choimhead a dh'fhaodadh a bhith anns a' Ghàidhlig. Tha an graf a leanas a' sealltainn nan cothroman a bha aig gach pàist susbaint Ghàidhlig a choimhead air seachdain nan leabhraichean-latha.

**Graf 3:**  
*% de shusbaint gu lèir le cothrom Gàidhlig airson gach pàist*




Chithear gun robh cothrom aig gach pàist susbaint-le-cothrom-Gàidhlig a choimhead ach gun robh barrachd cothrom aig cuid na bha aig cuid eile. Airson trìùir (A, B agus D) bha cothrom aca air leth, no còrr is leth, dhen t-susbaint aca a choimhead sa Ghàidhlig, agus cha robh Pàist C fada air an cùlaibh. Airson dithis (G agus F) bha cothrom aca 31% dhen t-susbaint a chaidh a choimhead a choimhead sa Ghàidhlig. Airson an dithis eile (E agus H) cha robh mòran chothroman idir aca susbaint Ghàidhlig a choimhead, dìreach 7% dhen t-susbaint aca gu lèir a dh’fhaodadh a bhith sa Ghàidhlig.

Tha sinn air sealltainn air gach pàist agus a’ cheudachd den t-susbaint aca gu lèir a dh’fhaodadh a bhith air a coimhead anns a’ Ghàidhlig. A-nis thathar gus sùil nas mionaidiche a thoirt air dòighean-choimhid gach pàist gus fhaicinn cò às a thàinig na cothroman Gàidhlig aca agus carson a bha cothrom Gàidhlig na b’ àirde aig cuid na bha aig cuid eile. Tha Graf 4 a’ dol ceum nas fhaide na Graf 3 agus e a’ briseadh sìos an t-

susbaint gu lèir a rèir dòigh-choimhid agus cuideachd a' sealltainn far an do dh'èirich na cothroman susbaint-le-cothrom-Gàidhlig a choimhead.<sup>77</sup>

**Graf 4:**  
*Susbaint-le-cothrom-Gàidhlig (CG), susbaint-gun-chothrom-Gàidhlig (GCG) agus dòigh-choimhid*



Chìthear bho Ghraf 4 gun do nochd sia diofar dhòighean-coimhid bho na leabhraichean-latha (no seachd ma nithear sgaradh eadar susbaint bheò le-cothrom-Gàidhlig agus susbaint bheò gun-chothrom-Gàidhlig (beò gun chothrom Gàidhlig a' nochdadh nuair a chaidh susbaint bheò a choimhead taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA)) agus gu bheil

<sup>77</sup> Far nach robh cothrom Gàidhlig aig dòigh-choimhid aithnichear seo leis gu bheil loidhne thiugh timcheall air oir a' bhàir sa ghraf agus far an robh dòigh-choimhid air chleachdadh le cothrom Ghàidhlig chan eil an loidhne cho thiugh timcheall air oir a' bhàir.

pàtranan dhòighean-coimhid diofraichte aig gach pàist. Bha dòighean-choimhid le-cothrom-Gàidhlig agus dòighean-choimhid gun-chothrom-Ghàidhlig air an cleachdadh leis gach pàist.

### **6.2.3 Dòighean-choimhid nach robh beò**

#### **6.2.3.1 ‘DVDan’, ‘Seirbheis a-rithist’, ‘Clàraidhean’**

Taobh a-muigh susbaint bheò, b’ ann tro DVDan, ‘Seirbhis a-rithist’ agus ‘clàraidhean’ a bha cothroman Gàidhlig a’ tighinn. Bha cleachdadh DVD cumanta, le còignear a-mach à ochdnar cloinne a’ cleachdadh DVD san t-seachdain rannsachaidh, a’ ciallachadh gun robh cothroman Gàidhlig a’ nochdadh tro chleachdadh DVD. Cuideachd bha triùir a-mach à ochdnar ann a chleachd ‘seirbheis a-rithist’ agus triùir eadar-dhealaichte a chleachd clàraidhean. ’S dòcha gu bheil seo a’ sealltainn gun robh sgaradh ann eadar feadhainn a bha na bu dhualtaiche a bhith a’ cleachdadh chlàraidhean seach ‘seirbheis a-rithist’ agus an caochladh oir cha do chleachd pàist sam bith an dà chuid. Cuideachd, bho Ghraf 4 chìthear gu bheil diofar air nochdadh a-rithist a thaobh àite-fuirich agus coltas gu bheil muinntir Ghlaschu nas dualtaiche ‘DVDan’, ‘Seirbheis a-rithist’ agus ‘Clàraidhean’ a chleachdadh.

#### **6.2.3.2. ‘YouTube’ agus ‘Netflix’**

Taobh a-muigh susbaint bheò b’ iad YouTube agus Netflix na dòighean-choimhid a bha a’ nochdadh aig nach robh cothrom Gàidhlig. Bha dòigh-choimhid YouTube gu math cumanta, le sianar a-mach à ochdnar ga chleachdadh. B’ e Pàist D an neach-cleachdaidh YouTube a bu mhotha agus e a’ dèanamh suas 50% dhen t-susbaint gu lèir a chaidh a coimhead. Ged nach do rinn YouTube suas cnap mòr dhen t-susbaint gu lèir aig a’ mhòrchuid, ’s urrainnear beachdachadh gun robh àite cudromach aige nam beatha agus còmhradh mu YouTube a’ nochdadh corra uair anns na h-agallamhan. Mar eisimpleir, ged

nach robh Pàist A a' cleachdadh YouTube, bha am pàrant den bheachd gun tigeadh sin a dh'aithghearr agus gum biodh àite aig YouTube nam beatha san àm ri teachd.

Cha robh Netflix cumanta ann an seachdain nan leabhraichean-latha le dìreach Pàist C ga chleachdadh agus e a' dèanamh suas dìreach 9% dhen t-susbaint aca gu lèir. Ach bho na h-agallamhan bha Netflix air a chleachdadh am measg na cloinne eile cuideachd. Fiù 's nuair nach robh Netflix air a chleachdadh idir thuir aon pàrant gun robh am pàist air tòiseachadh a bhith ag iarraidh Netflix. Mar sin, bha clann a' fàs aithnichte mu dheidhinn, 's iad air cluinntinn mu dheidhinn bho chloinn eile agus ri linn sin, bha miann airson Netflix a' neartachadh.

Ged nach robh àite anabarrach mòr aig cleachdadh YouTube no Netflix ann an seachdain nan leabhraichean-latha, bha coltas ann bho na h-agallamhan gun robh na dòighean-choimhid sin air an cleachdadh leis a' chloinn gu tric. Cuideachd, bha am beachd ann gun robh cleachdadh nan seirbheisean sin a sìor-dhol am meud leis a' chloinn a' fàs na bu shine.


#### **6.2.4 Dòigh-choimhid bheò**

Ach, gu cinnteach b' e susbaint bheò (a' cur susbaint bheò le-cothrom-Gàidhlig agus susbaint bheò gun-chothrom-Ghàidhlig còmhla) an dòigh-choimhid a bu chumanta am measg na cloinne gu lèir, le seachdnar a-mach às an ochdnar cloinne ga chleachdadh. Cuideachd, an taca ri dòighean-choimhid eile, bha susbaint bheò a' dèanamh suas an cnap-choimhid a bu mhotha airson a h-uile pàist ach Pàist B (le DVD an dòigh-choimhid a bu mhotha) agus Pàist D (nach do chleachd susbaint bheò idir is YouTube am prìomh dhòigh-choimhid).



Tha Graf 5 a' dealbhachadh na ceudachd den t-susbaint gu lèir aig gach pàist a bha air a choimhead le dòigh-choimhid bheò.

**Graf 5:**  
**% de shusbaint gu lèir a bha beò**



Chìthear an seo gun robh pàirt chudromach aig susbaint bheò ann am beatha na cloinne. Bha seachdnar a-mach às an ochdnar cloinne a' cleachdadh susbaint bheò san t-seachdain rannsachaidh (cha do chleachd Pàist D susbaint bheò idir). Airson Pàist H, b' e susbaint bheò an aon dòigh-choimhid a chaidh a chleachdadh agus airson dithis eile (E agus F) cha mhòr nach robh susbaint bheò a' dèanamh suas an t-susbaint gu lèir aca 's e aig 92%. Airson dithis eile, bha susbaint bheò a' dèanamh suas a' mhòr-chuid dhen t-susbaint gu lèir aca; Pàist A le 72% agus Pàist G le 60%. Airson Pàist B agus C, ged nach robh susbaint bheò a' dèanamh suas a' mhòr-chuid dhen t-susbaint aca, bha e fhathast a' dèanamh suas mu thrìan no barrachd dhen t-susbaint aca; Pàist B aig 30% agus Pàist C aig 41% dhen t-susbaint aca beò.

Leis gun robh susbaint bheò a’ dèanamh suas cnap mòr dhen t-susbaint gu lèir aig a’ chloinn, tha e iomchaidh sùil a thoirt air an t-susbaint bheò fhèin agus na cothroman a bha ann dhan t-susbaint bheò sin a bhith anns a’ Ghàidhlig. Bha cothroman Gàidhlig a thaobh susbaint bheò crochte air cuin (dè an uair den latha) a bhiodh an t-susbaint air a coimhead. Bha cothroman ann an t-susbaint bheò a choimhead anns a’ Ghàidhlig ma bha an t-susbaint sin air a coimhead aig àm far an robh BBC ALBA a’ craoladh prògraman cloinne.<sup>78</sup>


Tha Graf 6 a’ taisbeanadh cuin a chaidh an t-susbaint bheò aig gach pàist a choimhead. Anns a’ ghraf, tha uairean taobh a-staigh uairean-cloinne BBC ALBA (dath liath) a’ ciallachadh gun robh cothrom ann dhan t-susbaint bheò sin a bhith sa Ghàidhlig. Tha uairean taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA air an ainmeachadh agus chaidh sgaradh a dhèanamh eadar uairean taobh a-muigh BBC ALBA a bha air an coimhead anns a’ mhadainn (dath dearg) agus uairean sam bith eile nach robh sa mhadainn agus nach robh aig àm nuair a bha BBC ALBA a’ craoladh prògraman cloinne (dath uaine). A’ thaobh uairean na maidne, ’s e a thathar a’ ciallachadh ach susbaint sam bith a chaidh a choimhead ro naoi uairean sa mhadainn air latha-sgoile agus ro mheadhan-latha air latha air an deireadh-seachdain. Thathar air madainn a mhìneachadh mar seo oir air latha-sgoile thathar a’ gabhail ris gur e 9 uairean an uair àbhaisteach a bhios daoine sa chumantas a’ tòiseachadh an cuid obrach. Ged a bhiodh dol-a-mach làitheil eadar-dhealaichte aig a’ chloinn (cuid ma dh’fhaoidte a-staigh tron latha no a’ tòiseachadh sgoil-àraich aig uairean eadar-dhealaichte), le bhith a’ cur chrìochan deimhinne air ‘madainn’ tha e ga dhèanamh nas fhasa coimeasan a dhèanamh eadar a’ chloinn. Thathar air uairean na maidne a’ leudachadh airson lathaichean an deireadh-seachdain air sgàth ’s gun robh feadhainn den chloinn a’ tòiseachadh a choimhead susbaint na b’ anmoiche na bhiodh iad air latha-

---

<sup>78</sup> Ach, feumar cuimhneachadh gun robh prògraman Gàidhlig a bha air an coimhead taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA air an toirt a-steach mar chothrom Gàidhlig anns an rannsachadh seo.

seachdain agus cuideachd airson ùine na b' fhaide. Ged a thathar air dèiligeadh ri lathaichean-seachdain agus lathaichean-deireadh-seachdain ann an dòigh diofraichte, tha iad air an taisbeanadh còmhla san ath ghraf mar àireamhan na seachdain slàin.

**Graf 6:**  
**Cuin a chaidh an t-susbaint bheò a choimhead**




Mar a chithear ann an Graf 6 airson an fheadhainn a chleachd susbaint bheò tha a' mhòrchuid dhen t-susbaint a chaidh a choimhead na susbaint aig nach robh cothrom Gàidhlig (dearg agus uaine). Airson trìuir (E, G agus H) cha robh cothrom aca air ach 10% agus na bu lugha dhen t-susbaint bheò aca a choimhead sa Ghàidhlig. Airson a' cheathrar eile, bha cnap rud beag na bu mhotha aca agus eadar 24% agus 43% dhen t-susbaint bheò aca le cothrom-Gàidhlig. Airson Pàist A, chithear gun robh susbaint le-cothrom-Gàidhlig a' dèanamh suas na bu mhotha na susbaint na maidne agus na bu mhotha na susbaint 'uairean eile'. Airson a h-uile pàist seach Pàist A, bha susbaint bheò le-cothrom-Gàidhlig a' dèanamh suas na bu lugha na susbaint na maidne agus na bu lugha na susbaint uairean eile (ach Pàist C nach do chleachd susbaint bheò sa mhadainn).

Bha susbaint bheò ‘uairean eile’ (uaine) a’ dèanamh suas a’ mhòr-chuid dhen t-susbaint bheò gu lèir aig dithis (C agus E) agus leth dhen t-susbaint bheò airson Pàist H agus ri linn is gun robh susbaint ‘uairean eile’ a’ dèanamh suas barrachd na susbaint na maidne agus susbaint-bheò-le-cothrom-Gàidhlig aca. Airson a’ cheathrair eile bha susbaint bheò ‘uairean eile’ a’ dèanamh suas eadar 23% agus 32% dhen t-susbaint gu lèir aca ach na bu lugha na susbaint na maidne aca. Airson a h-uile pàist a chleachd susbaint bheò, bha a’ mhòr-chuid den t-susbaint bheò a chaidh a choimhead air a coimhead taobh-a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA; bha a’ mhòr-chuid den t-susbaint bheò a chaidh a choimhead na susbaint gun-chothrom-Ghàidhlig.

A thaobh susbaint bheò na maidne, bha seo a’ dèanamh suas cnap mòr dhen t-susbaint bheò aig gach pàist ach Pàist C (nach do chleachd susbaint bheò na maidne) agus Pàist D (nach do chleachd susbaint bheò idir). Faodar a ràdh gun robh uairean na maidne na bu chuingealaichte na ‘uairean eile’; bha barrachd tìde ann susbaint a choimhead aig ‘uairean eile’ ach cha robh aca ach ma dh’fhaoidte 2 uair a thìde sa mhadainn air latha-sgoile agus beagan a bharrachd air an deireadh-seachdain airson susbaint a choimhead sa mhadainn. Mar sin, bha e a’ sealltainn dhuinn cho cudromach ’s a bha susbaint bheò na maidne oir bha e fhathast a’ dèanamh suas cnap cho mòr dhen t-susbaint bheò gu lèir aca, fiù ’s ged a bha uairean na bu chuingealaichte ann airson a choimhead.

Chunnacas gun robh susbaint bheò na maidne a’ dèanamh suas cnap sònraichte, mu thrìan, de shusbaint bheò gu lèir gach phàist a chleachd susbaint bheò ach aonan (Pàist C nach do chleachd susbaint bheò na maidne). Ach cuideachd bha pàirt mhòr aig susbaint bheò na maidne beò ann an susbaint na maidne san fharsaingeachd aig a’ chloinn. Tha Graf 7 a’ sealltainn na ceudachd de shusbaint na maidne gu lèir a bha air a coimhead beò.

**Graf 7:**  
**% de shusbaint bheò na maidne**




A-mach às an t-seachdnar cloinne a chleachd susbaint sa mhadainn (cha do chleachd Pàist D) bha còignear ann (A, E, F, G agus H) a chleachd susbaint na maidne gu lèir aca, no a' mhòr-mhòr-chuid dhe, beò. Airson Pàist B bha 50% de shusbaint na maidne aca air a coimhead beò. Mar sin, nan robh pàist a' cleachdadh susbaint sa mhadainn, b' e dòigh-choimhid bheò a bhiodh air a cleachdadh mar bu trice den àm airson an t-susbaint sin a choimhead.

Bha àite mòr aig susbaint bheò ann an susbaint na maidne san fharsaingeachd, ach dè a' phàirt a bha aig susbaint na maidne ann an cleachdadh susbaint gu lèir na cloinne? Tha Graf 8 ag innse dhuinn dè a' cheudachd den t-susbaint gu lèir a chaidh a choimhead sa mhadainn.

### Graf 8:

*% den t-susbaint gu lèir a bha air a coimhead sa mhadainn*



Tha e follaiseach gun robh pàirt chudromach aig susbaint na maidne ann am beatha na cloinne, le susbaint na maidne a' riochdachadh barrachd na cairteal den t-susbaint gu lèir airson sianar cloinne (A, B, E, F, G agus H). Tha fios againn cuideachd, airson a h-uile pàist a chleachd susbaint sa mhadainn gun deach a' mhòr-chuid den t-susbaint sin a chleachdadh beò, no airson Pàist C leth dheth air a coimhead beò. Mar sin, airson a' mhòr-chuid bha cnap mòr dhen t-susbaint gu lèir aca air a choimhead sa mhadainn agus sa chumantas b' e dòigh-choimhid bheò a chaidh a chleachdadh airson seo a dhèanamh. Tha seo a' ciallachadh gun deach dòigh-choimhid gun-chothrom-Ghàidhlig air a cleachdadh mar bu trice airson susbaint na maidne a choimhead. Leis nach robh susbaint bheò Ghàidhlig ri fhaotainn anns a' mhadainn, nan robh cothrom gu bhith ann susbaint na maidne a choimhead sa Ghàidhlig, dh'fheumadh an t-susbaint sin a bhith na dòigh-choimhid eile le-cothrom-Gàidhlig (DVD, clàraidhean no 'seirbheis a-rithist').

### 6.2.5 Susbaint na maidne: agallamhan

Thugadh sùil air an ròl a bha aig susbaint na maidne ann am beatha na cloinne air seachdain nan leabhraichean-latha agus bho na h-agallamhan bha a' mhòr-chuid ag ainmeachadh gun robhas a' coimhead susbaint sa mhadainn agus ga dhèanamh follaiseach gun robh seo mar phàirt chunbhalach de dhòigh-beatha làitheil na cloinne:

*A: Gach latha, sa mhadainn, deich mionaidean sa mhadainn nuair a tha iad a' faighinn deiseil.*

*B: Agus ma tha iad deiseil ann an àm, 's gun do ghabh iad a bhracaist agus tha iad deiseil, cuiridh mi air an telebhisean.*

*C: Like a wee half an hour in the morning, just to get ready.*

*F: Coimhead air telebhisean, cluich, breakfast, fiaclan...*

*G: It's more in the morning [that television is watched], that wee bit in the morning, at the weekends...[G]'s not really one for a lot of TV.*

Tha an luaidh mu dheireadh an sin aig G ag innse dhuinn fiù 's airson feadhainn nach robh trom air susbaint san fharsaingeachd gu bheil àite air choreigin fhathast aig susbaint na maidne.

Mothaichear nach do chleachd Pàist D susbaint sa mhadainn idir air seachdain nan leabhraichean-latha ach bhon agallamh thathar a' faighinn a-mach gun àbhaist dhan phàist susbaint a chleachdadh sa mhadainn:

*D: He/she usually has a little bit in the morning when the others [siblings] are getting ready for school.*

Tha seo a-rithist a' daingneachadh cho cudromach 's a bha susbaint na maidne ann am beatha na cloinne oir bha e mar phàirt de bheatha gach phàist san rannsachadh.

Cuideachd, nochd e gur dòcha gun robh susbaint na maidne na bu bhitheanta na bha pàrantan fiù 's an dùil. Thuirt Pàrant E nach robh am pàist a' coimhead susbaint anns a' mhadainn:

*E: Cha bhi. Chan eil 'time' againn (gàireachdainn).*

Tha an fhreagairt seo inntinneach oir bhon leabhar-latha thàinig e am follais gun deach susbaint na maidne a choimhead air trì lathaichean-sgoile agus an dà latha aig an deireadh-seachdain le Pàist E. Mar sin, faodar a ràdh gun robh àite mòr aig susbaint na maidne ann am beatha cloinne, fiù 's a rèir coltais nuair a bhiodh pàrantan ann an cabhaig.

Mar a tha fios againn bho na leabhraichean-latha, airson a' mhòr-chuid a chleachd susbaint anns a' mhadainn, b' e susbaint bheò a bha air a cleachdadh a' mhòr-chuid dhen àm. Tha sin a' ciallachadh nach robh cothrom aca an t-susbaint sin a choimhead anns a' Ghàidhlig idir agus bho na h-agallamhan nochd am beachd gun robh iarrtas ann airson cothrom susbaint bheò Ghàidhlig a choimhead sa mhadainn:

*CM: Do you think the availability or lack of availability of certain programmes does affect the way you use the telly?*

*C: Yes. I think if there was more availability [of Gaelic television], I think if it was on at different times- like I'm not sure is it on, can you get this during the summer holidays? Can you get it on at like ten o'clock in the morning? Probably not... So we are not getting it at appropriate times of the day.*

Bhiodh susbaint Ghàidhlig sa mhadainn gu math tarraingeach do Phàrant C. Bha faireachdainn de dh'ana-cheartas a' nochdadh bho Phàrant C 's iad den bheachd nach robh BBC ALBA a' craoladh aig amannan a bha iomchaidh agus freagarrach dhaibh.

Bha Pàrant B a' dèiligeadh ri cion-susbaint Ghàidhlig bheò sa mhadainn le bhith a' cleachdadh dòigh-choimhid Ghàidhlig eile:

*B: Sa mhadainn chan eil prògraman ann, agus mura cuir mi air rudeigin a tha mi air a chlàradh mi fhìn, 's e CBeebies a bhios sinn a' cur air agus tha sin Beurla.*

Bha e follaiseach gun robh cleachdadh susbaint Ghàidhlig sa mhadainn mar rudeigin a bha am pàrant seo airson a chruthachadh, ach mura robh iad a' dèanamh oidhirp a bharrachd



gus clàraidhean Ghàidhlig a chleachdadh, cha robh roghainn eile ann ach susbaint Bheurla nan robh iad airson susbaint bheò a chleachdadh.

Bha coltas ann gur e rud tarraingeach a bhiodh ann an susbaint Ghàidhlig bheò sa mhadainn do dh'fheadhainn nach robh fiù 's a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig sam bith:

*CM: So what are your reasons for not choosing Gaelic TV? Just because it's not on at a convenient time?*

*G: Yes that's probably the main one. If it was on in the mornings, I would put it on for her.*

Air seachdain nan leabhraichean-latha bha Pàist G a' coimhead mu leth dhen t-susbaint gu lèir aca anns a' mhadainn agus a' mhòr-mhòr-chuid dheth sin beò. Ri linn sin, nan robh susbaint Ghàidhlig ri fhaotainn sa mhadainn ma dh'fhaoidte gum faicear àrdachadh sònraichte ann an cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus coltas ann gum biodh ùidh aca ann a bhith ga coimhead sa mhadainn.

### **6.2.6 Susbaint na bu thràithe air an fheasgar**

Bha e follaiseach bho dhàta nan agallamhan gum biodh ùidh aig pàrantan ann an susbaint bheò Ghàidhlig sa mhadainn ach cuideachd nochd e gun robh iarrtas ann air a son rud beag na bu thràithe air an fheasgar. Sa chumantas bidh BBC ALBA a' tòiseachadh a' craoladh prògraman cloinne mu chòig uairean feasgar, ach bha coltas ann gun robh sin ro anmoch airson cuid:

*A: Gu h-àraid uill dhomhsa a-rithist, dìreach ag obair, 's dòcha ma bha mi aig an taigh airson leth uair às dèidh trì gach latha agus ma bha BBC ALBA air aig an àm sin bhiodh e sgoinneil.*

*B: Tha. Tha e doirbh. Mar a thuirt mi eadar a ceithir 's a còig, chan eil taghadh agamsa airson Telebhisean Gàidhlig a chur air, ged a tha mi airson, chan eil e tòiseachadh gu còig uairean feasgar, chan eil an taghadh agam.*

*C: ...I finish at four, I'm picking him/her up and we will be back here for about half four. See because it's [BBC ALBA] not on right away and I'm maybe trying to make the dinner, like I'll bung it on and then it will be English... I think if it was, I don't know, can they put it on from four o'clock? Because four o'clock is a better time, the time the kids are home from school.*

Bha na pàrantan a' gearan nach robh taghadh aca BBC ALBA a chur air aig àm nuair a b' àbhaist dhan chloinn tilleadh bhon sgoil-àraich, agus nan robh an roghainn aca gun dèanadh iad sin. Tha luaidh Pàrant C a' dealbhachadh gun robh na cion-chothroman cuideachd a' toirt buaidh air a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig bheò aig amannan eile a bha e ri faotainn; leis nach robh BBC ALBA ri fhaotainn tràth gu leòr, b' e Beurla a bhiodh air a taghadh agus an uair sin, b' e susbaint Bheurla a bhiodh air. Nuair a thigeadh BBC ALBA air, nan robh susbaint Ghàidhlig gu bhith air a cleachdadh bhiodh atharrachadh sianail a dhìth agus dh'fheumadh cuimhne a bhith aig pàrantan sin a dhèanamh.

### **6.2.7 Co-dhùnadh: cothroman Gàidhlig a choimhead**

Tha na leabhraichean-latha air mòran fiosrachaidh a thoirt dhuinn air na dòighean-choimhid a bha air an cleachdadh leis a' chloinn agus cò às an robh na cothroman a' tighinn gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Chunnacas dè an uimhir de shusbaint le-cothrom-Gàidhlig gu lèir a bha ann agus na dòighean-choimhid a bha ag adhbhrachadh chothroman Gàidhlig. Fhuair a-mach gun robh dòigh-choimhid bheò air a cleachdadh gu math tric agus dh'aithnicheadh gun robh cothrom susbaint bheò a chleachdadh sa Ghàidhlig crochte air cuin a chaidh an t-susbaint bheò sin a choimhead. Chunnacas gun robh cnapan mòra den t-susbaint bheò gu lèir air a cleachdadh sa mhadainn. An uair sin thugadh sùil mhionaideach air susbaint na maidne is sinn ag aithneachadh gun robh sin cudromach ann am beatha na cloinne. Fhuair a-mach gun robh àite mòr aig susbaint bheò ann an susbaint na maidne. Chunnacas gun robh iarrtas ann airson susbaint bheò sa Ghàidhlig sa mhadainn agus cuideachd beagan na bu thràithe air an fheasgar.

### 6.3 Mothachail mu na cothroman

Mus gluaisear gu bhith a' coimhead air mar a chaidh dèiligeadh ris na cothroman Gàidhlig (an deach an gabhail), an toiseach feumar faighinn a-mach an robh pàrantan mothachail mu na cothroman a bha ann airson susbaint Ghàidhlig a choimhead. Cha b' urrainnear cothroman a ghabhail gus susbaint Ghàidhlig a choimhead mura robhar mothachail mun t-susbaint a bha ri faotainn. Tha fios againn nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh leis gach pàist, gun robh feadhainn ann nach robh a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a choimhead agus nach robh gin a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar a dh'fhaodadh iad. Mar sin faighnaichear an robh cion-mothachaidh na fhactar an lùib nan roghainnean aca.

Am measg nan teaghlaichean a bha a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus am measg nan teaghlaichean nach robh, sheall dàta nan agallamhan gun robh cion-mothachaidh ann mun t-susbaint a bha ri faotainn air BBC ALBA. Am measg nan teaghlaichean nach robh a' dèanamh oidhirp BBC ALBA a choimhead, bha an cion-mothachaidh mu shusbaint BBC ALBA a bu fhollaisiche ann an teaghlaichean G agus H, a dh'aidich nach robh iad a' cleachdadh BBC ALBA idir. Cha b' e nach robh na prògraman a' còrdadh ris a' chloinn an t-adhbhar ge-ta; b' e nach robh na pàrantan fiosraichte gu leòr mu BhBC ALBA agus an t-susbaint a bha ri faighinn air an t-sianail. Bha dà rud a' tachairt: cha robh iad a' dèanamh oidhirp faighinn a-mach mu na bha air BBC ALBA, ach aig a' cheart àm cha robh iad a' smaointinn gun robh BBC ALBA agus na prògraman cloinne a bha air an t-sianail air an sanasachadh ro mhath. Bha Pàrant H a' dealbhachadh seo:

*H: As I say we don't really, I don't really look that often. I suppose there is always adverts and stuff on for different things but you don't really see it advertised much, you know, or what's coming up.*

Cuideachd, am measg Teaghlach G bha mì-chinnt ann mu cuin a bha BBC ALBA a' tòiseachadh a bhith a' craoladh phrògraman cloinne agus cha robh fiù 's fios aig aon phàrant gun robh prògraman cloinne rim faighinn air BBC ALBA.

Bha teaghlaichean E agus F ann am Barraigh na b' eòlaiche mu BhBC ALBA 's iad eòlach air cuid de na prògraman cloinne a bha rim faotainn. Bha iad fiosraichte gu leòr mun deidhinn gus a bhith a' beachdachadh orra. Ach aig a' cheart àm, cha robh Pàrant F buileach cinnteach cuin a bha BBC ALBA a' tòiseachadh a bhith a' craoladh ged a bha iad a' smaointinn gur e 5f a bha ann. Bha Pàrant E a' smaointinn gun robh barrachd sanasachd a dhìth mu BhBC ALBA. Ged a thuirte iad, 'Tha mi creidsinn gum bu chòir dhomh fhìn faighinn a-mach', b' e an rud a bh' ann nach robh iad a' dèanamh sin, agus tha seo a' sealltainn fiù 's nuair a bha daoine a' smaointinn gum bu chòir dhaibh rudeigin a dhèanamh, ann an da-rìribh cha robh sin a' tachairt. Mar sin, bha sanasachd uabhasach cudromach agus bha Pàrant E a' moladh sanasachd mu BhBC ALBA air sianailean eile agus cuideachd tro na meadhanan sòisealta:

*E: Aidh duilleag Facebook, no Twitter even. Fhios agad, nuair a gheibh thu alerts no rudeigin, fhios agad dè tha dol a bhith air. Fhios agad ma nì thu 'like page', bho àm gu àm nan tigeadh sanas suas air a shon, bhithinn deònach gu leòr...*

Bha coltas ann nach robh ro-innleachd sanasachd tro na meadhanan sòisealta aig BBC ALBA airson prògraman cloinne.

Am measg nan teaghlaichean a bha a' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh beò bha e follaiseach gun robh iad eòlach mu na prògraman, mion-eòlach air cuid dhiubh, a bha rim faotainn agus cuin a bhiodh àm phrògraman cloinne a' tòiseachadh. Cuideachd, bha Pàrant D, bho theaghlach nach robh a' cleachdadh susbaint bheò, eòlach air na prògraman Gàidhlig a bha rim faighinn air iPlayer a' BhBC. Tha seo a' sealltainn

nan robhar dualtach BBC ALBA a chleachdadh gum bithear na b' eòlaiche mun t-susbaint a bha ri faotainn.

Ach ged a bhiodh pàrantan mothachail air na prògraman a bha a' nochdadh air BBC ALBA agus cuin a bha an t-àm-cloinne a' tòiseachadh air an t-sianail, ma dh'fhaoidte nach biodh iad cho eòlach air dè na prògraman a bhiodh air agus cuin a bhiodh iad a' tòiseachadh: cha robh iad mion-eòlach air clàr-ama prògraman BBC ALBA. Cuideachd, cha robh a' chlann cinnteach air na bhiodh air aig àm sònraichte; bhiodh fhios aca gun robh BBC ALBA a' tòiseachadh aig a còig agus àireamh na sianail, ach cha robh iad cho eòlach air dè a bhiodh a' tighinn air no cuin a bha na prògraman a b' fheàrr leotha air.

Airson clann nach robh cho deònach rud sam bith a choimhead, bha fiosrachadh mu dheidhinn cuin a bha na prògraman a bu toil leotha cudromach airson an tàladh gu bhith a' coimhead BBC ALBA. Nochd aon ghearan mu chlàr-ama BBC ALBA a bha a' toirt buaidh air cleachdadh:

*C: The other thing is with English programmes it's the same- and I know they don't have a great back catalogue in Gaelic, but with an English programme it's the same, you know, five o'clock every night it would be- like for example in the morning, seven o'clock is 'My Little Pony', on 'TinyPop' it's 'My Little Pony', seven o'clock every morning. And that's weekends and everything else. So round about seven o'clock in the morning if I'm getting ready or if I'm nipping in the shower, I'll put that on and I know that that's on. So he/she gets used to it. He/She's in a pattern of 'My Little Pony' and then 'Carebears' and whatever else is on. Whereas in the Gaelic programmes they are on once a week. So if it's 'Ceitidh Mòrag' you are only getting 'Ceitidh Mòrag' once a week. So because we don't watch television like that everyday, then we could go months without seeing 'Ceitidh Mòrag'. It's not—and there isn't, I know there is not a huge back catalogue of programmes, but maybe if they put the same programme, I don't know how it would work, if they had the same programme on, if they had the whole of the 'Ceitidh Mòrag' series that ran at five o'clock every night, would that keep them more interested? You know if it was on at five o'clock every night for say four weeks, if there was like twenty episodes or something like that. Would that be better than to have it on once a week on a Tuesday and we think 'oh we forgot what day it is'.*

Thugadh sùil air clàr-ama BBC ALBA airson seachdain nan leabhraichean-latha agus chunnacas nach robh na h-aon phrògraman a' nochdadh aig an aon àm gach latha. Bha coltas ann gun robh an clàr-ama airson Diluain agus Dihaoine coltach ri chèile, agus bha Dimàirt agus Diardaoin. Ach tuigear carson a bhiodh e air a bhith doirbh do phàrantan agus clann fios a bhith aca air dè prògram a bhiodh air aig an àm sònraichte leis gun robh an aon phrògram air aig diofar amannan air diofar lathaichean. Mar eisimpleir, air seachdain nan leabhraichean-latha bha am prògram *Aonghas agus Cheryl* air Diluain aig 17.40, Diardaoin aig 18.06 agus Dihaoine aig 17.25. Mar sin, bhiodh e air a bhith doirbh do phàrantan fios a bhith aca mu phàtranan craolaidh BBC ALBA. Bho thaobh BBC ALBA ma dh'fhaoidte nach biodh iad airson an aon phrògram a chur air aig an aon àm gach latha oir ma thachras e nach eil am prògram sònraichte sin a' còrdadh ri pàist, agus gur e sin an t-àm a-mhàin a bhiodh am pàist sin a' coimhead BBC ALBA, gun cailleadh iad am pàist sin gu tur. Ach ma nìthear coimeas le clàr CBeebies (an t-sianail a bu chumanta a chaidh a choimhead am measg an t-sampaill), mar bu trice bha clàr CBeebies a' sealltainn an aon phrògram (prògram bhon aon t-sreath de phrògraman) aig an aon àm gach latha sgoile. Mar sin, tha argamaid ri dhèanamh gur iad clàraidhean-ama cunbhalach a b' fheàrr.


#### **6.4 A' gabhail cothroman Gàidhlig: seachdain nan leabhraichean-latha**

Gu ruige seo thathar air sealltainn air an uimhir de shusbaint Ghàidhlig a chaidh a choimhead air seachdain nan leabhraichean-latha agus mhothaicheadh nach biodh e air a bhith comasach susbaint Ghàidhlig a choimhead mura biodh an cothrom ann sin a dhèanamh agus mura bite mothachail mu na cothroman. Mar sin, thugadh sùil air an uimhir de shusbaint gu lèir air an t-seachdain sin a bhiodh air a bhith comasach coimhead sa Ghàidhlig airson faighinn a-mach an robh cothroman ann, ann an da-rìribh, susbaint Ghàidhlig a choimhead aig an àm, agus anns an dearbh dòigh-choimhid, 's a chaidh susbaint a choimhead.

A' cur an fhiosrachaidh sin còmhla, tha fios againn nach do chleachd ach ceathrar phàistean susbaint Ghàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha ged a bha cothroman (gu ìrean eadar-dhealaichte) aig gach pàist susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Mar an ath cheum thathar airson faighneachd: nuair a bha na cothroman ann susbaint Ghàidhlig a choimhead, dè an ìre san deach na cothroman sin a ghabhail? Agus dè na h-adhbharan a bha air cùl nan roghainnean a chaidh a dhèanamh na cothroman susbaint Ghàidhlig a ghabhail no a sheachnadh? Tha Graf 9 a' sealltainn dhuinn an t-susbaint Ghàidhlig a chaidh a choimhead ann an da-rìribh mar cheudachd a-mach às an t-susbaint gu lèir a bhiodh air a bhith comasach a choimhead sa Ghàidhlig.

**Graf 9:**

**% de shusbaint le-cothrom-Gàidhlig a chaidh a choimhead sa Ghàidhlig**




Bha fios againn co-dhiù nach do ghabh D, E, G agus H cothrom sam bith susbaint Ghàidhlig a choimhead ged a bha cothroman ann. Chleachd F glè bheag de na cothroman a bha ann Gàidhlig a chleachdadh, dìreach 6%. Bha trìuir eile ann (A, B agus C) a ghabh an

cothrom susbaint Ghàidhlig a choimhead nuair a bha i ri faotainn ach, fhathast, cha do rinn gin aca seo barrachd is leth den ùine (ged a bha B agus C faisg air an seo).

Ann am barrachd doimhneachd tha Graf 10 a' taisbeanadh nan cothroman Gàidhlig agus nan roghainnean cànan a chaidh a dhèanamh nuair a bha cothroman ann Gàidhlig a thaghadh.<sup>79</sup>

**Graf 10:**  
**Susbaint le-cothrom-Gàidhlig: dòigh-choimhid agus cànan**



A-mach às a' cheathrar a chleachd na cothroman susbaint Ghàidhlig a choimhead, chleachd iad uile, gu diofar ìrean, cothroman dòigh-choimhid bheò gus Gàidhlig a choimhead. Chaidh cothroman DVD agus clàraidhean a choimhead sa Ghàidhlig le Pàist B

<sup>79</sup> Anns a' ghráf, aithnichear far an deach cothroman Gàidhlig a ghabhail le loidhne thiugh dhubh timcheall air oir a' bhàir. 'S e 'seirbheis a-rithist' a th' ann an A-R agus 'G' a' seasamh airson 'Gàidhlig' agus 'B' airson Beurla.



agus chleachd Pàist C cothroman seirbheis-a-rithist sa Ghàidhlig. Tha an graf cuideachd a' sealltainn dhuinn na cothroman Gàidhlig nach deach a ghabhail agus tha e inntinnich sgrùdadh nas doimhne a dhèanamh air dàta nan leabhraichean-latha gus fhaicinn am b' urrainnear beachdachadh air carson nach deach susbaint Ghàidhlig a thaghadh nuair a bha an cothrom ann agus, gu dearbha, carson a chaidh a taghadh le cuid.

#### **6.4.1 DVDan**

Chìthear bhon ghràf gun do chleachd còignear DVDan ach cha do chleachd ach Pàist B cothroman DVDan a choimhead sa Ghàidhlig. An toiseach, b' urrainnear beachdachadh nach deach DVDan Gàidhlig a chleachdadh air adhbhar agus nach robh DVDan Gàidhlig aca. Chan eil mòran DVDan rim faotainn sa Ghàidhlig agus chan eil roghainn farsaing dhiubh ann.<sup>80</sup> Airson Pàist B a chleachd DVDan, anns an agallamh leis a' phàrant chualas nach robh ach a dhà no a thrì DVDan Gàidhlig aca, agus air seachdain nan leabhraichean-latha chleachd iad an aon DVD Gàidhlig iomadh turas.

Cuideachd, bha coltas ann nach robh na DVDan Gàidhlig uabhasach fada an taca ri DVDan Beurla. Dh'innis leabhar-latha Pàist B dhuinn, ged a bha uimhir susbaint DVDan Beurla na b' àirde na uimhir DVDan Gàidhlig, chaidh DVDan Gàidhlig a chleachdadh ceithir tursan agus DVDan Beurla dìreach dà thuras. Cha robh na DVDan Gàidhlig ach mu leth-uair a thìde a dh'fhaid ach bha an fheadhainn Bheurla a chaidh a chleachdadh mu uair a thìde gu leth. Nuair a chaidh DVDan a chleachdadh leis a' chloinn eile b' iad DVDan fada de dh'fìolmaichean ainmeil a chaidh a chleachdadh. Cuideachd, bho na h-agallamhan fhuair a-mach gum b' iad DVDan de lethid a bha air an taghadh airson Pàist B mar 'treat' air oidhche Haoine agus Shathairne agus cha b' e an fheadhainn Ghàidhlig. Ma

---

<sup>80</sup> Thugadh sùil air làrach-lìn Comhairle nan Leabhraichean a bhios a' reic DVDan Gàidhlig agus cha robh raon farsaing ann (na bu lugha na 15). <http://www.gaelicbooks.org>

dh'fhaoidte nach robh na DVDan a bha rim faotainn sa Ghàidhlig fada gu leòr no aig ìre-mhathais gu leòr airson a bhith a' farpais ri fiolmaichean saoghal na Beurla.<sup>81</sup>

#### 6.4.2 'Seirbheis a-rithist'

Chleachd triùir chloinne 'seirbheis a-rithist', dithis (A agus D) ga chleachdadh a-mhàin sa Bheurla agus aonan (C) a-mhàin sa Ghàidhlig. Chan eil na leabhraichean-latha ag innse mòran dhuinn mu carson a chaidh no carson nach deach susbaint 'sheirbheis a-rithist' sa Ghàidhlig a thaghadh. Airson Pàist C ma dh'fhaoidte gur e fasan a bha ann dhaibh a bhith a' cleachdadh 'seirbheis a-rithist' sa Ghàidhlig. Airson Pàist D, chaidh a ràdh anns na h-agallamhan gun robh iad uaireannan a' cleachdadh 'seirbheis a-rithist' sa Ghàidhlig; mar sin 's dòcha gur e dìreach nach do chleachd iad susbaint de leithid sa Ghàidhlig air seachdain nan leabhraichean-latha. Ged a chleachd Pàist A susbaint Ghàidhlig air an t-seachdain sin, b' e susbaint bheò Ghàidhlig a bha sin agus ma dh'fhaoidte nach robh iad cleachdte ri bhith a' cleachdadh 'seirbheis a-rithist' sa Ghàidhlig.

Cha do chleachd Pàist A 'seirbheis a-rithist' ach aon turas, CBeebies airson 10 mionaidean. Ged nach eil an leabhar-latha ag innse dhuinn carson a chaidh Beurla a thaghadh seach Gàidhlig, chaidh innse dhuinn gun deach an t-susbaint a choimhead air coimpiutair. Mar sin bu chòir faighneachd a bheil eadar-aghaidh nas fhasa ann airson susbaint Bheurla a choimhead anns an dòigh-seo? Tha BBC iPlayer sònraichte aig CBeebies le susbaint CBeebies a-mhàin air a thabhann, ach le BBC iPlayer BBC ALBA,

---

<sup>81</sup> Ged a chaidh DVDan ainmeachadh mar dhòigh-coimhid le-cothrom-Gàidhlig, faodar argamaid a dhèanamh nach b' e suidheachadh ionann a bha ann eadar DVDan Gàidhlig agus Beurla. Ach leis gun do chleachd aon phàist DVD Gàidhlig bhathar a' gabhail ris gun robh cothroman ann agus gum b' urrainn do chloinn eile na h-aon cothroman DVD a chruthachadh dhaibh fhèin mar a chruthaich Pàist B.

leis gu bheil barrachd is prògraman cloinne air an t-sianail, feumar dhol tro chlàran-taic<sup>82</sup> gus susbaint chloinne a lorg, pròiseas nach eil cho luath ri iPlayer CBeebies.

### 6.4.3 Clàraidhean

Coltach ri ‘seirbheis a-rithist’ tha e doirbh dèanamh a-mach bho na leabhraichean-latha carson a chaidh clàraidhean Gàidhlig a thaghadh agus carson nach deach. Bha triùir ann a chleachd clàraidhean, dithis a chleachd clàraidhean a-mhàin sa Bheurla (F agus G) agus aon phàist (B) a chleachd clàraidhean an dà chuid anns a’ Ghàidhlig agus anns a’ Bheurla. Airson Pàist B, ged a bha clàraidhean Beurla a’ dèanamh suas cnap mòr de na clàraidhean gu lèir a thaobh mhionaidean, bha clàradh Beurla air a chleachdadh dìreach aon turas agus clàraidhean Gàidhlig air an cleachdadh còig tursan. Ach bha an clàradh Beurla fada na b’ fhaide aig 45 mionaidean na gin de na clàraidhean Gàidhlig, a bha eadar 10 agus 15 mionaidean de dh’fhaid. B’ e geama ball-coise a bha anns a’ chlàradh Beurla. Bhiodh cothrom air a bhith ann geama ball-coise a chlàradh bho BhBC ALBA agus sin a chleachdadh an àite clàradh Beurla oir tha coltas ann gun deach an geama a thaghadh air adhbhar ’s gun robh am pàist airson ball-coise a choimhead agus chan ann airson geama sònraichte. Bha nota anns an leabhar-latha ag ràdh gun robh grunn de gheamannan ball-coise aca clàraichte a bhios air an cur air dhan phàist. ’S dòcha gun robh feadhainn Ghàidhlig aca clàraichte ach gur e geama Beurla a chaidh a chur air an t-seachdain sin no ’s dòcha nach robh feadhainn Ghàidhlig aca. Chan eil an leabhar-latha ag innse dhuinn mòran mu dheidhinn nan adhbharan a chaidh Beurla a thaghadh an seo.

Airson Pàist F, mar a tha fios againn mar-thà cha robh mòran oidhirp air a dèanamh gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson a’ phàist seo san fharsaingeachd agus mar sin chan eil e na iongnadh nach deach clàraidhean a choimhead sa Ghàidhlig. B’ e an aon chlàradh a

---

<sup>82</sup> **clàran-taic**: menus

chaidh a choimhead dà thuras air an t-seachdain sin agus tha coltas ann gun deach an clàradh seo a thaghadh seach gur e prògram sònraichte le cuspair sònraichte a bha ann, le bàtaichean agus còmhlán-pioba. Anns an t-suidheachadh seo ma dh'fhaoidte nach b' urrainnear a ràdh gun deach clàradh Beurla a thaghadh *an àite* clàradh Gàidhlig, ach gun deach clàradh Beurla a thaghadh leis gur e prògram gu math sònraichte a bha ann agus nach biodh susbaint Ghàidhlig ann a bha coltach ris. Fiù 's nan robh prògram coltach ris sa Ghàidhlig, 's dòcha gum biodh am prògram Beurla seo a bhith air a choimhead co-dhiù leis gun robh cuspair a' phrògram cho sònraichte agus tarraingeach dhan phàist.

Bha na clàraidhean a chleachd Pàist G a' taisbeanadh suidheachadh inntinneach a rèir a bhith a' dèanamh roghainn eadar susbaint Bheurla agus susbaint Ghàidhlig. B' e dà chlàradh den phrògram Beurla *Katie Morag* a chaidh a choimhead agus b' urrainnear a ràdh gum biodh cothrom ann clàradh Gàidhlig a chleachd an àite Beurla. Ach a bharrachd air sin bha cothrom air a bhith ann cuideachd an aon seòrsa susbaint a chleachdadh sa Ghàidhlig 's a bha air a cleachdadh sa Bheurla oir bha an dearbh phrògram ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig.<sup>83</sup> Bhiodh e inntinneach fhaighinn a-mach carson a chaidh Beurla a thaghadh an àite Gàidhlig ach chan eil an leabhar-latha ag innse cus dhuinn mu dheidhinn seo. Tha fios againn mar thà nach robh e na fhasan dhaibh idir a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus mar sin 's dòcha gur e sin a bu chòir. Anns an agallamh nochd e nach robh fios aca gun robh *Ceitidh Mòrag* ri fhaighinn sa Ghàidhlig. B' ann tron agallamh nuair a choimhead iad air clàr BBC ALBA a mhothaich iad gun robh am prògram ri fhaotainn sa Ghàidhlig cuideachd. Nuair a fhuair iad a-mach mu sheo bha iad an dùil oidhirp a dhèanamh gus clàraidhean dhen phrògram a dhèanamh. Ach chaidh an agallamh a dhèanamh ro sheachdain nan leabhraichean-latha agus mar sin bhiodh fios air a bhith aig a' phàrant gum b' urrainn dhaibh *Ceitidh Mòrag* a chlàradh. Ach 's dòcha gun do

---

<sup>83</sup> 'S e prògram Cbeebies a tha ann an *Katie Morag* agus chaidh a thionndadh gu Gàidhlig le guth-thairis agus e ri fhaotainn air BBC ALBA.

dhìochuimhnich iad no nach d' fhuair iad thuige sin a dhèanamh fhathast no nach robh cothrom ann clàradh sa Ghàidhlig agus am prògram Beurla aca clàraichte cheana.

#### **6.4.4 Beò**

Bha cothrom aig gach pàist, ach Pàist D, susbaint bheò le-cothrom-Gàidhlig a choimhead. Ged a chaidh an cothrom susbaint bheò sa Ghàidhlig a chleachdadh le ceathrar, fiù 's nuair a bha an cothrom ann susbaint bheò sa Ghàidhlig a choimhead, mar bu thrice b' e susbaint Bheurla a chaidh a chleachdadh. Airson G agus H feadhainn nach do chleachd an cothrom susbaint bheò sa Ghàidhlig a choimhead, cha robh sin na iongnadh leis nach robh iad a' dèanamh oidhirp susbaint bheò sa Ghàidhlig a choimhead anns an fharsaingeachd co-dhiù. Mar an ceudna airson Pàist E, cha robh e àbhaisteach dhaibh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh, ach fiù 's nan robh, bha an cothrom susbaint bheò Ghàidhlig seo a' tighinn aig deireadh cnap-coimhid de CBeebies (bha CBeebies air mar-thà agus an cothrom Gàidhlig a' nochdadh nuair a thòisich BBC ALBA a' craoladh) agus ri linn sin, nan robh Gàidhlig gu bhith air a taghadh bhiodh aca ri atharrachadh bho CBeebies gu BBC ALBA. Bho na leabhraichean-latha bha e follaiseach gun robh pàrantan dualtach sianail a chur air agus leigeil leotha ruith. Mar sin mura robh cothrom Gàidhlig ann aig fìor thoiseach an àm-cleachdaidh, bhiodh atharrachadh ri dhèanamh ann an teis-meadhan a' choimhid, agus airson sin a dhèanamh, bhiodh oidhirp agus cuimhne a dhìth. Cuideachd, dh'fhaoidte gum biodh na bha air mar-thà a' còrdadh ris a' chloinn agus gum biodh gearan ann nan deidheadh an t-sianail atharrachadh ann an teis-meadhan a' phrògram a bha iad a' coimhead.

Am measg an fheadhainn a chleachd an dà chuid susbaint Ghàidhlig agus Bheurla, nuair a bha an cothrom ann an t-susbaint sin a choimhead sa Ghàidhlig, tha e inntinneach a bhith a' beachdachadh carson a thagh iad Gàidhlig ann an cuid de shuidheachaidhean agus

Beurla ann an cuid eile oir b' urrainnear a ràdh gur e roghainn a bha iad a' dèanamh. Airson Pàist F, cha deach ach 20 mionaid gu lèir de shusbaint Ghàidhlig a choimhead air seachdain nan leabhraichean-latha agus b' e susbaint bheò uile anns an aon cnap-coimhid a bha sin. Cha robh e na fhasan do Phàist F a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig, agus gu dearbh chaidh ainmeachadh mar phàist nach robh a' cleachdadh no ris nach deach oidhirp a' dèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Carson ma-tha a chaidh Gàidhlig a chleachdadh an aon turas seo? Dh'fhaoidte gun robh suidheachadh a' chluiche mar phàirt dhen ghnòthach. A' coimhead nas mionaidiche air an leabhar-latha, chaidh an cnap-coimhid beò Gàidhlig a bha seo a choimhead air telebhisean anns a' chidsin. Cha deach susbaint a choimhead sa chidsin ach trì tursan san t-seachdain agus bha a h-uile pios-susbaint eile air a choimhead san t-seòmar-suidhe. Na tursan eile a chaidh susbaint a choimhead sa chidsin b' e susbaint bheò Bheurla a bha ann ach cha b' e prògraman cloinne a bh' ann. Mar sin, cha deach prògraman cloinne sa Bheurla a thaghadh nuair a bha an telebhisean air anns a' chidsin. Ach anns a' chumantas b' e prògraman cloinne a bha air an taghadh anns an t-seòmar-suidhe. Ma dh'fhaoidte gu bheil suidheachadh agus àrainneachd a' toirt buaidh air roghainnean susbaint. Ach ged a bha cothroman ann prògraman beò cloinne Gàidhlig a choimhead anns a' chidsin nuair a chaidh an t-susbaint bheò Bheurla a choimhead sa chidsin, cha deach Gàidhlig a thaghadh. Mar sin, cha b' urrainnear a ràdh gun robh susbaint Ghàidhlig bheò air a thaghadh anns a' chidsin nuair a bha an cothrom ann. Ach airson an t-seòmar-suidhe, b' e susbaint Bheurla am fasan.

Airson Pàist C, nuair a bha cothrom ann susbaint bheò sa Ghàidhlig a choimhead, chaidh susbaint Bheurla a chleachdadh beagan a bharrachd na susbaint Ghàidhlig. Ach b' e dà phrògram de na naidheachdan a chaidh a choimhead sa Bheurla agus bha nota anns an leabhar-latha gun robh am pàist a' coimhead nam prògraman seo ach gun robh iad a' cluich aig an aon àm agus cha robh aire buileach air an telebhisean ged a bha iad fhathast

a' cluinntinn na bha air. Mar sin nuair a bha cothrom ann susbaint bheò Ghàidhlig a choimhead agus susbaint air a taghadh gu sònraichte airson a' phàist, bha an t-susbaint sin air a taghadh sa Ghàidhlig.

Airson Pàist A, bha eisimpleir ann a-rithist de chothrom Gàidhlig gun a bhith air a ghabhail, ma dh'fhaoidte air sgàth agus gun robh susbaint Bheurla air mar-thà mus do nochd an cothrom Gàidhlig. Bha eisimpleir ann de bhith ag atharrachadh bho shusbaint Ghàidhlig gu susbaint Bheurla, bho prògram *Saidheans Spòrsail* gu *The Simpsons*. 'S urrainnear beachdachadh gun deach atharrachadh a dhèanamh leis nach robh *Saidheans Spòrsail* a' còrdadh ris a' phàist no ma dh'fhaoidte gun robh *The Simpsons* tarraingeach airson a' phàist. Ann an suidheachaidhean eile a nochd, cha robh e soilleir idir carson a chaidh susbaint Ghàidhlig a thaghadh agus carson a chaidh susbaint Bheurla a thaghadh. 'S urrainnear beachdachadh gun e miann bu choireach, gu bhith a' dèanamh roghainnean stèidhichte air na prògraman fhèin. Bha seo a' cheart cho fìor airson Pàist B oir cha robh adhbharan soilleir a' nochdadh bhon leabhar-latha carson a chaidh an dà chuid de shusbaint a thaghadh.

## 6.5 Furastachd cleachdaidh

Bho sgrùdadh seachdain nan leabhraichean-latha nochd e an corra uair ma dh'fhaoidte gun robh furastachd cleachdaidh susbaint a' toirt buaidh air mar a chaidh susbaint a chleachdadh. Tha dàta nan agallamhan ag innse tuilleadh dhuinn air a' phuing sin.

Ged a bha adhbharan eile ann airson susbaint a chleachdadh, b' e aon de na prìomh adhbharan a chaidh ainmeachadh am measg nam pàrantan airson susbaint a chleachdadh san fharsaingeachd gun robh iad ga chleachdadh mar chùram-cloinne:

*E: Tha mi creidsinn nach eil mi cur an t-uabhas de luach anns an telebhisean. Dhòmhsa 's e distraction a th' ann dhaibh ach am faigh mi rudeigin a dhèanamh.*

*H: But to be honest, no, it's [my main reason for using television] mainly so I can go and make dinner or something.*

Nochd beachdan de leithid seo am measg gach pàrant; b' e an rud a bha cudromach dhaibh gum biodh an telebhisean a' cumail aire an cuid cloinne fada gu leòr gus am faigheadh iadsan air na bha aca ri dhèanamh a dhèanamh. Le pàrantan trang agus ann an cabhaig, chan e a-mhàin gum biodh an t-susbaint fhèin cudromach ach bha cho furasta agus a bha i an t-susbaint a chur air agus a thaghadh cudromach cuideachd.

A thaobh a bhith a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne thuirte pàrantan gum b' e an rud a b' fhasa sianail cloinne (gu sònraichte airson clann fo-aois sgoile) beò air an telebhisean a thaghadh agus leigeil leatha ruith. Bha seo furasta obrachadh agus cha robh aca ri smaoinichadh a dhèanamh mu dheidhinn; bha fios aca leis gur e sianail cloinne a bha ann gum biodh an t-susbaint freagarrach dhan phàist. Bha iad a' taghadh an 'old faithful, this will keep you quiet for half an hour' (Pàrant H). Mar sin, bha fasanan cudromach anns a' phròiseas taghaidh, bha pàrantan a' cleachdadh na bha iad cleachdte ris agus ri linn sin, mura robh e na fhasan dhaibh BBC ALBA a chleachdadh 's gann gun cleachdadh iad an t-sianail. Cuideachd, chunnacas mar thà nach robh cuid de phàrant eòlach mun t-susbaint a bha air BBC ALBA agus a thuilleadh air sin bha coltas ann nach robh clàr-ama soilleir aig BBC ALBA. Mar sin, nan robh pàrantan airson BBC ALBA beò a thaghadh airson an cuid cloinne, ma dh'fhaoidte nach biodh fhios aca dè an t-susbaint a bhiodh air, am biodh rudeigin air dhan chloinn a bhiodh freagarrach, agus bhiodh aca ri oidhirp a dhèanamh gus sin fhaighinn a-mach mus cuireadh iad air e. Nuair a bhiodh pàrantan ann an cabhaig b' iad na rudan beaga bìodach seo a bhiodh ma dh'fhaoidte a' cur bacadh air pàrantan BBC ALBA a chleachdadh.



Leis nach robh BBC ALBA a' craoladh beò fad an latha, nan robh pàrantan airson susbaint Ghàidhlig a chleachdadh taobh-a-muigh nan uairean sin bhiodh aca ri dòigh-choimhid eadar dhealaichte bho dhòigh-choimhid bheò a chleachdadh. Nan robh iad air prògraman cloinne bho BBC ALBA a chlàradh, no a' cleachdadh BBC iPlayer gus 'seirbheis a-rithist' a chleachdadh, bha coltas ann gun robh trioblaidean aca an lùib seo co-ceangailte ri faid nam prògraman. Leis gun robh na prògraman air BBC ALBA goirid, eadar mu 5-10 mionaidean mar a b' àbhaist, bha coltas ann nach b' urrainn do phàrantan grunn phrògraman a' ruith còmhla gun stad. Nuair a bhiodh am pàist deiseil de dh'aon phrògram, dh'fheumadh an ath phrògram a bhith air a thaghadh agus a chur air agus bha seo a' fàgail chùisean doirbh do phàrantan:

*E: Ach air t-sàillibh nach urrainn dhut, t-sàillibh gun fheum thu dhol air ais, chan eil iad ach còig mionaidean agus còig mionaidean. Nuair a tha iad a' watch rudeigin clàraichte feumaidh tu dhol air ais às dèidh còig mionaidean agus an ath rud a chur air...Dh'fheumainn fhìn tilleadh, stad dhen dinneir, 'null. "Mam Deiseal!"*

Rinn am pàrant seo coimeas le seann chleachdaidhean bhideo VHS far am faighear cothrom uair a thìde a chlàradh gun stad agus gun robh sin na b' fhasa na gnothaichean an latha an-diugh far an robh aca ri gach clàradh a thaghadh fa-leth. An lùib na beatha trainge a bha aig pàrantan, bha duilgheadasan beaga de leithid a' dèanamh diofar eadar a bhith a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a thaghadh agus gun a bhith ga taghadh agus susbaint bheò Bheurla a chur air na h-àite, mar a mhinich Pàrant C:

*C: It doesn't seem like a lot of bother, but if I'm using television as a babysitter, then to me I would be as well just sitting with him/her. If I was sitting with him/her it would be fine, I could sit and put them all [the Gaelic programmes] on one after the other and it would be no hassle. But if I'm maybe using it on occasion for a babysitter, so maybe for me it is easier just to put it on in English and let it play. You know in English they've got dedicated channels that just play screeds and screeds of children's programmes.*

An seo chithear gu bheil am pàrant ag aideachadh gur dòcha bhon taobh a-muigh nach robh coltas ann gun robh seo na thrioblaid mhòr ach ann am beatha dhaoine far a bheil ùine

teann agus iad trang, tha na duilgheadasan beaga cudromach do phàrantan agus tha iad a' toirt buaidh air roghainnean.

Thathar air mìneachadh gun robh e na b' fhasa susbaint bheò sa Bheurla a chleachdadh na bha e susbaint sa Ghàidhlig a chur air dhan chloinn. Ach fiù 's mura b' e susbaint Bheurla bheò a bha air a taghadh, bha coltas ann gun robh dòighean na b' fhasa ann susbaint nach robh beò sa Bheurla a thaghadh na bha i susbaint nach robh beò sa Ghàidhlig a thaghadh. Dh'innis Pàrant D gun robh BBC iPlayer (an t-ùrlar-cleachdaidh airson 'seirbheis a-rithist' BBC ALBA) 'a wee bit more complicated to get into to work the remote for him/her' ach gun robh Netflix na b' fhasa a chleachdadh agus gum b' urrainn dhan chloinn fiù 's susbaint air sin obrachadh agus a taghadh iad fhèin gun taic bho inbheach.

## **6.6 Susbaint tharraingeach**

Chunnacas gun robh susbaint a bha furasta a cleachdadh cudromach dha na pàrantan agus iad a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne. Ann an suidheachaidhean mar seo cha b' e a-mhàin gum b' e furastachd chleachdaidh a bha pàrantan a' sireadh ach cuideachd bha iad a' lorg rudeigin a bhiodh a' glacadh aire an cuid cloinne, susbaint a bha tarraingeach. Chaidh prògraman a thaghadh agus a sheachnadh a rèir mar a chòrdadh iad ris a' chloinn no cho tarraingeach dha na pàrantan a bha iad dha an cuid cloinne.

Bha beachdan nam pàrantan agus beachdan na cloinne air susbaint cudromach nuair a bhiodh roghainnean mu shusbaint gan dèanamh. Anns an rannsachadh seo, bha na pàrantan uile den bheachd gun robh smachd aca air cleachdaidhean susbaint an cuid cloinne, oir, bha a' chlann fhathast òg, ach bha iad an dùil gun atharraicheadh an smachd sin rè ùine. B' e na pàrantan a bha a' stiùireadh cleachdadh susbaint a thaobh cuin a bhiodh e ceadaichte dhan chloinn a bhith a' coimhead susbaint. Cuideachd, bha an fhaireachdainn ann gun robh

smachd aca air dè an t-susbaint a bhiodh a' chlann a' coimhead. Ma dh'fhaoidte gum biodh na pàrantan a' toirt taghadh dhan chloinn no gum biodh a' chlann ag iarraidh susbaint no a' diùltadh susbaint agus leis an sin, gu ìre, bha guth aig a' chloinn anns an taghadh. Ach anns an fharsaingeachd b' ann aig na pàrantan a bhiodh an taghadh mu dheireadh agus iadsan a' measadh na bha tarraingeach dhan cuid cloinne, ach dh'fhaoidte gum biodh beachdan an cuid cloinne a' toirt buaidh air na bha na pàrantan a' taghadh.

Anns an earrann seo bheirear sùil air na chaidh a ràdh anns na h-agallamhan mu tharraingeachd susbaint Ghàidhlig san fharsaingeachd. An uair sin ainmichear na feartan a bha a' dèanamh susbaint tarraingeach do na pàrantan anns an rannsachadh seo agus nithear measadh air susbaint Ghàidhlig anns a' cho-theacsa seo.

### **6.6.1 An robh susbaint Ghàidhlig tarraingeach?**

Am measg na cloinne a bha a' cleachdadh BBC ALBA bha coltas ann gun robh cuid den t-susbaint a' còrdadh riutha agus bha eisimpleirean ann de chlann ag iarraidh BBC ALBA:

*B: Ma tha deagh phrògram air agus tha e a còrdadh riutha canaidh iad “oh cuin a tha” – mar Seonaidh MacSpòrsail, bidh [am pàist] “Seonaidh MacSpòrsail a-nochd?”, 's bidh mi ag ràdh, coimheadaidh mi agus canaidh mi ‘chan eil, ach tha ‘Sgrìobag’ air no tha rud- “Ok, tha sin ceart gu leòr”. Ach dhà no trì, tha iad a còrdadh riutha 's faighnichidh iad. Ach chan eil e gu diofar mur bheil e air o chionn tha rudeigin eile air aig an aon àm agus coimheadaidh iad air co-dhiù.*

*A: Canaidh e/i fhèin uaireannan “tha mi ag iarraidh àireamh a h-ochd [BBC ALBA]”. So tha fhios aige/aice dè tha e/i ag iarraidh so. Taghaidh iad fhèin. Uaireannan feumaidh mi a ràdh, you know tha mi ag iarraidh gum bi thu a' coimhead Gàidhlig, cuiridh mi BBC ALBA air' agus sin e. Ach coimheadaidh iad e, chan eil e gu diofar dè an t-sianail a tha air. Ma tha iad ag iarraidh TBh a choimhead, bidh iad ga choimhead.*

Anns an dà eisimpleir gu h-àrd, 's urrainnear a ràdh gu bheil BBC ALBA tarraingeach dhan chloinn agus gun robh iad toilichte gu leòr a choimhead. Cha robh na pàrantan a' sparradh air a' chloinn BBC ALBA a choimhead. Fiù 's ann an suidheachaidhean, mar a thuirt Pàrant A, anns nach deach roghainn a thoirt dhan chloinn, bha coltas ann gun robh

am pàist fhathast toilichte telebhisean a choimhead. Bha na pàrantan den bheachd gum b' e telebhisean fhèin a bha tarraingeach, ge brith dè an cànan anns an robh an t-susbaint, bha a' chlann toilichte oir bha iad a' faighinn cothrom telebhisean a choimhead. Mar an ceudna, thuirt Pàrant D:

*D: When it comes to the cartoons, he'll happily sit with either [English or Gaelic].*

A-mach às a' chloinn nach robh a' cleachdadh BBC ALBA, cha b' urrainn do Phàrantan G agus H measadh a dhèanamh air cho fèisteach 's a bha an t-susbaint leis nach robh iad eòlach air an t-susbaint a bha ri faotainn agus cha robh iad ga cleachdadh idir. Ach bha beachdan aig Pàrantan E agus F, oir, bha iad eòlach air na bha ri faotainn. Bha Pàrant F a' smaointinn nach robh susbaint BBC ALBA freagarrach gu leòr do chloinn fo aois sgoile agus nach robh an cànan simplidh gu leòr, fiù 's do chloinn a bha fileanta sa Ghàidhlig. Do theaghlach E, bha coltas ann nach robh BBC ALBA a' còrdadh ris a' chloinn:

*E: Tha mi smaointinn dìreach aig an àm as dèidh dìinneir agus tha uair ann, agus watchidh iad CBeebies, ach ma chuireas mi air BBC ALBA cha toil leotha feadhainn dhe na programs. So chan eil iad gan iarraidh: "oh chan eil sinne ag iarraidh sin". Ach ma chuireas mi air CBeebies dìreach watchidh iad 'brith de th' air.*

Cha robh Pàist E a' faireachdainn gun robh BBC ALBA fèisteach gu leòr agus bha sin a' toirt buaidh air a bhith ga thaghadh. Cuideachd, chìtear nach b' e a-mhàin am beachd aig a' phàist air susbaint BhBC ALBA a thug buaidh air roghainnean susbaint, ach cuideachd b' e an t-susbaint eile a bha ri faotainn. Bha CBeebies tarraingeach agus le cinnt bha fhios aig pàrantan gum biodh rudeigin ann a bhiodh freagarrach dhan chloinn.

### **6.6.2 Susbaint Bheurla agus an cultar mòr-chòrdte**

Fear de na factaran eile a bha a' toirt buaidh air roghainnean cànan a thaobh susbaint b' e gun robh susbaint Bheurla tarraingeach air sgàth agus gun robh i a' riochdachadh cultar

mòr-chòrdte.<sup>84</sup> Bhiodh an cultar sin cudromach do chloinn oir b' e sin an cultar anns an robh an cuid charaidean an sàs. Nan robh iad airson a bhith nam buill de choimhearsnachd agus a bhith a' gabhail ri còmhraidh an co-aoisean, dh'fheumadh iad eòlas fhaighinn air a' chultar mhòr-chòrdte:

*E: Tha iad airson a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn [prògraman agus fiolmaichean [Bheurla]. Fhios agad, a bhith sa chultar far a bheil a h-uile duine... So, tha iad still, tha iad beò sa latha an-diugh (gàireachdainn).*

Biodh an cultar mòr-chòrdte cuideachd cudromach do chluich na cloinne agus susbaint Bheurla a' toirt chuspairean-cluiche dhan chloinn. Nan robh clann airson cluich còmhla rin caraidean bha coltas ann, do Phàist C, gum b' e susbaint Bheurla a bha a' toirt buaidh air cuspairean cluiche barrachd na bha susbaint Ghàidhlig:

*C: I think if he/she just watched English TV he/she wouldn't miss out because I never hear him/her coming back and saying "Oh Mum they were all talking in nursery about 'Uilleam' [prògram Gàidhlig]" or whatever. Whereas he/she will come back from nursery and say "oh we were playing 'Winks Club' today, we were playing 'Power Puff Girls' [Prògraman Beurla]"*

Nuair a thigeadh e gu cluich no 'cluich mas fhìor'<sup>85</sup> dh'fhaighnicheadh ceist anns na h-agallamhan mun chànan anns am biodh clann a' cluich. B' ann anns a' Bheurla a bhiodh clann bho na teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' a' cluiche ach thuirt na pàrantan bho na teaghlaichean 'Gàidhlig' gum biodh an cuid cloinne a' cleachdadh na Gàidhlig agus na Beurla nuair a bhiodh iad a' cluich a-staigh. Dh'aidich Pàrant E gun robh e na adhbhar dragh dhaibh gum biodh am pàist tric a' cluich anns a' Bheurla, rudeigin a bha iad den bheachd a bha annasach:

*E: Ach nuair a bhios e/i a' cluich, bidh e/i a cluich ann am Beurla. Uaireannan, corra uair bi e/i ag ràdh "tha mi a' dèanamh gèam Gàidhlig an-diugh". Ach nuair a bhios e/i a cluich – bidh e/i a cluich leis na trèanaichean so 's e 'Tòmas' a bhios e a cluich, so bidh e/i ag ràdh: "and Percy went chuffing happily along".*

---

<sup>84</sup> **cultar mòr-chòrdte**: popular culture

<sup>85</sup> **cluich mas fhìor**: role play

Nochd e corra uair am measg nan teaghlaichean gum biodh a' chlann a' togail abairtean bho na prògraman a bhiodh iad a' coimhead agus gan cleachdadh ann an cluich, agus gu math tric b' iad abairtean Beurla a bhiodh annta.

### 6.6.3 'Brandaichean' Beurla

Am measg na susbaint a bha ri faotainn air BBC ALBA, bha prògraman a bha ainmeil anns a' Bheurla air an eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig agus guth-thairis anns a' Ghàidhlig air a dhèanamh orra. Bha BBC ALBA a' cleachdadh 'brandaichean' de phrògraman aithnichte gus daoine a thàladh dhan t-sianail. Bho fhiosrachadh nan agallamhan, bha coltas gun robh 'brandaichean' a' glacadh aire nam pàrant:

*E: Tha mi creidsinn gun canadh [nach eil mi eòlach air susbaint BBC ALBA]. Mar a tha mi ag ràdh, thàinig mi tarsainn air rudeigin 'Oh Tòmas ann an Gàidhlig' so record sin, sreath dhe sin...*

Cha robh Pàrant E san fharsaingeachd a' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson a' phàist, ach chithear gu h-àrd, anns na suidheachaidhean ainneamh far an robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh, b' ann tron a bhith a' cleachdadh 'brand' mar 'Thomas the Tank Engine' a bha seo air adhbhrachadh. Am measg phàrantan G agus H nach robh a' cleachdadh BBC ALBA idir, bha cuid de na prògraman a bha iad ag ainmeachadh mar phrògraman a bha a' còrdadh ri an cuid cloinne (mar eisimpleir *Peppa Pig*) ri fhaotainn anns a' Ghàidhlig. Mar sin, nan robh an aire air a thogail dha na prògraman seo anns a' Ghàidhlig dh'fhaoidte gum biodh iad buailteach an cleachdadh.

Ann an co-theacsa nuair a bha pàrant a' cleachdadh susbaint mar 'chùram-chloinne' bha 'brandaichean' cuideachail:

*C: The other one [Gaelic programme] we watch is 'Charlie is Lola'. So he/she'll watch that as well. But maybe that's more me thinking, oh look there's that on because I know that he/she has maybe watched that— he/she doesn't watch it now in English, but at the time he/she would have watched it in English when he/she*

*was younger. So I think, 'oh that's something you will recognise so we will watch that'.*

Bha 'brand' mar *Charlie is Lola* tarraingeach do Phàrant C leis gun robh fios aca gun robh am 'brand' sin a' còrdadh ris a' phàist. Bhiodh am pàist eòlach air an t-susbaint agus cha bhiodh mì-chinnt ann mu a bhith cumail aire a' phàist mar a bhiodh dh'fhaoidte le susbaint air nach robh iad eòlach. Aig a' cheart àm bha prògraman air an robh a' phàist eòlach air sa Bheurla a' ciallachadh uaireannan gum biodh fios aca gum biodh roghainn cànanain ann agus iad uairean a' faighneachd, 'Can we not watch this in English?'.

A bharrachd air a bhith tarraingeach, leis gu bheil clann eòlach air na caractaran mar thà, thàinig e am follais gur dòcha gun robh deagh bhuaidh aig 'brandaichean' air inbhe na Gàidhlig am measg phàrantan agus clann. Bha clann a' faicinn caractaran aithnichte bho shaoghal na Beurla agus a' faicinn gun robh Gàidhlig aig na caractaran seo cuideachd. A rèir choltais bha seo a' toirt buaidh orra agus mar a bha iad a' faicinn a' chànain:

*F: Bha 'Ceitidh Mòrag' air agus bha e air BBC ALBA, agus thionndaidh [Pàist F] rium agus thuir e "tha Gàidhlig aicese" agus "Tha Gàidhlig aigesan". Agus bha e/i tuigsinn gun e Gàidhlig a bh' ann an àite Beurla, bha e/i dèanamh sgaradh eadar a dhà.*

Thuir Pàrant F gun do chuir e iongnadh air a' phàist gun robh Gàidhlig aig Ceitidh Mòrag agus coltas gun robh am pàist air tòiseachadh a' tuigsinn cho cumhachdach 's a bha saoghal na Beurla agus iad an dùil nach biodh Gàidhlig aig a leithid de character. Ach chaidh inbhe na Gàidhlig a thogail airson a' phàist seo agus iad den bheachd gun robh e sònraichte agus math gun robh Gàidhlig aig Ceitidh Mòrag. Chaidh na h-aon seòrsa bheachdan a thogail am measg cuid de na teaghlaichean eile 's na pàrantan den bheachd gun robh e math gum biodh a' chlann a' faicinn gun robh a' Ghàidhlig aig caractaran ainmeil.

#### 6.6.4 Deagh phrògraman oideachail

Ged a bha pàrantan a' cur prìomhachas air a bhith a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne, agus iad a' sireadh susbaint a chumadh aire na cloinne, bha iad cuideachd a' faicinn luach ann an deagh shusbaint oideachail. Chan e a-mhàin gun robh iad ag aithneachadh gur dòcha gun tigeadh buannachdan-leasachaidh às a bhith ga coimhead ach cuideachd tric bha iad den bheachd gur e deagh phrògraman fèisteach a bha anns na prògraman oideachail, a bhiodh a' glacadh aire an cuid cloinne agus ri linn sin, a' cuideachadh dhaibh mar chùram-cloinne.

Anns na h-agallamhan b' e susbaint CBeebies bu trice a bha a' nochdadh mar sianail telebhisean a bha oideachail agus air a cleachdadh gu tric leis gun robh pàrantan a' smaointinn gun robh an t-susbaint sàbhailte, oideachail agus na b' fheàrr na susbaint eile:

*H: I think it [learning from programmes] depends too on what they watch, because as I say CBeebies and things, there is quite a lot of stuff he/she does actually pick up. He/she has learnt quite a lot of stuff from certain programmes. But not, obviously, not from 'Power Rangers' (laughs). I wouldn't want him/her watching too much of that. But I don't mind so much if it's things like 'Number Jacks' when it's all maths and sums and things like that. I don't mind so much that.*

*A: Air CBeebies, 'Let's play', dè eile, 'Show me, show me', an fheadhainn far am bi iad a' cleachdadh an imagination, 's toil leam an fheadhainn sin. Sin an rud, bidh daoine ag ràdh "Oh chan eil TBh math airson clann" agus chan eil e an còmhnaidh ach 's toil leam nuair a tha e/i coimhead rudan mar sin an àite cartoons.*

Bha na prògraman a chaidh ainmeachadh anns na luaidhean gu h-àrd air an dealbhachadh gu sònraichte airson clann fo-aois sgoile agus coltas gun robh iad a' taisbeanadh nam feartan sònraichte a bhios aig susbaint oideachail a chaidh ainmeachadh anns an lèirmheas-litreachais. Chunnacas gun robh pàrantan a' cur luach air susbaint oideachail agus ged nach robh iad airson 's gum biodh am pàist a' coimhead tòrr telebhisean, bha am beachd ann nach robh e cho dona dhaibh nan robh susbaint oideachail air a taghadh.



Mar sin, bha susbaint oideachail tarraingeach do phàrantan agus ri linn nan robh susbaint Ghàidhlig gu bhith air a cleachdadh bhiodh e cudromach gum biodh susbaint Ghàidhlig oideachail ri faotainn. Bha feadhainn de na teaghlaichean a bha a' cleachdadh BBC ALBA den bheachd gun robh luach oideachail aig cuid den t-susbaint a bha ri faotainn bhon t-sianail:

*B: 'S e ionnsachadh a th' ann BBC ALBA a bhith air dhaibh, tha mise faireachdainn co-dhiù. Tha rudan ann a dh'ionnsaicheadh e/i bhon an telebhisean ma dh'fhaoidte nach eil agamsa. Toirt dhaibh, mar sequence agus òrain nach aithneadh dhomh idir. Agus mar 'Leum is Danns' bidh [am pàist] ga dhèanamh, bobadh mun cuairt a-staigh ann a siud, fhios agad, rudan mar sin, ma dh'fhaoidte nach fheuchadh mise mar nan robh e aca air an telebhisean.*

*C: No, if I compare it [BBC ALBA] to CBeebies, which I think the programmes there [BBC ALBA] are more educational than entertaining, I think it's probably along those lines rather than if you are watching anything on Netflix it's just for entertainment value isn't it.*

Bha na pàrantan seo a' faicinn susbaint BhBC ALBA san fharsaingeachd mar shusbaint 'mhath' agus gun robh a' chlann a' faighinn buannachd às a bhith ga coimhead. Bha na pàrantan seo a' measadh gun robh cuid den t-susbaint air BBC ALBA oideachail agus bha sin na adhbhar-cleachdaidh dhaibh.

### **6.6.5 Aois**

Ach nochd gu leòr bheachdan bho phàrantan nach robh an t-susbaint a bha air BBC ALBA oideachail, no nach robh gu leòr ann a bha oideachail, agus nach robh na feartan sònraichte a bhiodh a' dèanamh susbaint oideachail aig cuid de na prògraman a bha rim faighinn air BBC ALBA. Bha am beachd ann nach robh gu leòr air BBC ALBA a bha freagarrach do chloinn aig aois fo-sgoile:

*F: Ach chan eil sgath ann do dh'fheadhainn òga, do chloinn òga, a tha a' tòiseachadh ag ionnsachadh. Definitely, tha market ann airson sin. Chan eil sgath ann dhaibh, cho fad 's as aithne dhomhsa.*

*E: Tha mi smaointinn gu bheil iad [BBC ALBA] a' feuchainn ris a h-uile duine riarachadh. Mar a tha CBeebies an-dràsta, an ìre aig a bheil [am pàist] tha e dìreach dhan ìre sin. Ach BBC ALBA, feumaidh iadsan a h-uile duine fhithadh a-staigh anns a' space. Chan urrainn dhaibh dìreach a dhèanamh airson feadhainn bheaga bhìodach. Sa feumaidh tu taghadh às na rudan a tha freagarrach.*

Bha Pàrant F gu làidir a' smaointinn nach robh susbaint fhreagarrach air BBC ALBA airson a' phàist agus b' e seo aon de na prìomh adhbharan nach deach susbaint Ghàidhlig a cleachdadh tric leis a' phàist seo. Bha Pàrant E a' taisbeanadh duilgheadas BBC ALBA leis gur e sianail a tha ann a tha a' feuchainn ri iomadh aois a riarachadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil e doirbh do BhBC ALBA a bhith a' farpais le sianail a tha fa-leth airson clann fo aois-sgoile. A-rithist, bha buaidh aig furastachd cleachdaidh an seo. Bha fios aig pàrantan gum biodh susbaint CBeebies freagarrach airson aois na cloinne ach airson susbaint BBC ALBA, bhiodh aca ri rannsachadh an robh an t-susbaint freagarrach, gnìomh nach eil aca ri dhèanamh le susbaint CBeebies.

#### **6.6.6 Cartùnan agus 'live-action'**

Sheall an litreachas dhuinn gur iad na prògraman as oideachaile na prògraman a tha a' toirt a-steach 'interaction' leis a' phàist agus a tha a' dol aig astar freagarrach airson aois na cloinne. Gu tric, 's iad prògraman 'live-action' a bhios an seo agus chan e cartùnan no prògraman a tha gu tur ag amas air fèisteach. Chunnacas anns na ciad luaidhean bho phàrantan ann an earrann 6.6.4 gun robh iad mothachail air na diofaran eadar an dà sheòrsa susbaint. Bha Pàrant H ag ràdh nach ionnsaichadh am pàist bho phrògram mar 'Power Rangers'<sup>86</sup> agus Pàrant A a' faireachdainn gun robh prògraman oideachail na bu luachmhoire na cartùnan.

Air seachdain nan leabhraichean-latha b' iad cartùnan le guth-thairis anns a' Ghàidhlig an t-susbaint a bu chumanta air BBC ALBA. Rinneadh sgrùdadh air clàr-ama BBC ALBA air

---

<sup>86</sup> Prògram cloinne fèisteach.

seachdain nan leabhraichean-latha agus chaidh 68 prògram gu lèir a shealltainn aig uairean-cloinne BBC ALBA. A-mach à 68, bha 57 dhe na prògraman nan cartùnan no ‘animation’; b’ e cartùnan a bha ann an 84% dhen t-susbaint a chaidh shealltainn air BBC ALBA. A thaobh nam prògraman nach robh nan cartùnan (11 prògraman), b’ e prògram ‘Abadas’ a bha ann an 6 dhiubh agus b’ e prògram le measgachadh de ‘animation’ agus ‘live-action’ a bha sin, le ‘live action’ aig ìre gu math beag. Mar sin cha robh ach 5 prògraman gu lèir a chaidh a shealltainn air seachdain nan leabhraichean-latha aig nach robh animation sam bith annta. Feumar a bhith mothachail cuideachd, a-mach às na prògraman gu lèir gum b’ e measgachadh de phrògraman cloinne a bha annta le cuid dhiubh airson clann òg agus cuid eile airson clann na bu shine; mar sin cha robh iad uile freagarrach air aois fo-sgoile.

Am measg nam pàrant, bha am beachd ann gun robh cus chartùnan air BBC ALBA. Airson Pàrant E, bha an uimhir den t-seòrsa susbaint seo air an t-sianail gam bacadh bho bhith gan cleachdadh oir cha robh cuid de na cartùnan a’ còrdadh ris a’ phàist:

*E: Ach uaireannan ’s e folk tales agus rudan, animated, tha e car, just, chan eil e – so cha ruig thu leas sin tachairt ach triob no dhà nuair a stadas tu... So chan eil, chan eil e na fhasan dhomh a’ cur air BBC ALBA.*

Airson cuid eile ged a bha an t-susbaint a bha air BBC ALBA a’ còrdadh riutha bha pàrantan a’ sireadh raon agus roghainn na b’ fharsainghe de phrògraman:

*B: Uill tha tòrr animation ann. Chan eil mòran prògraman mu dheidhinn ealan no clann a bhith cluich ionnsramaid no a dannsa no dealbh-cluich, rudan diofraichte bhiodh sin math, bhiodh sin math fhaicinn.*

Bha coltas ann gun robh pàrantan den bheachd gun robh rudeigin a dhìth bho BBC ALBA, agus iad airson phrògraman le daoine beò, fìor annta agus cuspairean air am biodh a’ chlann eòlach. Chan e a-mhàin gun robh feartan mar sin ann am prògram tarraingeach ach cuideachd mar a chunnacas san litreachas, tha a leithid de dh’fheartan cudromach ma

thathas gu bhith a' faighinn bhuannachdan leasachaidh agus togail cànanain bho shusbaint.

Bha Pàrant A cuideachd a' sireadh barrachd phrògraman le daoine beò unnta:

*A: Ach a-rithist, prògraman mar 'Dè a-nis?'<sup>87</sup> far a bheil e beò, tha e nas fhasa a-rithist an cànan a thogail suas. A-rithist na prògraman mar sin tha iad a' bruidhinn mu dheidhinn sgoiltean rudan a bhios tu dèanamh, cur-seachadan, spòrs, rudan a bhios a' chlann a' bruidhinn mu dheidhinn a-rithist. So tha e nas fhasa bho na prògraman sin a bhith a' togail suas a' chànan.*

Ged nach b' e prògram do chloinn òg fo-aois sgoile a bha ann an *Dè a-nis?*, a rèir a' phàrant seo, b' e *Dè a-nis?* aon de na h-aon phrògraman anns am biodh daoine beò a' nochdadh agus cuspairean anns an t-susbaint air am biodh a' chlann eòlach agus buntanas aca rim beatha.

Chan e a-mhàin gun robh gearanan ann gun robh cus chartùnan air BBC ALBA ach nochd am beachd nach robh na cartùnan a bha a' nochdadh air an t-sianail simplidh gu leòr:

*F: Nach eil a leithid ann. Chan eil a leithid ann a tha freagarrach do chlann òg. Agus cuideachd, mar a tha thu ag ràdh na cartoons ann an Ghàidhlig, can even 'Peppa', tha e duilich a thuigsinn. Uaireannan na faclan a tha iad a' cleachdadh, tòrr a' dol, chan eil e simplidh ann an dòigh, chan eil e simplidh gu leòr tha mise faireachdainn.*

B' e eadar-theangachadh den phrògram Beurla *Peppa Pig* a bha ann am *Peppa* agus ged a b' e prògram animation a bha ann do chloinn fo-aois sgoile bha coltas ann gun robh an t-eadar-theangachadh a chaidh a dhèanamh air a' phrògram a' ciallachadh nach robh a' chainnt cho simplidh 's a bha i anns an dreach Bheurla; cha robh am pàrant a' measadh *Peppa* mar susbaint fhreagarrach agus iad den bheachd gun robh an t-eadar-theangachadh a chaidh a dhèanamh air ro dhoirbh a thuigsinn. Bha Pàist F air a mheasadh leis a' phàrant mar fileanta sa Ghàidhlig, mar sin cha b' e nach robh na comasan cànanain aca airson am prògraman a thuigsinn, b' e gun robh a' chainnt ro dhoirbh airson na h-aois sin. Mura robh

---

<sup>87</sup> *Dè a-nis?* — prògram cloinne ag amas air cloinn aig aois bun-sgoile le preasantairean beò.

clann a' tuigsinn na bha a' tachairt ann am prògram, bha am pàrant seo den bheachd gun cailleadh iad ùidh ann agus nach biodh iad airson a choimhead.

Ged a bha gearanan air èirigh a thaobh eadar-theangachaidhean, bha aon phrògram, a bha na eadar-theangachadh, a fhuair moladh a-rithist agus a-rithist anns na h-agallamhan: *Ceitidh Mòrag*. Cha robh am prògram seo air rè seachdain nan leabhraichean-latha ach chaidh ainmeachadh gu tric mar phrògram air an robh a' chlann a' coimhead agus a bha còrdadh riutha, fiù 's am measg theaghlaichean E agus F nach robh a' dèanamh oidhirp cho mòr gus susbaint Ghàidhlig a choimhead. B' e sreath de phrògraman dràma 'live-action' a bha ann an *Ceitidh Mòrag*, air fhiolmadh air Eilean Leòdhais, agus a chaidh a dhèanamh an toiseach airson CBeebies ann am Beurla. Bha na prògraman stèidhichte air sreath de leabhraichean mu dheidhinn nighean òg, *Ceitidh Mòrag*, a bha a' fuireach air eilean beag ann an Alba. Chaidh eadar-theangachadh agus guthan-thairis a dhèanamh air gu Gàidhlig airson BBC ALBA. Dh'fhaoidte gun robh am prògram seo cho tarraingeach leis nach b' e animation a bha ann. Ach cuideachd bha gnothaichean ceangailte ris a' chànan a chaidh a chleachdadh a thug buaidh air cho dualtach 's a bhiodh e am prògram a choimhead. Dhealbhaich Pàrant A an diofar a bha iad a' faicinn eadar prògraman eile a bha air BBC ALBA, animation nam measg, agus *Ceitidh Mòrag*:

*A: Tha e doirbh dhomhsa coimhead na prògraman o chionn 's gu bheil thu, you know, gu bheil sinn a' faicinn co-dhiù gur e dìreach eadar-theangachadh a th' ann. So chan eil e cho nàdarra, a h-uile rud. 'Ceitidh Mòrag', sin aon de na prògraman chanainn, gun cleachd iad rudan a chluinneas iad ann a sin, agus bruidhnidh iad mu dheidhinn na program sin nas trice. A-rithist, tha e/i a' faicinn sin ann am Beurla agus Gàidhlig. Ach chanainn gu bheil an cànan a tha iad a' cleachdadh an sin, tha e nàdarra dhaibh o chionn 's gu bheil iad aig an aon aois 's a tha Ceitidh Mòrag. You know, na rudan a tha i a' bruidhinn mu dheidhinn, a' cluich le Granaidh no a' cluich le caraidean no a' dol a-mach, na cuspairean chanainn anns a' phrògram tha iad nas freagarraich son a' chlann.*

Bha coltas ann gun robh cuspair a' phrògraim a' toirt buaidh air cho freagarrach 's a bhiodh na h-eadar-theangaichean. Nan robh am prògram a' riochdachadh chur-seachadan a

bha a' tachairt nam beatha fhèin, bhiodh an cànan a bha air a chleachdadh nàdarra dhaibh oir bhiodh iad ag aithneachadh cuid den bhriathrachas a bhiodh air a chleachdadh.

### 6.6.7 Susbaint dhùthchail/ionadail

Dh'fhaoidte gur e factar eile a bha a' fàgail a' phrògram *Ceitidh Mòrag* cho soirbheachail b' e gum b' e prògram ionadail a bha ann a chaidh a dhèanamh ann an Alba. Air sianail CBeebies, sianail a bha gu math tarraingeach dhan chloinn anns an rannsachadh, tha a' mhòr-chuid de na prògraman 'original' anns an t-seadh anns an deach an dèanamh anns an Rìoghachd Aonaichte fhèin agus mar sin bha seans gum biodh na cuspairean ris an robh iad a' dèiligeadh freagarrach do chloinn a bha a' fuireach ann am Breatainn. Ach ged a bha CBeebies soirbheachail bha an fhaireachdainn ann am measg cuid de phàrantan nach robh na prògraman ionadail gu leòr airson Albannaich agus gun robh a bhith gan coimhead a' toirt buaidh air blas-cainnt na cloinne:

*A: Tha buaidh air a' bhlas aca, accents rudan mar sin. Tha mi cinnteach gu bheil sin a' toirt buaidh air feadhainn a tha a' coimhead cus air telebhisean, gu h-àraid CBeebies 'son clann ann an Alba. Can...rudan nuair a tha iad ag ràdh rudan mar, chan eil fhios am... "A is for apple"[blas Sasannach], bidh mise ag ràdh "no, 's e A [blas Albannach] a th' ann, can A [blas Albannach] not A [blas Sasannach]" (gàireachdainn).*

Mar sin, tha seo a' sealltainn gu bheil prògraman ionadail cudromach do phàrantan agus iad ag iarraidh gum biodh daoine bhon sgìre aca air an riochdachadh air telebhisean agus uaireannan bha seo a dhith bho CBeebies. Bha dreach Beurla de *Katie Morag* agus an dreach Gàidhlig a' còrdadh ris a' chloinn anns an rannsachadh agus dh'fhaoidte gur e leis gun robh e suidhichte ann an Alba a bu choireach.

Air BBC ALBA air seachdain nan leabhraichean-latha ged a bha 68 prògraman cloinne air an craoladh gu lèir, cha robh ach 25 sreathan<sup>88</sup> de phrògraman air an riochdachadh. A-

---

<sup>88</sup> **sreathan**: series

mach às na 25 sin, cha robh ach 12 dhiubh (48%) air an dèanamh anns an Rìoghachd Aonaichte. Mar sin cha robh a' chuid bu mhotha den t-susbaint chloinne air BBC ALBA 'ionadail'. Ach dh'fhaoidte ràdh le bhith ag eadar-theangachadh chartùnan gu Gàidhlig gun robh BBC ALBA a' dèanamh seòrsa de dh'ionadalachd<sup>89</sup> air na prògraman. Ach bha coltas ann gur e ionadalachd taobh a-staigh susbaint na susbaint fhèin a bha pàrantan agus clann a' sireadh, bha iad airson cuspairean agus daoine ionadail fhaicinn anns na prògraman. Ann an seachdain nan leabhraichean-latha bha aon eisimpleir de shusbaint, nach robh na cartùn, air an deach ionadalachd a dhèanamh: *Saidheans Spòrsail*. B' e prògram a bha ann a chaidh a dhèanamh ann am Beurla ann an Astràilia ach chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus chaidh preasantairean le Gàidhlig a chleachdadh air beulaibh a' chamara agus na piosan aca fuaighte a-steach dha na dealbhan eile sa phrògram air an robh guthan-thairis sa Ghàidhlig. Mar sin, bha BBC ALBA a' feuchainn ri aodannan 'Gàidhlig' a chur air a' phrògram gus susbaint na susbaint fhèin a dhèanamh ionadail. Ach bha coltas ann nach robh seo a' dol fada gu leòr agus mar a chuir Pàrant A e, bha am prògram seo a' coimhead gu math 'cheap'. Ann an seachdain nan leabhraichean-latha bha Pàist A a' coimhead air BBC ALBA ach nuair a thàinig am prògram *Saidheans Spòrsail* air chaidh an t-sianail atharrachadh gu Beurla. Bha am prògram ag amas air cloinn na bu shine na fo-aois sgoile agus mar sin 's dòcha gur e sin a bu choireach nach robh e soirbheachail ach cuideachd dh'fhaoidte gun robh ìre-mhathais a' phrògraim a' toirt buaidh air gnothaichean. Ged a bhathar a' sireadh ionadalachd, bha pàrantan a' cur luach air ìre-mhathais nam prògraman agus bha sin cudromach airson soirbheachas nam prògraman.

Chunnacas cuideachd gun robh prògram mar *Dè a-nis?* soirbheachail agus e na phrògram a chaidh a dhèanamh ann an Alba ann an Gàidhlig bho thùs. Bha am beachd ann leis gun deach *Dè a-nis?* a dhèanamh sa Ghàidhlig bho thùs gun robh a' Ghàidhlig a chaidh a

---

<sup>89</sup> **ionadalachd**: localisation

chleachdadh gu math nàdarra. Cuideachd, bha cuspairean agus àiteachan air am biodh clann le Gàidhlig eòlach a' nochdadh air a' phrògram, mar eisimpleir, clann eile ann am foghlam Gàidhlig no àiteachan air a' Ghàidhealtachd far am biodh an t-sean-phàrantan a' fuireach. Nochd e corra uair anns na h-agallamhan gun deach susbaint Ghàidhlig a thaghadh leis gun robh pàrantan no a' chlann fhèin eòlach air cuideigin a bha gu bhith gabhail pàirt anns a' phrògram. Ann an saoghal cho beag ri saoghal na Gàidhlig, tha an luchd-coimhid ann an suidheachadh sònraichte far a bheil e cumanta gum bi daoine eòlach gu pearsanta air daoine a bhios a' nochdadh air prògraman Gàidhlig air an telebhisean agus a rèir choltais bha sin tarraingeach.

Cha b' e dìreach gum biodh prògraman a chaidh a dhèanamh ann an Gàidhlig bho thùs ionadail a thaobh cuspair ach cuideachd bhiodh iad gu sònraichte air an dèanamh do luchd-coimhid na Gàidhlig. Bha iarrrtas ann am measg phàrantan airson susbaint a bha 'sònraichte' airson luchd na Gàidhlig:

*A: Bhiodh e na b' fheàrr nan robh...prògraman ùra ann an àite dìreach eadar-theangachadh.*

*F: Tha iad a' feuchainn ri rudan Beurla a chur ann an Gàidhlig agus chan eil e ag obair. Chan eil thu ag iarraidh an aon rud ris a' Bheurla ach tha thu ag iarraidh rudeigin a tha a' glacadh an aire...*

Air BBC ALBA bha prògraman, m.e. *An Rainnse* agus *Molaidh as t-Earrach*, air an craoladh a chaidh eadar-theangachadh bho chànan eile seach Beurla agus mar sin cha bhiodh na prògraman sin rim faighinn tro mheadhan na Beurla agus bhiodh sin gan dèanamh sònraichte do choimhearsnachd Gàidhlig. Ach, a-rithist, b' iad cartùnan a bha sa mhòr-chuid dhiubh seo. Cuideachd, ged a bha prògraman mar *Ceitidh Mòrag* soirbheachail bha seo ri fhaotainn sa Bheurla cuideachd. Mar sin bha pàrantan ag iarraidh rudeigin a bharrachd a bhiodh dha chloinn Ghàidhlig a-mhàin. B' e deagh eisimpleir a bha ann an *Dè*



*a-nis?*, ach b' e laigse mhòr a' phrògram sin nach robh e ag amas air aois fo-aois sgoile agus mar sin cha robh e buileach freagarrach dhan chloinn anns an rannsachadh seo.

## **6.7 Factaran ceangailte ri poileasaidh cànan nan teaghlaichean**

Bha a h-uile teaghlach anns an rannsachadh seo airson 's gum biodh a' Ghàidhlig aig an cuid cloinne agus iad air roghainn a dhèanamh an cur tro fhoghlam fo-aois sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Ach bha diofar shuidheachaidhean aig na teaghlaichean agus leth dhiubh a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus leth dhiubh nach robh. Bhathar airson fhaighinn a-mach an robh na poileasaidhean cànan a bha aig na teaghlaichean a-staigh a' toirt buaidh air mar a bha susbaint air a cleachdadh. Tha fios againn mar thà nach robh na teaghlaichean gu lèir a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig, gun gin aca ga cleachdadh mar a dh'fhaodadh iad, agus bhathar airson sealltainn air an ròl a bha aig susbaint taobh a-staigh poileasaidhean cànan nan teaghlaichean. Chunnacas gum b' iad teaghlaichean A, B, C agus D a chaidh ainmeachadh mar theaghlaichean a bha a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Mar sin, cha robh e a' leantainn gun robh teaghlaichean a bhiodh a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh nan teaghlaichean a bha na bu dualtaiche oidhirp a' dhèanamh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Tha e iomchaidh an-dràsta sgrùdadh a dhèanamh air mar a bha poileasaidhean cànan nan teaghlaichean agus na roghainnean susbaint aca ag obrachadh còmhla.

An toiseach, bheirear seachad geàrr-iomradh air poileasaidhean cànan nan teaghlaichean agus na co-theacsan anns an robh iad suidhichte. Bithear a' cnuasachadh na bha stiùireadh nam poileasaidhean aca, na h-ideòlasan a bha air an cùlaibh, na dòighean anns an robh Gàidhlig air a cleachdadh a-staigh agus a' mhanaidsearachd cànan a bha air a dèanamh. Nithear seo ann an dà leth, a' tòiseachadh an toiseach leis na teaghlaichean a bha a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus an uair sin an fheadhainn nach robh.

### 6.7.1 Teaghlaichean ‘le Gàidhlig’

B’ iad teaghlaichean A, B, E agus F a bha air an ainmeachadh mar theaghlaichean a bha a’ cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh. Bha Teaghlach A agus B stèidhichte ann an Glaschu agus E agus F am Barraigh. Bha trì dhe na teaghlaichean (B, E agus F) coltach ri chèile a thaobh chomasan cànan a-staigh, leis a h-uile duine san dachaigh le deagh chomasan Ghàidhlig (fileantaich) agus a bha a’ cleachdadh Gàidhlig a-staigh leis a’ chloinn. B’ e Teaghlach A an aon teaghlach anns a’ bhuidhinn seo le pàrant eile a-staigh aig nach robh Gàidhlig (ged a bha abairtean beaga aca) agus bha am pàrant sin a’ bruidhinn Beurla ris a’ phàist a’ mhòr-chuid den àm agus am pàrant le Gàidhlig a’ feuchainn ri Gàidhlig a bhruidhinn mar bu trice.

Bha ideòlasan làidir mun Ghàidhlig fhèin aig pàrantan nan teaghlaichean seo agus b’ e gràdh airson na Ghàidhlig fhèin am prìomh rud a bha a’ stiùireadh nam poileasaidhean cànan aca a-staigh agus a bha a’ toirt orra a bhith dealasach dha na poileasaidhean aca.

Mar a chuir Pàrant F e:

*F: ...ach chan e dìreach Gàidhlig a th’ ann, chan e dìreach cànan a th’ ann, ’s e cultar a th’ ann, ’s e dòigh-beatha a th’ ann. Agus dìreach... chan eil fhios ’am.*

Nochd na h-aon seòrsa bheachdan am measg nam pàrantan eile. An lùib nan ideòlasan aca bha tuigse air a’ Ghàidhlig mar barrachd na cànan conaltraidh agus air uairean, mar a chithear gu h-àrd, bha e doirbh fiù ’s a mhìneachadh dè bha sònraichte mu dheidhinn a’ chànain. Ach bha miann nam pàrant gum biodh a’ Ghàidhlig aig an cuid cloinne trom beatha agus tuigse air an dòigh-beatha agus fèin-aithne a bha a’ tighinn na cois; bha iad airson ’s gum biodh an cuid cloinne nan ‘Gàidheil’. Bha beachdan gu math coltach ri chèile aig na pàrantan sa bhuidhinn seo air dè bha ‘Gàidheil’ a’ ciallachadh. Mar a chuir Pàrant A e: ‘cuideigin a tha a’ bruidhinn Gàidhlig agus a tuigsinn cultar na Gàidhlig agus

an nàdar aig daoine'. Mar sin, sa bhuidhinn seo bha comasan labhairt sa Ghàidhlig cudromach nam biodh tu nad 'Ghàidheal'. Bha Pàrant F gu math làidir air a' bheachd sin:

*F: Cuideigin aig a bheil Gàidhlig chanainn-sa. Ach tha mi smaointinn do tòrr do dhaoine 's e dìreach cuideigin a tha fuireach air a' Ghàidhealtachd, gun dèan sin a' ghnòthach. Ach— agus dòcha gu bheil iadsan ceart. Tha mise smaointinn cuideigin aig a bheil Gàidhlig. Even nach eil a' fuireach sa Ghàidhealtachd chanainn-sa, air t-sàillibh tha a' Ghàidhealtachd ge bi cà' bheil na daoine a' bruidhinn Gàidhlig so, sin a chanainn-sa co-dhiù.*

A thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh agus a' mhanaidsearachd cànan a bha a' dol air adhart bha na pàrantan gu mòr den bheachd gun robh ròl nam pàrantan fhèin deatamach airson togail na Gàidhlig a bhrosnachadh. Bha na h-ideòlasan a bha aca mun seo air am faicinn gu practaigeach agus na pàrantan uile aig cridhe poileasaidhean cànan nan teaghlaichean. B' iad poileasaidhean nan teaghlaichean seo gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith mar chànan an teaghlaich cho fad 's a b' urrainn dhaibh sin a dhèanamh. Bha iad a' cur cuideam air a bhith cinnteach gur e rud 'nàdarra' a bha ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Mar a thuirt Pàrant B:

*B: Cha bhithinn airson ga [cleachdadh na Gàidhlig] phutadh. Cha bhithinn airson, o chionn chan eil thu riamh airson gum bi a' chlann agad a' faireachdainn gu bheil thu feuchainn ri a bhith cruaidh mu dheidhinn rudeigin. Feumaidh e bhith nàdarra.*

Dh'fhaodadh an dòigh 'nàdarra' seo ciallachadh nach robh na pàrantan den bheachd gun robh iad a' dèanamh manaidsearachd fhaicsinneach agus gur iad poileasaidhean do-fhaicsinneach a bha aca. Bha Pàrant E den bheachd gun robh e cho nàdarra dhaibh Gàidhlig a bhith aca a-staigh:

*E: 'S e Gàidhlig dìreach a bhios mi bruidhinn riutha, chan eil mi smaointinn mu dheidhinn, oh bruidhnidh mi Beurla no – sin dìreach mar a tha, mar a bha, 's mar a bhios.*

Ach a dh'aindheoin na 'nàdarra' seo cha robh sin ri ràdh nach robh Beurla air a cleachdadh a-staigh idir. Bha pàrantan ag aithneachadh rè aois na cloinne gum fàsadh Beurla na bu chumhachdaiche agus gnothaichean taobh a-muigh an taighe a' toirt buaidh

orra. Mar thà, bha beagan Beurla air tòiseachadh ri liùgadh a-staigh dha na còmhradhean aca leis a' chloinn. Ach bha na pàrantan uile sa bhuidhinn seo a' feuchainn ri casg a chur air còmhradh anns a' Bheurla agus mar phàirt dhen mhanaidsearachd cànanain aca bha diofar dhòighean aca gus sin a dhèanamh. Leis gun robh manaidsearachd aca ri dhèanamh, faodar a ràdh nach robh na cleachdaidhean aca cho 'nàdarra' 's a bha iad a' cumail a-mach. Bhiodh iad a' cur an aire na cloinne gur e a' Ghàidhlig a bha còir aca bhruidhinn, no bha iad a' freagairt sa Ghàidhlig nan robh am pàist a' cleachdadh Beurla no a' leigeil orra nach robh iad a' tuigsinn Beurla. Mar sin bha measgachadh de 'parental discourse strategies' (Lanza 2007) air an cleachdadh, leithid 'minimal grasp strategy' far a bheil am pàrant a' leigeil orra nach eil iad a' tuigsinn a' phàist agus am 'move-on strategy' far a bheil an còmhradh a' leantainn agus pàrantan a' freagairt sa Ghàidhlig ged a chleachd am pàist Beurla. Le bhith a' cleachdadh ro-innleachd 'move-on' bha e follaiseach gun robh na pàrantan a' feuchainn ri dèanamh soilleir, gun ùpraid, gun robh iad an dùil ri Gàidhlig ann an conaltradh ach bhon litreachas tha fios againn nach eil seo cho soirbheachail ri 'minimal grasp strategy'. Agus b' e am 'minimal grasp strategy' an ro-innleachd a bu chumanta a bha na pàrantan a' cleachdadh a rèir na thuirt iad anns na h-agallamhan. Thuirt iad nan robh am pàist a' bruidhinn Beurla gum biodh iad ag ràdh nach robh iad gan tuigsinn. Mar sin bha faireachdainn làidir aig na pàrantan gur e Gàidhlig a-mhàin a bu chòir a bhith aig a' chloinn a-staigh agus bha iad a' cleachdadh an 'discourse strategy' as fheàrr gus sin a choileanadh.

Aig a' cheart-àm, bha aithneachadh ann nach robh e daonnan furasta cumail ris na ro-innleachdan còmhradh agus bha seo gu sònraichte fìor do Phàrant A, leis gun robh aca ri oidhirp a bharrachd a dhèanamh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh:

*A: Agus tha e doirbh mar phàrant a bhith ag ràdh "feumaidh tu a bhith a' bruidhinn Gàidhlig, feumaidh tu bhith a' bruidhinn Gàidhlig". An uair sin cha bhith iad ag iarraidh sin a dhèanamh.*

Tha seo a' dealbhachadh an duilgheadais aig pàrantan agus iad a' feuchainn ris an rud 'cheart' a dhèanamh gus cànan-a-steach a chruthachadh le bhith a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin. Ach bha iad a' ceasnachadh dè cho èifeachdach 's a bha an dòigh mhanaidsearachd seo gu practaigeach leis gun robh am beachd ann tron a bhith a' dèanamh sparradh air a' chloinn Gàidhlig a chleachdadh gum biodh seo ag adhbhrachadh gum biodh a' chlann a' dol an aghaidh cleachdadh na Gàidhlig. Bhiodh cothromachadh ri dhèanamh eadar suidheachaidhean fàbharach a thaobh cànan-a-steach a chruthachadh gus amasan togail cànan a bhrosnachadh, agus suidheachaidhean fàbharach a thaobh inbhe cànan a bhrosnachadh, airson agus gum biodh a' chlann ag iarraidh a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig.

Bha an àrainneachd shòisio-cànanach a bha a' cuairteachadh nan teaghlaichean cuideachd a' toirt buaidh air poileasaidhean cànan nan teaghlaichean. Ann an Glaschu, àite na bu laige na Barraigh a thaobh beòthalachd na Gàidhlig, bha na pàrantan den bheachd nach robh a' Ghàidhlig beò ann an Glaschu ged a bha i beò aca a-staigh. Bha ideòlas aon-chànanach na Beurla a' toirt buaidh air na pàrantan agus aca ri dèiligeadh ri beachdan a' mhòr-shluaigh:

*A: Ach gu mì-fhortanach, tha feadhainn fhathast ann an Alba, ann an Glaschu e fhèin, you know, can ma tha mi aig a' bhùth a' bruidhinn ris a' chlann ann an Gàidhlig, tha iadsan a' coimhead orm a smaointinn 'dè tha esan/ise a' dèanamh? Dè cànan a tha sin?'*

Airson Pàrant B, bha iad ag aithneachadh nan robhar gu bhith soirbheachail le a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig gum feumar a bhith calma nur dòighean:

*B: Feumaidh tu bhith...chan eil facal agam airson 'passionate'. Tha mi daonnan ag ràdh ma tha clann dol a bhith agad sa sgoil Ghàidhlig no ma tha thu a' dol a dh'obair ann an Gàidhlig, gu feumaidh tu bhith passionate agus craiceann tiugh ort. Sin an dà rud a tha mi smaointinn airson Gàidhlig. O chionn 's tha thu daonnan dol a thighinn air aghaidh air daoine aig a bheil beachdan air cho math 's a tha Gàidhlig, 's cho dona 's a tha Gàidhlig an siud 's an seo.*

Mar sin, bha muinntir Ghlaschu a' tighinn an aghaidh bheachdan agus bhreithneachadh a' mhòr-shluaigh mun Ghàidhlig agus an dòigh anns an robh iad a' togail an cuid cloinne.

Ged is e coimhearsnachd thraidiseanta na Gàidhlig a tha ann am Barraigh bha na pàrantan gu math draghail mu staid na Gàidhlig air an eilean. Bha iad a' smaointinn gun robh Gàidhlig fhathast beò am measg nan seann dhaoine ach b' ann ainneamh a chluinneadh iad Gàidhlig aig an òigridh agus bha iad gu math diombach mun sin. Bha Pàrant E den bheachd gun robh a' Ghàidhlig 'air an rathad a-mach' am Barraigh agus gum fàsadh Gàidhlig a' phàist 'nas laige, 's nas laige, mar as motha a th' aca ri dhèanamh ri gnothaichean an taobh a-muigh [an taighe]'. Coltach ri muinntir Ghlaschu bha àrainneachd Bheurla chumhachdach mun cuairt orra. Ach, aocoltach ri Glaschu far nach robh na cothroman ann Gàidhlig a chluinntinn, ann am Barraigh b' e a bha na adhbhar dragh agus na adhbhar bròin na bu chruaidhe a bha a' toirt buaidh air na pàrantan nach robh a' Ghàidhlig air a cleachdadh far am biodh na cothroman ann. Mar a dh'innis Pàrant F:

*F: A bhòn-dè chaidh mise staigh dhan a' chròileagan, agus bidh mise bruidhinn Gàidhlig ris a' chlann agamsa... Bha mi tighinn a-mach, agus bha cuideigin air mo chùlaibh agus bha Gàidhlig aig an duine seo, a' togail pàiste a th' ann an cròileagan agus bha iad a' bruidhinn Beurla ris a' phàist Agus bha mi faireachdainn ach duilich. Bha mi ag ràdh rium fhìn, a bheil mise— a bheil rudeigin ceàrr orm, gu bheil mi bruidhinn Gàidhlig ris a' chlann agamsa, gu bheil mi ag iarraidh bruidhinn Gàidhlig riutha 's daoine aig an robh Gàidhlig bho thùs agus chan eil iad a' cleachdadh Gàidhlig le clann an latha an-diugh? So... tha 's chan eil [Gàidhlig beò am Barraigh]. Agus tha e really duilich, tha e cur dragh orm gu mòr.*

Bha am pàrant a bha seo a' smaointinn nach robh a' Ghàidhlig bitheanta agus nach robh i air a cleachdadh fiù 's le feadhainn aig an robh i. Bha buaidh shaidhceòlach aig seo air a' phàrant 's iad a' smaointinn gun robh iad a' dèanamh rudeigin 'ceàrr'. Bha seo a' dealbhachadh cho doirbh 's a bha e do phàrantan clann a thogail le mion-chànan, chan ann a-mhàin bho thaobh togail cànan ach cuideachd a thaobh inbhe cànan. Bha inbhe na Gàidhlig cho lag ann am Barraigh airson a' phàrant a bha seo agus gun robh e cuideachd a'

cur dragh orra gum biodh am pàist ‘diofraichte’. Bha am pàrant a’ strì leis an dòigh phàrantachd aca. Air an dàrna làimh bha iad airson gum biodh a’ Ghàidhlig aig a’ phàist ’s iad ag aithneachadh ceangal làidir eadar cànan agus cultar agus cuideachd ag aithneachadh bhuannachdan dà-chànanachas. Ach air an làimh eile, cha robh iad airson gum biodh am pàist ‘diofraichte’ bho c(h)araidean ’s cha robh iad airson ‘cron’ a dhèanamh air/oirre.

Leis gun robh a’ Ghàidhlig cho lag taobh a-muigh an taighe bha na pàrantan uile ag aithneachadh cho cudromach ’s a bha e a bhith a’ bruidhinn Gàidhlig a-mhàin a-staigh. Mar sin bha iad ag aithneachadh cho gann ’s a bhiodh cànan-a-steach taobh a-muigh an taighe agus mar sin a’ tuigsinn gum feumadh iad oidhirp a dhèanamh a thaobh a’ mhion-chànain taobh a-staigh an taighe. Bha àrainneachd lag na Gàidhlig mun cuairt orra agus ri linn sin ‘they could not let up’ (Schechter agus Bailey 1997: 583) a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh.

Cha robh draghan sam bith aig na pàrantan nach togadh an cuid cloinne Beurla oir bha Beurla cho bitheanta mun cuairt orra. Mar a mhinich Pàrant E:

*E: ...Chan urrainn dhut cumail air falbh bhon Bheurla co-dhiù. So chan eil eagal fon ghrèin nach bi Beurla aige/aice.*

Bha pàrantan ag aithneachadh na tha rannsachadh ag innse dhuinn: ann an suidheachaidhean dà-chànanach far a bheil aon chànan fada nas bitheanta na an cànan eile, tha togail a’ mhòr-chànain cha mhòr cinnteach fiù ’s gun chànan-a-steach den mhòr-chànan sin aig an sgoil no aig an taigh (Gathercole agus Thomas, 2009: 213). Mar sin, bha an àrainneachd Bheurla mun cuairt orra gam piobrachadh Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh a-staigh.

Ach aig a' cheart àm nan robh iad airson dèanamh cinnteach gum biodh a' Ghàidhlig aig an cuid cloinne bha iad ag aithneachadh nach dhèanamh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh leis fhèin an gnothach. Airson gach pàrant bha ròl cudromach agus riatanach aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an leasachadh cànan a' phàist, mar a thuirt Pàrant F:

*F: Tha mi airson 's gum bi Gàidhlig aca agus tha mi smaointinn 's a latha an-diugh mura h-eil e/i ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cha bhi Gàidhlig aige/aice.*

Tha seo a' dealbhachadh cho cugallach 's a tha staid na Gàidhlig gu bheil teaghlaichean far a bheil gach neach san taigh a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach, fhathast amharasach mu cho soirbheachail 's a dh'fhaodadh iad a bhith a' togail clann le Gàidhlig. Bha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt cothrom dhan chloinn sgilean cànan, leithid leughadh agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig a leasachadh. Ach ma dh'fhaoidte a' bhuaidh a bu chudromaiche a bhiodh aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig b' e gun robh e a' ciallachadh gum biodh a' chlann a' faighinn na bu lugha de Bheurla. Mar a chuir Pàrant B e:

*B: Agus bhiodh an t-eagal orm ma bha iad ann am foghlam tro mheadhan na Beurla san uair sin a dhol dhan bhunsgoil sa Ghàidhlig ged a tha Gàidhlig againn a-staigh cha gheibheadh [sic] iad an immersion a tha sin. Agus tha mi a' smaointinn gu bheil immersion gu math cudromach airson an tòiseachadh a tha iad a' faighinn.*

Mar sin, bha am pàrant ag aithneachadh gun robh cànan-a-steach sa Ghàidhlig cudromach, gu h-àraidh aig aois òg, agus gun robh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' neartachadh nan cothroman cànan-a-steach sa Ghàidhlig fhaighinn; far am faodadh cànan-a-steach sa Bheurla a bhith ann (agus ri linn cumhachd na Beurla a bhith air neartachadh), bha cothrom cànan-a-steach sa Ghàidhlig àrdachadh le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an àite Beurla.



### 6.7.2 Teaghlaichean ‘gun Ghàidhlig’

Bha teaghlaichean C, D, G agus H air an ainmeachadh mar theaghlaichean nach robh a’ cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus Beurla air a cleachdadh san dachaigh mar bu trice. Bha teaghlaichean C agus D stèidhichte ann an Glaschu agus G agus H am Barraigh. Bha comasan cànan eadar dhealaichte aig na teaghlaichean.

Airson nan teaghlaichean ann an Glaschu thòisich gach pàrant air clasaichean Gus Gàidhlig ionnsachadh bhon a thòisich an cuid cloinne anns an sgoil-àraich. Bha rud beag biodach de Ghàidhlig aig aon phàrant ann an teaghlach C leis gun robh ceangal teaghlaich aca ris na h-eileanan, ach b’ e glè bheag de chomas a bha sin. Anns na teaghlaichean am Barraigh, ann an Teaghlach G bha aon phàrant ann le comasan tuigse sa Ghàidhlig ach nach robh ga cleachdadh, agus pàrant eile a bha air feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh tro Ùlpan<sup>90</sup> mus do rugadh am pàist. Ann an Teaghlach H, bha aon phàrant ann a chaidh a thogail sa Ghàidhlig agus a bha fileanta — ‘without a word of English’ — ach a-nis air an cuid Gàidhlig a chall ged a bha iad fhathast ga tuigsinn. Rinn am pàrant eile ann an teaghlach H Àrd-ire Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) nuair a bha iad san sgoil.

A thaobh ideòlasan, airson trì de na teaghlaichean (C, G agus H) b’ e a’ Ghàidhlig fhèin agus ceanglaichean teaghlaich agus ceanglaichean cultarail na prìomh rudan bha a’ stiùireadh am miann gum biodh Gàidhlig aig an cuid cloinne. Airson teaghlach D, b’ e dà-chànanachas am prìomh rud a bha tarraingeach dhaibh. Am measg nan teaghlaichean ann am Barraigh, ged a bha iad a’ smaointinn gun robh Gàidhlig cudromach agus sònraichte dhaibh gu pearsanta leis gun robh iad a’ fuireach ann an sgìre thraidiseanta na Gàidhlig, cha robh iad cho cinnteach, no deimhinne, nam beachdan air carson a bha Gàidhlig cudromach. Mar a thuirt Pàrant H:

---

<sup>90</sup> Clasaichean airson Gàidhlig ionnsachadh.

*H: I think it's a good thing, like keep it going, you know, not let it die out and stuff... I don't know much about it to be honest.*

Bha miann aca Gàidhlig a chumail beò, ach bha coltas ann nach robh iad cho dileas ri, no cho fiosraichte mu, cor na Gàidhlig 's a bha na pàrantan sa bhuidhinn eile (a bha a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh). Cuideachd, acoltach ri na pàrantan sa bhuidhinn eile (le Gàidhlig), cha robh iad den bheachd gun robh comasan Gàidhlig deatamach airson a bhith nan 'Gàidheal' agus iad gan aithneachadh fhèin nan 'Gàidheil' ged nach robh a' Ghàidhlig aca. Nuair a chaidh fhaighneachd do phàrant H an robh e deatamach Gàidhlig a bhith agad airson a bhith nad Ghàidheal thuir iad: 'No because I consider myself [a Gael], but I don't speak Gaelic'.

Airson teaghlach C ann an Glaschu, bha ideòlas na bu làidire aca na bha aig muinntir Bharraigh (gun Ghàidhlig) agus iad deimhinne mu carson a bha Gàidhlig cudromach dhaibh agus iad deiseil agus deònach a bhith a' strì airson a' chànain:

*C: I think it's more of a passion that you should... keep the culture going and not let it die out... I wouldn't want the language to die out with \_\_\_\_ [sean-phàrant a' phàist], like in this family. I just feel as if— I feel really strongly about keeping it...*

Airson Pàrant D cha robh ceanglaichean Gàidhlig no Gàidhealach san teaghlach agus ged a bha iad a' faicinn luach sa Ghàidhlig gu dualchas na h-Alba, b' e dà-chànanachas agus deagh oideachadh na prìomh adhbharan a chaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thaghadh:

*D: We realised that it was a good school and it was a good opportunity for the kids to get a second language at no extra cost...*

Thuir am pàrant seo nan robh cànan eile ri fhaotainn seach a' Ghàidhlig gum biodh iad air smaoinachadh mu dheidhinn sin; cha b' e a' Ghàidhlig fhèin a bha tarraingeach ach cothrom air dà-chànanachas.

Ged a bha na teaghlaichean seo air an ainmeachadh mar theaghlaichean ‘gun Ghàidhlig’ cha robh sin ri ràdh nach robh oidhirp air a dèanamh gus beagan Gàidhlig a chleachdadh a-staigh. Bha na teaghlaichean Barrach, G agus H, gu math coltach nan dòighean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Bha iad a’ dèanamh beagan oidhirp abairtean beaga agus àireamhan agus dathan a dhèanamh leis a’ chloinn ach cha robh e a’ dol fada na b’ fhaide na sin. A dh’aindeoin nan comasan cànan a bha aig na pàrantan, cha deach a’ Ghàidhlig a chleachdadh leis a’ chloinn. Anns na h-agallamhan bha an dà theaghlach ag aithneachadh cho cudromach ’s a bha ròl nam pàrant ann a bhith a’ brosnachadh togail cànan am measg an cuid cloinne, ach bha coltas ann nach robh na h-ideòlasan a bha seo mu thogail cànan a’ tighinn am bàrr gu practaigeach. Bha beachd aig Pàrant H air na bha còir aca dhèanamh ach bha iad ag aideachadh nach robh seo a’ tachairt fhathast:

*H: You know I think it's [the parent's role] probably, well it's really important, you know it's not just about teachers, you've got to do your bit. So yes it's really important, you've got to be part of it and encourage them. So I'm just going to have to go to Ùlpan again (laughs), get my Gaelic phrasebook out.*

Chithear gu bheil beachd aig a’ phàrant air mar bu chòir gnothaichean a bhith ach nach robh e air a bhith comasach dhaibh sin a leantainn. Bha an aon seòrsa beachd aig Teaghlach G agus fios aig a’ phàrant gun robh còir aca an cuid Gàidhlig a chleachdadh leis a’ phàist ach ag aideachadh nach robh iad a’ dèanamh sin. Bha aon phàrant ann an Teaghlach G gu math tàmailteach gun do chaill iad an cuid Gàidhlig ’s iad ag ràdh gur e ‘disgrace’ a bh’ ann gun do thachair sin. Ach bha am beachd aca nuair a chuireas iad romhpa a bruidhinn a-rithist gun tilleadh i thuca ann am priobadh na sùla, ged nach robh iad air ceum a ghabhail fhathast gus an cànan a chleachdadh a-rithist. Bha am beachd ann gum biodh cleachdadh Gàidhlig a-staigh na bu riatanaiche nuair a thòisicheadh am pàist sa bhun-sgoil Ghàidhlig. Mar sin, cha robh tuigse shlàn aca air cho fìor chudromach ’s a bha e cànan-a-steach a bhrosnachadh cho tràth ’s a ghabhadh.

Coltach ris na teaghlaichean ann am Barraigh bha na teaghlaichean ann an Glaschu, ag aithneachadh gun robh ròl cudromach aig pàrantan ann an togail cànanan an cuid cloinne. Ach aocoltach ri na Barraich, bha na h-ideòlasan sin air an cur an gnìomh gu practaigeach agus iad a' feuchainn ri oidhirp a dhèanamh an toiseach gus Gàidhlig ionnsachadh agus cuideachd a' feuchainn ri bhith ga cleachdadh a-staigh leis a' chloinn. Bha Pàrant C làidir nam beachd:

*C: I think they [parents] need to participate in it, definitely, one hundred percent, they need to participate in it. Whether they like it or not, they really need to participate in it. I would hate to think kids were going through school and coming home and there was no Gaelic in the house at all... I think parents should take the responsibility and they should be helping their kids. And in helping your kid you are helping yourself. Because if you are constantly doing it with them, you are going to remember some of it.*

Bha am pàrant den bheachd gun robh dleastanas orra Gàidhlig ionnsachadh, agus nach robh roghainn aca a thaobh sin, gus an dheidheadh aca ri taic a thoirt dhan phàist. Chìthear cuideachd air sgàth agus gun robh na pàrantan a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh aig an aon àm 's a bha am pàist gun robh sin a' toirt buaidh air a' chleachdadh aca; bha iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar theaghlach.

Bha Pàrant D cuideachd den bheachd gun robh e cudromach gum biodh pàrantan ag ionnsachadh a' chànanan gus taic a thoirt dhan phàist:

*D: Well I know there are a lot of parents who haven't learned the language at all and the kids seem to get on ok... I don't know how they get on. I quite like the fact that we try and speak to them in the house...*

Mar sin, bha na 'impact beliefs' (De Houwer, 1999) aig na pàrantan, an ìre san robh iad a' smaointinn gun robh dleastanas orra fhèin airson togail cànanan an cuid cloinne agus an ìre san robh iad fhèin a' smaointinn gun robh e comasach dhaibh taic a chumail ri sin, a' toirt buaidh air na poileasaidhean cànanan aca.

A thaobh manaidsearachd cànanain am measg nam Barrach, cha robh na teaghlaichean am Barraigh a' dèanamh mòran a thaobh a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Ach bha na pàrantan ann an Glaschu a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh mar a mhinich Pàrant D:

*D: ... I just try and use it [Gaelic] whenever I can, or whenever I remember more. We had this strategy with sheets round the house with various phrases on it, in various places in the house, so this is one for the kitchen, dining. They have one for putting on clothes, putting on shoes in the morning. One up stairs for brushing your teeth and all that sort of thing. But I've kind of fallen away from that, I just use what I can when I remember. There's no real strategy. Probably the kids would be happy with English all the time I would imagine. Quite a lot if I am speaking Gaelic they will just speak back in English anyway (laughs).*

Chithear gun robh miann aig a' phàrant a' Ghàidhlig a cleachdadh a-staigh, ach gun robh e doirbh dhaibh a bhith a' cumail ris na dòighean-brosnachaidh aca. Bha a' chlann tric a' freagairt sa Bheurla agus bha am beachd ann gun robh iad na bu chofhurtaile sa Bheurla.

Bha Pàrant C cuideachd a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a cleachdadh agus bha strì aca an toiseach ach a-nis bha cleachdadh na Gàidhlig air àbhaisteachadh:

*C: ... he/she will chat away, you'll say things to him/her... and sometimes I will make him/her do things, and he/she'll try and tell me he/she's bored and he/she doesn't want to do it. And I have to try and make it exciting so that we can do it. And I'll ask him/her things – at the start it was a big struggle because he/she would say to me “No we speak English in the car” and I was like “We do not”. I could ask him/her silly wee things or I would point things out as we were driving along the road and he/she would go off her head. Where as now he/she is fine. We will use, like the teacher I had taught us how to cross the road in Gaelic, so we use that every time we cross the road. And now that's it, we don't cross the road in English now. If you are crossing the road, we've got our wee routine that we do and it's all in Gaelic.*

Tha na luaidhean aig C agus D a' dealbhachadh dà rud. An toiseach, tha iad a' sealltainn gun robh ròl aig a' chloinn fhèin a thaobh mar a bha poileasaidh cànanain air a chur an gnìomh (Lanza 2007; Gafranga: 2010). Tha iad cuideachd a' sealltainn gun robh e 'exhausting' a bhith a' cumail orra le bhith a' toirt air an cuid cloinne na poileasaidh cànanain a leantainn (Palviainen agus Boyd, 2013: 235).

A-rithist bha an àrainneachd shòisio-chànanach a' toirt buaidh air poileasaidhean cànan nan teaghlaichean. A thaobh nam Barrach, chunnacas gun robh mì-fhreagairt ann eadar na h-ideòlasan aca agus na bha a' tachairt ann an da-rìribh. Dh'fhaoidte gun robh ideòlasan na coimhearsnachd, le Beurla mar phrìomh chànan, a' dol an aghaidh nan ideòlasan a bha aig na pàrantan fhèin mu chleachdadh cànan, agus bha sin a' toirt buaidh air an cleachdadh fhèin. Bha seo coltach ri rannsachadh Kirsh (2012) air Lucsamburgais; bha pàrantan ag aithneachadh gun robh ròl cudromach aca ann a bhith a' toirt cànan-a-steach dhan chloinn ach bha ideòlas a' mhòr-chànain a' toirt buaidh air na cleachdaidhean cànan a-staigh. Airson aon de phàrantan ann an teaghlach G, chan e dìreach gun robh an t-strì eadar nan ideòlasan a bha seo a' toirt buaidh air mar a bha iad a' cleachdadh Gàidhlig ris a' phàist ach thug e buaidh cuideachd air a' chleachdadh Ghàidhlig aca fhèin 's iad a' fàs suas, 's iad a-nis air an cànan a chall:

*G: But I just never speak it anymore. Because nobody, none of your pals speak it do they really.*

Ach bha seallaidhean na bu dhòchasaiche aig na pàrantan Barrach mu staid na Gàidhlig san latha an-diugh agus iad den bheachd gun robh ath-bheòthachadh na Gàidhlig a' tachairt:

*H: I think it was [dying out], and I think it's trying coming back now isn't it?*

*G: But I think a lot more people are starting to go back to Gaelic now aren't they, a lot of people are putting their kids into it.*

Bha coltas ann gun robh na pàrantan a' smaointinn gur e rud fasanta a bha ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig a-nis agus pàrantan eile a' cur an cuid cloinne tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Air sgàth agus gun robh pàrantan eile a' cur an cuid cloinne gu Gàidhlig bha iad a' faicinn sin mar 'dheagh phàrantachd' agus bha seo a' toirt buaidh air na roghainnean aca fhèin mar phàrantan. Cuideachd, leis gun robh na pàrantan den

bheachd gun robh deagh inbhe aig a' Ghàidhlig a-nis, bha seo a' toirt buaidh air na h-ideòlasan aca mu cho luachmhor 's a bha an cànan. Mar sin, dh'fhaoidte nach robh iad buileach ag aithneachadh staid èiginneach na Gàidhlig agus nach robh iad a' leantainn poileasaidh 'do not let up'.

Ann an Glaschu thuir Pàrant D nach robh Gàidhlig uabhasach fhèin beò ann an Glaschu ged a bha coimhearsnachd Ghàidhlig ann gu ìre, agus mar sin bha inbhe lag aig a' Ghàidhlig. Cuideachd, mhothaich Pàrant C nach robh am pàist a' faicinn Gàidhlig mar rudeigin a bha àbhaisteach taobh a-muigh na sgoile:

*C: ... he/she was like "why we doing this [speaking Gàidhlig] outside? Because you only do it in nursery". But I think the continual use of it and me continuing to do it, he/she has accepted it now.*

Le inbhe lag ann an Glaschu, bha an àrainneachd sin a' toirt buaidh air na poileasaidhean cànan aig na pàrantan agus aca ri inbhe na Gàidhlig a thogail iad fhèin am measg an teaghlaich gus am biodh an cànan air fhaicinn mar rud luachmhor agus àbhaisteach dhan chloinn.

B' ann tro sgoil-àraich Ghàidhlig a bhiodh a' chlann gu lèir anns na teaghlaichean am Barraigh agus an Glaschu a' cluinntinn a' mhòr-chuid den Ghàidhlig aca. Ach noch beachdan eadar-dhealaichte bho na pàrantan a' thaobh foghlam Gàidhlig le sgaradh a-rithist ann eadar na Barraich agus muinntir Ghlaschu. A-rithist, mar a bha iad a thaobh nan ideòlasan cànan aca san fharsaingeachd, bha teaghlaichean G agus H mì-chinnteach mu cho soirbheachail 's a bhiodh a' chlann ann am foghlam Gàidhlig:

*H: You think you've got ages to think about that [school education] and it kind of comes up on you... You know, and if it doesn't work out, we will kind of move him/her out. But I think he/she should be fine.*

*G: Hopefully he/she'll be ok with the Gaelic and she'll be able to do the Primary and do it Secondary as well if he/she can. It would be good if he/she's fluent and confident with it.*

Chìthear nach robh ideòlas stèidhichte bho rugadh am pàist aig pàrantan H gun robh iad a' dol a dhol tro fhoghlam tro mheadhan na Ghàidhlig. Cuideachd, bha dòchas aca gun obraicheadh cùisean a-mach dhan phàist ach bha iad deònach an toirt a-mach às an t-siostam foghlaim Gàidhlig mura deigheadh gu math leotha. Mar sin, shaoileadh gum b' e an dòchas a bha ann gum biodh a' Ghàidhlig aig a' phàist seach rùn làidir, mar a chunnacas aig na teaghlaichean 'le Gàidhlig'. Le Pàrant H, b' e na faclan 'if' agus 'hopefully' a bha air an cleachdadh an seo, a' cur an cèill gur e dòchas a bh' ann gum biodh a' Ghàidhlig aig a' phàist, ach mura biodh, bha an fhaireachdainn ann gur e briseadh-dùil a bhiodh ann ach cha b' e briseadh-cridhe mar a chunnacas aig na pàrantan eile bho na teaghlaichean 'le Gàidhlig'.

Ach ann an Glaschu, mar a chunnacas le na h-ideòlasan cànanain san fharsaingeachd, bha na pàrantan na bu chinntiche agus na bu dhòchasaiche mu cho soirbheachail 's a bhiodh an cuid cloinne. Bha làn dùil aig Pàrant D gun obraicheadh gnothaichean a-mach gu math:

*D: I can see them getting fluent by the time they leave [primary], certainly by the time they go to secondary...*

Ann an Glaschu bha na h-àiteachan do sgoilearan ann am fhoghlam Gàidhlig gann agus cha robh àite sa bhun-sgoil às dèidh sgoil-àraich cinnteach:

*C: And I would be so proud if he/she got into the school. Really would be, you know that way. We are waiting with fingers crossed to see if we will get in. And I just think what a great life he/she is going to have going through a school like that. I know people that have been through the school, I know people who are currently there. And I just think what a privilege to go there and have done that.*

Ma dh'fhaoidte le coltas gu bheil àiteachan bun-sgoil gann, gu bheil pàrantan den bheachd gum feum dealas nas fheàrr a bhith aca a thaobh na Gàidhlig gus am faigh an cuid cloinne



àite sa bhun-sgoil. Bha coltas ann nach robh an aon strì aca am Barraigh agus mar sin 's dòcha gur e sin adhbhar eile gun robh na poileasaidhean cànanain Gàidhlig aca ann an dachaighean Ghlaschu na bu làidire na dachaighean Bharraigh 'gun Ghàidhlig'.

## **6.8 Ròl aig susbaint anns na poileasaidhean cànanain**

Le co-theacsa poileasaidhean cànanain nan teaghlaichean air a thaisbeanadh, thathar a-nis a' dol a shealltainn air an ròl aig susbaint anns na poileasaidhean cànanain aca agus beachdan nan teaghlaichean air a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar ghoireas cànan-a-steach adhbhrachadh. An robh poileasaidhean cànanain nan teaghlaichean a' toirt buaidh air mar a bha iad a' cleachdadh susbaint? A-rithist thathar gu bhith a' sealltainn air na teaghlaichean 'le Gàidhlig' an toiseach agus an uair sin na teaghlaichean 'gun Ghàidhlig'.

### **6.8.1 Teaghlaichean 'le Gàidhlig'**

Mar a chunnaic sinn bha na teaghlaichean 'le Gàidhlig' uile coltach nam poileasaidhean cànanain agus iad uile a' feuchainn ri Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh a-staigh agus ideòlasan làidir aca mun Ghàidhlig. Bha teaghlach A car eadar-dhealaichte bho chàch leis nach robh comasan Gàidhlig aig gach neach a-staigh agus bha sin a' cur beagan de bhacadh orra a' Ghàidhlig a cleachdadh a-staigh fad an t-siubhail. Bha poileasaidhean cànanain an ìre mhath làidir aig na teaghlaichean seo a thaobh na Gàidhlig agus iad a' feuchainn ri àrainneachd Ghàidhlig a chumail a-staigh cho fad agus 's a b' urrainn dhaibh. Ach, mar a tha fios againn bha susbaint mar phàirt de bheatha na cloinne, am broinn ballachan nan dachaighean aca, agus cha deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh i. Mar sin, le bhith a' cleachdadh susbaint Bheurla bha sin a' ciallachadh gum biodh Beurla ri cluinntinn a-staigh, agus airson a' chuid bu mhotha dhe na teaghlaichean seo, b' e susbaint an aon tobar a-staigh far am biodh Beurla ri cluinntinn. An robh e a' cur dragh air na pàrantan gun robh Beurla a' nochdadh san dachaigh tro shusbaint agus an robh

iad a' faicinn luach ann an susbaint Ghàidhlig mar dhòigh cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh?

Tha fios againn nach robh an dà theaghlach ann am Barraigh a' dèanamh mòran oidhirp susbaint Ghàidhlig a cleachdadh agus nach robh e mar phàirt chudromach de bheathasusbaint nan cloinne. A thaobh an ròl a bha aig susbaint Ghàidhlig ann a bhith ag adhbhrachadh cothroman Gàidhlig-a-steach agus ann a bhith a' toirt cothrom dhaibh àrainneachd Ghàidhlig a chumail a-staigh bha coltas ann nach robh pàrantan E agus F a' faicinn luach ann an susbaint Ghàidhlig san t-seadh sin dhaibhsan. Bha an dà theaghlach gu math coltach ri chèile nam beachdan air an seo. Bha an dithis phàrant a' cur barrachd luach ann a bhith a' bruidhinn Gàidhlig seach a bhith a' cluinntinn Gàidhlig bhon telebhisean, le Pàrant E ag ràdh:

*F: Tha mise a' smaointinn gum feum daoine mun cuairt orra ga bruidhinn [Gàidhlig].*

Bha an suidheachadh a bha aca fhèin a-staigh le cleachdadh na Gàidhlig làidir a' toirt orra a bhith a' smaointinn nach robh cànan-a-steach sa Ghàidhlig bhon telebhisean cho cudromach dhaibhsan. Ach nochd am beachd bhon dithis phàrant gun robh telebhisean na bu chudromaiche airson clann aig nach robh an taic sin a-staigh:

*F: Chanainn gu bheil e [telebhisean Gàidhlig] gu math cudromach do chlann a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gus am faic iad daoine mun cuairt orra ga bruidhinn.*

*E: [Tha] e fada nas cudromaiche gum biodh telebhisean Gàidhlig – gu h-àraid mura h-eil Gàidhlig aig a' phàrant a-staigh, chanainn gum biodh e nas cudromaiche dhaibh, telebhisean Gàidhlig aca 's ga watch.*

Mar sin bha e follaiseach gun robh iad a' smaointinn gun robh susbaint Ghàidhlig feumail airson cànan-a-steach ann an suidheachaidhean far nach robh tobraichean-cànain eile aig cloinn a bha ag ionnsachadh Gàidhlig. Ach dhaibhsan gu pearsanta cha robh iad den

bheachd gun robh susbaint Ghàidhlig cudromach airson cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh oir bha na cothroman sin aca fhèin leis gur e Gàidhlig a bha aca a-staigh co-dhiù.

Ged nach robh na teaghlaichean a bha seo a' smaointinn gun robh telebhisean Gàidhlig a' dèanamh diofar mòr dha na sgilean Gàidhlig aig an cuid cloinne bha iad den bheachd gun robh telebhisean Beurla a' ciallachadh gun robh iad a' togail Beurla:

*E: Tha mi creidsinn gu bheil a' coimhead telebhisean Beurla, tha e ciallachadh gu bheil iad a' togail Beurla. Cha chreid mi gu bheil e tachairt an aon rud dhan Ghàidhlig, t-sàillibh gu bheil iad a' faighinn Gàidhlig a-staigh, so chan e rud ùr a th' ann. So chan eil iad... ach nuair a tha thu toirt dhaibh rud ùr tha mi smaointinn gu bheil iad a' togail sin.*

Mar sin, bha pàrant E a' smaoinichadh air an telebhisean mar rudeigin a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air togail cànan ùr, ged nach robh am pàrant a bha seo a' cleachdadh telebhisean Beurla airson agus gun togadh am pàist Beurla. Chaidh telebhisean ainmeachadh gu sònraichte mar àite far an tigeadh Beurla airson pàist E. Ach bha coltas ann nach robh Pàrant E draghail mu bhuidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aig Beurla bhon telebhisean air Gàidhlig a' phàist:

*E: Fad 's a tha mise a' bruidhinn Gàidhlig, 's a bhios iad a' bruidhinn Gàidhlig air ais rium, tha mi coma.*

Cha robh Pàrant E a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson cànan-a-steach adhbhrachadh no airson cànan-a-steach Beurla a lùghdachadh. Bha iad coma mu shusbaint cho fada 's a bha am pàist fhathast a' cleachdadh Gàidhlig ann an conaltradh riutha; b' e còmhradh sa Ghàidhlig eadar pàrant agus pàist an t-slat-tomhais a bha air a cleachdadh gus measadh cho riarachtaichte 's a bha iad le Gàidhlig a' phàist. Cha robh iad feumach air susbaint Ghàidhlig airson cànan-a-steach Gàidhlig adhbhrachadh agus cha robh iad draghail mu shusbaint Bheurla na bu motha. Leis an sin cha robh iad den bheachd gum feumadh iad susbaint Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh 'restitutionary'.

Mar Phàrant E, bha e coltach gun robh Pàrant F a' cur a' chuideim air a bhith a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig mar an rud a bu chudromaiche seach a bhith ga cluinntinn bhon telebhisean. Ach bha iad ag aithneachadh gun robh am pàist a' togail Beurla bhon telebhisean:

*F: Ach togaidh iad Beurla cho furasta. So tha sinne feuchainn ri ar dicheall a dhèanamh. Ach tha iad a' togail Beurla bhon telly. Dòcha g' eil blas Sasannach air an dòigh-bhruidhinn aca ann am Beurla (gàireachdainn). So tha e gu math duilich, chanainn-sa.*

Mar a fhuair a-mach, cha robh iad a' cur luach air telebhisean Gàidhlig mar ghoireas cànan-a-steach sa Ghàidhlig ach bha coltas ann gun robh iad na bu dhraghaile mu bhuidh na Beurla bhon telebhisean na bha Pàrant E. Anns an luaidh gu h-àrd chaidh a ràdh gun robh iad a' feuchainn ri an 'dicheall' a dhèanamh gus Gàidhlig a bhruidhinn a-staigh ach gun robh seo 'duilich' agus b' e telebhisean Beurla aon de na rudan a bha ag adhbhrachadh an duilgheadais sin. Mar sin, bha seòrsa de eas-aonta anns na cleachdaidhean aca; cha robh pàrant F a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson Gàidhlig a chumail a-staigh ach aig a' cheart-àm bha iad ag aideachadh gun robh susbaint Bheurla a' dèanamh cron air an àrainneachd Ghàidhlig aca. Mar sin cha robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh ann an dòigh 'resitutionary' ged a bha am pàrant a' faicinn cron bho shusbaint Bheurla.

Ann an Glaschu, b' e teaghlach B a bha na b' fhaisge air na teaghlaichean Barrach a thaobh suidheachadh poileasaidh cànan san dachaigh ach bha Pàist B dualtach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Ach bha coltas ann gun robh Pàrant B a' faicinn barrachd luach ann an susbaint Ghàidhlig na bha na teaghlaichean am Barraigh. Bha am pàrant den bheachd gun robh telebhisean na chuideachadh dhaibh oir gun robh e 'math airson immersion'. Dh'fhaighnicheadh an robh susbaint Ghàidhlig air a taghadh gus àrainneachd Ghàidhlig a chumail a-staigh:

*B: Uh huh aon taobh. Agus a' dèanamh cinnteach gu bheil mi ga bruidhinn mi fhìn. Agus chan e dìreach gu bheil mi a' cur air BBC ALBA aig a còig gu seachd agus gur e sin an àm Gàidhlig againn. Chan e sin mar a tha sinn anns an taigh tha Gàidhlig againn co-dhiù fad an t-siubhail. So chan eil e really dèanamh diofar dhomhsa ach ma dh'fhaidte diofaraichte [don fheadhainn] nach eil fileanta chanainn. Ach dhomhsa 's e dìreach aon taobh.*

Ged a bha am pàrant a' smaointinn gun robh susbaint Ghàidhlig feumail, cha robh i riatanach dhaibh agus mar na pàrantan Barrach cha robh Pàrant B na h-eisimeil air airson cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh. Chithear an seo gun robh Pàrant B a' smaointinn gun robh susbaint Ghàidhlig na b' fheumaile do chloinn nach robh fileanta sa chànan. Mar sin bha iad a' cur luach oirre mar thobar-cànain do dhaoine ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte bhuapa fhèin. Ach aig a' cheart àm ged a bha iad a' toirt seachad a' bheachd nach robh iad feumach air susbaint Ghàidhlig airson àrainneachd Ghàidhlig a chumail a-staigh, tha an ath luaidh ag innse dhuinn beagan a bharrachd mu na beachdan aca:

*B: Tha preference agamsa, b' fheàrr leam gum bi iad a' watchadh Gàidhlig, ach cha chreid mi gu bheil preference acasan. Tha iad used ris a-nis, aig còig bi BBC ALBA a' dol air agus sin agad e.*

Air dàrna làimh bha Pàrant B ag ràdh gur e dìreach aon taobh a bha anns an t-susbaint anns an t-suidheachadh Gàidhlig aca agus nach robh e cho cudromach sin. Ach air an làimh eile chithear, ma dh'fhaidte, gun robh iad a' cur barrachd cuideam air susbaint Ghàidhlig mar rudeigin a bha cudromach dhaibh. Ma dh'fhaidte nach robh susbaint Ghàidhlig cudromach airson Gàidhlig a thoirt dhan chloinn — ‘chan eil e really dèanamh diofar dhomhsa’ — ach ann an dòigh 's dòcha gun robh e na ghoireas dhaibh mar dhòigh na bu lugha de Bheurla a thoirt dhan chloinn. Ma bha ‘preference’ aca airson susbaint Ghàidhlig, bha sin a' sealltainn gun robh iad a' faicinn luach ann mar chànan-a-steach ach cuideachd ga chleachdadh ann an dòigh ‘restitutionary’.

B' e Teaghlach A an teaghlach a bu laige a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-mach às na teaghlaichean 'Gàidhlig' san rannsachadh leis nach robh ach aon phàrant a-staigh le Gàidhlig. Bha Pàist A cuideachd a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus bha susbaint Ghàidhlig air aithneachadh mar rudeigin a bha cudromach dhaibh mar thobar-cànain a' bharrachd gus Gàidhlig-a-steach adhbhrachadh. Thuir Pàrant A gun robh iad a' cur prìomhachas air 'èisteachd agus a' cluinntinn nam fuaimean' mar an dòigh a b' fheàrr cànan a thogail, mar sin bha iad a' tuigsinn cho cudromach 's a bha cànan-a-steach ann am pròiseas togail cànan. Leis cho gann 's a bha cothroman Gàidhlig a chluinntinn agus eagal air a' Phàrant gun robh am pàist 'a dol a dh'fhaighinn Beurla', bha BBC ALBA air a chleachdadh a dh'aona-gnothach airson cànan-a-steach Gàidhlig adhbhrachadh. Bha an cothrom cànan-a-steach adhbhrachadh fù 's a' gabhail prìomhachas air ìre mhathais na susbaint fhèin:

*A: So ma tha BBC ALBA air agus tha na cartoons air no rudeigin nach eil really freagarrach no nach eil cho math dhaibh, dìreach fàgaidh mi air o chionn 's gu bheil Gàidhlig ann.*

B' e a' Ghàidhlig fhèin a bha tarraingeach dhan phàrant seo. Bha iad a' dèanamh cothromachadh eadar 'math' agus 'dona'; bha susbaint 'dhona' (mar chartùnan) air a dhèanamh 'math' seach gun robh e sa Ghàidhlig.

Bha am pàrant a' cur luach air susbaint mar chànan-a-steach agus iad a' smaointinn gum biodh buaidh aig susbaint air leasachadh cànan a' phàist. Mar eisimpleir, a thaobh susbaint Bheurla bha iad a' dèanamh ceangal eadar comasan cànan sa Bheurla agus Beurla-a-steach tro na meadhanan:

*A: Tha e/i nas fheàrr air bruidhinn sa Bheurla [na sa Ghàidhlig] chanainn. Ach sin e, 's urrainn dha/dhi a thuigsinn dìreach cho math ann an Gàidhlig 's a tha e/i ann am Beurla. 'S dòcha gum faigh e/i barrachd cothrom a bhith cluinntinn Beurla air an radio, TBh, geamannan, DVDs. Sin an rud, you know, tha barrachd cothrom cluinntinn.*

Chanadh gun robh Pàrant A glè mhothachail air cho chumhachdach 's a bha buaidh na Beurla agus ma dh'fhaoidte gun robh seo ann an dòigh a' toirt buaidh air na roghainnean susbaint a bh' aca airson an cuid cloinne. Dh'fheuchadh iad ri susbaint Ghàidhlig a thaghadh gus an àrainneachd Ghàidhlig a bha aca a-staigh 'a' dhion'. Bha iad a' faicinn a' chroin agus a' chunnairt bhon Bheurla agus iad a' feuchainn ri susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar ghoireas 'restitutionary' gus bacadh a chur air buaidh na Beurla agus àrdachadh ann an cothroman Gàidhlig a chluinntinn.

### 6.8.2 Teaghlaichean 'gun Ghàidhlig'

Bha na teaghlaichean ann am Barraigh diofraichte bho na teaghlaichean ann an Glaschu a thaobh nam poileasaidhean cànan a bha aca a-staigh. Bha muinntir Ghlaschu a' dèanamh manaidsearachd cànan deimhinne gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh ach bha poileasaidh car *laissez-faire* aig na teaghlaichean ann am Barraigh leis nach robh iad a' dèanamh oidhirp fhollaiseach Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh. Bha na dòighean anns an robh na teaghlaichean gu lèir a' dèiligeadh ris na poileasaidhean cànan aca coltach ris na dòighean anns an robh iad a' dèiligeadh ri cleachdadh susbaint.

Ann am Barraigh, cha robh na teaghlaichean air mòran smaoinneachaidh a dhèanamh mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus coltas ann gun robh iad dìreach a' smaointinn air airson a' chiad uair nuair a thogadh an cuspair anns an agallamh. Bha teaghlach G agus H den bheachd gum biodh cànan-a-steach bhon telebhisean cuideachail dhaibh agus mar rudeigin a bhiodh feumail dhaibh mar dhòigh cleachdaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh:

*G: It [Gaelic TV] would be good to have because i think if the wee one did start watching these programmes, he/she would pick it up, wouldn't he/she.*

*H: Yes, I think it [Gaelic content] probably would [help language development]. The more they are hearing it the more they are going to pick up aren't they.*

*Especially if it's something they are interested in, you know they would pay a bit more attention.*

Tha coltas ann nach robh an dà theaghlach seo air mòran smaoinichaidh a dhèanamh idir mu shusbaint Ghàidhlig ach nuair a bhathar gam piobrachadh mu dheidhinn a' chuspair chithear gun robh iad fosgailte ri bhith ga cleachdadh agus ag aithneachadh gum biodh e a' toirt cothrom dhaibh cànan-a-steach adhbhrachadh.

Ach bha na teaghlaichean ann an Glaschu a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus ga faicinn mar ghoireas feumail a bha gan cuideachadh Gàidhlig a thoirt a-staigh dhan dachaigh. Bha iad ga cleachdadh a dh'aona-gnothach airson cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh:

*C: Yes, uh-huh, [one of the reasons we use Gaelic TV is in] the hope that it might encourage him/her. And I always think he/she might have learned something at nursery that day and then he/she comes back and then they are talking about it on the television or something... I think that the constant exposure has got to be better than just blocking it out completely.*

An seo, bha Pàrant C ag aithneachadh cho cudromach 's a bha cànan-a-steach airson togail cànan. Cuideachd bha iad den bheachd gun robh e cudromach gun robh cànan-a-steach sa Ghàidhlig a' tachairt taobh a-muigh siostam an fhoghlaim, leis an dòchas gum biodh susbaint a' daingneachadh a' chànan-a-steach a bha am pàist a' faighinn taobh a-muigh an taighe. Leis nach robh comasan cànan coileanta aig na pàrantan a-staigh bha iad a' faicinn gun robh susbaint na dòigh chudromach dhaibh taic chànan a bharrachd a thoirt dhan phàist.

Mar a chunnacas na bu thràithe le Pàrant A, bha Pàrant C cuideachd a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson cànan-a-steach adhbhrachadh fiù 's mura robh an t-susbaint fhèin buileach freagarrach airson a' phàist:



*C: ... I am quite happy to leave like BBC ALBA on and just have it on no matter what he/she is watching. And there is times when I'll say to him/her 'no, you can watch something Gaelic, you're not watching in English anymore'. You know, because you're just getting brainwashed there, you are just sitting there, you would sit there all day and watch it. At least that way if he/she's watching something in Gaelic, I think, right ok I'm doing something right, he/she's picking up something, you know.*

Mar sin, bha coltas ann gun robh e ceart gu leòr a bhith 'brainwashed' sa Ghàidhlig ach cha robh anns a' Bheurla. Bha susbaint Ghàidhlig air a faicinn mar susbaint 'mhath' le cànan na susbaint aig cridhe a' mheasaidh sin. Cuideachd, bha susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh ann an dòigh gus co-rèiteachadh a ruighinn leis a' phàist; nan robh am pàist airson susbaint sam bith a choimhead, b' e susbaint Ghàidhlig an aon roghainn a bhiodh aca.

Bha Pàrant D cuideachd mothachail air cho gann 's a bha cothroman gus a' Ghàidhlig a cluinntinn agus iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson sin a cheartachadh:

*D: Yes [TV is a Gaelic exposure outlet]. Because the family, there is no Gaelic family or gatherings. Saturday club is the only other, where they get together. I mean even when they go to birthday parties or that, the kids will speak English. I've not really heard them speaking Gaelic at all.*

Bha àrainneachd na Beurla mun cuairt orra ann an Glaschu a' toirt buaidh air mar a bha susbaint air a cleachdadh. Cuideachd, mar theaghlach gun cheanglaichean Gàidhealach sam bith bha susbaint na bu riatanaiche buileach dhaibh mar dhòigh eile cànan-a-steach Gàidhlig a thoirt dhan chloinn. Gu h-àraidh bha Pàrant D a' faicinn susbaint Ghàidhlig mar dhòigh chudromach Gàidhlig àbhaisteachadh:

*D: I like to think that it's making it normal. That this is ok, this is normal to have Gaelic on. To watch Gaelic things. So that they are not... it's not like 'what are you putting that on for' or anything. That this is ok, it is fine to watch Gaelic stuff...*

Bha coltas ann cuideachd leis gun robh Pàrantan C agus D a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh gun robh sin a' toirt buaidh air na roghainnean aca airson an cuid cloinne:

*D: I'll choose Gaelic [TV] for exposure to the language and help them, help me a bit if I'm watching it...*

*C: And I will purposely sit down and watch television with him/her in Gaelic because I need it as well. As much as him/her, I need it too.*

A bharrachd air a bhith ag adhbhrachadh cànan-a-steach airson na cloinne bha an t-susbaint na cuideachadh airson nam pàrantan ma bha iad a' suidhe agus a' coimhead susbaint leis a' chloinn. Bha an dòigh anns an robh an teaghlach gu lèir ag ionnsachadh Gàidhlig còmhla a' toirt orra oidhirp dheimhinne a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh.

## **6.9 Co-dhùnadh**

Anns a' chaibideil seo chaidh toraidhean an rannsachaidh a thaisbeanadh. Thòisicheadh le toraidhean air an ròl a bha aig susbaint ann am beatha na cloinne agus an uimhir de shusbaint a bha iad a' cleachdadh. Fhuair a-mach mun uimhir shusbaint Ghàidhlig an taca ri susbaint Bheurla a chaidh a chleachdadh ann an seachdain nan leabhraichean-latha agus thug dàta nan agallamhan barrachd fiosrachadh dhuinn air cò bha a' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Thugadh sùil air na cothroman a bha ann susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus na dòighean-choimhid às an robh na cothroman sin a' tighinn agus chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cho mothachail 's a bha pàrantan mu na cothroman a bha ann susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. An uair sin chaidh toraidhean a thoirt seachad air na suidheachaidhean anns an deach na cothroman susbaint Ghàidhlig a ghabhail no a sheachnadh. Mu dheireadh dh'ainmicheadh na diofar factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint, a' crìochnachadh na caibideil le sùil mhionaideach air factaran ceangailte ri poileasaidh cànan teaghlach. Anns an ath chaibideil nithear deasbad air cuid de na toraidhean.

## CAIBIDEIL 7: DEASBAD

### **7.1 Cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus poileasaidh agus planadh cànan san fharsaingeachd**

Anns an rannsachadh seo bhathar airson sgrùdadh dè cho tric 's a bha susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh le cloinn dà-chànanach agus an t-àite a bha aice nam beatha. Tha an rannsachadh seo a' sealltainn nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh uiread 's a dh'fhaodadh i. A-mach às an ochdnar cloinne anns an rannsachadh seo, cha robh ach ceathrar a dh'fhaoidte ainmeachadh mar chloinn dhan deach oidhirp shusbaint Ghàidhlig a thaghadh air an son. Fiù 's am measg na cloinne a bha ga cleachdadh, cha robh susbaint Ghàidhlig a' dèanamh suas ach mu 30% dhen t-susbaint gu lèir a chaidh a chleachdadh aig a' char a b' fheàrr. 'S urrainnear beachdachadh air na toraidhean seo ann an co-theacsa poileasaidh agus planadh cànan.

Chunnacas anns an litreachas gu bheil ro-bheachd ann gu bheil na meadhanan mion-chànanach a' cuideachadh mhion-chànanan ach gun robh dìth fianais ann a bha a' coimhead air na dearbh bhuaidhean a bha aig na meadhanan air glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan (Cormack 2004: 3). Ann an co-theacsa an rannsachaidh seo, dh'fhaodar a ràdh nach robh an t-uabhas de bhuaidh aig susbaint Ghàidhlig air glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan, oir cha deach a cleachdadh gu ìre mhòr le na teaghlaichean. B' e sampall gu math beag a chaidh a sgrùdadh, ach nan robh na h-aon sheòrsachan de chleachdaidhean rim faicinn am measg sampall na bu mhotha, bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh duilgheadas ann do luchd-phlanadh cànan agus do MG ALBA oir bha goireas susbaint Ghàidhlig ann nach deach a chleachdadh mar a dh'fhaodadh i. Ann an Alba tha cnap mòr den airgead a bhios ga chosg air gnothaichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air a chosg air craoladh Gàidhlig. An lùib craoladh Gàidhlig tha seirbheis air a toirt seachad

do chloinn, ach mura h-eil an t-seirbheis air a cleachdadh 's urrainnear beachdachadh co-dhiù a bheil rudeigin ann an ro-innleachd BBC ALBA nach eil buileach ag obair a thaobh susbaint chloinne?

Tha dìth cleachdadh susbaint Ghàidhlig a' ciallachadh grunn rudan anns an fharsaingeachd bho shealladh poileasaidh agus planadh cànan. An toiseach, nochd e anns na toraidhean gun robh gach pàist a' cleachdadh susbaint Bheurla san fharsaingeachd ach nach robh àite mòr aig susbaint Ghàidhlig an lùib sin nan robh àite sam bith. Tha seo ag innse dhuinn gu bheil pàirt mhòr aig na meadhanan mòr-chànanach ann am beatha na cloinne. Ri linn, tha Beurla air a daingneachadh nam beatha agus, ann an co-theacsa planadh inbhe agus togail cànan, tha seo a' ciallachadh gu bheil barrachd Beurla air a cluinntinn agus gur e a' Bheurla an cànan a bhios cudromach airson tlachd fhaighinn bhon fhèistean a bhios susbaint a' toirt seachad. Aig ìre bhunasaich, bha dìth cleachdadh susbaint Ghàidhlig a' ciallachadh nach robh mòran de bhuidhean aig susbaint Ghàidhlig air cleachdadh na Gàidhlig am measg cloinne, cho fada 's a thèid cleachdadh na Gàidhlig adhbhrachadh bhon a bhith a' cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig (Milligan *et al.* 2011).

Anns an litreachas, bha am beachd ann gum faodadh 'restitutionary character' (Moring agus Dunbar 2008) a bhith aig na meadhanan anns an dòigh anns am biodh cothrom ann susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gus a bhith a' strì an aghaidh tomad nam meadhanan Beurla. Gu dearbha, b' e sin aon de na prìomh adhbharan air an deach telebhisean Gàidhlig a stèidheachadh. Ach bhon rannsachadh seo, leis gun robh dìth cleachdadh susbaint Ghàidhlig ann, anns an fharsaingeachd bha coltas ann nach robh susbaint Ghàidhlig soirbheachail mar 'shaighdear-diolaich'; sa chumantas b' e susbaint Bheurla a bha air a cleachdadh agus cha deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh 'restitutionary'. Bha eisimpleir no dhà ann far an robh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh gus susbaint

Bheurla a lùghdachadh, ach anns a' chumantas bha fada a bharrachd susbaint Bheurla air a cleachdadh na susbaint Ghàidhlig agus air an adhbhar sin bha làmh an uachdar aig an t-susbaint Bheurla.

Thathar air fhaicinn, a rèir teisteanasan nam pàrantan, ann an teaghlaichean 'le Gàidhlig' gur ann tric tro na meadhanan a-mhàin a bha Beurla ga cluinntinn a-staigh. Tha bitheantas susbaint Beurla ann am beatha na cloinne anns an rannsachadh seo agus susbaint Bheurla ag àrdachadh cànan-a-steach sa Bheurla agus a' daingneachadh inbhe na Beurla am measg cloinne. Ach aig a' cheart àm, ann an teaghlaichean far nach robh Gàidhlig aig pàrantan a-staigh chunnacas cuideachd eisimpleirean de shusbaint Ghàidhlig mar aon de na h-aon dòighean cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh a-staigh. Mar sin, chan e droch sgeul buileach a tha anns na meadhanan. Aig deireadh an latha fiù 's ma tha beachd Fishman ceart gu bheil na meadhanan a' dèanamh barrachd cron na feum (Fishman 2001: 473-474), tha na meadhanan ann agus cha bhi iad a' dol air falbh. Mar sin, tha e ciallach smaointinn gum feumar àite a stèidheachadh airson na Gàidhlig ann an saoghal cumhachdach nam meadhanan gus inbhe na Gàidhlig a thogail agus gus cothroman Gàidhlig a chluinntinn a bhrosnachadh.

Ged nach eil fianais dheimhinne ann mu dhearbh bhuaidh nam meadhanan, anns an tràchdas seo thathar air gabhail ris an ro-bheachd reusanta gur ann as fheàrr mar as motha de chànain a chluinnear agus a chleachdar. Thathar air argamaid a dhèanamh gu bheil e cudromach gu bheil susbaint Ghàidhlig ann ri linn agus gum faod i bacadh a chur air buaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint Bheurla. Ach cuideachd gum faod i inbhe a thoirt dhan Ghàidhlig i fhèin agus cothroman cànan-a-steach sa Ghàidhlig a chruthachadh. Chunnacas bhon rannsachadh seo nach robh àite cho mòr aig cleachdadh susbaint Ghàidhlig am measg na cloinne, le feadhainn nach robh ga cleachdadh idir. Mar

sin, nan robhar airson agus gum biodh susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh gu ìre na b' àirde bha e an toiseach iomchaidh tuigse fhaighinn air mar a bha roghainnean a thaobh susbaint agus cànan na susbaint air an dèanamh; dè na factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint? Bhathar airson faighinn a-mach dè na feumalachdan a bha aig pàrantan agus clann a thaobh roghainnean susbaint agus an robh, no am faodadh, ròl a bhith aig susbaint Ghàidhlig ann a bhith a' freagairt nam feumalachdan sin.

An toiseach bithear a' toirt sùil air feumalachdan pàrantan ceangailte ri poileasaidh agus planadh cànan teaghlaich. Bhathar airson faighinn a-mach am b' e cànan-a-steach bho shusbaint aon de na factaran air an robh pàrantan a' cnuasachadh nuair a bha iad a' dèanamh roghainnean susbaint a thaobh cànan. Bhathar airson beachdan pàrantan fhaighinn air an luach a chuireadh iad air susbaint mar chànan-a-steach.

## **7.2 Susbaint agus cànan-a-steach**

Chunnacas gun robh teaghlaichean ann a bha a' dèanamh oidhirp gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus bha feadhainn ann nach robh. An robh gnothaichean ceangailte ri poileasaidh cànan teaghlaich am measg nam factaran a bha an sàs anns a' phròiseas a thaobh cleachdadh susbaint? Aig ìre bhunasaich, tha fios againn bhon litreachas gu bheil uimhir cànan-a-steach agus cho tric 's a tha cànan air a chluinntinn a' toirt buaidh air cho luath agus cho coileanta 's a thèid cànan a thogail (Thomas *et al.* 2014: 479). Ann an co-theacsa mion-chànanan, tha cànan-a-steach anns a' mhion-chànan buileach nas cudromaiche leis gu bheil cothroman ga chluinntinn na bu ghainne. Ann an suidheachadh cho cugallach ris a' Ghàidhlig ann an Alba bhiodh gach pìos cànan-a-steach fìor chudromach. Tha am prionnsabal 'maximum engagement' (Yamamoto 2001) a' moladh mar as motha de chànan-a-steach sa mhion-chànan 's ann as fheàrr. Anns an t-seadh seo 's urrainnear smaointinn air coimhead-susbaint mar phàirt de chànan-a-steach gu lèir a bhios

pàist a' cluinntinn agus ri linn bidh cànan na susbaint cudromach. Anns an rannsachadh seo chunnacas gun robh cleachdadh susbaint mar phàirt de bheatha gach pàist agus bha coimhead-susbaint a' dèanamh suas eadar 8% agus 33% de dh'uairean-saora gach pàist. Mar sin, b' e sin eadar 8% agus 33% dhe chànan-a-steach (ann an uairean-saora) a dh'fhaodadh a bhith anns a' Ghàidhlig, a' cur ris a' chànan-a-steach anns a' mhion-chànan.

Ach chunnacas gun deach fada a bharrachd susbaint Bheurla a chleachdadh na susbaint Ghàidhlig. Airson nan teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' bha sin a' ciallachadh gun robh susbaint sa chumantas a' cumail dachaighean Beurla, Beurla. Ach airson theaghlaichean 'Gàidhlig', bha susbaint sa chumantas a' toirt buaidh air a' chànan a bha air a chluinntinn a-staigh agus cànan diofraichte, a' Bheurla, a' tighinn a-staigh dhan taigh tro shusbaint. Bhiodh diofar bhuidhean aig susbaint air ìrean cànan-a-steach na cloinne a rèir na h-uimhir de shusbaint a chaidh a choimhead, le barrachd susbaint air a coimhead a' ciallachadh barrachd buaidh. Mar eisimpleir, bha clann E agus F na bu thruime air susbaint na gin dhen chloinn eile, bha àite na bu mhotha aig susbaint nam beatha, agus cha mhòr nach b' e susbaint Bheurla a-mhàin a chaidh a chleachdadh.

Mar a bha gnothaichean, b' urrainnear argamaid a dhèanamh gum biodh e na b' fheàrr dha na teaghlaichean 'Gàidhlig' gun susbaint sam bith a choimhead leis an uimhir de shusbaint Bheurla a chaidh a chleachdadh. Chan e a-mhàin gum biodh seo a' lùghdachadh na h-uimhir de Bheurla a chluinneadh iad ach cuideachd gum biodh cothroman eile air cànan-a-steach seach coimhead-susbaint. Cha bhiodh 'displacement' ann, cha bhiodh coimhead-susbaint a' gabhail àite, no a' dèanamh cron air, cothroman cànan-a-steach eile, mar chòmhradh eadar pàrant agus pàist. Ach a bheil sin practaigeach anns an latha a tha ann? Bhon fhianais mu uimhir cleachdadh susbaint agus bho na thuirt na pàrantan mu cho feumail 's a bha susbaint dhaibh nam beatha cha bhiodh sgur a chleachdadh susbaint na

roghainn dhaibh. Mar sin, an àite a bhith a' sgar den chleachdadh susbaint, 's dòcha gum biodh e na bu chomasaidhe susbaint Ghàidhlig a cleachdadh an àite susbaint Bheurla. Dh'fhaoidte cuideachd gun tigeadh buannachdan a bharrachd a thaobh cànan-a-steach leis gum faigheadh a' chlànn cothrom cànan-a-steach eadar-dhealaichte fhaighinn bhon chànan a gheibheadh iad bhom pàrantan. Chuireadh sin ris an ìre-mhathais de chànan-a-steach leis gum biodh iad a' cluinntinn fhileantach eile (Place agus Hoff 2011) bhon t-susbaint agus 's dòcha raon briathrachais eadar-dhealaichte a chuireadh ris an leasachadh-cànan aca.

### **7.2.1 Susbaint: luach mar ghoireas cànan-a-steach adhbhrachadh?**

Anns an rannsachadh seo chunnacas gun robh diofaran ann eadar na teaghlaichean a thaobh cho luachmhor 's a bha susbaint Ghàidhlig mar dhòigh cànan-a-steach adhbhrachadh agus bha seo na fhactar ann an cleachdadh susbaint Ghàidhlig. A' dèanamh sgrùdadh air na toraidhean faodar a ràdh gun do nochd pàtran am measg nan teaghlaichean a rèir cho luachmhor 's a bha iad a' faicinn susbaint mar chànan-a-steach a bha stèidhichte air comasan cànan a-staigh. A thaobh nan teaghlaichean 'le Gàidhlig' bha teaghlaichean E agus F a' faicinn susbaint Ghàidhlig mar rud neo-chudromach dhaibh gu pearsanta agus iad gun mòran luach a chur oirre mar dhòigh cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh. Bha Pàrant B bho theaghlach a bha coltach ri teaghlaichean E agus F a thaobh chomasan cànan a-staigh, ach stèidhichte ann an Glaschu, den aon bheachd ach bha iad a' faicinn luach ann an susbaint mar rudeigin a bha a' cur ris na bha aca mar thà. Bha an teaghlach 'Gàidhlig' eile againn, teaghlach A, diofraichte bho na teaghlaichean Gàidhlig eile leis nach robh ach aon phàrant a-staigh le Gàidhlig. Dhaibhsan, bha susbaint Ghàidhlig cudromach anns an dòigh anns an robh i a' dìon na bha aca a-staigh mar thà.

A thaobh nan teaghlaichean 'gun Ghàidhlig', bha teaghlaichean C agus D a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson cothroman cànan-a-steach sa Ghàidhlig a chruthachadh dhan



chuid cloinne agus iad ag aithneachadh cho gann 's a bha na cothroman sin a dhèanamh leis nach robh gu leòr de Ghàidhlig aig na pàrantan fhèin. Cuideachd chaidh cuideam a chur air susbaint Ghàidhlig mar dhòigh Gàidhlig 'àbhaisteachadh', a' sealltainn dhan chloinn gun robh e ceart gu leòr Gàidhlig a bhruidhinn. Cha robh teaghlaichean G agus H a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus mar sin cha deach cleachdadh airson cànan-a-steach adhbhrachadh. Ach bha coltas ann gun robh sin ri linn cion-mothachaidh mu na cothroman a bha ann susbaint Ghàidhlig a choimhead; nuair a chaidh am piobrachadh gus smaointinn air a' chuspair, bha iad den bheachd gum biodh susbaint Ghàidhlig luachmhor mar dhòigh cànan-a-steach adhbhrachadh.

Mar sin, bha seòrsa de sgèile ann a thaobh cho cudromach agus luachmhor 's a bha pàrantan a' faicinn susbaint Ghàidhlig mar cànan-a-steach. Bha na teaghlaichean a bu làidire a thaobh na Gàidhlig a-staigh (B, E agus F) a' cur na bu lugha de luach ann an susbaint Ghàidhlig mar ghoireas cànan-a-steach na bha teaghlaichean a bha na bu chugallaiche (A) agus na bu laige (C, D, G agus H) a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh.

Anns an litreachas chunnacas gun robh seòrsa de stairsneach cànan-a-steach no 'input threshold' ann. Nuair a chaidh coimeas a dhèanamh eadar cloinn a bha a' cluinntinn Gàidhlig na h-Èireann 'mar is àbhaist' agus 'ainneamh' cha robh mòran diofar ann eadar ìrean briathrachais na dà bhuidhinn (O'Toole agus Hickey 2017). Ach bha ìrean briathrachais na b' àirde aig cloinn leis an deach Gàidhlig na h-Èireann 'a-mhàin' a chleachdadh. Tha seo a' dearbhadh cho riatanach 's a tha e gum biodh àrainneachd Ghàidhlig 'a-mhàin' air a cruthachadh, oir ma thuiteas ìrean cànan-a-steach fodha sin tha seo a' toirt buaidh mhòr air dè cho coileanta 's a bhios togail cànan. Nuair a thuiteas cleachdadh na Gàidhlig bho ìre 'a-mhàin' gu 'mar is àbhaist', tha seo a' toirt buaidh nas

miosa air ìrean cànan na lùghdachadh bho ‘mar is àbhaist’ gu ‘ainneamh’. Ann an co-theacsa an rannsachaidh seo agus sinn a’ dèiligeadh ri cànan-a-steach bho shusbaint, dh’fhaodamaid beachdachadh (ged a bhiodh barrachd fianais a dhith) gum biodh cànan-a-steach anns a’ Ghàidhlig bho shusbaint Ghàidhlig na bu chudromaiche do chloinn a bhios a’ cleachdadh Gàidhlig a-staigh gus na h-ìrean Gàidhlig-a-steach a dhaingneachadh agus a chumail cho àrd ’s a ghabhas aig ìre ‘Gàidhlig-a-mhàin’.

Ach bha na toraidhean a’ sealltainn gun robh caochladh bheachdan a’ nochdadh agus na pàrantan bho na teaghlaichean anns an robh gach neach le Gàidhlig (A, E agus F) a’ smaointinn gum biodh susbaint Ghàidhlig na bu chudromaiche do theaghlaichean far nach robh Gàidhlig air a cleachdadh a-staigh gus an cluinneadh iad Gàidhlig air a bruidhinn. Dh’fhaoidte gun robh teàrainteachd nan teaghlaichean A, E agus F a thaobh na Gàidhlig a’ toirt buaidh air na beachdan a bha aca mu shusbaint Ghàidhlig oir thuir an triùir pàrantan seo nach robh iad a’ cur luach air susbaint mar chànan-a-steach. B’ ann air còmhraidh sa Ghàidhlig eadar pàrant agus pàist a bhathar a’ cur cuideam gus cànan-a-steach adhbhrachadh.

### **7.2.2 Poileasaidh cànan nan teaghlaichean**

Dh’fhaodar a ràdh gur e poileasaidh cànan nan teaghlaichean aon de na rudan a bha a’ toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Airson a’ mhòr-chuid de na teaghlaichean b’ urrainnear a ràdh san fharsaingeachd gun robh aonta ann eadar na poileasaidhean cànan a-staigh aca agus an dòigh anns an deach susbaint a chleachdadh. Bha teaghlaichean G agus H car *laissez-faire* leis a’ phoileasaidh chànan aca agus iad gun mòran oidhirp a dhèanamh gus a’ Ghàidhlig a bhruidhinn a-staigh. Bha seo coltach ris an dòigh anns an deach susbaint a chleachdadh, ged a bha cion-mothachaidh mu shusbaint ma dh’fhaoidte na fhactar, cha deach mòran oidhirp a dhèanamh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh no

oidhirp gus fhaighinn a-mach dè an seòrsa ghoireasan a bha rim faotainn sa Ghàidhlig. Bha teaghlaichean C agus D a' feuchainn ri cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn a-staigh agus chithear sin air a riochdachadh anns an dòigh anns an robh iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig gus cànan-a-steach adhbhrachadh. Bha Pàrant A, anns an teaghlach le aon phàrant le Gàidhlig, daonnan a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a dhìon a-staigh agus bha seo air a riochdachadh cuideachd anns an dòigh anns an robh am pàrant a' smaointinn air susbaint Ghàidhlig agus i cudromach dhaibh mar dhòigh cànan-a-steach adhbhrachadh. Mar an ceudna, do phàrant B, bha iadsan a' feuchainn ri àrainneachd Ghàidhlig a-mhàin a chruthachadh a-staigh agus iad a' feuchainn ris an ideòlas sin a chur an gnìomh tron a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Ach am measg nan teaghlaichean a bha a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig fhathast cha deach a cleachdadh mar a dh'fhaodadh agus bha seo a' ciallachadh nach robh na cleachdaidhean aca buileach rèidh ris na poileasaidhean cànan aca (ach bha iomadh factar a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint leithid cothroman cleachdaidh, furastachd agus cho tarraingeach 's a bha an t-susbaint).

Ach b' iad cleachdaidhean teaghlaichean E agus F a b' annasaiche oir bha mì-fhreagairt ann eadar am poileasaidh cànan làidir a bha aca a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh agus am poileasaidh cànan a bha aca a thaobh susbaint; bha iad a' cleachdadh susbaint Bheurla a' mhòr-chuid dhen àm agus iad den bheachd nach robh susbaint cudromach mar chànan-a-steach. Bha an sealladh gu math diombach aca mu staid na Gàidhlig agus crìonadh na Gàidhlig a' cur dragh orra gu mòr. Cha robh iad draghail mu thogail Beurla na cloinne agus e a' cur dragh orra nach biodh pàrantan eile a' cleachdadh Gàidhlig len cuid cloinne nuair a bha cothroman aca sin a dhèanamh. Mar sin, shaoileadh gur iadsan na dearbh phàrantan a bhiodh a' taghadh susbaint Ghàidhlig airson an cuid cloinn. Ach cha do thaghadh. Carson?

Bha iomadh factar agus adhbhar bu choireach, cuid co-cheangailte ri cho tarraingeach 's a bha an t-susbaint fhèin, cho furasta 's a bha i ga cleachdadh, cion-mothachaidh agus bhiodh pàirt mhòr aig fasanan. Ach cuideachd b' urrainnear beachdachadh gur dòcha gun robh na h-ideòlasan cànanain aca a' toirt buaidh air na roghainnean aca. Bha an dà theaghlach seo a' cur cuideam mòr air 'nàdarrachd'; a bhith a' cleachdadh cànanain ann an dòigh a bha 'nàdarra'. Gu h-àraidh Pàrant E a bha a' cur seachad nach robh iad a' smaointinn cus mu dheidhinn nam poileasaidhean cànanain a bha aca a-staigh, gur e dìreach Gàidhlig a bha aca a-staigh agus sin e! Mar sin, b' e poileasaidh neo-fhaicsinneach a bha aca agus cleachdadh cànanain a-staigh ag obair ann an dòigh *laissez-faire*, 'nàdarra'. Cha robh iad a' cur cus luach ann an susbaint Ghàidhlig mar chànan-a-steach agus dh'fhaoidte nach do smaoinich iad cus mu dheidhinn nan seòrsa de bhuannachdan a thaobh cànan-a-steach na Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith ann bhon a bhith a' coimhead susbaint Ghàidhlig. Cha robh e na fhasan dhaibh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus leis gun robh iad a' dèiligeadh le cleachdadh cànanain ann an dòigh 'nàdarra' bhiodh oidhirp an lùib a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig a bhiodh dh'fhaoidte a' dol an aghaidh na 'nàdarrachd' sin.

Le bhith a' feuchainn ri ideòlas 'nàdarrachd' a' leantainn 's dòcha nach robh na pàrantan, mar a chunnaic O hIfeárnáin (2007), fiosraichte gu leòr mun oidhirp a bharrachd a tha riatanach airson clann a thogail le dà-chànanachas. Ann an co-theacsa na Gàidhlig agus i fo bhuidhe na Beurla, chan eil i gu bhith 'nàdarra' an cuid cloinne a thogail le Gàidhlig agus iad air an cuairteachadh le cumhachd na Beurla. Bha Pàrant F draghail gun robh iad a' dèanamh 'cron' air a' phàist le bhith a' bruidhinn na Gàidhlig riutha agus gan dèanamh 'diofraichte' oir bha am pàrant ag aithneachadh gun robh am pàist eadar-dhealaichte bho a charaidean leis gun robh Gàidhlig aca, agus tric, cha bhi clann airson a bhith ro dhiofraichte bho an caraidean. Bha ideòlas nam mòr-chànanan a' cur an cèill gun robh e cho furasta agus nàdarra clann a thogail le Beurla, agus bha seo a' toirt buaidh air mar a

bha pàrantan a' dèiligeadh ris a' chloinn agus iad dhen beachd gum bu chòir dhaibh clann a thogail le cànan a bhiodh 'nàdarra'. Ach ann an co-theacsa na Gàidhlig agus i fo bhuaidh mhòir na Beurla, tha e gu bhith doirbh poileasaidhean cànan a chur an gnìomh agus feumach air oidhirpean a bharrachd a dhèanamh gus togail agus cleachdadh na Gàidhlig adhbhrachadh, agus an taca ri togail na Beurla, chan eil sin a' dol a bhith 'nàdarra'.

A thaobh uimhir cànan-a-steach 's dòcha nach robh na pàrantan buileach a' tuigsinn cudromachd uimhir cànan-a-steach ann an co-theacsa mion-chànanach. Mar eisimpleir, bha Pàrant E riarachtaichte gu leòr cho fad 's a bhruidhneadh am pàist air ais riutha anns a' Ghàidhlig, bha iad 'coma' mu rud sam bith eile, leithid buaidh susbaint. Bha iad a' sireadh taic foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar rudeigin a bha riatanach airson sgilean cànanach na cloinne agus mar sin ag aithneachadh 'parents alone cannot be expected to hold back the tide of English' (O'Toole agus Hickey 2017: 158). Ach cha robh iad a' faicinn susbaint Ghàidhlig mar thaic eile a b' urrainn dhaibh chleachdadh ged a bha iad ag aithneachadh gun robh 'làn na Beurla' a' tighinn a-steach orra tron telebhisean. Chunnacas cuideachd anns na toraidhean nach robh na pàrantan cho fiosraichte sin mun uimhir de shusbaint a bha an cuid cloinne a' coimhead agus cuid air tuairmsean a dhèanamh na bu lugha na nochd anns na leabhraichean-latha. Mar sin, 's dòcha nach robh fios aca cho bitheanta 's a bha susbaint ann am beatha an cuid cloinne agus ri linn cho mòr de bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint air cànan-a-steach.

### **7.2.3 Comasan Gàidhlig nam pàrantan**

Am measg nan teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' chunnacas gun robh diofaran ann eatorra a thaobh nam poileasaidhean cànan agus na cleachdaidhean susbaint aca, le teaghlaichean C agus D a' dèanamh barrachd oidhirp na G agus H a thaobh na Gàidhlig leis an dà chuid. Bho na toraidhean, b' e comasan Gàidhlig nam pàrantan aon de na rudan a nochd a

dh'fhaodadh a bhith a' toirt buaidh air na cleachdaidhean cànan a-staigh agus, ri linn, air cleachdadh susbaint mar ghoireas cànan-a-steach.

Bha sgilean-cànain Gàidhlig aig dithis phàrant ann an teaghlach G agus dithis phàrant ann an Teaghlach H. Chaidh a' Ghàidhlig ionnsachadh gu diofar ìrean leis na pàrantan seo, bha cuid ann aig an robh Gàidhlig a-staigh a' fàs suas agus cuid a fhuair oideachadh sa Ghàidhlig (teisteanasan luchd-ionnsachaidh) anns an sgoil agus cuid a rinn clasaichean Ùlpan no clasaichean Gàidhlig eile nan inbhich. Shaoileadh gur iadsan a bhiodh ann an deagh staid taic a thoirt do an cuid cloinne agus comasan air choreigin aca anns a' chànan. Ach bha coltas ann nach robh na pàrantan seo a' cleachdadh an cuid eòlais gus taic a thoirt dhan chloinn Gàidhlig a thogail. Bha iad a' faireachdainn gun robh a' Ghàidhlig aca air fàs lapach agus gun robh iad a' faicinn sgilean cànan mar rudeigin air am bu chòir dhaibh obair a dhèanamh ach nach d'fhuair iad thuca sin a dhèanamh fhathast.

Bha seo an coimeas ri teaghlaichean C agus D, aig nach robh an aon bhun-ionnsachadh sin anns a' Ghàidhlig agus a bha air tòiseachadh air a' Ghàidhlig ionnsachadh a dh'aona-  
gnothach seach gun ro an cuid cloinne ga h-ionnsachadh agus gun robh iad airson taic a chumail riutha anns a' phròiseas sin. Bha na pàrantan uile ann an teaghlaichean C agus D a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig bhon a thòisich an cuid cloinne san sgoil-àraich. Mar sin, bha cleachdadh agus togail na Gàidhlig aig bàrr nan cuid inntinn agus iad a' sireadh cànan-a-steach sa chànan. Leis gun robh iadsan ag ionnsachadh na Gàidhlig bhiodh tuigse aca air na pròiseasan ionnsachaidh agus iad a' feuchainn ri bhith gnìomhach anns an dòigh san robh iad a' cruthachadh chothroman ionnsachaidh do an cuid cloinne cuideachd. Ann an dòigh bha teaghlaichean C agus D ag ionnsachadh na Gàidhlig mar theaghlach còmhla. Bha iad a' faicinn telebhisean Gàidhlig mar ghoireas a bhiodh a' cuideachadh an cuid

cloinne ach cuideachd gan cuideachadh fhèin aig a' cheart àm; bha iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar ghoireas togail cànan airson an teaghlaich gu lèir.

Tha an rannsachadh seo a' sealltainn gur dòcha gu bheil ionnsachadh cànan leis na pàrantan mar fhactar ann am poileasaidh cànan teaghlaich agus ri linn sin ann an cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar ghoireas planadh cànan. Bha na teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' le pàrantan a bha a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh aig a' cheart-àm 's a bha an cuid cloinne na bu dhualtaiche àrainneachd a bha taiceil ri cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh. Ged a bhiodh pàrantan bho theaghlaichean G agus H air a bhith a cheart cho comasach 's dòcha, no na bu chomasach buileach, sa chànan 's a bhiodh na pàrantan bho theaghlaichean C agus D, cha robh iad ga chleachdadh chun na h-aon ìre a-staigh. 'S urrainnear beachdachadh air na h-adhbharan air cùlaibh an eadar-dhealachaidh seo.

An toiseach, 's dòcha gun robh pàrantan bho theaghlaichean G agus H air an cuid chomasan Gàidhlig a chall leis nach robh iad air Gàidhlig a chleachdadh bho chionn fhada agus mar sin, bha sin a' cur bacadh air cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Mar a thuirt pàrant bho theaghlach G: 'I think I've lost it [Gaelic] aye, I think I've lost it to be honest with you'. B' e dìth misneachd an dàrna adhbhar; gun robh pàrantan G agus H a' faireachdainn ciontach gun do dh'fhàs an cuid Gàidhlig cho lapach agus gum bu chòir dhaibh a bhith na b' fheàrr air a' chànan agus bha sin gan cur dheth a bhith ga bruidhinn. 'S dòcha nach biodh an aon chiontach air faireachdainn le pàrantan bho theaghlaichean C agus D, oir bha iadsan a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh as ùr agus iad a' faicinn gun robh iad soirbheachail nuair a dhèanadh iad oidhirp Gàidhlig a chleachdadh, an taca ri pàrantan bho theaghlaichean G agus H a bhiodh a' faireachdainn neo-shoirbheachail nach robh iad cho

math 's a bha an còrr aca air a bhith. Mar a thuir pàrant bho theaghlach G, b' e 'disgrace' a bha ann nach robh iad a' cleachdadh na Gàidhlig.

Mar sin, tha an abairt 'cleachd i no cail i' iomchaidh anns an t-suidheachadh seo. Tha clasaichean Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do phàrantan ag adhbhrachadh gum biodh aig pàrantan ri Gàidhlig a chleachdadh agus gum biodh an cuid aire air gnothaichean ceangailte ri ionnsachadh na Gàidhlig. Ach do phàrantan nach biodh ann an suidheachadh ionnsachaidh mar sin, 's dòcha nach biodh an aon ìre de mhothachadh aca agus prìomhachasan eadar-dhealaichte aca. Bhiodh cothroman ionnsachaidh cànan do dh'inbhich a' ciallachadh gum biodh ionnsachadh cànan a' gabhail àite nam beatha agus mar sin tuigse na b' fheàrr aca air àrainneachd thaiceil a thaobh togail na Gàidhlig a cruthachadh airson an cuid cloinne. Ach a bharrachd air aire phàrantan a chumail air gnothaichean ionnsachaidh cànan, bhiodh cothroman ionnsachaidh cànan cuideachd a' toirt cothrom do phàrantan aig an robh comasan Gàidhlig an cuid comasan a chumail suas agus, ri linn, cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Tha ceistean rin togail an seo a thaobh soilleireachadh ionnsachaidh cànan do dh'inbhich an Alba. Bha pàrantan bho theaghlaichean G agus H air oideachadh fhaighinn sa chànan ach is coltach nach do lean iad oirre le an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh. An e dith chothroman leasachadh cànan a bu chòir? An e gun do rinn iad cùrsaichean do luchd-ionnsachaidh agus an uair sin cha robh cothroman ann cùrsaichean aig ìre na b' àirde a leantainn? Shaoileadh gum biodh pàrantan aig a bheil no aig an robh comasan sa Ghàidhlig ann an staid na b' fheàrr gus taic a chumail ri an cuid cloinne Gàidhlig a thogail nam biodh pàrantan gun Ghàidhlig sam bith a bha dìreach air ùr thòiseachadh air a' chànan a thogail. Ach tha e coltach nach b' e sin a bha a' tachairt ann an da-rìribh. Mar sin, tha rudeigin a'



dol ceàrr le poileasaidh cànan na Gàidhlig ann an Alba leis nach eil pàrantan a tha air toiseach tòiseachaidh fhaighinn a thaobh comasan na Gàidhlig a' cleachdadh nas lugha de Ghàidhlig leis an cuid cloinne na tha pàrantan a tha air ùr thòiseachadh Gàidhlig ionnsachadh. Feumar coimhead ri solarachadh ionnsachadh cànan nan inbheach ann an Alba gus solarachadh leantainneach a thoirt seachad. Tha fios againn bho rannsachadh eile gu bheil cùrsaichean Gàidhlig do dh'inhich tearc agus mì-rianail (McLeod, Pollock agus MacCaluim 2010) agus tha sin a' toirt buaidh air cho comasach agus cho misneachail 's a dh'fhaodadh pàrantan a bhith anns a' chànan leis gu bheil cothroman leasachaidh gann. Bha an rannsachadh aig Armstrong (2014) a' sealltainn gun robh adhartas ann an togail cànan pàrantan a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Tha an rannsachadh seo a' sealltainn nan aon sheòrsaichean bhuidhean. Dh'fhaoidte gu bheil an co-theacsa nas fharsainghe a' toirt buaidh air cho dualtach 's a bhios pàrantan susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson an cuid cloinne.

#### **7.2.4 Àite-fuirich**

Ged is e sampall beag de theaghlaichean a chaidh a sgrùdadh agus gum biodh iomadh factar ann a bhiodh a' toirt buaidh air na roghainnean susbaint aca, 's urrainnear beachdachadh gur e àite-fuirich aon de na factaran eile a bhiodh nam measg. Nochd eadar-dhealachadh eadar cleachdadh susbaint Ghàidhlig nan teaghlaichean a rèir àite-fuirich; anns na toraidhean rinneadh co-dhùnadh gur iad na teaghlaichean a bha stèidhichte ann an Glaschu a bha na bu dhualtaiche oidhirp a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh na na teaghlaichean ann am Barraigh. 'S urrainnear beachdachadh gun robh an àrainneachd chànain anns an robh na teaghlaichean a' fuireach a' toirt buaidh air na roghainnean susbaint aca a rèir cho feumail 's a bha susbaint dhaibh mar dhòigh chànana-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh.

Ann an litreachas, rinneadh measadh air teòiridh beòthalachd bhuidhnean chànain agus gun robh ìrean àrd de bheòthalachd a' ciallachadh gum biodh buidheann na bu dhualtaiche gan giùlain fhèin mar bhuidhinn agus ri linn sin, an cuid cànain agus cultair a ghlèidheadh. Dh'fhaodadh beòthalachd na buidhne a mheasadh ann an dòigh neo-chlaon (a' toirt luaidh air demographics, inbhe na Gàidhlig agus taic institùideach dhan chànain ann an àite) no ann an dòigh chlaon (a' coimhead air beachdan dhaoine fhèin air cho beò 's a bha an cànain). Ann an rannsachadh seo dh'fhaodar baile Ghlaschu a mheasadh gu neo-chlaon mar àite le beòthalachd ìosal de Ghàidhlig. A thaobh demographics chan eil ach 1% de shluagh a' bhaile nan luchd-labhairt na Gàidhlig agus mar sin bhiodh inbhe ìosal aig a' chànain cuideachd. A thaobh beachdan claon nam pàrantan an Glaschu mu cho beò 's a bha Gàidhlig ann an Glaschu, bha aonta ann eatorra nach robh Gàidhlig cho beò sin ann an Glaschu agus gun robh cothroman ann Gàidhlig a chluinntinn gu math gann taobh a-muigh nan lionraidhean Gàidhlig aca fhèin. Bha beachdan a' mhòr-shluaigh air a' chànain cuideachd a' toirt buaidh air inbhe na Gàidhlig anns a' bhaile le pàrantan a' smaointinn gun robh daonnan strì aca ri dhèanamh airson a' chànain.

Bha na pàrantan bho na teaghaichean ann an Glaschu uile a' cur luach air susbaint Ghàidhlig mar ghoireas cànain-a-steach adhbhrachadh, ged a bha seo na bu dheatamaiche airson cuid de phàrantan (feadhainn gun Ghàidhlig a-staigh no le suidheachaidhean cànain cugallach a-staigh) na bha e do chuid eile (pàrant B a bha co-dhiù a' cur luach air telebhisean Gàidhlig ged nach robh e deatamach dhaibh mar chànain-a-steach). Faodar beachdachadh gun robh an àrainneachd mun cuairt orra ann an Glaschu agus cho aithnichte 's a bha na pàrantan mu shuidheachadh na Gàidhlig ann an Glaschu, a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Bha iad mion-mhothachail mu cho gann 's a bha cothroman Gàidhlig a chluinntinn agus a chleachdadh ann am Baile Glaschu agus ri linn sin bha iad a' feuchainn ri brath a ghabhail air cothroman agus a' cruthachadh chothroman

Gàidhlig a chluinntinn. B' e cànan-a-steach tron telebhisean aon de na goireasan a bha iad a' cleachdadh airson sin a dhèanamh. Bha seo coltach ris an rannsachadh aig Harwood agus Vincze (2015) a chunnaic gun robh cuid a' cleachdadh susbaint mhion-chànanaich airson am fèin-aithne aca a neartachadh agus gun robh seo gu h-àraidh a' tachairt ann an suidheachaidhean de bheòthalachd neo-chlaon iosal; bha daoine mothachail air mion-inbhe na cànan agus iad a' sireadh susbaint airson am fèin-aithne a neartachadh. B' urrainnear a ràdh anns an rannsachadh seo, gun robh muinntir Ghlaschu mothachail mu mhion-inbhe na Gàidhlig sa bhaile agus bha iad a' sireadh susbaint airson cothroman cànan-a-steach airson an cuid cloinne adhbhrachadh.

Ach bha suidheachadh am Barraigh eadar-dhealaichte leis na teaghlaichean uile air an ainmeachadh mar theaghlaichean nach robh a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. B' urrainnear beachdachadh gun robh beòthalachd neo-chlaon na Gàidhlig ann am Barraigh aon de na factaran a bha a' toirt buaidh air seo. Anns a' Chunntas-sluaigh 2011, bha 62% de shluagh an eilein a' bruidhneadh a' Ghàidhlig. Cuideachd an taca ris na h-eileanan siar gu lèir chunnacas gun robh a' Ghàidhlig làidir am measg cloinne aois 3-4 ann am Barraigh agus Bhatarsaigh, le Gàidhlig aig còrr is leth dhiubh. Mar sin, an robh àrainneachd Ghàidhlig na bu thèarainte aca ann am Barraigh, agus an t-eilean ann an 'sgìre thraidiseanta' na Gàidhlig, na bha aca ann an Glaschu a' ciallachadh nach robh an uiread de dh'fheum aca cothroman cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, mar eisimpleir tro shusbaint Ghàidhlig?

B' urrainnear coimhead ri beòthalachd chlaon na Gàidhlig am Barraigh gus barrachd cnuasachaidh a dhèanamh. Bha na teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' ann am Barraigh (G agus H) a' smaointinn nach robh Gàidhlig cho bitheanta am measg na h-òigridh ach gun robh sin ag atharrachadh agus mòran dhaoine a-nis a' cur an cuid cloinne tro fhoghlam tro

mheadhan na Gàidhlig. Bha iad a' smaointinn gun robh piseach a' tighinn air a' chànan agus ann am Barraigh gum biodh iad a' cluinntinn Gàidhlig gu làitheil; mar sin bha beòthalachd meadhanach chlaon àrd am Barraigh a rèir G agus H. Mar sin, cha robh na teaghlaichean seo a' faicinn crìonadh na Gàidhlig agus an cunnart anns an robh i fo bhuidh ghluasad cànan. 'S urrainnear beachdachadh gun robh sin a' toirt buaidh chan ann a-mhàin air mar a bha iad a' dèanamh roghainnean a thaobh cànan susbaint ach a' toirt buaidh air na poileasaidhean cànan a bha aca anns an fharsaingeachd. Tha fios againn nach robh iad a' dèanamh mòran oidhirp Gàidhlig a chleachdadh a-staigh agus 's dòcha gum b' ann air an adhbhar sin nach robh iad cho mothachail air an staid èiginnich anns an robh an cànan.

Bha beachdan claona nan teaghlaichean 'le Gàidhlig' am Barraigh eadar-dhealaichte bho na teaghlaichean 'gun Ghàidhlig'. Chunnacas gun robh pàrantan E agus F gu math diombach mu staid na Gàidhlig ann am Barraigh agus iad den bheachd gun robh i air an rathad a-mach. Bha iad a' faicinn crìonadh na Gàidhlig am measg na h-òigridh agus den bheachd nach robh daoine a' gabhail chothroman Gàidhlig a bhruidhinn fiù 's nuair a bha na comasan aca. Bha seo a' toirt air na pàrantan poileasaidhean cànan làidir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh a chur an gnìomh, ach bha seo cuibhrichte ri labhairt na Gàidhlig a-staigh agus cha robh am poileasaidh air a leudachadh gu cleachdadh susbaint sa chànan.

Mar sin, ged a bha beòthalachd cànan neo-chlaon eadar-dhealaichte ann am Barraigh agus Glaschu, a thaobh sheallaidhean chlaona, bha beachdan pàrantan E agus F am Barraigh a thaobh beòthalachd na Gàidhlig air an eilean coltach ri beachdan claona nam pàrantan ann an Glaschu mu bheòthalachd na Gàidhlig anns a' bhaile. Bha seo a' toirt air na teaghlaichean uile a bhith mothachail air cho gann agus a bha cothroman Gàidhlig a

chluinntinn taobh a-muigh an taighe agus an siostam foghlaim agus mar sin a' ciallachadh gun robh iad a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh. Ach bha diofaran eatorra a thaobh cleachdadh susbaint na Gàidhlig. Cha robh an iomaga(i)n sin mun àrainneachd chànain mun cuairt orra a' piobrachadh pàrantan E agus F susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a bha i do phàrantan ann an Glaschu. Dh'fhaodadh iomadh factar buaidh a thoirt air roghainnean, a leithid cho tarraingeach 's a bha susbaint Ghàidhlig, ach bha e co-dhiù inntinneach gun do nochd an sgaradh a bha seo a thaobh àite-fuirich. 'S dòcha nach robh beòthalachd chànain chlaon a' toirt buaidh cho mòr sin air roghainnean susbaint leis gun robh cuid de na teaghlaichean am Barraigh air an aon ràmh ri na teaghlaichean ann an Glaschu a thaobh mar a bha iad a' faicinn staid na Gàidhlig anns na sgìrean aca. Ach 's dòcha gun robh buaidh air choreigin aig beòthalachd neo-chlaon; ged a bha teaghlaichean E agus F diombach mu staid na Gàidhlig am Barraigh, bha iad fhathast a' fuireach ann an sgìre far an robh iad ag ràdh gun robh iad a' cluinntinn Gàidhlig gu làitheil agus taobh a-muigh an taighe (dh'fhaoidte aig seann dhaoine no co-aoisean nam pàrantan). 'S dòcha gun robh seo a' toirt buaidh air cho mothachail 's a bha iad a thaobh mion-inbhe na Gàidhlig agus ri linn nan dòighean anns an robh iad a' cruthachadh cothrom Gàidhlig a chleachdadh, mar eisimpleir tro chleachdadh susbaint.

Dh'fhaodadh ceangail a dhèanamh a-rithist eadar seo agus ideòlasan 'nàdarrachd' nam pàrantan agus is urrainnear beachdachadh gu bheil beòthalachd chànain cuideachd a' toirt buaidh air mar a bha na pàrantan a' faicinn 'nàdarrachd'. Bha teaghlach B coltach ri E agus F a thaobh nam poileasaidhean cànain a bha aca a-staigh agus anns an dòigh anns an robh iad airson teaghlach a thogail le Gàidhlig ann an dòigh 'nàdarra' ach bha Pàrant B ag àrachadh an cuid cloinne ann an Glaschu agus E agus F am Barraigh. Chunnacas gun robh diofaran ann eadar cleachdadh susbaint eadar na teaghlaichean seo agus thathar a'

beachdachadh gun robh beòthalachd cànanain air aon de na factaran a bha ag adhbhrachadh diofaran eatorra.

Ann an suidheachaidhean mion-chànanach thathar air fhaicinn gu bheil i doirbh clann a thogail le dà chànan agus tric chan eil e gu bhith ‘nàdarra’ sin a dhèanamh. Ged a bha Pàrant B ann an Glaschu airson an cuid cloinne a thogail le Gàidhlig ann an dòigh ‘nàdarra’ bha iad mothachail gun robh an àrainneachd mun cuairt orra a’ dol an aghaidh an ideòlais de ‘nàdarrachd’ a bha seo. Bha seo na dhuilgheadas dhaibh ach b’ e duilgheadas a bha ann ris am bithear an dùil, on bhathar a’ feuchainn ri cloinn a thogail ann am baile mòr far a bheil a’ Ghàidhlig na fìor mhion-chànan. Bha an leiteachas a bha aig Pàrant B airson susbaint Ghàidhlig a chleachdadh air aon de na dòighean anns an robh iad ag aithneachadh suidheachadh cugallach na Gàidhlig agus iad a’ feuchainn ri cothroman eile de chleachdadh na Gàidhlig a chruthachadh.

Ach ann am Barraigh, leis gur e coimhearsnachd thraidiseanta na Gàidhlig a th’ ann agus an taca ri àiteachan eile tha beòthalachd cànanain neo-chlaon an ìre mhath làidir ann, dh’fhaoidte gun robh na pàrantan an dùil gum biodh e ‘nàdarra’ an cuid cloinne a thogail le Gàidhlig. Bha e na dhuilgheadas dha na pàrantan gun robh e doirbh clann a thogail le Gàidhlig leis cho bitheanta ’s a bha Beurla. B’ e adhbhar dragh a bha ann dhaibh gun robh e duilich oir bu chòir dha a bhith ‘nàdarra’. Mar a thuirt Pàrant E: ‘sin mar a bha, mar a tha agus mar a bhios’. Ged a bha iad a’ bruidhinn air cleachdadh na Gàidhlig leis a’ phàist an seo, dh’fhaodadh beachdachadh air na thuirt iad air mar a bha iad a’ faireachdainn mu dheidhinn na Gàidhlig agus ‘nàdarrachd’; tha pàrantan air cloinn a thogail le Gàidhlig bho chionn fhada an t-saoghail, bu chòir dha sin a bhith ‘nàdarra’, gu h-àraidh am Barraigh, sin mar a bha mar a tha agus mar a bhios. Cha robh na pàrantan Barrach seo cleachdte ri bhith a’ dèanamh rudan nach robh ‘nàdarra’; bha iad ga fhaireachdainn furasta gu leòr Gàidhlig

a bhruidhinn a-staigh. Fiù 's taobh a-muigh an taighe bhiodh a' choimhearsnachd cleachdte ri daoine a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile, cha chuireadh e iongnadh air daoine Gàidhlig a chluinntinn ann am Barraigh ('s dòcha aocoltach ri Glaschu). Mar sin, cha robh na pàrantan Barrach cleachdte ri bhith a' feuchainn gu sònraichte, a' dèanamh oidhirpean 'mì-nàdarra', gus cànan-a-steach adhbhrachadh.

Ann an dòigh b' urrainnear a ràdh gun robh na pàrantan ann am Barraigh a' feuchainn ri gnothaichean a chumail 'nàdarra' oir bha iad den bheachd gur e sin mar a bu chòir dha bhith. 'S dòcha gun robh iad a' feuchainn ri grèim a chumail air suidheachadh 'nàdarra' ris an robh iad cleachdte agus an dùil, an aghaidh a' chrìonaidh chànan a bha a' tachairt mun cuairt orra. Ach ann an Glaschu, bha an àrainneachd mun cuairt orra ga dhèanamh soilleir nach robh gnothaichean a thaobh cleachdadh cànan 'nàdarra' agus gun robh aig na pàrantan cothroman agus suidheachaidhean a dh'aona-gnothach a stèidheachadh gus Gàidhlig a bhrosnachadh. Dh'fhaodar a ràdh gur dòcha gun robh na pàrantan Barrach E agus F fulangach anns an dòigh san robh iad a' dèiligeadh ri poileasaidhean cànan agus gun robh na pàrantan an Glaschu gnìomhach. Bha na pàrantan ann an Glaschu ag aithneachadh: 'parents may have to compensate[...]with more active language teaching strategies' (Pearson *et al.* 1997: 56). Ach 's dòcha nach robh na pàrantan Barrach a' smaointinn air 'compensating' oir bha sin a' dol an aghaidh a' bheachd a bha aca air dè bha 'nàdarra'. Gu dearbha tha beachdan phàrantan air co-dhiù a bheil e 'nàdarra' Gàidhlig a chleachdadh san t-suidheachadh seo no san t-suidheachadh sin airidh air barrachd sgrùdaidh san àm ri teachd.

### **7.2.5 Mothachadh cànan**

Tha an deasbad gu h-àrd air susbaint agus cànan-a-steach air sealltainn gun robh cuid de phàrantan a' cur luach air susbaint mar chànan-a-steach agus cuid eile nach robh. Ach fiù

's am measg an fheadhainn bha a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar chànan-a-steach fhathast bha fada a bharrachd susbaint Bheurla air a cleachdadh. Thathar air meòrachadh gur dòcha nach robh pàrantan fiosraichte gu leòr mu chudromachd cànan-a-steach nuair a thathar a' feuchainn ri cloinn dà-chànanach a thogail agus gum feumar oidhirp a bharrachd a dhèanamh leis a' mhion-chànan.

'S dòcha nach robh pàrantan mothachail mun ròl a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint air sgàth 's nach robh iad mothachail mun àite a bha aig an uimhir de shusbaint ann am beatha an cuid cloinne. A bharrachd air seo tha an rannsachadh air soilleireachadh gur dòcha nach eil pàrantan fiosraichte gu leòr gum faodadh e a bhith a' faireachdainn 'mì-nàdarra' clann a thogail le Gàidhlig, agus Beurla cho cumhachdach. Thathar ag aontachadh ris an rannsachadh aig Armstrong (2014) a mhol gum bu chòir 'critical awareness' (cf. Chrisp 2005) a bhith aig pàrantan. Ma bhios pàrantan nas fhiosraichte mu cho doirbh 's a tha i clann dà-chànanach le mion-chànan a thogail 's dòcha gum biodh iad na bu dhualtaiche oidhirpean a bharrachd a dhèanamh gus àrainneachd cho taiceil 's a ghabhas a chruthachadh dhan cuid cloinne. Thathar a' tuigsinn gu bheil 'competing demands' (Schwartz 2008: 415) aig pàrantan agus tric nach bi poileasaidh cànan teaghlaich na phrìomhachas, ach le staid 'critical awareness', dh'fhaoidte gum biodh cothrom ann gun toireadh pàrantan beagan a bharrachd aire air gnothaichean cànan.

### **7.3 Factaran eile san fharsaingeachd**

Thathar air coimhead air susbaint mar chànan-a-steach mar aon fhactar a bha a' toirt buaidh air roghainnean susbaint nam pàrantan. Ach bha iomadh factar eile an sàs anns a' phròiseas taghaidh nach robh stèidhichte gu sònraichte air poileasaidh cànan ach a bhiodh a' toirt buaidh air gnothaichean poileasaidh cànan ann an dòigh neo-direach; bha na factaran a bha a' toirt buaidh air roghainnean a' ciallachadh an diofar eadar a bhith a'



taghadh susbaint Ghàidhlig agus gun a bhith ga taghadh agus, ri linn, bha sin a' toirt buaidh air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig susbaint air poileasaidh cànan. Ach mus tòisichear ri coimhead air na factaran eile a bha a' toirt buaidh air roghainnean susbaint, bha dà fhactar ann a bha an ìre mhath a' toirt air falbh a' chothruim a bha aig pàrantan roghainn a dhèanamh eadar susbaint Ghàidhlig agus susbaint Bheurla: na cothroman a bha ann an da-rìribh susbaint Ghàidhlig a choimhead agus cho eòlach no mothachail 's a bha pàrantan mu dheidhinn nan cothroman a bha ann susbaint Ghàidhlig a choimhead.

#### **7.4 Cothroman coimhid**

Bho dhàta seachdain nan leabhraichean-latha thàinig e am follais nach robh cothrom aig gin den chloinn 100% dhen t-susbaint air an do choimhead iad a choimhead sa Ghàidhlig. Rinneadh seòrsachadh air dòighean-choimhid susbaint far am biodh cothrom-coimhid-le-Gàidhlig ann: chaidh dòighean-choimhid Netflix agus YouTube agus susbaint bheò taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA ainmeachadh mar shusbaint gun-chothrom-Ghàidhlig agus chaidh susbaint bheò taobh a-staigh uairean-cloinne BBC ALBA, clàraidhean, 'seirbheis a-rithist' agus susbaint DVD ainmeachadh mar dhòighean-coimhid le-cothrom-Gàidhlig. Bha eadar-dhealachadh ann am measg na cloinne air an uimhir dhen t-susbaint a bha ann le-cothrom-Ghàidhlig bho 7% dhen t-susbaint gu lèir aig a' char a bu lugha agus 69% aig a' char a bu mhotha. Bhiodh cion-chothroman coimhid gun teagamh na fhactar ann an cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Tha an rannsachadh seo air cuid de na h-àiteachan far am faodadh solarachadh seirbheisean susbaint Ghàidhlig a leasachadh gus seirbheis na bu choileanta a thoirt seachad.

#### 7.4.1 Netflix agus YouTube

B' e dòighean-choimhid gun-chothrom-Ghàidhlig a bha ann an seirbheisean Netflix agus YouTube, ach bha àite aca ann am beatha susbaint na cloinne. Tha 'Netflix' fhèin a' riaghladh na susbaint a tha ri faotainn tron t-seirbheis agus mar sin cha bhiodh mòran de chothrom ann buaidh Ghàidhlig a thoirt air an t-seirbheis sin. Ach a thaobh YouTube, 's e seirbheis a tha ann air am b' urrainn do dhaoine bhideothan agus susbaint a cho-roinn agus far a bheil cothroman aig daoine 'sianailean YouTube' a bhith aca fhèin. Chaidh YouTube a chleachdadh le sianar a-mach à ochdnar cloinne anns an rannsachadh agus bha beachd ann anns an rannsachadh gum biodh cleachdadh YouTube a' fàs na bu chumanta rè aois. Le coltas gu bheil YouTube na raon cudromach ann am beatha cloinne, bu chòir dhuinn faighneachd a bheil cothrom ann susbaint Ghàidhlig, susbaint bho BhBC ALBA, a sholarachadh tron t-seirbheis seo? Dh'fhaoidte gum biodh cuingealaichean laghail na lùib ach b' urrainnear beachdachadh gum biodh seansa ann gum biodh e comasach, ma choimheadar air eisimpleir CBeebies. Tha sianail YouTube aig CBeebies le susbaint, mar bu trice criomagan bho dhiofar phrògraman, ri faotainn tro YouTube. Mar sin, coltach ri CBeebies 's e sianail BBC a tha ann am BBC ALBA agus 's dòcha gum biodh cothrom ann an aon seòrsa solarachadh susbaint a thoirt seachad le susbaint Ghàidhlig. Tha MG ALBA fhèin air YouTube aithneachadh mar àite far a bheil iad an dùil coimhead gus cothroman Gàidhlig a leasachadh (MG ALBA 2015c: 3). Leis cho cudromach 's a tha YouTube thathar a' moladh làthaireachd air choreigin a bhith aig susbaint Ghàidhlig air YouTube, bhiodh sin na susbaint bho BhBC ALBA fhèin no susbaint chloinne air a cruthachadh gu sònraichte airson YouTube, gus cothroman-coimhid sa Ghàidhlig a leudachadh san raon seo.

#### 7.4.2 Susbaint bheò

Thathar a' moladh cuideachd sùil a thoirt air na cothroman a bhiodh ann leudachadh a thoirt air cothroman susbaint bheò anns a' Ghàidhlig a choimhead. Ged a tha ar saoghal didseatach ag atharrachadh aig astar agus cothroman ann susbaint a choimhead tro dhiofar dhòighean-coimhid, tha àite glè chudromach aig susbaint bheò fhathast. Anns an rannsachadh seo air seachdain nan leabhraichean-latha cha robh ann ach aon phàist nach do chleachd susbaint bheò. Gu dearbh airson gach pàist eile bha susbaint bheò a' dèanamh suas 30% dhen t-susbaint gu lèir aig a' char a b' ìsle agus 90% aig a' char a b' àirde (leis a' mhòr-chuid thairis air 60% dhen t-susbaint gu lèir aca air a coimhead beò) [faic Graf 5]. Mar sin, chan eil susbaint bheò marbh.

Leis cho bitheanta 's a bha cleachdadh susbaint bheò, tha seo a' cur BBC ALBA ann an staing, oir chan eil cothrom ann susbaint chloinne Ghàidhlig bheò a choimhead ach airson mu 2 uair a thìde gach latha. Bha Graf 6 a' sealltainn cuin a bha susbaint bheò air a choimhead agus airson a' mhòr-chuid bha barrachd susbaint bheò air a coimhead an dà chuid anns a' mhadainn no taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA na bha aig amannan a bhiodh BBC ALBA a' craoladh phrògraman cloinne. Airson a h-uile pàist a chleachd susbaint na maidne, cha robh ach aonan (C) nach do chleachd susbaint bheò sam bith sa mhadainn. Airson an fheadhainn eile, bha susbaint bheò a' dèanamh suas a' mhòr mhòr-chuid den t-susbaint a chaidh a choimhead sa mhadainn, ach airson B, nach do chleachd ach leth dhen t-susbaint beò.

Nochd fianais bho na h-agallamhan gun robh iarrtas ann airson susbaint Ghàidhlig anns a' mhadainn. Fiù 's am measg phàrantan nach robh a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig airson an cuid cloinne, bha iad den bheachd nan robh susbaint Ghàidhlig bheò ri faotainn sa mhadainn gun cleachdadh iad i. Bha dìth susbaint Ghàidhlig aig amannan freagarrach na

adhbhar dragh agus briseadh-dùil do phàrantan. Nan robh roghainn aca susbaint Ghàidhlig bheò a chur air anns a' mhadainn, bho shealladh inbhe cànan, bhiodh seo ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig agus ga cur air an aon stèidh ris a' Bheurla.

Bha cnap mòr den t-susbaint gu lèir air an do choimhead a' chlann air a chleachdadh sa mhadainn agus a' mhòr-chuid dhen t-susbaint sin na susbaint bheò. Mar sin tha cnap ùine an sin far am biodh e ciallach susbaint Ghàidhlig bheò a thabhann. Thathar a' moladh do BhBC ALBA dòigh a lorg gus susbaint chloinne anns a' Ghàidhlig a chraoladh air BBC ALBA anns a' mhadainn. Nan dèanta sin, bhiodh solarachadh susbaint a' tighinn na b' fhaisge air 'iomlanachd institiuideach' (Moring 2007) airson 2 uair a thide co-dhiù oir le susbaint bheò Ghàidhlig ri faotainn sa mhadainn bhiodh seòrsa de cho-ionannachd ann le cothroman susbaint Bheurla.

Chan e a-mhàin gun robh iarrtas ann airson susbaint bheò sa mhadainn ach nochd e bhon rannsachadh gum b' fheàrr le pàrantan nam biodh BBC ALBA ri fhaotainn rud beag na bu thràithe air an fheasgar. B' e an gearan a bh' aca nach robh an roghainn aca susbaint bheò sa Ghàidhlig a chur air nuair a thigeadh a' chlann dhachaigh bhon sgoil-àraich. Nuair a thigeadh e gu àm tòiseachaidh BBC ALBA, bhiodh iad uaireannan a' diochuimhneachadh gus an t-sianail atharrachadh no bhiodh am pàist mar-tha an sàs ann an susbaint Bheurla. Nan robh BBC ALBA ri fhaotainn na bu thràithe air an fheasgar, bhiodh cothrom ann BhBC ALBA a stèidheachadh mar chiad roghainn agus a' chlann a ghlacadh sa bhad gun uallach air pàrantan cuimhneachadh no atharrachadh a dhèanamh air sianailean.

#### **7.4.3 A' cleachdadh dòigh-choimhid eadar-dhealaichte**

Mar a bha an suidheachadh aig àm an rannsachaidh, airson phàrantan a bha a' cleachdadh susbaint bheò airson an cuid cloinne aig amannan taobh a-muigh uairean-cloinne BBC

ALBA, nan robh iad airson agus gun cleachdadh am pàist susbaint Ghàidhlig bhiodh aca ris an dòigh-choimhid aca atharrachadh. Mar eisimpleir, seo na rinn Pàrant C agus iad a' cleachdadh susbaint 'seirbheis a-rithist' anns a' mhadainn airson cothrom a chruthachadh gus susbaint Ghàidhlig a coimhead ged a bhiodh e na bu dorra 'seirbheis a-rithist' a chleachdadh na susbaint bheò. Thuir Pàrant B cuideachd gun robh iad a' dèanamh seo air uairean. Mar sin, b' e pàrant dileas a dh'fheumadh a bhith ann nan robh iad gu bhith a' cleachdadh dòigh-choimhid eadar-dhealaichte nan àbhaist dhaibh airson chothroman susbaint Ghàidhlig a coimhead. Tha an rannsachadh seo a' sealltainn nach robh pàrantan sa chumantas a' cleachdadh aon dòigh-choimhid an àite na dòigh-choimhid àbhaistich aca gus cothroman susbaint Ghàidhlig a chleachdadh; 'Instead of going out of their way to find substitutive media in their own language, bilingual speakers are drawn into the mainstream media in the majority language' (Moring 2007: 23).

#### **7.4.4 Gainnead 'iomlanachd institiuideach'**

Leis nach robh 100% dhen t-susbaint a chaidh a chleachdadh leis a' chloinn anns an rannsachadh na susbaint-le-cothrom-Ghàidhlig, cha robh suidheachadh susbaint na Gàidhlig aig ìre 'iomlanachd institiuideach' (Moring agus Husband 2007); cha robh faotainneachd susbaint Ghàidhlig coileanta gu leòr an taca ri susbaint Bheurla. Bha seo a' toirt buaidh air an ìre de 'iomlanachd ghnìomhach': 's e sin cleachdadh susbaint Ghàidhlig ann an da-rìribh. Ged a bha eisimpleirean air nochdadh gum biodh 'leiteachas teann'<sup>91</sup> ann airson Gàidhlig, far am biodh pàrantan airson susbaint bheò Ghàidhlig a thaghadh an àite susbaint Bheurla, cha b' urrainnear an 'leiteachas teann' a chur an gnìomh ri linn dìth chothroman. Thathar air an suidheachadh a leanas fhaicinn:

...people that have access to an incomplete set of media outlets in their own (minority) language would not only be tempted (by market mechanisms) but

---

<sup>91</sup> Faic earrann 4.10 airson iomradh air 'iomlanachd institiuideach', 'iomlanachd ghnìomhach' agus 'leiteachas teann'

actually forced to turn to media in the majority language to compensate missing parts. (Moring 2007: 23)

A rèir Moring (2013), bu chòir solarachadh mion-chànanan a bhith ag amas air ‘similar platforms to a standard that, to the extent possible, matches the supply in the majority language’ (Moring 2013: 49). Cha robh na h-aon chothroman ann gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh an taca ri susbaint Bheurla ach cha robh sin na iongnadh nuair a smaoinear, ann an co-theacsa susbaint bheò co-dhiù, gu bheil BBC ALBA na sianail a tha a’ feuchainn ri coimhearsnachd mhòr de dhiofar dhaoine aig diofar aoisean le diofar ùidhean a riarachadh. Chan eil BBC ALBA a’ craoladh susbaint chloinne ach airson mu 2 uair a thide gach latha agus a’ feuchainn ri farpais an aghaidh a’ chànan as motha san t-saoghal agus iomadh sianail a bhios a’ craoladh susbaint chloinne fad an latha. Mar sin, chan eil e practaigeach smaointinn gum b’ urrainn do BhBC ALBA ‘iomlanachd institiuideach’ a ruighinn. Ach chan eil sin ri ràdh nach b’ urrainnear leasachaidhean a bhith air an dèanamh air solarachadh susbaint Ghàidhlig gus a bhith dèanamh cinnteach gu bheil solarachadh cho coileanta ’s a ghabhas ann. Tha toraidhean an rannsachaidh seo air moladh a thoirt seachad air feadhainn de na h-àiteachan far am b’ urrainn do luchd-poileasaidh susbaint Ghàidhlig ath-choimhead airson chothroman-coimhid susbaint Ghàidhlig a leudachadh agus a leasachadh, agus ri linn, dh’fhaoidte gun tigeadh barrachd cleachdaidh.

Bhon t-sealladh gur e cleachdadh cànan ann am beatha làitheil an gnothach as cudromaiche ann an glèidheadh cànan, tha am modal de Chomas, Cothrom agus Miann a’ cur an cèill gu bheil na trì eileamaidean a’ toirt buaidh air cleachdadh cànan (Grin *et al.* 2003): bu chòir poileasaidhean a stèidheachadh a bhios a’ cruthachadh nan trì eileamaidean seo. Mura h-eil cothroman ann cànan a chleachdadh — an seo cànan a

chleachdadh tro chleachdadh susbaint — tha seo a’ ciallachadh gum bi laigse ann an aon eileamaid dhen mhodal ‘Comas, Cothrom, Miann’ agus gum bu chòir dha neartachadh.

## **7.5 Sanasachd**

B’ e aon de na prìomh thoraidhean a nochd bhon rannsachadh gun robh cion-mothachaidh ann mu na cothroman a bha ann susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Bha aon phàrant ann aig nach robh fios gun robh susbaint Ghàidhlig do chloinn fiù ’s ri faotainn agus cuid eile nach robh cinnteach cuin a bha BBC ALBA a’ craoladh phrògraman cloinne. Dhan mhòrchuid, bha aineolas mu na prògraman a bha rim faotainn air BBC ALBA agus gun robh clàr-ama na sianail car riaslach am measg nam factaran a bha a’ toirt buaidh air cleachdadh susbaint.

Feumar faighneachd carson nach robh pàrantan na b’ fhiosraichte mu BhBC ALBA agus an t-susbaint a bha ri faotainn? B’ urrainnear meòrachadh gu bheil laigse air choreigin ann an ro-innleachd sanasachd BhBC ALBA. Ged is e sianail a tha ann do mhuinntir na h-Alba gu lèir, a thaobh susbaint chloinne, leis nach eil fo-thiotalan air an cleachdadh, b’ ann do chloinn le Gàidhlig a tha an t-susbaint sin a-mhàin. Mar sin, tha làn fhios aca cò an luchd-amais aca agus càit am faigheadh iad grèim orra leis gum biodh cuid mhòr dhiubh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. ’S dòcha gum biodh trioblaidean ann ceangailte ri bhith a’ sanasachadh tro sgoiltean ach shaoilear nam biodh goireas ann a dh’fhaodadh cuideachadh le Gàidhlig na cloinne, gun toireadh sin taic do roinn an fhoghlaim. Dh’fhaoidte gu bheil barrachd conaltraidh a dhith eadar MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean eile a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig pàrantan gu bheil an goireas susbaint Ghàidhlig ann.

Chaidh na meadhanan sòisealta a mholadh mar dhòigh eile sanasachadh a dhèanamh do phàrantan agus coltas ann nach robh seo a' tachairt ann an dòigh a bha soirbheachail. Chunnacas cuideachd gun robh susbaint bheò agus cunbhalachd<sup>92</sup> cudromach chan ann dìreach do phàrantan ach do chloinn cuideachd; bha iad airson a bhith fiosraichte mu cuin a bhiodh na prògraman aca a' tighinn air. Bha coltas ann gun robh iarratas ann airson clàr-ama far am biodh prògraman air aig an aon àm gach seachdain no gach latha. 'S dòcha gu bheil BBC ALBA feumach air 'brand', no ainm sònraichte a dhealbhadh dhaibh fhèin, airson na susbaint chloinne aca agus ro-innleachd shònraichte a tha ag amas air cloinn agus pàrantan a stèidheachadh airson an cumail cho fiosraichte 's a ghabhas mu na tha ri fhaotainn air an t-sianail.

## 7.6 Furastachd

A rèir teòiridh cleachdaidh agus dhuaisean, bidh daoine a' cleachdadh nam meadhanan gus na feumalachdan aca a solarachadh (Katz, Blumer agus Gurevitch 1974), agus an cuid fheumalachdan ceangailte ri feartan pearsa an neach-coimhid (Rosengren 1974). Anns an rannsachadh seo chunnacas gun robh diofar fheumalachdan aig pàrantan a thaobh susbaint a bha iad a' taghadh airson an cuid chloinne. B' ann a bhith a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne aon de na prìomh adhbharan-cleachdaidh a bha aig pàrantan; bha iad feumach air rudeigin a chumadh aire an cuid chloinne fada gu leòr gus am faigheadh iadsan fois gus rudan eile a dhèanamh. Bha an toradh seo ag aontachadh ri rannsachadh eile (Rideout agus Hamel 2006).

Bha furastachd cleachdaidh gu math cudromach do phàrantan a bha a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne oir bha iad a' sireadh rudeigin a bha luath agus furasta ri chur air. Chunnacas gun robh susbaint bheò furasta a chleachdadh ach nach robh susbaint bheò sa

---

<sup>92</sup> **cunbhalachd**: routine



Ghàidhlig ri faotainn fad an latha. Mar sin, taobh a-muigh uairean-cloinne BBC ALBA, nan robh pàrantan airson susbaint Ghàidhlig a chleachdadh dh'fheumadh iad DVD, clàradh no 'seirbheis a-rithist' a cleachdadh. Nochd e gun robh trioblaidean an lùib a bhith a' cleachdadh chlàraidhean agus 'seirbheis a-rithist' a thaobh furastachd oir bhiodh aig pàrantan fhèin ris an uidheamachd obrachadh agus an t-susbaint a chur air dòigh. Bha coltas ann nach robh dòigh ann gnothaichean a chur air dòigh gus grunn phrògraman a ruith còmhla aon às dèidh a chèile; bhiodh aig pàrantan ri tilleadh às dèidh gach prògram (a bha mu 5-10 mionaidean a dh'fhaid) agus an ath phrògram a chur air. Bha seo na bhacadh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus pàrantan tric a' taghadh susbaint Bheurla bheò oir bha sin fada na b' fhasa dhaibh nan robh iad a' cleachdadh susbaint mar chùram-cloinne. Mar sin, thathar a' moladh do muinntir BBC ALBA sgrùdadh a dhèanamh air an eadar-aghaidh<sup>93</sup> a tha air a chleachdadh ma tha daoine airson 'seirbheis a-rithist' no clàraidhean a cleachdadh gus am b' urrainn do phàrantan cnap-coimhid fada de shusbaint Ghàidhlig a chur air gun trioblaid.

## 7.7 Susbaint oideachail

Am measg nan adhbharan-cleachdaidh eile a bha aig pàrantan, bha iad a' cur luach ann an susbaint oideachail. Chan e a-mhàin gun robh iad a' sireadh susbaint bhon a bhiodh clann ag ionnsachadh ach bha iad den bheachd gun robh an t-susbaint oideachail a bha a' chlann a' coimhead gu math tarraingeach agus a' còrdadh riutha. Cuideachd, bha a bhith a' cleachdadh susbaint oideachail, ann an dòigh, a' lughdachadh aithreachas sam bith a bhiodh aig pàrantan mu chleachdadh susbaint.

A bharrachd air susbaint oideachail a bhith na adhbhar-cleachdaidh do phàrantan, bha faotainneachd susbaint oideachail cuideachd cudromach do dh'amasan poileasaidh agus

---

<sup>93</sup> **eadar-aghaidh**: interface

planadh san fharsaingeachd leis a' cheangal aige le leasachadh cànan. Anns an lèirmheas-litreachais, chaidh cuideam a chur air susbaint oideachail mar shusbaint a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air leasachadh cànan gu sònraichte. Bha fianais air nochdadh gun robh buaidhean leasachadh cànan crochte air diofar rudan, a leithid cho freagarrach 's a bha susbaint airson aois na cloinne agus inbheachd nam prògraman fhèin (Close 2004). A rèir coltais bha prògraman a bha a' dol aig astaran iomchaidh, le structairean aithriseach simplidh, agus a bha stèidhichte air mar a dh'ionnsaichear cànan anns an t-saoghal da-rìribh, a' brosnachadh leasachadh cànan (Linebarger agus Walker 2005). Bha aonta ann nach robh cartùnan coimearsalta a' brosnachadh leasachadh cànan oir cha robh iad oideachail gu leòr (Close 2004) agus ma bhios iad a' dol aig astar luath bha coltas ann gun robh seo a' toirt droch bhuaidh air aire chloinne (Lillard agus Peterson 2011). Cuideachd, chan eil daoine an da-rìribh a' nochdadh ann an cartùnan agus mar sin cha bhiodh ionnsachadh bhuapa coltach ri ionnsachadh anns an t-saoghal dha-rìribh. Mar sin, nan robh buaidhean leasachadh cànan gu bhith aig susbaint BhBC ALBA, dh'fheumadh cuid de na feartan sònraichte a chaidh ainmeachadh a thaobh susbaint oideachail a bhith an sàs ann an susbaint.

Bho na toraidhean, chunnacas gun robh cuid de phàrantan ann a bha a' smaointinn gun robh cuid de na prògraman cloinne a bha rim faotainn air BBC ALBA oideachail agus gum b' urrainn dhan chloinn ionnsachadh bhuapa. Ach cuideachd bha am beachd ann gun robh barrachd phrògraman oideachail a dhìth agus gun robh tuilleadh 's a chòir cartùnan air an t-sianail (air seachdain nan leabhraichean-latha bha susbaint chartùn a' dèanamh suas a' mhòr-chuid den t-susbaint air BBC ALBA). A bharrachd air sin, bha pàrantan a' faicinn gainnead ann am prògraman a bha freagarrach airson clann aig aois fo-sgoile. Mar sin, a rèir choltas, cha robh mòran phrògraman oideachail rim faotainn air BBC ALBA leis na feartan sònraichte a bha an litreachas a' soilleireachadh mar rudan cudromach airson

buaidhean leasachadh cànanain adhbhrachadh. Tha am beachd seo stèidhichte air an uimhir de chartùnan a bha air BBC ALBA agus beachdan nam pàrant air oideachas nam prògraman. Bhiodh barrachd rannsachaidh air na prògraman fhèin cuideachail gus barrachd fhaighinn a-mach mu cho oideachail 's a bha na prògraman ann an da-rìribh.

Dh'fhaoidte gun robh dìth susbaint oideachail air BBC ALBA ri linn agus nach robh dleastanas sònraichte air BBC ALBA prògraman cloinne oideachail a chraoladh. Ged a tha dleastanas air BBC ALBA, fo bhratach a' BhBC, a bhith a' tabhainn susbaint a tha oideachail anns an fharsaingeachd, chan eil dleastanas sònraichte no comharraichte air BBC ALBA susbaint oideachail a' cruthachadh no a' craoladh airson clann, ged a tha iad air ath-chraoladh a dhèanamh air susbaint oideachail, le ceanglaichean ri clàr-teagaisg na sgoile, a chaidh a chraoladh roimhe (Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig 2009). Mar sin, chan eil e na iongnadh nach robh barrachd susbaint oideachail ri faotainn, agus BBC ALBA, a rèir coltais, air roghainn a dhèanamh susbaint fhèisteach, àbhachdach a chraoladh seach fòcas a chumail air prògraman oideachail.

Thathar a' moladh do BhBC ALBA sùil a thoirt air an t-seòrsa susbaint a tha iad a' craoladh agus ro-innleachd ùr a stèidheachadh a bhios ag amas air barrachd phrògraman oideachail a chruthachadh agus a chraoladh, gu h-àraidh prògraman a tha 'interactional' nan gnè a bhios a' brosnachadh leasachadh cànanain. Aig ìre bhunasaich bha susbaint oideachail tarraingeach do phàrantan agus do chloinn agus mar sin airson soirbheachas BBC ALBA, bhiodh e ciallach barrachd susbaint oideachail a chraoladh.

Ged a tha amharasan ann mu cheanglaichean eadar susbaint oideachail agus leasachadh cànanain, tha an rannsachadh air sealltainn, ma bhios buaidhean ann idir, gu bheil iad sin nas

dualtaiche tachairt le susbaint oideachail.<sup>94</sup> Mar sin, tha seans ann gum faodadh susbaint oideachail buaidh a thoirt air amasan planadh agus poileasaidh cànan a thaobh togail cànan. Dh'fhaodadh susbaint oideachail a bhith na goireas feumail, gu h-àraidh ann an co-theacsa na h-Alba far a bheil clann a tha ag ionnsachadh Gàidhlig air àrachadh ann an dachaighean gun Ghàidhlig agus iad feumach air a h-uile taic. Ach a-rithist, b' e prìomh amas BBC ALBA 'raon farsaing de dheagh phrògraman' a thabhann do dhaoine ann an Alba, seach amasan planadh cànan a choileanadh. Tha seo a' togail na ceiste am bu chòir dhuinn dleastanas sònraichte a chur air BBC ALBA gnothach a ghabhail ri glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig? Tha cnap mòr airgid bho 'phoit airgid na Gàidhlig' air a chosg air craoladh an taca ri gnothaichean Gàidhlig eile. Mar sin nach bu chòir poileasaidhean craolaidh Gàidhlig a bhith a' toirt fa-near mar a dh'fhaodadh iad a' Ghàidhlig 'a chuideachadh' agus roghainnean a dhèanamh stèidhichte air an sin? Aig deireadh an latha cha bhiodh sianail Ghàidhlig ann gun Ghàidhlig. Mar a chuir O'Connell (2007) e:

Looking to viewers for opinions concerning broadcasting policy decisions is appropriate if the main goal of the station is entertainment. If, however, the potential importance of minority language audiovisual media as a high prestige domain was recognised and harnessed to also serve as a component in a broader minority language planning project, television channels would also seek and take seriously the views of researchers in relevant areas. (O'Connell 2007: 224)

Dh'fhaoidte gur e pàirt dhen trioblaid nach eil sinn buileach cinnteach ciamar a tha na meadhanan a' toirt buaidh air a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig. Ri linn sin, ciamar a dh'fhaodadh poileasaidhean craolaidh a bhith air an stèidheachadh gus glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Mar sin, tha barrachd rannsachaidh anns an raon seo a dhìth gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dòighean anns am faodadh susbaint Ghàidhlig a bhith cuideachail do ghlèidheadh agus ath-bheòthachadh a' chànan.

---

<sup>94</sup> Faic Earrann 4.3

Thathar an dòchas gun seas an tràchdas seo mar toiseach tòiseachaidh air barrachd eòlais a chur ris an raon-rannsachaidh.

## 7.8 Fèisteas

Bha pàrantan a' lorg susbaint fhèisteach airson an cuid cloinne agus bha iad a' lorg rudeigin a chumadh aire an cuid cloinne air susbaint a bha a' còrdadh riutha. Bha susbaint dhen leithid cudromach airson a bhith a' freagairt air feumalachdan nam pàrantan a bha a' sireadh 'cùram-chloinne' agus feumalachdan cloinne a bhiodh sàsaichte a bhith a' coimhead prògram a bha a' còrdadh riutha (Broekman *et al.* 2016). A thaobh susbaint Ghàidhlig, am measg an fheadhainn a bha ga cleachdadh bha coltas ann gun robh an t-susbaint a' còrdadh ris a' chloinn. Bha 'brandaichean' Beurla math airson daoine a thàladh do BhBC ALBA agus fios aig pàrantan gun robh a leithid de phrògram a' còrdadh ris a' chloinn. Ach airson cuid eile nach robh a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig bha fasan a' toirt buaidh, oir cha robh Pàrant G agus H eòlach mun t-susbaint Ghàidhlig a bha ri faotainn agus iad a' taghadh susbaint Bheurla air an robh a' chlann eòlach agus fios aig pàrantan gun còrdadh i riutha. Dh'fhaoidte nan robh fasan air atharrachadh agus nan robh pàrantan a' feuchainn ri susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gum faigheadh iad a-mach an robh an t-susbaint a' còrdadh ris a' chloinn. Nan robh dòigh ann an toiseach sanasachadh a dhèanamh gus am biodh fios aig pàrantan gun robh susbaint Ghàidhlig ann agus an uair sin dòigh ann gam piobrachadh gus an cuid fhasan atharrachadh, gum biodh cleachdadh susbaint Ghàidhlig air adhbhrachadh. Airson cuid eile bha coltas ann gun robh dìth fèisteis bhon t-susbaint na adhbhar susbaint Ghàidhlig a sheachnadh; bha am beachd ann nach robh na prògraman a bha rim faotainn math agus nach robh na prògraman a' còrdadh ris a' chloinn.

Bhiodh susbaint Ghàidhlig a bhiodh a' còrdadh ri cloinn cudromach airson ceanglaichean a dhèanamh eadar a' Ghàidhlig agus spòrs. Chunnacas san litreachas an rannsachadh a rinn Smith-Christmas (2014, 2016, 2017) air poileasaidh cànan teaghlaich ann an Alba ann an co-theacsa na Gàidhlig agus thog ise gun robh Gàidhlig air a cleachdadh anns na teaghlaichean ann an dòigh 'vertical' agus gun robh an cànan ceangailte ri 'authority'.<sup>95</sup> Anns an rannsachadh seo nochd na h-aon seòrsa eisimpleirean. Chunnacas gun robh pàrant E riarichte gu leòr le suidheachadh Gàidhlig a' phàist nan robh a' phàist a' freagairt sa Ghàidhlig nuair a bha còmhraidh ann eatorra. Mar sin, bha seo a' cur seachad gur e a tha ann an Gàidhlig ach cànan a bhios tu a' bruidhinn ri pàrantan. Ann an co-theacsa cleachdadh susbaint bha coltas ann gun robh ceangal aig cleachdadh susbaint Ghàidhlig ri 'ùghdarras' agus eisimpleirean a' nochdadh am measg phàrantan gun robh iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig mar dhòigh air seòrsa de bharganachadh<sup>96</sup> a dhèanamh leis a' chloinn. Bha pàrantan a' toirt roghainn don chloinn nan robh iad airson susbaint idir a choimhead gum feumadh e bhith sa Ghàidhlig. Ann an dòigh bha seo a' cur an cèill gur dòcha nach robh susbaint Ghàidhlig air measadh cho math 's a bha susbaint Bheurla agus gur e seòrsa de 'consolation prize' a bha ann. Ach a bharrachd air sin bha ceangal air a dhèanamh a-rithist eadar Gàidhlig agus smachd. Bha Gàidhlig air a cleachdadh co-cheangailte ri smachd, nan robh clann a' dol a dh'fhaighinn cead rudeigin a dhèanamh bha a' Ghàidhlig mar phàirt de chumhaichean<sup>97</sup> a' chùmhnannt.

Ged nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh i, am measg an fheadhainn a chleachd i bha fianais ann gun robh cuid den t-susbaint sa chumantas a' còrdadh ris a' chloinn. Chunnacas san litreachas cho cudromach 's a bha e gum biodh an cànan air a chleachdadh ann an suidheachaidhean spòrsail agus seo a' cur ri miann na

---

<sup>95</sup> Faic Earrann 3.9

<sup>96</sup> **barganachadh**: bargaining

<sup>97</sup> **cumhaichean**: conditions

cloinne an cànan a chleachdadh. Bha coltas ann gun robh leasachaidhean cànan na bu dhualtaiche tachairt nan robh cleachdadh a' chànain ceangailte ri gnothaichean spòrsail (Ruby 2012, Chevalier 2012, Kopeliovich 2013). Mar sin, bha e tlachdmhor gun robh susbaint Ghàidhlig a' còrdadh ris a' chloinn a bha ga cleachdadh. Ach aig a' cheart àm bha pàrantan cuideachd ag aithneachadh gun robh laigsean ann a thaobh an raoin de phrògraman a bha ri fhaotainn agus cuideachd bha iad a' sùileachadh prògraman ùra a bha freagarrach. Bha laigsean ann an cothroman susbaint Ghàidhlig a chleachdadh cuideachd a' toirt buaidh air cho spòrsail 's a dh'fhaodadh cleachdadh susbaint a bhith. Bha eisimpleirean anns an rannsachadh de DVDan no susbaint shònraichte air an cleachdadh air an deireadh-seachdain, mar eisimpleir clann a' suidhe sìos còmhla ri pàrantan air oidhche Haoine agus a' coimhead fiolm. Bha coltas ann nach robh an uimhir de DVDan anns a' Ghàidhlig agus cha robh susbaint ann a bha fada gu leòr airson a bhith ag obrachadh mar 'treat' air oidhche Haoine. Bhiodh buaidh aige seo air inbhe cànan leis nach robh àite aig a' Ghàidhlig anns na gnothaichean fìor spòrsail seo.

### **7.8.1 Caraidean agus cuspairean cluiche**

Sheall an lèirmheas-litreachais gur dòcha gum biodh prògraman telebhisean a' brosnachadh cluich am measg cloinne anns an dòigh anns am biodh iad a' toirt chuspairean-cluiche do chloinn.<sup>98</sup> Co-cheangailte ri sin, nam biodh clann a' coimhead nan aon prògraman telebhisean rin caraidean bhiodh eòlas air na prògraman a' ciallachadh gum biodh cothrom aig cloinn gnothach a ghabhail anns a' chòmhradh mu na prògraman agus an cluiche ceangailte ris na prògraman agus ri linn bhiodh sin a' toirt inbhe dhan phàist am measg an cuid caraidean. Anns an rannsachadh seo dh'innis na pàrantan gun robh a' chlann a' tarraing air prògraman telebhisean airson chuspairean cluiche agus gun robh clann airson a bhith a' bruidhinn rin caraidean mu dheidhinn na chunnaic iad air an

---

<sup>98</sup> Faic Earrann 4.4

telebhisean. Ach b' ann bho shusbaint Bheurla a bha iad a' faighinn an cuid chuspairean-cluiche agus bha Beurla bitheanta mar chànan-cluiche. Nochd eisimpleirean bho Phàrantan E agus C (d.204) gum b' e cultar mòr-chòrdte bho shusbaint Bheurla a bha a' toirt cliù dhan cuid cloinne am measg charaidean agus cothrom pàirt a ghabhail anns an t-sòisealachadh am measg an co-aisean. B' e an t-susbaint Bheurla a bha fèisteach agus a rèir choltais cha robh an t-susbaint Ghàidhlig ag adhbhrachadh nan aon bhuidhean a thaobh chuspairean-cluiche no cuspairean còmhraidh am measg charaidean.

Dh'fhaighnicheadh carson a bha eòlas air susbaint Bheurla a' toirt cliù dhan chloinn agus nach robh susbaint Ghàidhlig ag adhbhrachadh an aon chliù? An toiseach, bhon rannsachadh seo thathar air fhaicinn nach robh cleachdadh susbaint Ghàidhlig idir cho bitheanta 's a bha cleachdadh susbaint Bheurla agus 's dòcha gun robh sin fìor am measg cloinne eile taobh a-muigh an rannsachaidh. Leis cho bitheanta 's a bha susbaint Bheurla b' e sin a' phrìomh shusbaint ann am beatha na cloinne agus ri linn chan eil e na iongnadh gum b' e susbaint Bheurla a bhiodh mar bu trice a' nochdadh am measg còmhraidh agus cluiche. Ach cha b' e dìreach gum biodh eòlas air susbaint Bheurla a' toirt cliù do chloinn am measg an co-aisean ach cuideachd bha eòlas air susbaint Bheurla agus an cultar mòr-chòrdte cudromach airson agus gum biodh a' chlann a' gabhail pàirt anns a' mhòr-chultar san fharsaingeachd. B' e Beurla cànan a' mhòr-chultair agus a' chultair mhòr-còrdte agus mar sin bha eòlas air sin cudromach oir bha a' chlann 'beò san latha an-diugh' (Pàrant E). A-rithist bha seo a' riochdachadh a' 'chalpa chànanaich' a bha aig a' Bheurla.

Chunnacas anns an litreachas gun deach an ceangal a bha Fishman a' dèanamh eadar cànan agus fèin-aithne 's cultar a chur an amharas oir anns an latha an-diugh far a bheil clann air an àrachadh ann an suidheachaidhean dà-chànanach tha iad airson a bhith mar phàirt de dh'iomadh cultar agus iomadh fèin-aithne; dh'fhaoidte gu bheil iad airson a bhith 'Xian'



agus ‘Yian’ (Dunmore 2016).<sup>99</sup> Anns an rannsachadh seo chunnacas gun robh clann le Gàidhlig agus le Beurla mar phàirt de dhà shaoghal agus dà chultar. Tha àite mòr aig na meadhanan ann a bhith a’ cruthachadh cultar mòr-chòrdte agus chan eil seo air a bhith cho fìor ’s a tha e san latha an-diugh le cumhachd agus bitheantas nam meadhanan a’ sìor-fhàs. Bha àite aig susbaint Bheurla ann a bhith a’ neartachadh mòr-chultar na Beurla. Ged a tha susbaint Ghàidhlig ann agus sinn air cnuasachadh air susbaint Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh ‘dhìolaidh’, ann an saoghal far a bheil clann airson a bhith mar phàirt de dh’iomadh chultar, agus gu h-àraidh airson a bhith mar phàirt den chultar as mòr-chòrdte, bhiodh e doirbh susbaint Bheurla a sheachnadh.

Tha staid lag na Gàidhlig cuideachd a’ cur ri cudromachd eòlas a’ mhòr-chultair oir fiù ’s ann an coimhearsnachdan traidiseanta mar Bharraigh chunnacas bhon chunntas-sluaigh gum biodh, aig a char a b’ fheàrr, a’ Ghàidhlig aig dìreach 50% dhen cho-aisean aig aois 3-4. Mar sin, airson a bhith a’ sòisealachadh leis an 50% bhiodh eòlas air a’ chultar mhòr-chòrdte cudromach agus ann an Glaschu bhiodh e buileach na bu chudromaiche. Tha an litreachas air innse dhuinn gu bheil ròl buadh-mhor aig caraidean ann an sòisealachadh cànan cloinne agus cho ‘poisonous’ (Caldas 2012) ’s a dh’fhaodadh cainnt buidhne nan co-aisean a bhith gu poileasaidh cànan theaghlaichean. Tha an rannsachadh seo air sealltainn gu bheil susbaint Bheurla a’ riochdachadh a’ chultair a bu mhòr-chòrdte agus b’ e sin an cultar a bha cudromach ann an suidheachaidhean sòisealta am measg cloinne. Ri linn, ann an suidheachaidhean a tha cho cudromach do phoileasaidh cànan, sòisealachadh am measg co-aisean, b’ e cultar na Beurla, cultar Yian, a bha cudromach agus bhiodh a’ Ghàidhlig air an iomall anns na suidheachaidhean sin agus i gu buileach air a lagachadh.

---

<sup>99</sup> Faic Earrann 3.4

Chan e a-mhàin gun robh eòlas air susbaint cudromach airson a bhith a’ gabhail pàirt ann an còmhradh le an co-aoisean, ach cuideachd bha susbaint a’ toirt buaidh air cuspairean cluiche na cloinne. Bhon litreachas chunnacas gun robh ròl luachmhor aig cluich ann an sòisealachadh cloinne agus cuideachd tha cluich math airson sgilean cànanain agus aithriseach a bhrosnachadh.<sup>100</sup> Anns an rannsachadh seo am measg nan teaghlaichean ‘le Gàidhlig’ a bha a’ cleachdadh Gàidhlig a-staigh, dh’aidich na pàrantan gun robh a’ chlann a’ cleachdadh an dà chuid Gàidhlig agus Beurla nuair a bha iad a’ dèanamh ‘cluich mas fhior’ a-staigh. B’ e toradh inntinneach a bha seo oir anns an fharsaingeachd b’ ann ainneamh a bhiodh Beurla air a cleachdadh a-staigh anns na dachaighean sin oir bha poileasaidhean làidir aca a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Mar sin, b’ urrainnear cnuasachadh leis gum biodh beachdan cuspairean cluiche tric a’ tighinn bho shusbaint, an robh Beurla air a cleachdadh ann an cluich ‘mas fhior’ ri linn agus gun robh a’ chuid a bu mhotha dhen t-susbaint a chaidh a choimhead ann am Beurla. B’ e beachd a tha seo a bhiodh airidh air tuilleadh rannsachaidh airson faighinn a-mach ciamar a bhios clann a’ dèanamh roghainnean cànanain nan cluiche.

Chaidh iomradh a thoirt air rannsachadh Orellana (1994a, 1994b) anns an lèirmheas-litreachais<sup>101</sup> agus an rannsaiche den bheachd gun robh an cultar mòr-chòrdte na fhactar ann an gluasad cànanain bho Spàinntis gu Beurla. Bha an rannsachadh a’ togail cheistean a thaobh buaidh ‘superheroes’ air cànan cluiche agus i a’ beachdachadh gur dòcha gun robh Beurla air a cleachdadh nuair a bha clann a’ cluich mas fhior gur e ‘superheroes’ a bh’ annta air sgàth agus gur e sin an cànan a bha aig na superheroes. Ach bha i cuideachd den bheachd gur e sealladh ro shimplidh a bha sin agus gun robh rudeigin na bu dhoimhne a’ tachairt agus gum b’ e cumhachd cànanain san fharsaingeachd a bha a’ toirt buaidh air cleachdadh cànanain ann an cluiche. Anns an rannsachadh seo nochd aon eisimpleir gu math

---

<sup>100</sup> Faic Earrann 4.4

<sup>101</sup> Faic Earrann 4.4

inntinneach a tha a' buntainn ris a' chuspair seo. Bha Pàist E a' coimhead 'Thomas the Tank Engine' an dà chuid anns a' Bheurla agus anns a' Ghàidhlig ach nuair a bhiodh am pàist a' cluich le trèanaichean b' e Beurla an cànan a bhiodh iad a' cleachdadh agus iad a' cleachdadh briathrachas a thog iad bhon phrògram Bheurla, 'Thomas went chuffing happily along'. B' e pàist a bha seo a bhiodh a' cleachdadh Gàidhlig a-staigh mar bu trice agus le comasan Gàidhlig aig àrd ìre ach b' ann air a' phrògram Bheurla a bha iad a' tarraing airson cànan cluiche. A' dol air ais dhan rannsachadh aig Orellana (1994a: 188), bha i ceart a ràdh gun robh e ro shimplidh a bhith a' smaointinn gum biodh clann a' cleachdadh cànan air sgàth agus gur e sin an cànan a bha aig na 'superheroes'. Anns an eisimpleir seo bha Gàidhlig agus Beurla aig 'Thomas' ach b' e Beurla a thaghadh am pàist fhad 's a bha iad a' cluich a' charactair sin. Mar sin, fiù 's nuair a bhathar a' feuchainn ri an cultar mòr-còrdte a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, fhathast bha smachd aig a' Bheurla ann an cluiche.

Ach chan eil sin ri ràdh nach robh e cudromach gum biodh susbaint a bha soirbheachail sa Bheurla ri faotainn sa Ghàidhlig. Anns an rannsachadh aig Orellana (1994a) chunnacas nach robh clann airson Spàinntis a bhruidhinn air sgàth agus nach robh Spàinntis aig Batman no Superman no Peter Pan. Tha buaidhean a dh'fhaodadh caractaran mar seo a thoirt air inbhe cànan glè chudromach do na h-ideòlasan cànan a bhios clann a' cruthachadh. Mar sin, ged nach robh 'Tòmas' sa Ghàidhlig a' ciallachadh gun robh Pàist E a' bruidhinn Gàidhlig fhad 's a bha e a' cluich le trèanaichean, dh'fhaoidte gum biodh e comasach a ràdh gum biodh e fhathast buadhmhor bho shealladh inbhe cànan gun robh am pàist a' faicinn gun robh a' Ghàidhlig cuideachd aig Thomas.

## **7.9 Susbaint ‘shònraichte’**

Chunnacas gun robh uallach air a’ BhBC, mar Chraoladair Seirbheis Phoblach fo dhleastanasan Ofcom agus amasan a’ BhBC fhèin, a bhith a’ craoladh susbaint a bha ùr, sònraichte agus le ìre-mhathais àrd agus cuideachd susbaint a bha a’ riochdachadh fèin-aithne cultarail na Rìoghachd Aonaichte. Bho na toraidhean, b’ urrainnear co-dhùnadh a dhèanamh nach robh an t-sianail BBC ALBA fhèin buileach a’ coileanadh nan amasan farsaing sin a thaobh susbaint chloinne co-dhiù. Chunnacas am measg nam pàrant gun robh iarrtas ann airson susbaint Ghàidhlig a bha ùr, sònraichte agus diofraichte bho shusbaint a bha ri faotainn sa Bheurla. Bha pàrantan a bha a’ cleachdadh BhBC ALBA den bheachd gun robh laigse ann a thaobh seo agus cuideachd bha pàrantan nach robh a’ cleachdadh BBC ALBA den bheachd gun biodh BBC ALBA na bu tharrangaiche nam biodh a leithid de shusbaint shònraichte ri fhaotainn. An-dràsta thathar gus mheasadh cho ùr agus sònraichte ’s a bha susbaint BhBC ALBA agus an ìre is a bha an t-susbaint a’ riochdachadh fèin-aithne cultarail na dùthcha.

### **7.9.1 Raon farsaing de phrògraman**

Am measg na tha an lùib susbaint ‘sònraichte’ thathar an dùil ri raon farsaing de phrògraman. Anns na toraidhean bha gearanan a’ nochdadh bho phàrantan gun robh cus chartùnan air an t-sianail. Cuideachd ann an seachdain nan leabhraichean-latha chunnacas gun robh 84% dhen t-susbaint a chaidh a shealltainn air BBC ALBA nan cartùnan. Faodar a ràdh nach b’ e ’s nach robh pàrantan ag iarraidh chartùnan sam bith; b’ e na bha iad ag iarraidh ach raon de roghainnean de shusbaint sa Ghàidhlig. B’ e eisimpleir de ‘institutional incompleteness’ (Moring 2007) a bha seo, oir cha robh roghainnean coileanta aig pàrantan a thaobh raon de phrògraman. Airson susbaint a choimhead nach robh nan cartùnan, bhiodh aig pàrantan ri susbaint Bheurla a thaghadh.

Bha an uimhir de chartùnan a bha air BBC ALBA a' toirt droch bhuaidh air cho farsaing 's a bha susbaint BBC ALBA, leis a' mhòr-chuid de phàrantan ag ràdh gun robh cus chartùnan air an t-sianail. Cha robh raon farsaing de dhiofar phrògraman ann ach cuideachd bha seo a' ciallachadh nach robh mòran 'live-action' ri fhaotainn. Chunnacas anns an litreachas gur e 'live action', gu sònraichte 'live-action' ficsean, na ghnè phrògraman a tha cudromach airson a bhith a' riochdachadh beatha agus cultar cloinne leis gu bheil daoine da-rìribh a' nochdadh air an sgrion, gu h-àraidh ma 's e susbaint 'live-action' a chaidh a chruthachadh anns an Rìoghachd Aonaichte (D'Arma agus Labio 2017). Mar sin, bu ghann an cothrom a bhiodh ann dhan chloinn daoine da-rìribh no clann da-rìribh fhaicinn air BBC ALBA. Tha susbaint anns a bheil clann a' faicinn dhaoine mar iad fhèin air an riochdachadh tarraingeach agus mar sin cha robh an t-susbaint tharraingeach sin ri faotainn sa Ghàidhlig.

Ged a bha BBC ALBA air susbaint CBeebies eile air eadar-theangachadh bho Bheurla gu Gàidhlig, b' e *Ceitidh Mòrag* na annas leis gur e dràma 'live-action' a bha ann agus an còrr nan cartùnan. Thogadh a' cheist, am biodh cothrom ann cruth Gàidhlig a chur air tuilleadh phrògraman 'live-action' bho CBeebies? Tha an dà shianail ag obair fo bhratach a' BhBC agus tha e coltach nach eil e na thrioblaid do BhBC ALBA cuid dhen t-susbaint cartùn a chaidh a dhèanamh airson CBeebies a chleachdadh air BBC ALBA. Bha iarrrtas ann airson barrachd 'live-action' air BBC ALBA agus seach a bhith a' cruthachadh phrògraman ùra bho thùs sa Ghàidhlig (rud a bhiodh cosgail) ma dh'fhaoidte gum b' e dòigh na bu shaoire a bhiodh ann 'live action' fhaighinn air BBC ALBA tro bhith a' faighinn susbaint 'live action' bho CBeebies, susbaint le ìre-mhathais àrd a rèir nam pàrantan. Is dòcha gu bheil seo a' dèanamh an t-suidheachaidh ro shimplidh, agus dh'fhaoidte gu bheil gnothaichean laghail ann ceangailte ri cùmhnantan agus dlighe-sgrìobhaidh a chuireadh bacadh air a leithid de dh'iomairt. Ach a thaobh prògram *Ceitidh Mòrag* chaidh aonta air choreigin a

rèiteachadh eadar CBeebies agus BBC ALBA agus mar sin, shaoileadh gum biodh cothrom ann tuilleadh co-obrachadh de leithid obrachadh a-mach.

Tha a bhith a' dèanamh guth-thairis air susbaint chartùn diofraichte bho a bhith ga dhèanamh air 'live-action' seach nach eil trioblaidean ann le a bhith a' feuchainn gum biodh bilean nan caractaran a' gluasad aig an aon àm 's a bhiodh am fuaim. Dh'fhaoidte gu bheil seo a' fàgail cartùnan nas tarraingiche airson guthan-thairis oir le 'live action' bhiodh e na b' fhollaisiche nach b' e na caractaran fhèin a bhiodh a' bruidhinn. Ach bhon rannsachadh seo, cha do thog pàrant sam bith gearan no fiù 's cha tug gin aca beachd air na guthan-thairis air *Ceitidh Mòrag*; bha an coltas ann nach robh e a' dèanamh diofar sam bith dhaibh. Dh'fhaoidte aig an aois a bhiodh a' chlann nach robh guthan-thairis a' cur dragh orra oir cha robh iad fiù 's mothachail gun robh e a' tachairt. Ach feumar a bhith mothachail gur e drama 'live-action' a bha ann an *Ceitidh Mòrag* le tòrr caractaran a' bruidhinn. Ma dh'fhaoidte nach biodh an guth-thairis cho soirbheachail nam b' e cuideigin sa phrògram a bhiodh a' bruidhinn aghaidh-ri-aghaidh, mar phreasantair, leis a' chamara. 'S dòcha gum biodh a' chlann na bu dhualtaiche mothachadh nach b' e am preasantair fhèin a bha a' bruidhinn agus gum biodh sin gan cur dheth.

### **7.9.2 A' riochdachadh dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig**

A bharrachd air susbaint 'live-action' a bhith tarraingeach, tha buaidhean nas fharsainge ann a thaobh cànan. Chan e a-mhàin nach robh daoine da-rìribh a' nochdadh tric ann an susbaint BBC ALBA agus ri linn cha robh an t-susbaint tharraingeach sin ri faotainn, ach a bharrachd air sin cha robh clann a' faicinn dhaoine dha-rìribh a' bruidhinn Gàidhlig. Sa chumantas nuair a chunnaic iad daoine air an telebhisean 's e Beurla a bha a' tighinn a-mach às am beul. Cha robh iad a' faicinn dhaoine mar iad fhèin, daoine a bhios a' bruidhinn Gàidhlig, air an telebhisean agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air mar a tha

iad gam faicinn fhèin. Tha buaidhean farsaing aig seo air sòisealachadh cànanain na cloinne. Anns an litreachas chaidh iomradh a thoirt air mar a tha clann ag ionnsachadh nach eil mòran cliù aig a' bhuidhinn aca anns a' cho-chomann nuair nach bi iad a' faicinn dhaoine 'mar iad fhèin' air an telebhisean (Huntemann agus Morgan 2001). Nam beatha thig a' chlann tarsainn air luchd-labhairt na Gàidhlig, can a-staigh no anns a' choimhearsnachd, ach ann an saoghal càilear cumhachdach telebhisein, sa chumantas, chan eil daoine a bhios a' bruidhinn Gàidhlig air an riochdachadh. Chunnacas eisimpleir san rannsachadh mu cho buadhmhor sa dh'fhaodadh susbaint a bhith air smuaintean cloinne nuair a chaidh iongnadh a chur air Pàist F gun robh Gàidhlig aig Ceitidh Mòrag (d.2006). Chan e a-mhàin gun robh inbhe na Gàidhlig air àrdachadh leis gun robh am pàist a' faicinn caractar a b' àbhaist a bhith a' bruidhinn Beurla a' bruidhinn Gàidhlig ach cuideachd dh'fhaoidte gun robh e dìreach na annas dhan phàist daoine fìor fhaicinn air an telebhisean a' cleachdadh na Gàidhlig. Le cothroman cho gann daoine fìor fhaicinn a' bruidhinn Gàidhlig air an telebhisean, tha seo a' daingneachadh ideòlasan cànanain làidir a' mhòr-shluaigh agus bidh clann air an sòisealachadh gu bhith a' tuigsinn nach eil 'calpa cànanach' (Bourdieu 1986) àrd aig a' Ghàidhlig.

### **7.9.3 Susbaint dhùthchail**

A' cumail ri buaidh na h-uimhir de chartùnan a bha air an craoladh air BBC ALBA, cha robh daoine fìor a' bruidhinn Gàidhlig air an riochdachadh ach cuideachd b' urrainnear argamaid a dhèanamh gum biodh laigsean ann a thaobh cho sònraichte is a bha an t-susbaint sin anns an dòigh sam biodh e a' riochdachadh cultar na dùthcha. Chunnacas gun robh susbaint a chaidh a chruthachadh gu dùthchail tric air a cleachdadh mar shlat-tomhais air cho sònraichte agus ceangailte ri cultar na dùthcha 's a tha an t-susbaint. Ach chan eil sin daonnan fìor agus cha b' urrainnear a bhith cinnteach gum bi susbaint a chaidh a chruthachadh ann an dùthaich a' riochdachadh cultar na dùthcha sin (D'Arma agus Labio

2017). Ann an saoghal fo bhuaidh cruinneachas, tha susbaint cartùn nas buailtiche ri bhith fulang fo ‘lasachadh cultarail’ (Hoskins agus Mirus 1988), far a bheil cartùnan air an cruthachadh gun cus iomraidh air gnothaichean cultarail gus an tèid an reic thall thairis. Tha fios againn nach robh mòran dhen t-susbaint a chaidh a chraoladh air BBC ALBA ‘ùr’ ach bha na toraidhean a’ sealltainn ann an seachdain nan leabhraichean-latha gun robh mu leth dhen na sreathan a chaidh a chraoladh air BBC ALBA air a chruthachadh anns an Rìoghachd Aonaichte (d.213-214). Bha tòrr dhen t-susbaint sin air a dèanamh anns a’ chiad dol-a-mach airson CBeebies agus mar sin fo bhratach a’ BhBC agus fo an aon dhleastanas a chaidh ainmeachadh roimhe fo Ofcom agus am BBC fhèin. Ach leis gur e cartùnan a bha anns a’ mhòr-chuid de shusbaint CBeebies a chaidh a chleachdadh le BBC ALBA, faodar beachdachadh gur dòcha nach robh e a’ riochdachadh cultar na dùthcha chun na h-aon ìre ’s a bhiodh susbaint ‘live-action’.

Thàinig an dàrna leth eile dhe na sreathan air BBC ALBA bho dhùthchannan taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte, an dà chuid dùthchannan le Beurla agus gun Bheurla mar phrìomh chànan. Mar sin, gu h-àraidh leis na prògraman a bha air an cruthachadh an toiseach ann an cànanan seach Beurla, shaoileadh nach biodh cus iomraidh air gnothaichean cultarail agus fiù ’s nan robh cha b’ e gnothaichean cultar na dùthcha-sa a bhiodh ann. Ma thathar a’ cleachdadh susbaint dhùthchail mar shlat-tomhais air cho ‘sònraichte’ is a tha susbaint, b’ urrainnear a ràdh ged a bha tòrr susbaint de leithid a’ nochdadh air BBC ALBA, tric b’ e cartùn a bha ann air am biodh ‘lasachadh cultarail’. Mar sin, dh’fhaoidte nach robh susbaint BhBC ALBA a’ riochdachadh beatha na cloinne a bhiodh ga choimhead.

Ri linn na h-uimhir de chartùnan air BBC ALBA, ’s urrainnear beachdachadh nach biodh clann a bha ga choimhead a’ faighinn an t-uabhas às a bha cultarail. Chunnacas anns an



dàta (d.215) gun robh beachd ann gun robh dìth phrògraman air BBC ALBA a bha a' dèiligeadh ri cuspairean làitheil anns am biodh ùidh aig cloinn. Bha na toraidhean a' sealltainn gun robh susbaint a bha a' riochdachadh chuspairean air am biodh an cuid cloinne eòlach agus a bhiodh a' riochdachadh na dòigh-beatha aca tarraingeach do phàrantan. Bha cleachdadh sianail CBeebies, sianail a bhios a' cur cuideam air susbaint dhùthchail, gu math cumanta am measg na cloinne agus pàrantan ga mheasadh mar rud iomchaidh do bheatha na cloinne. Ach ged a dh'fhaoidte gun robh susbaint CBeebies tarraingeach leis gun robh e gu tric a' riochdachadh choimhearsnachdan agus cultar Bhreatainn, bha iarrtas am measg phàrantan airson susbaint a bha na b' Albannaich na gnè. Bhiodh CBeebies a' feuchainn ris an Rìoghachd Aonaichte gu lèir a riochdachadh ach le BBC ALBA 's ann air luchd-amais Albannach a bhithear ag amas. Shaoileadh gum biodh cothrom aig BBC ALBA prògraman cloinne a bha a' riochdachadh clann Albannach a chruthachadh. Ach mar a chunnacas, cha robh a' mhòr-chuid dhen t-susbaint air BBC ALBA na susbaint a chaidh a dhèanamh sa Ghàidhlig bho thùs no fiù 's ann an Alba no Breatainn. Ach ged nach robh mòran dhiubh ann, bha na prògraman Albannach air BBC ALBA air an ainmeachadh gu tric mar shusbaint a bha tarraingeach do phàrantan. Ged a bha *Dè a-nis?* airson clann na bu shine, bha pàrantan ga mheasadh mar rud math oir bha e a' togail air cuspairean air am biodh clann eòlach agus a' riochdachadh àiteachan ann an Alba a bhiodh clann ag aithneachadh agus cuideachd gu tric air telebhisean Gàidhlig bhiodh daoine a' nochdadh air am biodh clann eòlach. Mar a thugadh iomradh roimhe, bhiodh e cudromach do chloinn daoine 'fior' fhaicinn air an telebhisean agus daoine a' bruidhinn Gàidhlig ach cuideachd bhiodh e deatamach gum faiceadh chan e a-mhàin an cànan aca ach cuideachd an dòigh-beatha aca fhèin air a riochdachadh air an sgrìon.

Bha coltas ann gun robh am prògram *Katie Mòrag* anns a' Bheurla agus an dreach Ghàidhlig *Ceitidh Mòrag* soirbheachail am measg theaghlaichean anns an rannsachadh

seo. B' e eisimpleir a bha ann de phrògram a bha a' riochdachadh Alba agus clann a bha a' fàs suas anns an dùthaich seo agus mar sin soirbheachail do chloinn Albannaich. B' e drama 'live-action' a bha ann, aon de na beagan chothroman a bhiodh aig luchd-amhairc BBC ALBA dràma 'live-action' fhaicinn, agus mar sin, a rèir cuid, an dreach as fheàrr airson a bhith a' riochdachadh cultar agus dòigh-beatha (D'Arma agus Labio 2006: 12). Thug na pàrantan san rannsachadh am beachd seachad gun robh am prògram a' còrdadh ris a' chloinn leis gun robh iad a' faicinn rudan a bha iad fhèin a' dèanamh air an riochdachadh anns an t-susbaint.

#### **7.9.4 Cultar Gàidhlig**

Chan e a-mhàin gun robh *Ceitidh Mòrag* a' riochdachadh cultar na h-Alba, ach na bu shònraichte na sin bha e a' riochdachadh beatha na Gàidhealtachd agus nan eilean; an caractar a' fuireach air eilean iomallach, air a cuairteachadh le coimhearsnachd dhlùth, a' dèiligeadh ri dòigh-beatha a bhiodh na Gàidheal ag aithneachadh. Shaoilear gur e seo an dearbh adhbhar air an deach a thaghadh le BBC ALBA. Am measg nan amasan aig BBC ALBA fon Bharantas aca tha dleastanas orra a bhith 'a' riochdachadh agus a' neartachadh dualchas cultarail na Gàidhlig'. Bho na h-agallamhan fhuair fiosrachadh air ideòlasan cànan nam pàrantan agus bha pàrantan bho na teaghlaichean le Gàidhlig uile le ideòlasan gu math làidir a thaobh na Gàidhlig, agus ùidh aca ann an dualchas cultarail na Gàidhlig. Bha iad ag aithneachadh nach b' e dìreach cànan a bha anns a' Ghàidhlig ach gun robh rudeigin eile na lùib, b' e dòigh-beatha a bha ann ceangailte ri fèin-aithne agus cultar (d.217). Bha iad gam faicinn fhèin mar 'Ghàidheil', ged a bha e doirbh dhaibh sin a mhineachadh. Bha iad ga tuigsinn mar fhèin-aithne a bha ceangailte ris an t-seòrsa nàdar a bha aig dhaoine agus gun robh an cànan agus comas labhairt a' chànain fhèin aig a' cridhe. 'S dòcha gun robh an nàdar sin a' nochdadh ann am prògraman *Ceitidh Mòrag*, an nàdar eileanach Gàidhealach agus Gàidhlig cuideachd air a bhruidhinn agus gur e sin as coireach

gun robh am prògram cho soirbheachail. Bha fiù 's clann E agus F ga choimhead, clann nach robh a' coimhead susbaint Ghàidhlig gu tric idir, ach clann le pàrantan le ideòlasan gu math làidir a thaobh na Gàidhlig.

Anns an litreachas chaidh a shealltainn gun robh ceanglaichean eadar cànan agus fèin-aithne agus cultar cudromach ann a bhith brosnachadh cleachdadh cànan. Bha cuid de rannsaichean a' moladh 'enculturation' (Baker 2011: 292) agus a bhith a' feuchainn ri fèin-aithne 'pro-Gàidhlig' a bhrosnachadh (Dunmore 2016: 6). 'S dòcha gum biodh ròl aig susbaint, coltach ri *Ceitidh Mòrag*, a bhios a' riochdachadh cultar na Gàidhlig agus an dualchais agus na dòigh-beatha a bhios a' tighinn còmhla ris, ann a bhith a' toirt buaidh air ideòlasan cloinne a rèir na tha iad a' smaoinichadh air a' chànan. Tro leithid de shusbaint dh'fhaoidte gum biodh clann a' tuigsinn gu bheil an cànan agus an cultar luachmhor agus gum b' fhiach e a ghlèidheadh. Mar eisimpleir, airson Pàist C, bha i faighinn tuigse air cultar nan eilean, rud a bha am pàrant a' measadh mar rudeigin a bhiodh cudromach san fharsaingeachd nan robhar gu bhith nad neach-labhairt na Gàidhlig. Gu dearbh, anns an litreachas chunnacas gu bheil ideòlasan na cloinne fhèin cudromach ann an glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan (Schwartz 2008).

### **7.9.5 Prògraman ùra diofrach bhon Bheurla**

Ged a bha susbaint mar *Ceitidh Mòrag* tarraingeach leis gur iad prògraman drama 'live-action' le ìre-mhathais àrd a bh' annta agus buntanas aig an t-susbaint ri cuspairean Gàidhealach, bha na dearbh phrògraman rim faotainn anns a' Bheurla. Bha iarrtas ann airson susbaint nach robh 'an aon rud ris a' Bheurla' agus susbaint nach robh nan eadar-theangachaidhean. Bha pàrantan a' lorg susbaint a bha sònraichte airson coimhearsnachd cloinne na Gàidhlig agus bha iad ag aithneachadh an diofair eadar prògram a bha ann an cànan na Gàidhlig agus susbaint a bha na 'susbaint Ghàidhlig'. Bha *Ceitidh Mòrag*

soirbheachail ged is e eadar-theangachadh a bha ann ri linn cuspair na susbaint agus dh'fhaoidte gum b' e an seòrsa phrògram a shaoilear a bha air a dhèanamh anns a' Ghàidhlig airson coimhearsnachd Gàidhlig. Ach le *Ceitidh Mòrag* bha roghainn ann susbaint a choimhead ann am Beurla agus bhiodh cunnartan a' nochdadh an lùib sin a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air inbhe na Gàidhlig. Mar eisimpleir, chaidh *Ceitidh Mòrag* a chur air airson Pàist C agus thuirt iad, 'Can we not watch this in English?' agus bha seo ri linn agus nach robh comasan Gàidhlig a' phàist buileach air an leasachadh chun na h-ìre sam biodh iad a' tuigsinn a h-uile sgath anns a' Ghàidhlig. 'S urrainnear coimeas a dhèanamh leis an t-suidheachadh seo agus suidheachadh na Gàidhlig anns an fharsaingeachd; tha e nas fhasa Beurla a bhruidhinn. Feumar miann a bhith ann Gàidhlig a bhruidhinn no feumaidh 'feum' a bhith ann Gàidhlig a chleachdadh. Anns an rannsachadh aig Kirsch (2012) chunnacas gun robh pàrantan soirbheachail ann a bhith a' togail clann dà-chànanach nuair a tha iad a' cruthachadh 'feum' an cànan a chleachdadh. Ann an co-theacsa susbaint, ma tha susbaint ann a tha tarraingeach agus a bhiodh pàist airson a choimhead, agus gur ann a-mhàin anns a' Ghàidhlig a bha an t-susbaint ri faotainn, bhiodh sin a' ciallachadh gur ann tro chleachdadh na Gàidhlig (tro a bhith ag èisteachd) an aon dòigh a gheibhear cothrom air tlachd fhaighinn às an t-susbaint sin; bhiodh 'calpa cànanachais' aig a' Ghàidhlig.

Bha susbaint air BBC ALBA a chaidh a cheannach a-steach bho dhùthchannan cèine agus mar sin bha an t-susbaint sin sònraichte agus i ri faotainn a-mhàin air BBC ALBA agus chan e an 'aon rud ris a' Bheurla' a bhiodh ann. Ach bhiodh tarraing na susbaint sin air lùghdachadh leis gun robh 'lasachadh cultarail' a' tighinn an cois an t-seòrsa susbaint sin. Bhiodh an caochladh fìor, airson susbaint le 'lasachadh cultarail' ìosal leithid *Ceitidh Mòrag* bhiodh sin ga dhèanamh sònraichte. Ach bhiodh an ìre dhan robh seo sònraichte air lagachadh leis gun robh e ri fhaotainn sa Bheurla. B' e suidheachadh fàbharach susbaint a

bha an dà chuid goirid ri cultar na cloinne agus a bha ùr gun a bhith ri faotainn anns a' Bheurla. Ach fiù 's aig a sin, le susbaint air an deach ionadalachadh a dhèanamh agus nach robh ri faotainn an àiteachan eile, bhiodh an t-susbaint sin soirbheachail a-mhàin nan robh ìre-mhathais math gu leòr aice. Mar eisimpleir, chunnacas gun robh am prògram *Saidheans Spòrsail* air ionadalachadh le bhith a' cleachdadh phreasantairean air an sgrion le Gàidhlig agus cuideachd cha robh e ri fhaotainn air sianailean eile sa Bheurla anns an dùthaich seo, ach mar a thuirt aon phàrant, cha robh e tarraingeach leis gun robh e a' coimhead gu math 'cheap' (d.214).

A thaobh phrògraman ùra air BBC ALBA, cha robh gin de na prògraman air seachdain nan leabhraichean-latha air a chruthachadh bho thùs anns a' Ghàidhlig no air shealltainn air BBC ALBA an toiseach ro shianailean eile. B' e dìreach aon seachdain a chaidh a rannsachadh agus mar sin tha e doirbh measadh coitcheann a dhèanamh, ach le chèile le beachdan nam pàrant gun robh dìth phrògraman ùra (ùra bho thùs) ann, faodar a ràdh nach robh BBC ALBA a' coileanadh amas a bha aig an t-sianail fon Bharantas: 'BBC ALBA should commission original programming across a wide-range of genres including [...] children's' (BBC ALBA Service Licence 2015). Faodar argamaid a dhèanamh gum biodh prògram mar *Dè a-nis?* a' coileanadh a leithid de dh'amas ach ged is e prògram 'original' a tha ann an *Dè a-nis?* tha e air a bhith ga chraoladh fad fichead bliadhna agus ri linn b' urrainnear a ràdh nach eil e 'ùr'. Bha coltas ann gun robh dìth phrògraman ùra sa Ghàidhlig na fhactar a bha a' cur dragh air pàrantan agus miann aca airson a leithid de shusbaint. Cuideachd, a bhith a' coimhead nas doimhne air seo, ma dh'fhaoidte gum biodh buaidhean aig dìth phrògraman ùra air inbhe na Gàidhlig.

Thathar air sgrìobhadh air a bhith a' riochdachadh 'cultar na Gàidhlig' anns an dòigh is a tha e ceangailte ri fèin-aithne agus dualchas agus gu bheil e cudromach gu bheil susbaint

mar sin ri fhaotainn gus fheuchainn ri buaidh a thoirt air ideòlasan cànan. Ach cha bu chòir dhuinn smaointinn air cultar na Gàidhlig mar rudeigin ceangailte ri traidisean agus dualchas a-mhàin. Ged a tha na feartan sin dhen chultar cudromach, dh'fheumte a bhith faiceallach nach robhas a' cruthachadh ìomhaigh den Gàidhlig a bha seann-fhasanta. B' e a bha a dhith cuideachd ach susbaint a bhiodh a' cruthachadh cultar, chan ann stèidhichte air 'cultar na Gàidhlig' ach a bha a' cruthachadh cultar airson na Gàidhlig. B' e a bha a dhith ach cultar a chruthachadh stèidhichte air telebhisean, rudeigin a chaidh gu sònraichte a chruthachadh do chloinn na Gàidhlig air a dhèanamh sa Ghàidhlig bho thùs. B' e seo a rinn an seann phrògram Gàidhlig *Dòtaman* (a bha soirbheachail anns na 1980an), prògram cloinne 'live action' airson clann a bha oideachail agus a bha air leth soirbheachail am measg cloinne le Gàidhlig agus mar an ceudna clann gun Ghàidhlig. Chruthaich am prògram cultar sònraichte agus clann le Gàidhlig eòlach air na h-òrain agus na h-abairtean a bha a' tighinn bho na prògraman. Bha leabhraichean agus teipichean ciùil rim faighinn agus b' e rionnag a bha ann an Donnie Dòtaman a thug inbhe dhan chànan agus clann airson Donnie a choinneachadh agus fios gur e Gàidhlig a bha e a' bruidhinn. Bhon a chaidh an rannsachadh seo a dhèanamh chaidh ath-chraoladh de phrògraman *Dòtaman* air BBC ALBA a dhèanamh ach ged a dh'fhaoidte gum bhiodh na prògraman fhathast tarraingeach, chaidh an dèanamh o chionn fhada. Bhon rannsachadh seo bha pàrantan ag iarraidh prògraman ùra, agus mar sin, chanainn-sa gur e a tha dhith ach rudeigin ùr a tha freagarrach do chloinn san latha an-diugh ach a bhios a' stèidheachadh cultar tarraingeach le Gàidhlig aig a chridhe.

#### **7.9.6 Eadar-theangachaidhean**

A bharrachd air an deasbad air cultar agus prògraman Beurla air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig thogadh ceist anns na toraidhean mu cho simplidh 's a bha cainnt nan eadar-theangachaidhean. Bha aon phàrant a bha fileanta sa Ghàidhlig den bheachd gun robh an t-

subbaint doirbh a thuigsinn (d.211). B' e eadar-theangachaidhean a bha anns a' mhòr-chuid dhe na prògraman agus dh'fhaoidte gun robh structairean aithriseach sìmplidh rim faotainn anns na bun-phrògraman<sup>102</sup> ach faodar faighneachd an robh rudeigin a' tachairt anns a' phròiseas eadar-theangachaidh a bha a' dèanamh na cainnt agus nan structairean aithriseach na bu dorra.

Tha an obair aig O'Connell (2007) air coimhead air ceistean ceangailte ri eadar-theangachaidhean agus i a' toirt iomradh air obair Frawley (1984: 168) agus a' cur thairis gu bheil eadar-theangachaidhean mar 'threas còd',<sup>103</sup> a bhios a' tarraing air dà chanan agus a' tighinn a-mach mar chànain fa-leth mar gum biodh. Ri linn, tha daoine a bhios a' cleachdadh nan teacsaichean eadar-theangaichte seo a' faighinn cruth cànan nach eil buileach àbhaisteach ris a' bhun-chànain no an cànan ris an deach eadar-theangachadh. Tha i a' moladh sùil na bu ghèire a chumail air a' chuspair seo:

Since translation so often underpins minority language media production, minority language translation practice needs to be investigated critically, in the first instance, with a view to understanding better its current effect on minority language maintenance and development. Critical analysis of translation is also required in order to formulate recommendations for the most appropriate use of different translation approaches and strategies when translating into and from the minority language. (O'Connell 2007: 222)

B' urrainnear a ràdh anns an rannsachadh seo gun robh fianais ann gun robh eadar-theangachadh a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint agus pàrantan ga seachnadh leis nach robh iad den bheachd gun deach a h-eadar-theangachadh ann an dòigh a bha sìmplidh gu leòr. Ri linn, bhiodh buaidh aig seo air cho feumail sa dh'fhaodadh susbaint Ghàidhlig a bhith ann an glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan leis nach deach a cleachdadh.

Ann an sgrùdadh a rinn O'Connell (2003) air prògraman cartùnan cloinne sa Ghearmailtis a chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig na h-Èireann, mhothaich i gun deach

---

<sup>102</sup> **bun-phrògraman**: original programmes

<sup>103</sup> **treas còd**: third code

simpleachadh a dhèanamh air an eadar-theangachadh an taca ris a' chànan a chaidh a chleachdadh anns na bun-phrògraman anns a' Ghearmailtis (129-132). Bha i a' cur air aghaidh gun robh inbhe Gàidhlig na h-Èireann, mar mhion-chànan, a toirt buaidh air na co-dhùnaidhean a bha an luchd-eadar-theangachaidh a' ruighinn a thaobh a bhith a' simpleachadh a' bhriathrachais. Mar eisimpleir, bhiodh iad mothachail gur dòcha nach biodh comasan Gàidhlig na h-Èireann na cloinne cho àrd 's a bhiodh Gearmailtis nan co-aisean Gearmailteach agus ri linn ga shimpleachadh. Tha i a' dèanamh na puinge gu bheil roghainnean agus pròiseasan an luchd-eadar-theangachaidh cudromach oir, aig a' cheann thall, bidh iad a' toirt buaidh air cleachdadh mhion-chànanan agus mar sin bu chòir tuigse na b' fheàrr fhaighinn air a' phròiseas (O'Connell 2007: 226-227).

Ann an co-theacsa an rannsachaidh seo bha coltas ann gun robh an caochladh a' tachairt; gun robh na h-eadar-theangachaidhean na bu dorra na na bun-phrògraman. Far a bheilear a' coimhead air buaidhean susbaint air leasachadh cànan agus tuigse ann gu bheil cànan simplidh, a bhios a' chlann a' tuigsinn, cudromach airson na buaidhean sin adhbhrachadh, tha e iomchaidh a bhith ga thoirt fa-near do dh'eadar-theangachaidhean.

Ged nach eil an rannsachadh seo a' dèiligeadh ach ri buidheann beag de dhaoine, tha na draghan a chaidh a thogail mu eadar-theangachaidhean a' sealltainn gu bheil barrachd rannsachaidh a dhith air a' chuspair seo ann an co-theacsa na Gàidhlig. Thathar a' moladh sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidhean eadar-theangachaidh BBC ALBA gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a tha roghainnean air an dèanamh. Cuideachd, a thaobh nam prògraman fhèin, thathar a' moladh sgrùdadh orra gus faighinn a-mach a bheil na h-eadar-theangachaidhean ann an da-rìribh ro dhoirbh do chloinn. Bhiodh rannsachadh mar seo a' toirt cothrom do BhBC ALBA tuigse fhaighinn air an t-suidheachadh agus ri linn b'



urrainn dhaibh poileasaidhean eadar-theangachaidh a stèidheachadh a bhiodh na chuideachadh an àite na bhacadh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig.

## CAIBIDEIL 8: CO-DHÙNADH

### **8.1 Ro-ràdh**

Thug an tràchdas seo sùil air cleachdaidhean susbaint am measg cloinn dà-chànanach, aois 3 agus 4, a bha a' frithealadh sgoiltean-àraich Gàidhlig. Dh'ainmicheadh na factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Chaidh leabhraichean-latha susbaint a chleachdadh mar mhodh-rannsachaidh gus cleachdadh susbaint a rannsachadh agus chaidh agallamhan a chumail le pàrantan gus na beachdan aca fhaighinn air mar a bha iad a' dèanamh roghainnean susbaint airson an cuid cloinne. Chaidh ochdnar cloinne a sgrùdadh bho dhiofar theaghlaichean aig an robh diofar phoileasaidhean cànan teaghlaich. Bha leth dhen chloinn a chaidh a sgrùdadh a' tighinn bho theaghlaichean a bha a' bruidhinn na Gàidhlig gu cunbhalach a-staigh agus an leth eile bho theaghlaichean nach robh. Cuideachd, bha leth dhe na teaghlaichean stèidhichte ann am Barraigh agus leth eile ann an Glaschu. Bha dìth fianais ann air mar a bha clann le Gàidhlig, no a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig, a' cleachdadh susbaint. Bha an tràchdas seo ag amas air a' bheàrn fianais seo a lionadh agus tuilleadh fiosrachaidh a lorg mu chleachdaidhean susbaint am measg cloinn a bha a' tighinn bho theaghlaichean far an robh poileasaidh farsaing aig pàrantan gun robh iad airson agus gum biodh Gàidhlig aig an cuid cloinne. B' iad amasan an tràchdais sùil a thoirt air an ròl a bha aig susbaint Ghàidhlig ann am beatha na cloinne, a' coimhead air an robh iad a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig sam bith gus nach robh, agus dè cho tric 's a chaidh a cleachdadh no dè cho bitheanta 's a bha i. Bhathar cuideachd a' toirt sùil mhionaideach air na factaran a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig am measg na buidhne. Ged a chaidh aithneachadh nach b' urrainnear a bhith cinnteach mu bhuidhne nam meadhanan air cleachdaidhean, comasan no ideòlasan cànan, bhathar a' gabhail ris an ro-bheachd: mar as motha de chànan a chluinnear 's ann as fheàrr agus gun

robh susbaint mar phàirt de chànan-a-steach na cloinne. Chuireadh toraidhean an rannsachaidh ann an co-theacsa poileasaidh cànanain san fharsaingeachd.

Ann an Caibideil 1, bheachdaicheadh gun cleachdadh clann a bha a' togail no ag ionnsachadh na Gàidhlig susbaint Ghàidhlig; shaoilte gum biodh pàrantan aig an robh poileasaidh cànanain gus am biodh Gàidhlig aig an cuid cloinne a' taghadh susbaint Ghàidhlig airson na cloinne. Shaoilte gum biodh pàrantan a bha a' feuchainn ri àrainneachd Ghàidhlig a chumail a-staigh a' taghadh susbaint Ghàidhlig airson an cuideachadh leis a sin, agus shaoilte mu theaghlaichean far nach robh Gàidhlig ga cleachdadh a-staigh gum biodh iad airson susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gus cothroman a chruthachadh airson Gàidhlig a chluinntinn. Bhithe an dùil gum biodh pàrantan airson goireas Gàidhlig a chleachdadh airson an cuid cloinne nan robh e ann dhaibh. Ach anns an rannsachadh seo chunnacas nach robh sin buileach fìor agus chunnacas nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh leis a' chloinn gu lèir. B' urrainnear co-dhùnadh nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh i agus gun robh fada a bharrachd susbaint Bheurla ga cleachdadh am measg na cloinne na susbaint Ghàidhlig.

Bha na teaghlaichean eadar-dhealaichte nan cleachdaidhean susbaint, le cuid ann a bha a' dèanamh barrachd oidhirp na cuid eile susbaint Ghàidhlig a thaghadh airson an cuid cloinne. Rinneadh co-dhùnadh gun robh oidhirp ga dèanamh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh am measg leth dhe na teaghlaichean. Bha feadhainn de na teaghlaichean nach robh a' dèanamh mòran oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh ach a bha ga cleachdadh an-dràsta agus a-rithist, agus cuid ann nach robh ga cleachdadh idir.

An toiseach bhathar airson freagairt carson nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh a chleachdadh agus carson a bha fada a bharrachd susbaint Bheurla na

subbaint Ghàidhlig air a cleachdadh. An uair sin cnuasaicheadh a' cheist: ged a chaidh fada a bharrachd subbaint Bheurla a chleachdadh na subbaint Ghàidhlig san fharsaingeachd, chaidh subbaint Ghàidhlig a chleachdadh le cuid agus cha deach a cleachdadh le cuid eile, carson?

## **8.2 Carson nach deach subbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh?**

Bha factaran ceangailte ris a' chleachdadh fhèin agus factaran ceangailte ris an t-subbaint fhèin a bha a' ciallachadh gun deach fada a bharrachd shusbaint Bheurla na subbaint Ghàidhlig a chleachdadh. A thaobh fhactaran ceangailte ri cleachdadh, b' e a' chiad fhactar a bha a' toirt buaidh air cleachdadh subbaint Ghàidhlig cothroman-coimhid subbaint Ghàidhlig. Bha cothroman gus subbaint Bheurla a choimhead fada na bu bhitheanta agus chunnacas nach robh suidheachadh de 'iomlanachd institiuideach' ann airson subbaint Ghàidhlig agus bha seo a' toirt buaidh air cleachdadh subbaint Ghàidhlig. B' e na prìomh dhuilgheadasan a nochd a thaobh chothroman cleachdaidh subbaint Ghàidhlig nach robh subbaint Ghàidhlig ri fhaotainn ann an dòigh-choimhid a bha soirbheachail am measg na cloinne, mar eisimpleir bha gainnead subbaint Ghàidhlig ri fhaotainn tro YouTube agus bha coltas ann nach robh mòran DVDan Gàidhlig ann. Cuideachd, b' e an cnap-starra a bu mhotha a bha a' cur bacadh air tuilleadh cleachdadh subbaint Ghàidhlig nach robh subbaint bheò sa Ghàidhlig ri faotainn aig amannan iomchaidh den latha. Bha subbaint bheò air a taghadh gu tric le pàrantan agus bha dìth chothroman air subbaint bheò sa Ghàidhlig a' ciallachadh gun deach fada a bharrachd subbaint Bheurla a chleachdadh. Fiù 's ann an suidheachaidhean far am b' fheàrr le pàrantan subbaint Ghàidhlig a thaghadh airson an cuid cloinne cha b' urrainn dhaibh leis nach robh na cothroman ann; nuair a bha 'leiteachas teann' ann airson subbaint Ghàidhlig, cha robh cothrom air 'iomlanachd ghnìomhach' leis gun robh gainnead 'iomlanachd institiuideach' ann.

B' e cho fiosraichte 's a bha pàrantan mu dheidhinn na susbaint Ghàidhlig a bha ri faotainn sa Ghàidhlig na fhactar eile ceangailte ri cleachdadh fhèin a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Nochd eisimpleirean far nach robh pàrant cho eòlach an toiseach gun robh susbaint Ghàidhlig ri faotainn agus cuideachd bha mì-chinnt ann am measg nam pàrantan mu dè an seòrsa susbaint a bha ri faotainn agus cuin a bha i ri faotainn. A bharrachd air sin, chaidh am beachd a thoirt seachad nach robh clàr-craolaidh BBC ALBA cunbhalach agus soilleir gu leòr. Bha coltas ann gun robh cunbhalachd cudromach do phàrantan agus clann, agus, le gainnead fiosrachaidh mu shusbaint Ghàidhlig agus clàr-craolaidh a bha mì-rianail, bha e doirbh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gu cunbhalach nam beatha làitheil.

B' e furastachd cleachdaidh factar eile a bha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig. Thàinig e am follais gun robh pàrantan tric a' cleachdadh susbaint mar 'chùram-chloinne' agus mar sin bha susbaint a bha luath agus furasta a chur air dhan chloinn cudromach dhaibh. A thaobh susbaint Ghàidhlig bha furastachd cuingealaichte ri linn nan duilgheadasan a nochd ceangailte ri cothroman susbaint bheò sa Ghàidhlig a chleachdadh. Tric, b' fheàrr le pàrantan susbaint a bha beò leis gun robh i furasta obrachadh agus a chur air agus a fàgail a' ruith. Mar sin mura robh susbaint bheò ri faotainn sa Ghàidhlig aig amannan freagarrach, nan robh iad airson susbaint Ghàidhlig a chleachdadh bhiodh aca ri dòigh-choimhid eile a chleachdadh nach biodh cho furasta agus luath. Fiù 's mura b' e susbaint bheò a bha pàrantan ag iarraidh a chleachdadh bha coltas ann gun robh trioblaidean an lùib a bhith a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig tro dhòigh-choimhid eile. Nochd beachdan nach robh eadar-aghaidh an iPlayer ('seirbheis a-rithist' airson susbaint BBC ALBA fhaicinn) cho furasta sin a chleachdadh agus gun robh i a' toirt ùine a' dol tro na clàran-taice airson susbaint a lorg; bha an fhaireachdainn ann nach robh am pròiseas airson 'seirbheis a-rithist' cho furasta sa Ghàidhlig 's a bha i sa Bheurla.

Cuideachd, cha b' e dìreach a bhith a' cur air agus ag obrachadh susbaint bho sheirbheis a-rithist a bha doirbh ach cuideachd bha faid na susbaint a' dèanamh ghnòthaichean doirbh cuideachd, bha susbaint Ghàidhlig cho goirid gum biodh feum aig pàrantan tilleadh tric gus prògram eile a chur air. Mar an ceudna bha seo fìor airson chlàraidhean, bha gearanan ann gun robh na prògraman cho goirid, mu 5-10 mionaidean, gum biodh iad a' tighinn gu crìoch cho luath agus bhiodh aig a' phàrant tilleadh agus prògraman eile a chur air dhan chloinn; bha seo mì-ghoireasach do phàrantan a bha a' cleachdadh susbaint gus fois fhaighinn airson rudeigin eile a dhèanamh.

A bharrachd air factaran ceangailte ri cleachdadh na susbaint fhèin, bha factaran ceangailte ri brìgh na susbaint cuideachd a bha a' toirt buaidh air cho dualtach 's a bhiodh clann gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. An toiseach, feumar cuimhneachadh gu bheil diofar rudan a' còrdadh ri diofar dhaoine. Mar sin, nuair a tha daoine a' taghadh susbaint, tric bidh roghainnean stèidhichte air na h-ùidhean pearsanta a tha aig an duine fhèin. Ged a bha barrachd susbaint Bheurla air a cleachdadh seach susbaint Ghàidhlig, cha b' e daonnan cànan *per se* bu chòir gun deach susbaint Ghàidhlig a sheachnadh. Gu tric b' e dìreach gun robh an fharpais bhon t-susbaint Bheurla ro làidir agus cha b' e gun robh pàrantan a' dèanamh taghadh eadar Gàidhlig agus Beurla. Ach bhon rannsachadh chaidh factaran aithneachadh a bha a' toirt soillearachadh air dè bha tarraingeach mun t-susbaint a chaidh a thaghadh. Cuideachd chaidh factaran ainmeachadh a bhiodh 's dòcha a' dèanamh susbaint Ghàidhlig na bu tharrangaiche do phàrantan agus clann.

An toiseach thàinig e am follais gun robh susbaint a bha oideachail tarraingeach do phàrantan. Ged 's dòcha nach biodh pàrantan a' sireadh agus a' taghadh susbaint a dh'aona-ghnothach a chionn 's gun robh e oideachail, bha faireachdainn ann gur e rud math a bha ann nan robh clann a' coimhead susbaint oideachail. Bha susbaint bho CBeebies

soirbheachail agus air a cleachdadh gu tric am measg na cloinne anns an rannsachadh seo, agus b' e aon de na h-adhbharan air sgàth agus gun robh pàrantan den bheachd gun robh an t-susbaint le ìre-mhathais àrd agus gun robh e fèisteach agus oideachail. A thaobh susbaint Ghàidhlig bha diofar bheachdan a' nochdadh mu dè cho oideachail 's a bha i agus cuid a' smaointinn gun robh agus cuid eile nach robh. Ach bha aonta gum bu chòir barrachd susbaint oideachail a bhith ri fhaotainn air BBC ALBA, gu h-àraidh susbaint nach robh nan cartùnan, agus bha iarrtas ann airson barrachd 'live-action'.

A-rithist leis gun robh pàrantan tric a' cleachdadh susbaint mar 'chùram-chloinne' bha susbaint a bha fèisteach cudromach oir chumadh e aire an cuid cloinne. Nochd diofar bheachdan mu cho fèisteach 's a bha susbaint Ghàidhlig. Bha dith chothroman fiolmaichean agus DVDan fada a choimhead a' ciallachadh nach robh e comasach do phàrantan susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar chur-seachad spòrsail mar eisimpleir air oidhche Haoine agus iad airson suidhe sìos agus fiolm a choimhead còmhla. A thaobh susbaint BhBC ALBA bha diofar bheachdan ann mu cho fèisteach 's a bha i. Am measg feadhainn a bha ga cleachdadh bhathar den bheachd gun robh i fèisteach agus a' còrdadh ris a' chloinn ged a bha iad airson raon na b' fharsainghe de phrògraman fhaicinn. Ach airson cuid eile thuirt iad nach robh na prògraman a bha air BBC ALBA a' còrdadh ris a' chloinn. Mar sin bha fasan an h-ùidhean a bha aig daoine a' toirt buaidh air na roghainnean aca. Ach susbaint Ghàidhlig a bha fèisteach ann no às, b' e a bha cinnteach gun robh susbaint Bheurla gu math fèisteach agus bha a bhith a' coimhead air an t-susbaint sin air leth cudromach do chuspairean-cluiche agus do chliù na cloinne am measg an cuid charaidean. Mar sin bha an fhaireachdainn ann gum feumadh susbaint Bheurla a bhith air a cleachdadh gus am b' urrainn do chloinn a bhith an sàs anns a' chultar a bha cudromach dhan cuid charaidean.

B' e susbaint a bha 'sònraichte' factar eile a dhèanadh susbaint Ghàidhlig na bu tharrangaiche. Leis gun robh tòrr chartùnan air BBC ALBA bha sin a' ciallachadh gun robh 'lasachadh cultarail' ann (tric tha luach cultarail chartùnan air lùghdachadh airson an reic ann am margaid eile) agus mar sin dh'fhaoidte nach biodh an t-susbaint a' buntainn cho dlùth sin ri cultar na cloinne a bhiodh gan coimhead. Bha pàrantan a' sireadh susbaint Ghàidhlig a bha a' riochdachadh a' chultair air am biodh clann ann an Alba aig an robh Gàidhlig eòlach. Ged a bhiodh prògraman a bha a' tarraing air cultar na Gàidhlig agus cultar Gàidhealach tarraingeach do phàrantan agus clann, b' e aon de na prìomh iarrtasan a bha ann airson susbaint a bha diofraichte bho shusbaint Bheurla. Ged a bha àite ann airson phrògraman a chaidh eadar-theangachadh bha iad cuideachd a' sireadh susbaint a bha ùr agus air a dèanamh bho thùs anns a' Ghàidhlig. A bharrachd air a bhith ag iarraidh susbaint nach robh air a h-eadar-theangachadh, nochd e gur dòcha gun robh trioblaidean a bharrachd ann le cho sìmplidh 's a bha na prògraman eadar-theangaichte rin tuigsinn.

### **8.3 Dè thug air cuid barrachd oidhirp a dhèanamh gus susbaint Ghàidhlig a chleachdadh na cuid eile?**

Bha fada a bharrachd susbaint Bheurla air a cleachdadh na susbaint Ghàidhlig am measg na cloinne air fad agus thathar air cnuasachadh air cuid de na factaran a bha ag adhbhrachadh sin. Ach fiù 's ged a bha an t-uabhas de shusbaint Bheurla air a coimhead, bha cuid ann a bha a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus cuid ann nach robh. An-dràsta thathar gus sealltainn air na factaran a bha 's dòcha a' toirt buaidh air na diofaran seo a nochd ann an cleachdaidhean na cloinne.

An toiseach bhiodh cuid de na factaran a chaidh ainmeachadh mar thà mar fhactaran a bha a' toirt air daoine susbaint Bheurla a chleachdadh seach Gàidhlig iomchaidh an seo. Bhiodh diofaran eadar cleachdaidhean na cloinne stèidhichte air cho fiosraichte 's a bha na pàrantan agus a' chlann mun t-susbaint a bha ri faighinn anns a' Ghàidhlig. Bha ùidhean



pearsanta a' toirt buaidh air cho dualtach 's a bhiodh clann susbaint Ghàidhlig a choimhead. Cuideachd, bha cothroman Gàidhlig a choimhead agus mar a bhiodh susbaint air a cleachdadh anns an fharsaingeachd a thaobh dòigh-choimhid a' toirt mineachadh dhuinn air carson a dh'èirich eadar-dhealachadh am measg na cloinne; sa chumantas b' iad an fheadhainn aig an robh na cothroman a bu mhotha susbaint Ghàidhlig a chleachdadh an fheadhainn a chleachd i.

Ach cuideachd bheachdaicheadh gun robh factaran ceangailte ri poileasaidh cànan teaghlaich a' toirt buaidh air na roghainnean susbaint a chaidh a dhèanamh agus sin a bu choireach gun robh diofaran rim faicinn eadar feadhainn a bha a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus feadhainn nach robh. An toiseach chunnacas gun robh an luach a bha pàrantan a' cur air susbaint mar dhòigh cànan-a-steach sa Ghàidhlig a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig, agus b' e pàrantan a bha a' cur luach air san dòigh seo an fheadhainn a bha a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a thaghadh. Bha coltas gun robh an àrainneachd cànan a-staigh san dachaigh a' toirt buaidh air an luach a bha air a chur air susbaint mar chànan-a-steach. Airson cuid le suidheachadh cànan car cugallach a-staigh (A, C agus D) bhathar a' faicinn luach na bu mhotha air susbaint airson cànan-a-steach na feadhainn aig an robh suidheachadh na bu sheasmhaiche a-staigh a thaobh na Gàidhlig. Cha robh na teaghlaichean le suidheachaidhean làidir a-staigh a thaobh na Gàidhlig (B, E agus F) a' cur dad a bharrachd luach air susbaint Ghàidhlig agus iad den bheachd gun robh i na b' fheumaile do theaghlaichean aig nach robh Gàidhlig a-staigh. Ach ged a bha Pàrant B den bheachd seo bha iad fhathast a' taghadh susbaint Ghàidhlig oir bha i gan cuideachadh le bhith a' cumail àrainneachd Ghàidhlig a-staigh ged nach robh iad na h-eisimeil airson sin a dhèanamh. Bha cuid de theaghlaichean (G agus H) a bha den bheachd gum biodh susbaint Ghàidhlig luachmhor mar chànan-a-steach ach cha deach a

cleachdadh leis nach robh iad air mòran smaoinichidh a dhèanamh mu dheidhinn agus nach robh iad buileach eòlach mun t-susbaint a bha ri faotainn sa Ghàidhlig.

'S dòcha gum b' urrainnear na diofaran a bha a' nochdadh eadar an luach a bha na pàrantan a' cur air susbaint Ghàidhlig a mhìneachadh bhon a bhith a' coimhead air an t-seòrsa poileasaidh cànan a bha aca a-staigh. Am measg nan teaghlaichean 'gun Ghàidhlig' bha teaghlaichean G agus H aig an robh poileasaidh cànan *laissez faire* a-staigh agus nach robh a' dèanamh mòran oidhirp Gàidhlig a chleachdadh a-staigh. Bha seo air a riochdachadh cuideachd anns a' chleachdadh susbaint aca; cha robh iad fiosraichte mun t-susbaint Ghàidhlig a bha ri faotainn agus cha robh iad a' dèanamh oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh. Bha an caochladh a' tachairt le teaghlaichean C agus D: bha iadsan a' dèanamh oidhirp Gàidhlig a bhruidhinn a-staigh agus ro-innleachdan aca gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh agus bha seo air a riochdachadh cuideachd anns na roghainnean susbaint aca.

Am measg nan teaghlaichean 'Gàidhlig' shaoilte gum biodh iad a' cur luach air susbaint Ghàidhlig mar chànan-a-steach ach chunnacas nach robh seo buileach fìor. Bha Pàrant A a' feuchainn ri àrainneachd Gàidhlig a dhìon a-staigh leis gun robh e doirbh dhan teaghlach Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh a-staigh leis nach robh Gàidhlig aig a h-uile neach san taigh. Bha am poileasaidh cànan aca, a' Ghàidhlig a chleachdadh uiread 's a b' urrainn dhaibh, a' ciallachadh gun robh iad a' faicinn luach ann an susbaint Ghàidhlig mar ghoireas taic leis a sin. Cuideachd, ged nach robh Pàrant B an eisimeil susbaint Ghàidhlig chun na h-aon ìre 's a bha Pàrant A, chan e iongnadh a bha ann gun deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh leis an teaghlach leis gur e Gàidhlig a-mhàin a bha iad a' feuchainn ri chumail a-staigh anns a' phoileasaidh cànan aca. Ach bha e iongantach nach robh pàrantan E agus F, aig an robh poileasaidhean cànan làidir a thaobh cleachdadh na

Gàidhlig a-staigh, a’ cur luach air susbaint Ghàidhlig mar chànan-a-steach. Cha robh iad a’ dèanamh mòran oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh agus iad den bheachd gun robh am poileasaidh a bha aca a thaobh a bhith a’ cleachdadh Gàidhlig a-staigh na bu luachmhoire mar chànan-a-steach agus gun robh iad airson poileasaidh ‘nàdarra’ a bhith aca. Ged a bha iad cuideachd a’ faicinn cunnart bho shusbaint Bheurla cha robh an cunnart sin gam piobrachadh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh ‘dhiolaidh’.

Mar sin, tha e coltach gun robh na poileasaidhean cànan a bha aig na teaghlaichean a-staigh a’ toirt orra smaointinn air susbaint Ghàidhlig mar ghoireas cànan agus ri linn bha co-theacsan nam poileasaidhean cànan cudromach. A-mach às na teaghlaichean ‘gun Ghàidhlig’ chunnacas gun robh diofar poileasaidhean cànan aca le G agus H car *laissez faire* agus C agus D na bu ghnìomhaiche a thaobh a bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig a-staigh. Mheòraicheadh gun robh na diofaran seo a’ nochdadh a rèir nan comasan agus cleachdaidhean Gàidhlig a bha aig na pàrantan fhèin. Bha e na iongnadh nach robh na pàrantan bho theaghlaichean G agus H a’ dèanamh barrachd oidhirp Gàidhlig a chleachdadh leis an cuid cloinne leis gun d’fhuair iad uile oideachadh gu ìre anns a’ chànan oir shaoileadh ri linn agus gum biodh iad ann an deagh shuidheachadh taic a thoirt dhan chuid cloinne gun dèanadh iad sin. Ach leis nach do chùim iad orra le a bhith a’ leasachadh an cuid sgìlean Gàidhlig bha iad a-nis nan luchd-ionnsachaidh no luchd-labhairt sleamhnaichte.<sup>104</sup> Bha coltas air cuid gun robh sin a’ cur bacadh orra a bhith a’ feuchainn ri Gàidhlig a chleachdadh. Bha iad a’ faireachdainn ciont agus uireasbhaidh nach robh iad a’ cleachdadh an cuid Gàidhlig agus, gan rèir fhèin, nach robh an cuid Gàidhlig math gu leòr no cho math ’s a bha còrr aice bhith. Ach bha seo an coimeas ri pàrantan bho theaghlaichean C agus D a bha gu làthaireach ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a’ dol gu clasaichean Gàidhlig gus am b’ urrainn dhaibh taic a thoirt dhan chuid

---

<sup>104</sup> **sleamhnaichte**: lapsed

cloinne. Bha an fhaireachdainn am measg nan teaghlaichean seo gur e rud math a bha ann nuair a bhiodh iad a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus b' e rud math a bha ann fiù 's gun robh iad a' feuchainn; aocoltach ri na pàrantan bho theaghlaichean G agus H, cha robhas an dùil gum bu chòir dhaibh a bhith math air a' Ghàidhlig ach b' e rud soirbheachail a bha ann gun robh iad fiù 's a' feuchainn oirre. Cuideachd, leis gun robh iad ag ionnsachadh na Gàidhlig aig an aon àm 's a bha an cuid cloinne bha iad uile ag ionnsachadh mar theaghlach agus bha sin a' brosnachadh àrainneachd thaiceil. Air adhbhar agus gun robh na pàrantan ann an suidheachadh ionnsachaidh iad fhèin, bha sin a' ciallachadh gun robh pròiseasan agus ro-innleachdan ionnsachaidh nan cuid inntinn agus eòlas aca gun robh cànan-a-steach cudromach do thogail cànan. Mar sin, bha iad a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh a-staigh agus b' e cleachdadh susbaint Ghàidhlig aon de na dòighean a bha aca sin a dhèanamh.

Rinneadh co-dhùnadh cuideachd gun robh beòthalachd cànan na h-àrainneachd anns an robh na teaghlaichean suidhichte a' toirt buaidh air na diofaran a nochd eadar poileasaidhean cànan nan teaghlaichean agus an luach a bha pàrantan a' cur air susbaint mar chànan-a-steach. Thachair e gun robh na teaghlaichean a bha stèidhichte ann an Glaschu a' dèanamh barrachd oidhirp susbaint Ghàidhlig a chleachdadh na na teaghlaichean ann am Barraigh. Mheòraicheadh gun robh beòthalachd lag na Gàidhlig ann an Glaschu, an dà chuid beòthalachd chlaon agus neo-chlaon, a' toirt air pàrantan Ghlaschu aire a ghabhail air cho cugallach 's a bha staid na Gàidhlig agus i na fìor mhion-chànan. Ri linn bha iad mothachail gum feumadh iad oidhirp a dh'aona-gnothach a dhèanamh gus cothroman cleachdaidh Gàidhlig a chruthachadh.

Ann am Barraigh bha beòthalachd na Gàidhlig neo-chlaon na bu làidire na ann an Glaschu a thaobh na Gàidhlig agus ri linn dh'fhaoidte nach biodh an aon ìre de mhothachaidh ann

mu cho cunnartach 's a bha staid na Gàidhlig. Bha beachdan claon eadar-dhealaichte aig na teaghlaichean Barrach. Bha dà theaghlach, G agus H, den bheachd gun robh piseach a' tighinn air a' Ghàidhlig agus gun robh seòrsa de dh'ath-bheòthachadh a' tachairt. Mar sin dh'fhaoidte nach robh iad mothachail air crionadh na Gàidhlig agus an oidhirp a bha ri dèanamh nan robh iad airson clann dà-chànanach le Gàidhlig a thogail. Bha na beachdan air beòthalachd chlaon aig teaghlaichean E agus F diofrach agus iad uabhasach iomagaineach mu staid na Gàidhlig ann am Barraigh agus ag aithneachadh gun robh an cànan a' crionadh. Ach bha coltas ann nach robh seo a' toirt buaidh air na roghainnean susbaint aca mar a bha i do na teaghlaichean ann an Glaschu aig an robh an aon fhaireachdainn mu cho cugallach agus a bha a' Ghàidhlig anns na sgìrean aca. Thathar air meòrachadh gur dòcha gun robh na diofaran ann am beòthalachd neò-chlaon eadar na sgìrean seo a' toirt buaidh air mar a bha na teaghlaichean a' faicinn 'nàdarrachd'. Bha an àrainneachd ann am Barraigh mar sgìre thraidiseanta na Gàidhlig anns an deach luchd-labhairt na Gàidhlig àrachadh bho chionn fhada a' ciallachadh gur dòcha gun robh dùil aig pàrantan gun robh còir dha a bhith 'nàdarra' an cuid cloinne àrachadh le Gàidhlig. Cha robh na pàrantan cleachdte ri a bhith a' dèanamh oidhirpean 'mì-nàdarra' gus feuchainn ri cothroman cleachdadh Gàidhlig adhbhrachadh. Mar sin, leis nach robh e buileach na fhasan dhaibh susbaint Ghàidhlig a chleachdadh, nan robh iad a dh'aona-gnothach a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig air adhbharan cànan agus a' gabhail ris an oidhirp a bha an sàs anns a' chleachdadh sin, 's dòcha gum biodh an oidhirp a bharrachd sin a' dol an aghaidh an t-seallaidh air 'nàdarrachd' aca. An coimeas ri teaghlaichean ann an Glaschu, leis gun robh luchd-labhairt na Gàidhlig na mhion-shluagh agus beòthalachd na Gàidhlig lag cha bhithe an dùil gum biodh e cho 'nàdarra'. Ged a bha Pàrant B ann an Glaschu airson a' chlann àrachadh le Gàidhlig ann an dòigh 'nàdarra' agus sin an t-ideòlas a bha iad airson leantainn, bha na cleachdaidhean cànan a bha aca, cleachdadh susbaint nam measg,

a' sealltainn nach robh na cleachdaidhean cànan aca cho 'nàdarra' sin leis gun robh iad a' fuireach ann an sgìre far nach robh a' Ghàidhlig bitheanta.

Anns an fharsaingeachd b' urrainnear co-dhùnadh a dhèanamh gur iad na teaghlaichean a bha dualtach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh an fheadhainn a bha a' cur luach ann an susbaint Ghàidhlig mar dhòigh air cànan-a-steach sa Ghàidhlig adhbhrachadh. Bha na teaghlaichean seo a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig a dh'aindeoin nan duilgheadasan a bha iad a' faicinn leis an t-susbaint, b' e sin duilgheadasan ceangailte ri cleachdadh no factaran ceangailte ri cho tarraingeach 's a bha an t-susbaint fhèin; bha iad a' cur nam feumalachdan poileasaidh cànan aca os cionn fheumalachdan eile a bhiodh aca ceangailte ri cleachdadh susbaint. Mar eisimpleir, bha eisimpleirean ann de phàrantan a' cleachdadh susbaint nach robh iad a' smaointinn a bha math dìreach air sgàth agus gun robh i anns a' Ghàidhlig; bha iad a' cur nam feumalachdan a bha aca airson susbaint oideachail no susbaint fhèisteach an dàrna taobh agus a' cur prìomhachas air na feumalachdan a bha aca a thaobh cruthachadh chothroman cànan-a-steach sa Ghàidhlig. Ach chunnacas gun robh factaran eile a' cur bacadh air cho tric 's a chleachd iad susbaint Ghàidhlig agus uaireannan nach robh na feumalachdan cànan-a-steach a' gabhail prìomhachas.

Chunnacas gun robh diofaran ann eadar na teaghlaichean a bha gu math dileas ris a' Ghàidhlig le poileasaidhean gu math làidir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin a-staigh, le cuid a' faicinn luach air susbaint mar chànan-a-steach agus cuid nach robh. Mar sin, cha robh poileasaidh cànan teaghlaich làidir a' ciallachadh gum biodh clann anns na teaghlaichean sin a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig no gum biodh pàrantan a' faicinn luach ann mar chànan-a-steach. Thathar air meòrachadh gun robh na diofaran a nochd am measg pàrantan a thaobh an luach a bha iad a' cur air susbaint mar chànan-a-steach a' nochdadh air sgàth agus gun robh an àrainneachd agus an co-theacsa na b' fharsaingeach a' toirt buaidh

air na poileasaidhean cànan aca. Bha ideòlas cànan ceangailte ri ‘nàdarrachd’ cudromach do chuid agus bha iad a’ faicinn dhòighean eile na bu chudromaiche agus ‘nàdarra’ cànan-a-steach a chruthachadh. Mar sin shaoil iad nach b’ fhiach e susbaint Ghàidhlig a chleachdadh, le cuid de na cnapan-starra a bha na cois, air adhbharan cànan-a-steach.

#### **8.4 Dè tha na toraidhean rannsachaidh a’ ciallachadh do phoileasaidh cànan anns an fharsaingeachd?**

An toiseach, ged nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh cho tric sin am measg na cloinne anns an rannsachadh seo b’ e iomadh factar a bu choireach airson sin. Ach bha fianais ann gun robh cuid de phàrantan ann a bha a’ feuchainn ri susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar ghoireas poileasaidh cànan. Bha iad den bheachd gun robh susbaint Ghàidhlig cudromach agus cuideachail dhaibh agus iad a’ feuchainn ri cloinn dà-chànanach a thogail. Bha eisimpleirean ann de phàrantan a’ taghadh susbaint Ghàidhlig airson a bhith gan cuideachadh a’ cur ris an àrainneachd Ghàidhlig a bha aca a-staigh co-dhiù (B), airson a bhith a’ dìon suidheachadh na Gàidhlig ann an àrainneachd dhà-chànanach (A) agus airson cothroman Gàidhlig a chruthachadh ann an àrainneachd Bheurla a-staigh (C agus D). Mar sin, ged nach eil sinn buileach cinnteach air na dearbh bhuidhean (ma tha gin) a dh’fhaodadh a bhith aig susbaint Ghàidhlig air cleachdaidhean, comasan no seasamhan cànan cloinne, tha fios againn bho thoraidhean an tràchdais seo gun robh cuid de phàrantan co-dhiù ga faicinn feumail agus iad a’ gabhail ris gum faodadh deagh bhuidhean a bhith aice.

Chunnacas cuideachd gun robh e soilleir nach robh tuigse no mothachadh aig na pàrantan mu na cothroman a bha ann a thaobh susbaint Ghàidhlig. A bharrachd air cion-mothachaidh mu fhaotainneachd na susbaint fhèin, cha robh fiosrachadh aig pàrantan mu cho cudromach ’s a dh’fhaodadh pàrantan cleachdaidh susbaint a bhith taobh a-staigh nam poileasaidhean cànan teaghlaich aca. Dh’fhaoidte nach robh iad fiosraichte gu leòr mu cho

curomach agus a tha cànan-a-steach san fharsaingeachd gu h-àraidh ann an suidheachaidhean mion-chànanach. Cuideachd, 's dòcha nach robh pàrantan eòlach air cho doirbh 's a bha e clann dà-chànanach a thogail le mion-chànan agus nach robh e gu bhith a' faireachdainn 'nàdarra'.

Dh'fhaoidte gu bheil na toraidhean air susbaint na susbaint Ghàidhlig fhèin ag innse dhuinn gu bheil call chothroman air nochdadh a thaobh mar a dh'fhaodadh an t-susbaint buaidh a thoirt air amasan poileasaidh cànan. An toiseach, bha dìth susbaint a bha oideachail a' ciallachadh gur dòcha gun robhas a' call a-mach air na buaidhean air togail cànan a dh'fhaodadh tighinn às a leithid de shusbaint. Bha dìth susbaint 'live-action' a' ciallachadh nach biodh a' chlann tric a' faicinn dhaoine dha-rìribh a' bruidhinn na Gàidhlig agus dh'fhaoidte gum biodh buaidh aige sin air mar a bha iad a' faicinn inbhe na Gàidhlig. Mu dheireadh bha dìth phrògraman a chaidh a dhèanamh bho thùs sa Ghàidhlig a' ciallachadh gur dòcha gun robh cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann airson ideòlasan 'Gàidhlig' a chruthachadh air an call cuideachd. A bharrachd air sin, nan robh susbaint tharraingeach ann sa Ghàidhlig nach robh co-ionann ris a' Bheurla, bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh sin a' togail miann airson rudeigin sa Ghàidhlig agus gum biodh eòlas air Gàidhlig na bhuannachd. Ri linn bhiodh sin a' togail inbhe agus feum na Gàidhlig.

Ged a bha iarrtas ann airson susbaint a chaidh a dhèanamh anns a' Ghàidhlig bho thùs agus airson coimhearsnachd Ghàidhlig, bha e follaiseach gun robh na prògraman ainmeil, na 'brandaichean', bho shaoghal na Beurla, agus air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig, tarraingeach cuideachd. A bharrachd air a bhith tarraingeach, dh'fhaoidte gum biodh buaidh aig na seòrsachan phrògraman air inbhe na Gàidhlig; nochd bheachd gun robh e a' cur iongnadh air a' chloinn nuair a bha iad a' faicinn characteran air an robh iad eòlach bho



shaoghal na Beurla agus iad a' bruidhinn na Gàidhlig. Bha am beachd ann am measg cuid de phàrantan gun robh e cudromach gum faiceadh an cuid cloinne gun robh Gàidhlig aig na caractaran ainmeil a bha seo oir bha seo a' togail inbhe na Gàidhlig agus cuideachd ga h-àbhaisteachadh. Mar sin, ged a bha iarrtasan ann airson phrògraman ùra a chaidh a chruthachadh sa Ghàidhlig, 's e cothromachadh a tha a dhìth eadar an raon de phrògraman oir dh'fhaoidte gu bheil buannachdan inbhe cànan rim faighinn bho phrògraman ainmeil Bheurla a chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

Tha an rannsachadh seo cuideachd air sealltainn air crìonadh agus gluasad cànan agus air soilleireachadh cho cumhachdach 's a tha a' Bheurla. Ged a bhathar a' cur seachad a' bheachd gum faodadh susbaint Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh an àite susbaint Bheurla ann an dòigh dhiolaidh gus 'maximum engagement' leis a' Ghàidhlig a chruthachadh, dh'fhaoidte ann an da-rìribh nach eil sin gu bhith buileach practaigeach. Ann an suidheachadh de ghluasad cànan far a bheil staid na Gàidhlig air a lagachadh am measg buidhnean de chloinn cho-aoisich, tha sin a' ciallachadh gum b' i Beurla an cànan cudromach agus gum b' e cultar na Beurla a bha cudromach am measg caraidean na cloinne. Bha seo cuideachd a' sealltainn gun robh iomadh fèin-aithne aig a' chloinn agus iad cuideachd airson a bhith mar phàirt de shaoghal na b' fharsainghe na saoghal na Gàidhlig. Bha pàrantan ag aithneachadh gun robh eòlas mu shusbaint Bheurla agus mòr-chultar na Beurla a' toirt inbhe do chloinn am measg nan co-aoisean agus bha e cudromach do phàrantan nach biodh clann air am fàgail a-mach às na coimhearsnachdan sòisealta aca.

Anns an fharsaingeachd, tha e cudromach do phoileasaidh agus planadh cànan gum bi susbaint Ghàidhlig air a cleachdadh. An toiseach, tha e cudromach gun tèid susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gus luach fhaighinn a-mach às an airgead a chaidh a chosg air. Tha e cudromach gum bi luchd-amais aig susbaint Ghàidhlig gus leantaileachd BBC

ALBA a dhaingneachadh. Aig ìre fharsaing, tha BBC ALBA a' toirt àite dhan Ghàidhlig ann an Alba agus a' togail aire dhaoine dhan chànan, an dà chuid daoine le Gàidhlig agus daoine gun Ghàidhlig. Mar sin, tha amasan farsaing ceangailte ri inbhe cànan air an coileanadh tro na meadhanan agus tha brosnachadh coimhearsnachd a tha taiceil dhan Ghàidhlig ann an Alba cudromach do dh'iomairtean ceangailte ris a' chànan. Cuideachd, tha leantail eachd BBC ALBA cudromach do dh'obraichean Gàidhlig; tha e a' toirt chothroman cosnadh do luchd-labhairt na Gàidhlig agus cuideachd obraichean a tha tarraingeach agus air an deagh phàigheadh agus tha sin cuideachd a' cur ri inbhe na Gàidhlig agus an 'calpa cànanach' a tha aice. Mar sin, air na h-adhbharan sin tha cleachdadh susbaint Ghàidhlig a' coileanadh amasan poileasaidh cànan nas fharsaing. Ri linn b' e buannachd a bhiodh ann luchd-coimhid airson an àm ri teachd a stèidheachadh; ag amas air clann an-dràsta le dòchas gum biodh cleachdadh BBC ALBA aig aois òg a' ciallachadh gum biodh e na fhasan dhaibh a bhith ga leantail airson a' chòrr dem beatha.

## **8.5 Molaidhean practaigeach**

Chan eil dearbhadh againn air na buaidhean dìreach a dh'fhaodadh a bhith aig na meadhanan air glèidheadh agus ath-bheòthachadh na Gàidhlig. Anns an litreachas chunnacas gu bheil na h-eòlaichean fhathast a' deasbad air na buaidhean aig telebhisean air ath-bheòthachadh agus glèidheadh cànan. Ach anns an tràchdas seo, thathar air gabhail ris an ro-bheachd reusanta: gur ann as fheàrr mar as motha de chànan a chluinnear agus a chleachdar, agus ri linn sin tha ròl aig susbaint mar phàirt den chànan-a-steach sin. Mas e agus gu bheil sin fìor no nach eil, sin an ro-bheachd a tha cuideachd aig luchd-poileasaidh na Gàidhlig agus MG ALBA. Tha iad a' moladh cudromachd na meadhanan gu h-àraidh do dh'inbhe na Gàidhlig. A bharrachd air seo, tha MG ALBA airson agus gum biodh an t-seirbheis aca air a cleachdadh. Tha an rannsachadh a tha seo air laigsean a lorg a tha a' nochdadh a thaobh cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus mar sin tha rudeigin ann an ro-

innleachdan luchd-poileasaidh na Gàidhlig agus na meadhanan Gàidhlig nach eil buileach ag obair. Tha an rannsachadh seo air sealltainn air na factaran a tha a' toirt buaidh air cleachdadh susbaint Ghàidhlig agus bhuapa sin thathar air cnuasachadh far am b' urrainnear leasachaidhean a dhèanamh gus cleachdadh susbaint Ghàidhlig a neartachadh. Thathar air na molaidhean practaigeach airson Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA a thoirt còmhla gu h-ìosal.

***Molaidhean do Bhòrd na Gàidhlig:***

- Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig sùil a thoirt air na ro-innleachdan a tha aca a thaobh a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh mu dheidhinn poileasaidh cànan teaghlaich anns an fharsaingeachd. Bu chòir dhaibh tuilleadh a dhèanamh gus fios a chumail ri pàrantan mu cho cudromach 's a tha cànan-a-steach agus cho doirbh agus 'mì-nàdarra' 's a dh'fhaodadh e a bhith faireachdainn nuair a thathas a' feuchainn ri cloinn dà-chànanach a thogail le Gàidhlig ann an Alba.
- Mar phàirt dhen ro-innleachd sin, bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig aire phàrantan a thoirt dhan ròl a dh'fhaodadh a bhith aig na meadhanan anns na poileasaidhean cànan teaghlaich aca agus dèanamh cinnteach gu bheil fios aca gu bheil goireasan susbaint rim faotainn sa Ghàidhlig. 'S dòcha gum biodh co-obrachadh le MG ALBA cudromach an seo. Ged nach eil dleastanas oifigeil air MG ALBA gus amasan glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan a choileanadh, tha e cudromach do MG ALBA gum bi daoine a' cleachdadh na susbaint aca agus mar sin bhiodh e feumail fios a sgaoileadh mun ròl aig susbaint ann am poileasaidh cànan teaghlaich.

- Cuideachd, leis gu bheil air fhaicinn gur dòcha gu bheil cleachdaidhean, comasan agus ionnsachadh phàrantan fhèin cudromach dha na poileasaidhean cànan a tha aca san dachaigh, bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig coimhead air solarachadh ghoireasan agus chlasaichean Gàidhlig do dh'inbhich agus na ro-innleachdan a tha aca airson leantaileachd nan sgeamaichean sin.

***Molaidhean do MG ALBA:***

- Leudachadh ann am faotainneachd susbaint Ghàidhlig bheò: barrachd chothroman susbaint bheò a choimhead aig amannan nas fhreagarraiche, gu h-àraidh anns a' mhadainn agus tràth air an fheasgar.
- Làthaireachd de shusbaint Ghàidhlig air YouTube.
- Leasachadh air sanasachd susbaint Ghàidhlig: a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig pàrantan agus clann gu bheil susbaint Ghàidhlig ri faotainn agus dè na prògraman a bhios air. 'S dòcha ro-innleachd nas fheàrr a stèidheachadh ceangailte ri na meadhanan sòisealta agus dh'fhaoidte 'brand' sònraichte BBC ALBA a chruthachadh do chloinn.
- A' dèanamh ath-choimhead air clàraidhean-ama BBC ALBA gus an dèanamh nas seasmhaiche agus nas rianail.
- Bu chòir coimhead air furastachd cleachdadh susbaint Ghàidhlig. A bheil dòigh ann eadar-aghaidh a' BhBC iPlayer a dhèanamh nas fhasa a thaobh a bhith a' lorg prògraman cloinne Gàidhlig?

- Cuideachd, a bheil dòigh ann leasachadh a dhèanamh air teicneòlas sheirbheisean a-rithist agus clàraidhean gus am b' urrainn do phrògraman a bhith air an ruith còmhla fear ma seach gu furasta?
- Susbaint nas fhaide a leithid fhiolmaichean sa Ghàidhlig a thoirt seachad.
- Barrachd susbaint a tha oideachail agus le na feartan sònraichte a tha an litreachas air innse dhuinn a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air togail cànanain agus leasachadh san fharsaingeachd.
- Nas lugha de chartùnan agus barrachd 'live-action'.
- Tuilleadh susbaint a tha a' buntainn ri cultar na cloinne, susbaint Albannach, susbaint Ghàidhealach agus susbaint ionadail anns am biodh clann ag aithneachadh am beatha fhèin.
- Susbaint shònraichte ùr a bhiodh air a cruthachadh sa Ghàidhlig bho thùs, 's dòcha a dh'fhaodadh cultar ùr tro mheadhan na Gàidhlig a chruthachadh stèidhichte air susbaint Ghàidhlig.
- Sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidhean eadar-theangachaidh gus fhaighinn a-mach a bheil na h-eadar-theangaichean ro dhoirbh.

## **8.6 Cuibhreachadh an rannsachaidh**

B' e sampall gu math beag de chloinn a chaidh a sgrùdadh anns an rannsachadh seo agus mar sin tha e doirbh co-dhùnidhean coitcheann a dhèanamh a bhiodh a' buntainn ri sluagh

na bu mhotha. Ach b' e doimhneachd seach farsaingeachd a bhathar a' sireadh anns an rannsachadh seo. A thaobh nam modhan-rannsachaidh, bha toraidhean an rannsachaidh stèidhichte air aithrisean phàrantan fhèin agus mar sin dh'fhaodadh firinn nan toraidhean a cheasnachadh. Ach dh'fheuchadh ri cuibhreachadh a chur air amharasan mu fhìrinneachd le a bhith a' cleachdadh dà mhodh-rannsachaidh: agallamhan agus leabhraichean-latha. Cuideachd a thaobh sgrùdadh air an t-susbaint fhèin, b' ann aig ìre gu math bunasach a chaidh seo a dhèanamh. Mar sin, tha rannsachadh nas coileanta air an t-susbaint agus na prògraman fhèin a dhìth gus dealbh nas doimhne fhaighinn.

## **8.7 Molaidhean airson tuilleadh rannsachaidh**

Bhon tràchdas seo tha iomadh cuspair agus ceist rannsachaidh eile air nochdadh agus àiteachan air an ainmeachadh far a bheil tuilleadh rannsachaidh a dhìth. Gu h-ìosal tha liosta de mholaidhean airson tuilleadh rannsachaidh.

- Rannsachadh coltach ris na chaidh a dhèanamh anns an tràchdas seo ach le sampall na bu mhotha gus fhaicinn a bheil toraidhean an tràchdais seo air an riochdachadh ann an sluagh nas motha ach cuideachd san fharsaingeachd airson dealbh nas motha fhaighinn air cleachdaidhean susbaint.
- Rannsachadh air cleachdaidhean nam meadhanan Gàidhlig am measg bhuidhnean aoisean eadar-dhealaichte.
- Rannsachadh a tha a' feuchainn ri faighinn a-mach a bheil buaidhean aig susbaint Ghàidhlig air cleachdaidhean, comasan agus ideòlasan cànanain am measg nan daoine a tha ga coimhead.

- Rannsachadh air MG ALBA fhèin agus mar a tha iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh susbaint chloinne agus na factaran a tha an sàs anns a' phròiseas sin.
- Cuideachd, rannsachadh air gu dè an ìre a bhios MG ALBA a' gabhail gnothach ri amasan glèidheadh agus ath-bheòthachadh cànan nuair a bhios iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh dè an t-susbaint a nochdas air BBC ALBA.
- Rannsachadh air pròiseasan agus ro-innleachdan eadar-theangachaidh a tha an sàs ann an susbaint a tha a' nochdadh air BBC ALBA agus sgrùdadh a gheibh a-mach a bheil na h-eadar-theangachaidhean ro dhoirbh.
- Sgrùdadh mionaideach air an t-susbaint a tha air BBC ALBA gus dealbh ceart coileanta fhaighinn air an dearbh shusbaint a tha ri faighinn agus na feartan sònraichte a tha aig an t-susbaint agus dè a tha a dhìth.

## 8.8 Co-dhùnadh

Anns a' chaibideil seo chaidh iomradh a thoirt air co-dhùnaidhean an rannsachaidh. Bheachdaicheadh air carson nach deach susbaint Ghàidhlig a chleachdadh mar a dh'fhaodadh i agus carson a nochd diofaran eadar cleachdaidhean susbaint na cloinne. Mhìnichheadh na bha na toraidhean a' ciallachadh do phoileasaidh cànan anns an fharsaingeachd. Thugadh seachad molaidhean do luchd-poileasaidh agus molaidhean airson tuilleadh rannsachaidh.

Tha an tràchdas seo suidhichte eadar raointean-rannsachaidh nam meadhanan mion-chànanach agus poileasaidh cànan teaghlaich. Tha gainnead rannsachaidh againn air na meadhanan Gàidhlig agus tha an tràchdas seo a' cur ris an tuigse a tha againn air an raon-

rannsachaidh meadhanach òg seo. Cuideachd, tha an rannsachadh seo a' leudachadh air an eòlas a th' againn air poileasaidh cànan teaghlaich ann an co-theacsa na Gàidhlig ann an Alba. Thathar an dòchas gum bi molaidhean an tràchdais feumail ann an gnìomh do luchd-poileasaidh chànan agus luchd-poileasaidh nam meadhanan Gàidhlig.



## TUSAN

- Abrams, J. R. (2010). Asian American television activity: Is it related to outgroup vitality?. *International Journal of Intercultural Relations*, 34(6), 541-550
- Abrams, J. R., & Giles, H. (2007). Ethnic identity gratifications selection and avoidance by African Americans: A group vitality and social identity gratifications perspective. *Media psychology*, 9(1), 115-134
- Abrams, J. R., & Giles, H. (2009). Hispanic television activity: is it related to vitality perceptions?. *Communication Research Reports*, 26(3), 247-252
- American Academy of Pediatrics Council on Communications and Media (2016). Media and Young Minds. *Pediatrics*. 138(5):e20162591
- Anderson, B. (1991) *Imagined Communities* (London: Verso)
- Anderson, D. R., Bryant, J., Wilder, A., Santomero, A., Williams, M., & Crawley, A. M. (2000). Researching Blue's Clues: Viewing behavior and impact. *Media psychology*, 2(2), 179-194
- Anderson, D. R., Field, D. E., Collins, P. A., Lorch, E. P., & Nathan, J. G. (1985). Estimates of young children's time with television: a methodological comparison of parent reports with time-lapse video home observation. *Child development*, 1345-1357
- Anderson, D. R., & Pempek, T. A. (2005). Television and very young children. *American Behavioral Scientist*, 48(5), 505-522
- Armstrong, T. C. (2014). Naturalism and ideological work: how is family language policy renegotiated as both parents and children learn a threatened minority language?. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 17(5), 570-585
- Baker, C. (2011). *Foundations of bilingual education and bilingualism* (Vol. 79). (Multilingual matters)
- Bandura, A. (1971). *Social learning theory* (New York: General Learning Press)
- Banet-Weiser, S. (2004). Girls rule!: Gender, feminism, and Nickelodeon. *Critical Studies in Media Communication*, 21(2), 119-139
- Barac, R., & Bialystok, E. (2011). Cognitive development of bilingual children. *Language Teaching*, 44(1), 36-54
- Barkhuizen, G., & Knoch, U. (2006). Macro-Level policy and Micro-Level planning. *Australian Review of Applied Linguistics*, 29(1), 3-1
- Barr, R., Muentener, P., Garcia, A., Fujimoto, M., & Chávez, V. (2007). The effect of repetition on imitation from television during infancy. *Developmental Psychobiology*, 49(2), 196-207

- Barr, R., Zack, E., Garcia, A., & Muentener, P. (2008). Infants' attention and responsiveness to television increases with prior exposure and parental interaction. *Infancy*, 13(1), 30-56
- Bayley, R., & Schecter, S. R. (deas.). (2003). *Language socialization in bilingual and multilingual societies* (Vol. 39). (Multilingual Matters)
- BBC ALBA Service Licence (2015)  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/regulatory\\_framework/service\\_licence\\_s/tv/2015/alba\\_jul15.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/regulatory_framework/service_licence_s/tv/2015/alba_jul15.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Loidhne-tim Craoladh nan Gàidheal. <http://www.bbc.co.uk/alba/tasglann/timeline/> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC (2017). *Annual Report and Accounts 2016/17*  
<http://downloads.bbc.co.uk/aboutthebbc/insidethebbc/reports/pdf/bbc-annualreport-201617.pdf> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Framework Agreement (2006)  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how\\_we\\_govern/agreement.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how_we_govern/agreement.pdf) (air luchdadh a-nuas (08/17)
- BBC Framework Agreement (2017)  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how\\_we\\_govern/2016/agreement.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how_we_govern/2016/agreement.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Royal Charter (2006)  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how\\_we\\_govern/charter.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how_we_govern/charter.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Royal Charter (2017)  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how\\_we\\_govern/2016/charter.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/about/how_we_govern/2016/charter.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Trust (2007). *Gaelic Digital Service: Public Value Test: Provisional Conclusions*  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/consult/gaelic\\_digital\\_service/pvt\\_provisional\\_conclusions.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/consult/gaelic_digital_service/pvt_provisional_conclusions.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- BBC Trust (2010). *BBC ALBA Review Final Conclusions*,  
[http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/our\\_work/alba/alba\\_review.pdf](http://downloads.bbc.co.uk/bbctrust/assets/files/pdf/our_work/alba/alba_review.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- Beals, D. E. (2001). 'Eating and reading: Links between family conversations with preschoolers and later language and literacy.' Ann an: Dickinson, D.K., & Tabors, P.O. *Beginning literacy with language: Young children learning at home and school*, (Brookes: Baltimore), 75-92
- Bergen, D. (2002). The role of pretend play in children's cognitive development. *Early Childhood Research & Practice*, 4(1)
- Blackledge, A., & Pavlenko, A. (2002). Introduction. *Multilingual–Journal of Cross-Cultural and Interlanguage Communication*, 21, 121-140

Bolger, N., Davis, A., & Rafaeli, E. (2003). Diary methods: Capturing life as it is lived. *Annual review of psychology*, 54(1), 579-616

Bòrd na Gàidhlig (2007). *Plàna Cànanain Nàiseanta Gàidhlig 2007 –12*, (Inbhir Nis)

Bòrd na Gàidhlig (2012). *Plàna Cànanain Nàiseanta Gàidhlig 2012 –17, Fàs agus Feabhas* (Inbhir Nis)

Bòrd na Gàidhlig (2016) *Data Foghlaim Gàidhlig 2016/17*, <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/Dàta-Foghlaim-AM-FOLLAIS-2016-17-egn-1-PUBLIC-Education-Data.pdf> (air luchdadh a-nuas 08/17)

Bourdieu, P. (1986) 'The forms of capital.' Ann an: Richardson J.G. (deas.) *Handbook of Theory and Research for the Sociology of Education*. (New York, NY: Greenwood Press), 241-258

Bourdieu, P. (1991). *Language and symbolic power*. (Harvard University Press)

Bourhis, R. Y., Giles, H., & Rosenthal, D. (1981). Notes on construction of a 'subjective vitality questionnaire' for ethnolinguistic groups. *Journal of Multilingual and Multicultural Development* 2: 145-55

Brannen, J. (2012). 'How many qualitative interviews is enough?'. Contribution to ESRC NCRM Discussion Paper le Baker, S.E., Edwards, R. and Doidge, M., *How many qualitative interviews is enough?: Expert voices and early career reflections on sampling and cases in qualitative research*

Broadcasting Act 1990

Broadcasting Act 1996

Broadcasting Council for Scotland (1982). *Report of the Study Group on the Future of Gaelic Broadcasting* (Glasgow: BBC Scotland)

Broekman, F. L., Piotrowski, J. T., Beentjes, H. W., & Valkenburg, P. M. (2016). A parental perspective on apps for young children. *Computers in Human Behavior*, 63, 142-151

Browne, D. R. (1996). *Electronic Media and Indigenous Peoples: A Voice of Our Own?* (Ames, IA: Iowa State University Press)

Browne, D. R., & Uribe-Jongbloed, E. (2013) 'Minority language media studies and communication for social change: Dialogue between Europe and Latin America'. Ann an Jones, E. H. G., & Uribe-Jongbloed, E. (deas.) (2013). *Social media and minority languages: Convergence and the creative industries* (Vol. 152). (Multilingual Matters), 1-28

Bryman, A. (2012). *Social Research Methods*. (Oxford University Press)

- Bryman, A. (2012). 'How many qualitative interviews is enough?'. Contribution to ESRC NCRM Discussion Paper le Baker, S.E., Edwards, R. and Doidge, M., *How many qualitative interviews is enough?: Expert voices and early career reflections on sampling and cases in qualitative research*
- Bucholtz, M., & Hall, K. (2004). 'Language and identity'. Ann an: Duranti, A. (deas.) *Companion to Linguistic Anthropology* (Malden, MA: Blackwell), 369-394
- Caimbeul, A. (1972) 'Telebhision Ti-Bhi.' *Moll is Cruithneachd* (Gairm)
- Caldas, S. J. (2012). 'Language policy in the family.' Ann an: Spolsky, B. (deas.) *The Cambridge handbook of language policy*. (Cambridge: Cambridge University Press), 351-373
- Caldas, S. J., & Caron-Caldas, S. (2000). The influence of family, school, and community on bilingual preference: Results from a Louisiana/Quebec case study. *Applied Psycholinguistics*, 21(3), 365-381
- Caldas, S. J., & Caron-Caldas, S. (2002). A sociolinguistic analysis of the language preferences of adolescent bilinguals: Shifting allegiances and developing identities. *Applied Linguistics*, 23(4), 490-514
- Calvert, S. L., Strong, B. L., Jacobs, E. L., & Conger, E. E. (2007). Interaction and participation for young Hispanic and Caucasian girls' and boys' learning of media content. *Media Psychology*, 9(2), 431-445
- Campbell, E. (2001). Were the Scots Irish?. *Antiquity*, 75(288), 285-292
- Campbell, J. L. (deas.), (1936). *The Book of Barra*. (London G. Routledge)
- Canagarajah, A. S. (2008). Language shift and the family: Questions from the Sri Lankan Tamil diaspora. *Journal of Sociolinguistics*, 12(2), 143-176
- Chevalier, S. (2012). Active trilingualism in early childhood: The motivating role of caregivers in interaction. *International Journal of Multilingualism*, 9(4), 437-454
- Chonchaiya, W., & Pruksananonda, C. (2008). Television viewing associates with delayed language development. *Acta Paediatrica*, 97(7), 977-982
- Chrisp, S. (2005). 'Maori Intergenerational Language Transmission.' *International Journal of the Sociology of Language* 172: 149-181
- Christakis, D. A. (2009). The effects of infant media usage: what do we know and what should we learn?. *Acta Paediatrica*, 98(1), 8-16
- Christakis, D. A., Garrison, M. M., Herrenkohl, T., Haggerty, K., Rivara, F. P., Zhou, C., & Liekweg, K. (2013). Modifying media content for preschool children: a randomized controlled trial. *Pediatrics*, 131(3), 431-438

Christakis, D. A., Gilkerson, J., Richards, J. A., Zimmerman, F. J., Garrison, M. M., Xu, D., Gray, S. & Yapanel, U. (2009). Audible television and decreased adult words, infant vocalizations, and conversational turns: a population-based study. *Archives of Pediatrics & Adolescent Medicine*, 163(6), 554-558

Christakis, D. A., & Zimmerman, F. J. (2009). Young children and media: Limitations of current knowledge and future directions for research. *American Behavioral Scientist*, 52(8), 1177-1185

Clancy, T. O. (2005). Gaelic Scotland: A Brief History (Inverness: Bòrd na Gàidhlig) <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/Clancy-2005-Eachdraidh-na-Gaidhlig-CR05-01-x2-History-of-Gaelic.pdf> (air luchdadh a-nuas 08/17)

Close, R. (2004). Television and Language Development in the Early Years: A Review of the Literature. *National Literacy Trust*

Comhairle nan Eilean Siar (2013) *Plana Cànanain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2013-2017*

Comhairle nan Eilean Siar (2012) Factfile - Population. <http://www.cne-siar.gov.uk/factfile/population/documents/Barra%20and%20Vatersay%20Profile.pdf> (air luchdadh a-nuas 08/17)

Comhairle nan Leabhraichean. <http://www.gaelicbooks.org>

Comstock, G. (1993). 'The role of television in American life.' Ann an: Berry, G. L. & Asamen, J. K. (deas.), *Children and television: Images in a changing sociocultural world* (Newbury Park: Sage Publications), 117-131

Comunn na Gàidhlig (1988). *Towards a Gaelic Television Service* (Inverness: Comunn na Gàidhlig)

Communications Act 2003

Cormack, M. (2004). Developing Minority Language Media Studies. *Mercator Media Forum*, 7(1), 3-12

Cormack, M. (2007). The media and language maintenance. Ann an: Cormack, M. J., & Hourigan, N. (deas.) *Minority language media: Concepts, critiques and case studies* (Vol. 138). (Multilingual Matters), 52-68

Cormack, M. (2013). 'Concluding remarks: Towards an understanding of media impact on minority language use.' Ann an Jones, E. H. G., & Uribe-Jongbloed, E. (deas.) (2013). *Social media and minority languages: Convergence and the creative industries* (Vol. 152). (Multilingual Matters), 255-65

Crystal, D. (2000). *Language death*. (Ernst Klett Sprachen)

Curdt-Christiansen, X. L. (2009). Invisible and visible language planning: Ideological factors in the family language policy of Chinese immigrant families in Quebec. *Language Policy*, 8(4), 351-375

- Curdt-Christiansen, X. L. (2013). Family language policy: Sociopolitical reality versus linguistic continuity. *Language Policy* (12), 1-6
- Curdt-Christiansen, X. L. (2016). Conflicting language ideologies and contradictory language practices in Singaporean multilingual families. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 37(7), 694-709
- D'Arma, A., & Labio, A. (2017). Making a difference? Public service broadcasting, distinctiveness and children's provision in Italy and Spain. *International Journal of Digital Television*, 8(2), 183-199
- D'Arma, A., & Steemers, J. (2012). Localisation strategies of US-owned children's television networks in five European markets. *Journal of Children and Media*, 6(2), 147-163
- De Houwer, A., (1999) 'Environmental factors in early bilingual development: The role of parental beliefs and attitudes.' Ann an: Extra, G., & Verhoeven, L. (deas.). *Bilingualism and migration* (Vol. 14). (Walter de Gruyter), 75-96
- De Houwer, A. (2007). Parental language input patterns and children's bilingual use. *Applied psycholinguistics*, 28(3), 411-424
- De Houwer, A. (2009). *Bilingual first language acquisition*. (Clevedon: Multilingual Matters)
- Dixon, L. Q., Zhao, J., Quiroz, B. G., & Shin, J. Y. (2012). Home and community factors influencing bilingual children's ethnic language vocabulary development. *International Journal of Bilingualism*, 16(4), 541-565
- Döpke, S. (1992). *One parent one language: An interactional approach* (Vol. 3). (John Benjamins Publishing)
- Dorian, N. C. (1981). *Language death: The life cycle of a Scottish Gaelic dialect*. (University of Pennsylvania Press)
- Duff, P. A. (2010). Language socialization into academic discourse communities. *Annual review of applied linguistics*, 30, 169-192
- Dunbar, R. (2003). 'Gaelic-medium broadcasting: reflections on the legal framework from a sociolinguistic perspective.' Ann an: Kirk, J. M., & Ó. Baoill, D. (deas.) *Towards our goals in broadcasting, the press, the performing arts and the economy: minority languages in Northern Ireland, the Republic of Ireland, and Scotland*. (Belfast: Cló Ollscoil na Baríona), 73-82
- Dunbar, R. (2006). 'Gaelic in Scotland: The Legal and Institutional Framework.' Ann an: W. McLeod (deas.), *Revitalising Gaelic in Scotland* (Edinburgh: Dunedin Academic Press), 1-23
- Dunbar, R. (2012). BBC ALBA and the evolution of Gaelic television broadcasting: A case study. *European Yearbook of Minority Issues Online*, 9(1), 389-418

- Dunmore, S. S. (2016). Immersion education outcomes and the Gaelic community: identities and language ideologies among Gaelic medium-educated adults in Scotland. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 1-16
- Duranti, A. (1997) *Linguistic Anthropology*. (Cambridge: Cambridge University Press)
- Duwe, K. C. (2005). *Vol. 02: Eilean Bharraigh* [http://www.linguae-celticae.org/dateien/Gaidhlig\\_Local\\_Studies\\_Vol\\_02\\_Barraigh\\_Ed\\_II.pdf](http://www.linguae-celticae.org/dateien/Gaidhlig_Local_Studies_Vol_02_Barraigh_Ed_II.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- Edwards, J. (2009). *Language and Identity* (Cambridge: Cambridge University Press)
- Edwards, J. (2010). *Minority languages and group identity: Cases and categories* (Vol. 27). (John Benjamins Publishing)
- Edwards, V., & Newcombe, L. P. (2005). When school is not enough: New initiatives in intergenerational language transmission in Wales. *International journal of bilingual education and bilingualism*, 8(4), 298-312
- Fail, H., Thompson, J., & Walker, G. (2004). Belonging, identity and third culture kids: Life histories of former international school students. *Journal of Research in International Education*, 3(3), 319-338
- Ferguson, C. A. (1959). Diglossia. *Word*, 15(2), 325-340
- Fetterman, D. M. (1998). *Ethnography*. (Sage Publications, Inc)
- Fishman, J. A. (1965). Who speaks what language to whom and when?. *La linguistique*, 1(Fasc. 2), 67-88
- Fishman, J. A. (1991). *Reversing language shift: Theoretical and empirical foundations of assistance to threatened languages* (Vol. 76). (Multilingual Matters)
- Fishman, J. A. (2001). *Can threatened languages be saved?* (Clevedon: Multilingual Matters)
- Flick, U. (2009). *An Introduction to Qualitative Research*. (SAGE)
- Fogle, L. W., & King, K. A. (2013). Child agency and language policy in transnational families. *Issues in Applied Linguistics*, 19
- Fraser, A. (1989). *Gaelic in Primary Education: A Study of the Development of Gaelic Bilingual Education in Urban Contexts*. Tràchdas PhD neo-fhoillsichte. (University of Glasgow)
- Fraser, N. (1998). 'A Review of Aspects of Gaelic Broadcasting'. Aithisg le Fraser Production and Consultancy for the Scottish Office Education and Industry Department, Arts and Cultural Heritage Division
- Frawley, W. (1984). Prolegomenon to a theory of translation. *Translation: Literary, linguistic and philosophical perspectives*, 159-175

- French, J., & Pena, S. (1991). Children's Hero Play of the 20th Century: Changes Resulting from Television's Influence. *Child Study Journal*, 21(2), 79-95
- Gaelic Broadcasting Task Force (2000). *Gaelic Broadcasting Task Force Report*. (Edinburgh: The Scottish Executive)
- Gafaranga, J. (2010). Medium request: Talking language shift into being. *Language in Society*, 39(2), 241-270
- Gal, S. (1998). 'Multiplicity and contestation among linguistic ideologies.' Ann an K. Woolard K., & Schieffelin, B. (deas), *Language ideologies: Practice and theory* (Oxford University Press), 317-331
- Gal, S., & K. Woolard 1995. 'Constructing languages and publics: Authority and representation', *Pragmatics*, (5), 129-138
- Gao, G., Schmidt K. L., Gudykunst W. B. (1990) Strength of ethnic identity and perceptions of ethnolinguistic vitality. Paper presented at the 40<sup>th</sup> International Communication Association convention, Dublin, June.
- Gardner-Chloros, P. (2007). Multilingualism of Autochthonous Minorities. Ann an: P. Auer & Li Wei (deas.), *Handbook of Multilingualism and Multilingual Communication* (Berlin: Mouton de Gruyter), 469- 492
- Gathercole, V. C. M., & Thomas, E. M. (2009). Bilingual first-language development: Dominant language takeover, threatened minority language take-up. *Bilingualism: Language and Cognition*, 12(2), 213-237
- Gauvain, M. (2001). *The social context of cognitive development* (Guilford Press)
- Gerbner, G., Gross, L., Morgan, M., Signorielli, N., & Shanahan, J. (2002). Growing up with television: Cultivation processes. *Media effects: Advances in theory and research*, 2, 43-67
- Giles, H., Taylor, D. M. and Bourhis, R. Y. (1977a). Dimensions of Welsh identity. *European Journal of Social Psychology*, 7(2), 165-174
- Giles, H., Bourhis, R., & Taylor, D. (1977b). Towards a theory of language in ethnic group relations. Ann an Giles, H., (deas.), *Language, ethnicity and intergroup relations* (New York: Academic Press), 307-348
- Giles, H., & Johnson, P. (1981). 'The role of language in ethnic group relations'. Ann an: Turner J. C., & Giles H. (deas.), *Intergroup behaviour* (Oxford, UK: Blackwell), 199-243
- Giles, H., & Johnson, P. (1987). Ethnolinguistic identity theory: A social psychological approach to language maintenance. *International Journal of the Sociology of Language*, 63, 69-99
- Glasgow City Council (2013). *Gaelic Language Plan 2013-2017/ Plana na Gàidhlig 2013 gu 2017*



- Grenoble, L. A. & Whaley, L. J., (2006). *Saving Languages. An introduction to Language revitalization*. (Cambridge: Cambridge University Press)
- Griffiths, M., & Machin, D. (2003). Television and playground games as part of children's symbolic culture. *Social semiotics*, 13(2), 147-160
- Grin, F., Moring, T., Gorter, D., & Häggman, J., Ó Riagáin, D., & Strubel, M. (2003). *Support for Minority Languages in Europe*. Final report on a project financed by the European Commission, Directorate Education and Culture  
[http://www.ecmi.de/fileadmin/downloads/Smile\\_report\\_2002\\_Final.pdf](http://www.ecmi.de/fileadmin/downloads/Smile_report_2002_Final.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- Grin, F. and Vaillancourt, F., (1999). *The Cost Effectiveness Evaluation of Minority Language Policies*. (Flensburg: European Centre for Minority Issues)
- Grugeon, E. (2004). 'From Pokémon to Potter: trainee teachers explore children's media-related play, 2000-2003.' Ann an: Goldstein, J., Buckingham, D., & Brougère, G. (deas.) *Toys, games, and media* (Routledge), 73-89
- Guardado, M. (2006). Engaging language and cultural spaces: Latin American parents' reflections on language loss and maintenance in Vancouver. *Canadian Journal of Applied Linguistics/Revue canadienne de linguistique appliquée*, 9(1), 51-72
- Guardado, M. (2010) Heritage Language Development: Preserving a Mythic Past or Envisioning the Future of Canadian Identity? *Journal of Language, Identity & Education*, 9:5, 329-346
- Habermas, J. (1989) *The structural transformation of the public sphere*, eadar-th. Thomas Burger. (Cambridge: MIT Press), 85, 85-92
- Halliday, M. (2003). 'Three aspects of children's language development: Learning language, learning through language, learning about language.' Ann an: Webster, J. (deas.), *The language of early childhood* (London: Continuum) 308-326
- Harris, J. R. (1995). Where is the child's environment? A group socialization theory of development. *Psychological review*, 102(3), 458
- Hart, B., & Risley, T. R. (1995). *Meaningful differences in the everyday experience of young American children* (Baltimore, MD: Paul H Brookes Publishing)
- Harwood, J. (1997). Viewing age: Lifespan identity and television viewing choices. *Journal of Broadcasting & Electronic Media*, 41(2), 203-213
- Harwood, J. (1999). Age identification, social identity gratifications, and television viewing. *Journal of Broadcasting & Electronic Media*, 43(1), 123-136
- Harwood, J., Giles, H., & Bourhis, R. Y. (1994). The genesis of vitality theory: Historical patterns and discursal dimensions. *International Journal of the Sociology of Language*, 108(1), 167-206
- Harwood, J., & Vincze, L. (2015). Ethnolinguistic identification, vitality, and gratifications for television use in a bilingual media environment. *Journal of Social Issues*, 71(1), 73-89

- Hastings, P. D., & Grusec, J. E. (1998). Parenting goals as organizers of responses to parent-child disagreement. *Developmental psychology*, 34(3), 465
- Heath, S. B. (1983). *Ways with words: Language, life and work in communities and classrooms.*(Cambridge: Cambridge University Press)
- Home Office (1978). *Broadcasting White Paper* (London: HMSO)
- Hornberger, N. H. (2006). 'Frameworks and models in language policy and planning.' Ann an: Ricento, T. (deas.). (2006). *An introduction to language policy: Theory and method.* (Blackwell Publishing), 24-41
- Hoskins, C., & Mirus, R. (1988). Reasons for the US dominance of the international trade in television programmes. *Media, Culture & Society*, 10(4), 499-515
- Huntemann, N., & Morgan, M. (2001). 'Mass media and identity development.' Ann an: Singer, D. G., & Singer, J. L. (deas) *Handbook of Children and the Media.* (SAGE), 309-322
- Ionnsachadh agus Teagasg Alba (2010), *Litearrachd agus Gàidhlig: prionnsapalan agus cleachdadh.* (Dundee: Learning and Teaching Scotland)
- Jones, E. H. G. (2007). The Territory of Television: S4C and the Representation of the 'Whole of Wales'. Ann an: Cormack, M. J., & Hourigan, N. (deas.) *Minority language media: Concepts, critiques and case studies* (Vol. 138). (Multilingual Matters), 188-211
- Jones, E. H. G. (2013). 'Minority language media, convergence culture and the indices of linguistic vitality.' Ann an Jones, E. H. G., & Uribe-Jongbloed, E. (deas.) (2013). *Social media and minority languages: Convergence and the creative industries* (Vol. 152). (Multilingual Matters), 58-72
- Kampf, Z., & Hamo, M. (2015). Children talking television: The salience and functions of media content in child peer interactions. *Discourse & Communication*, 9(4), 465-485
- Kaplan, R. B. and Baldauf, R. B. (1997). *Language planning from practice to theory* (Vol. 108) (Multilingual Matters)
- Katz, E. (1959). Mass communications research and the study of popular culture: An editorial note on a possible future for this journal. *Studies in public communication*, 2, 1-6
- Katz, E., Blumler, J., & Gurevitch, M. (1974). 'Utilization of mass communication by the individual.' Ann an: Blumler, J. G., & Katz, E. (deas.) *The uses of mass communications: Current perspectives on gratifications research* (London, England: SAGE), 19-32
- King, K., & Fogle, L. (2006). Bilingual parenting as good parenting: Parents' perspectives on family language policy for additive bilingualism. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 9(6), 695-712
- King, K. A., Fogle, L., & Logan-Terry, A. (2008). Family language policy. *Language and linguistics compass*, 2(5), 907-922

- Kirkorian, H. L., Wartella, E. A., & Anderson, D. R. (2008). Media and young children's learning. *The Future of Children*, 18(1), 39-61
- Kirsch, C. (2012). Ideologies, struggles and contradictions: An account of mothers raising their children bilingually in Luxembourgish and English in Great Britain. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 15(1), 95-112
- Klein, H., & Shiffman, K. S. (2006). Race-related content of animated cartoons. *The Howard Journal of Communications*, 17(3), 163-182
- Kopeliovich, S. (2009). *Reversing language shift in the immigrant family: A case study of a Russian-speaking community in Israel*. (Saarbrücken: VDM Verlag Dr Müller)
- Kopeliovich, S. (2010). Family Language Policy: A Case Study of a Russian-Hebrew Bilingual Family: Toward a Theoretical Framework. *Diaspora, Indigenous, and Minority Education* 4 (3): 162-176
- Kopeliovich, S. (2013). Happylingual: A family project for enhancing and balancing multilingual development. Ann an Schwartz, M., & Verschik, A. (deas.) *Successful family language policy: Parents, children and educators in interaction* (Vol. 7). (Springer Science & Business Media: Netherlands), 249-275
- Krcmar, M., Grela, B. G., & Lin, Y. J. (2004). Learning vocabulary from television: Toddlers, Teletubbies, and attention. *Manuscript submitted for publication*.
- Krcmar, M., Grela, B., & Lin, K. (2007). Can toddlers learn vocabulary from television? An experimental approach. *Media Psychology*, 10(1), 41-63
- Kunkel, D., Wilson, B. J., Linz, D., Potter, J., Donnerstein, E., Smith, S. L., Blumenthal, E. & Gray, T. (1994). Violence in television programming overall: University of California Santa Barbara study. *Mediascope, National Television Violence Study*
- Landgraf, S. (2013). *Cànain agus Cultar ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: Neartan, Duilgheadasan agus am Buaidh air Comasan is Seasamhan Cànain na h-Òigridh*. Tràchdas PhD neo-fhoillsichte. (University of Aberdeen/University of the Highlands and Islands)
- Lanza, E. (2004). *Language Mixing in Infant Bilingualism: A Sociolinguistic Perspective*. (New York: Oxford University Press)
- Lanza, E. (2007). 'Multilingualism and the family.' Ann an: Auer, P., & Wei, L. (deas.). *Handbook of multilingualism and multilingual communication*, 5, (alter de Gruyter), 45-67
- Lemish, D., & Rice, M. L. (1986). Television as a talking picture book: A prop for language acquisition. *Journal of Child Language*, 13(2), 251-274
- Leseman, P. P., Scheel, A. F., Mayo, A. Y., & Messer, M. H. (2009). Bilingual development in early childhood and the languages used at home: competition for scarce resources?. *Streitfall Zweisprachigkeit—the bilingualism controversy*, 289-316

- Lewis, J. (2003). 'Design Issues.' Ann an: Ritchie, J., Lewis, J., Nicholls, C. M., & Ormston, R. (deas.) *Qualitative research practice: A guide for social science students and researchers*. (Sage), 47-76
- Lillard, A. S., & Peterson, J. (2011). The immediate impact of different types of television on young children's executive function. *Pediatrics*, 128(4), 644-649
- Linebarger, D. L., & Vaala, S. E. (2010). Screen media and language development in infants and toddlers: An ecological perspective. *Developmental Review*, 30(2), 176-202
- Linebarger, D. L., & Walker, D. (2005). Infants' and toddlers' television viewing and language outcomes. *American behavioral scientist*, 48(5), 624-645
- Luykx, A. (2003). 'Weaving languages together: Family language policy and gender socialization in bilingual Aymara households.' Ann an: Bayley, R., & Schecter, S. R. (deas.) *Language socialization in bilingual and multilingual societies* (Vol. 39). (Multilingual Matters) 25-43
- Luykx, A. (2005). Children as socializing agents: Family language policy in situations of language shift. In *ISB4: Proceedings of the 4th International Symposium on Bilingualism* (pp. 1407-1414). (Somerville, MA: Cascadilla Press)
- Mac an Tàilleir, I., Rothach G. & Armstrong, T. C. (2010), *Barail agus Comas cànan* (Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig)
- Mac an Tàilleir (2015) *Cunntas Sluaigh na h-Alba: Clàran Gàidhlig*. (Neo-fhoillsichte)
- Macdonald, S. (1997). *Reimagining Culture: Histories, Identities and the Gaelic Renaissance* (Oxford: Berg)
- MacKinnon, K. (1991). *Gaelic: A past and future prospect* (Saltire Society)
- MacKinnon, K. (2005). 'Gaelic-medium Education 1985-2005: SGRÙD Research for Bòrd na Gàidhlig'. Taisbeanadh air-loidhne, [http://www.sgrud.org.uk/anfy/celtic/gaelic\\_medium\\_education85\\_05/page1.htm](http://www.sgrud.org.uk/anfy/celtic/gaelic_medium_education85_05/page1.htm) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- MacKinnon, K. (2010). 'The Gaelic Language-Group: Demography, Language-Usage,-Transmission, and-Shift.' Ann an: Watson, M., & M. Macleod (deas.) *The Edinburgh Companion to the Gaelic Language* (Edinburgh: Edinburgh University Press), 128-147
- MacLeod, D. J. (2009). Reversing the decline of Gaelic: the contribution of Gaelic medium education. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 65, 229-41
- Macleod, M. (2010). 'Language in society: 1800 to the modern day.' Ann an: Watson, M., & M. Macleod (deas.) *The Edinburgh Companion to the Gaelic Language* (Edinburgh: Edinburgh University Press), 22-45
- Macleod, M., MacLeod, M., Thirkell, A., & Coyle, D. (2014). *Young Speakers' Use of Gaelic in the Primary Classroom: A multi-perspectival pilot study*. [http://www.soillse.ac.uk/downloads/YoungSpeakers\\_Final.pdf](http://www.soillse.ac.uk/downloads/YoungSpeakers_Final.pdf) (air luchdadh a-nuas 05.15)

- Mac Leòid, A. (2015) ‘Ceist dha Western Isles Council’ *Dàna* <http://danamag.org/ceist-dha-western-isles-council/> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- MacLeòid, D. J. (2007), ‘Sùil air ais’. Ann an: NicNeacail, M., & MacÌomhair, M. (deas), *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig* (Edinburgh: Dunedin Academic Press), 1-15
- Marsh, J., & Bishop, J. (2014). We’re playing Jeremy Kyle! Television talk shows in the playground. *Discourse: Studies in the Cultural Politics of Education*, 35(1), 16-30.
- Marsh, J., Brooks, G., Hughes, J., Ritchie, L., Roberts, S., & Wright, K. (2005). # *Digital beginnings: Young children’s use of popular culture, media and new technologies*. (University of Sheffield: Literacy Research Centre)
- Martínez-Roldán, C. M., & Malavé, G. (2004). Language ideologies mediating literacy and identity in bilingual contexts. *Journal of Early Childhood Literacy*, 4(2), 155-180
- May, S. (2001) *Language and Minority Rights, Ethnicity, Nationalism and the Politics of Language*. (Harlow: Pearson Education)
- McLeod, W. (2003). ‘Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba.’ Ann an: Scott, M., & Bhaoill, N. R. (deas.) *Gaelic-Medium Education Provision: Northern Ireland, the Republic of Ireland, Scotland and the Isle of Man* (Belfast: Cló na Banriona, Queen’s University Belfast), 104-32
- McLeod, W. (2004). *Divided Gaels: Gaelic cultural identities in Scotland and Ireland, c. 1200-c. 1650*. (Oxford University Press, USA)
- McLeod, W., Pollock, I., & MacCaluim, A. (2010). *Adult Gaelic learning in Scotland: Opportunities, motivations and challenges*. (Edinburgh: Celtic and Scottish Studies, University of Edinburgh) <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/CR09-04-GfA-Gaelic-for-Adults-2010-English.pdf> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- McQuail, D., Blumler, J. G., & Brown, J. R. (1972). ‘The television audience: A revised perspective.’ Ann an: McQuail, D. (deas.), *Sociology of mass communications* (Harmondsworth: Penguin), 135-165
- Mendelsohn, A. L., Berkule, S. B., Tomopoulos, S., Tamis-LeMonda, C. S., Huberman, H. S., Alvir, J., & Dreyer, B. P. (2008). Infant television and video exposure associated with limited parent-child verbal interactions in low socioeconomic status households. *Archives of pediatrics & adolescent medicine*, 162(5), 411-417
- Mertz, E. (1989). ‘Sociolinguistic creativity: Cape Breton Gaelic’s linguistic tip.’ Ann an: Dorian, N. (deas.) *Investigating obsolescence*. (Cambridge: Cambridge University Press), 103-116
- MG ALBA (2009). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2008/09*
- MG ALBA (2010). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2009/10*
- MG ALBA (2011). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2010/11*

- MG ALBA (2012). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2011/12*
- MG ALBA (2013). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2012/13*
- MG ALBA (2014). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2013/14*
- MG ALBA (2015a). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2014/15*
- MG ALBA (2015b). *Lèirsinn 2021*
- MG ALBA (2015c) *Co-Chomhairle Poblach MG ALBA 2015: Lèirmheas air ceistean agus freagairtean*. <http://www.mgalba.com/downloads/reports/mgalba-consultation-2015.pdf> (air luchdadh a-nuas 07/17).
- MG ALBA (2016). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2015/16*
- MG ALBA (2017). *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan 2016/17*
- Milligan, L., Chalmers, D., Danson, M., & Lang, A. (2011). BBC ALBA's contributions to Gaelic language planning efforts for reversing language shift. *Current Issues in Language Planning*, 12(3), 349-361
- Montrul, S. A. (2008). *Incomplete acquisition in bilingualism: Re-examining the age factor* (Vol. 39). (John Benjamins Publishing)
- Moriarty, M. (2009). Normalising language through television: The case of the Irish language television channel, TG4. *Journal of Multicultural Discourses*, 4(2), 137-149
- Moring, T. (2007). 'Functional completeness in minority language media.' Ann an: Cormack, M. J., & Hourigan, N. (deas.) *Minority language media: Concepts, critiques and case studies* (Vol. 138). (Multilingual Matters), 17-33
- Moring, T. (2013). Media Markets and Minority Languages in the Digital Age. *Journal on Ethnopolitics and Minority Issues in Europe*. 12 (4), 34-53
- Moring, T., & Dunbar, R. (2008). *The European charter for regional or minority languages and the media* (Vol. 6). (Council of Europe)
- Moring, T., & Husband, C. (2007). The contribution of Swedish-language media in Finland to linguistic vitality. *International Journal of the Sociology of Language*, 2007(187-188), 75-101
- Naigles, L. R., & Mayeux, L. (2001). 'Television as incidental language teacher.' Ann an: Singer, D. G., & Singer, J. L. (deas) *Handbook of Children and the Media*. (SAGE), 135-152
- National Records of Scotland (2013) *Scotland's Census 2011: Table KS206SC – Language All people aged 3 and over* (Edinburgh: National Records of Scotland)  
[http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/censusresults/release2a/councilarea/KS206SC\\_CA.pdf](http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/censusresults/release2a/councilarea/KS206SC_CA.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)

- National Records of Scotland (2015a). *Scotland's census 2011: Gaelic report (part 1)*. (Edinburgh: National Records of Scotland)  
[http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical\\_reports/Report\\_part\\_1.pdf](http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical_reports/Report_part_1.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- National Records of Scotland (2015b). *Scotland's census 2011: Gaelic report (part 2)*. (Edinburgh: National Records of Scotland)  
[http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical\\_reports/Report\\_part\\_2.pdf](http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical_reports/Report_part_2.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)
- National Records of Scotland (2015c). *Scotland's census 2011: Table AT\_242\_2011 - Gaelic language skills of children in households by age by proportion of adults in household with any Gaelic language skills* (Edinburgh: National Records of Scotland)  
<http://www.scotlandscensus.gov.uk/ods-web/data-warehouse.html#additionaltab> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- Ó Baoill, C. (2010). A History of Gaelic to 1800. *The Edinburgh companion to the Gaelic language*, 1-21
- O'Connell, E. (2003). *Minority language dubbing for children: screen translation from German to Irish*. (Frankfurt: Peter Lang)
- O'Connell, E. (2007). Translation and minority language media: Potential and problems: An Irish perspective. Ann an: Cormack, M. J., & Hourigan, N. (deas.) *Minority language media: Concepts, critiques and case studies* (Vol. 138). (Multilingual Matters), 212-228
- Ó Néill, D. (2005). 'Scottish Gaelic (in Scotland).' Ann an: Ó Néill, D (deas.) *Rebuilding the Celtic languages: Reversing Language Shift in Celtic countries* (Talybont: Y Lolfa Cyf), 338-366
- O'Hanlon, F., McLeod, W., & Paterson, L. (2010). *Gaelic-medium Education in Scotland: choice and attainment at the primary and early secondary school stages*. (Edinburgh: Bòrd na Gàidhlig)
- O'Hanlon, F., Paterson, L., & McLeod, W. (2012). *Language models in Gaelic-medium pre-school, primary and secondary education*. (Soillse: Inverness)
- Ó hIfearnáin, T. (2007). Raising children to be bilingual in the Gaeltacht: Language preference and practice. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 10(4), 510-528
- Ó hIfearnáin, T. (2013). Family language policy, first language Irish speaker attitudes and community-based response to language shift. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 34(4), 348-365
- O'Reilly, K. (2012). *Ethnographic methods*. (Routledge)
- O'Toole, C., & Hickey, T. M. (2017). Bilingual language acquisition in a minority context: using the Irish–English Communicative Development Inventory to track acquisition of an endangered language. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 20(2), 146-162

Ochs, E., & Schieffelin, B. B. (2011). 'The theory of language socialization.' In A. Duranti, A., Ochs, E., & Schieffelin, B. B. (deas.), *The handbook of language socialization* (Chichester: Wiley-Blackwell), 1-21

Ofcom (2016a) *Children and parents: media use and attitudes report*  
[https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0034/93976/Children-Parents-Media-Use-Attitudes-Report-2016.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0034/93976/Children-Parents-Media-Use-Attitudes-Report-2016.pdf) (air luchdadh a-nuas 08/17)

Ofcom (2016b) *PSB Annual Research Report*  
[https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0018/80046/psb-annual-report-2016.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0018/80046/psb-annual-report-2016.pdf)  
(air luchdadh a-nuas 08/17)

Okita, T. (2002). *Invisible work: Bilingualism, language choice and childrearing in intermarried families* (Vol. 12). (John Benjamins Publishing)

Oller, D. K., & Eilers, R. E. (deas.). (2002). *Language and literacy in bilingual children* (Vol. 2). (Multilingual Matters)

Oliver, J. (2005). Scottish Gaelic identities: contexts and contingencies. *Scottish Affairs*, 51(1), 1-24

Oliver, J. (2010), 'The Predicament? Planning for Culture, Communities and Identities'. Ann an: Munro, G., & Mac an Tàilleir, I. (deas.), *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-diugh/ Gaelic Communities today* (Edinburgh: Dunedin Academic Press), 73-86

Orellana, M. F. (1994a). Appropriating the voice of the superheroes: Three preschoolers' bilingual language uses in play. *Early Childhood Research Quarterly*, 9(2), 171-193

Orellana, M. F. (1994b). *Superhuman Forces: Young Children's English Language Acquisition and Spanish Language Loss*. Paper Presented at the Annual Meeting of the American Educational Research Association (New Orleans, LA, April 4-8, 1994)

Pacini-Ketchabaw, V., Bernhard, J. K., & Freire, M. (2001). Struggling to preserve home language: The experiences of Latino students and families in the Canadian school system. *Bilingual Research Journal*, 25(1-2), 115-145

Padilla-Walker, L. M., & Coyne, S. M. (2011). "Turn that thing off!" parent and adolescent predictors of proactive media monitoring. *Journal of Adolescence*, 34(4), 705-715

Padilla-Walker, L. M., Coyne, S. M., Fraser, A. M., Dyer, W. J., & Yorgason, J. B. (2012). Parents and adolescents growing up in the digital age: latent growth curve analysis of proactive media monitoring. *Journal of adolescence*, 35(5), 1153-1165

Palviainen, Å., & Boyd, S. (2013). 'Unity in discourse, diversity in practice: The one person one language policy in bilingual families.' Ann an: Schwartz, M., & Verschik, A. (deas.). *Successful family language policy: Parents, children and educators in interaction* (Vol. 7). (Springer Science & Business Media.), 223-248

Park, S. M., & Sarkar, M. (2007). Parents' attitudes toward heritage language maintenance for their children and their efforts to help their children maintain the heritage language: A



- case study of Korean-Canadian immigrants. *Language, culture and curriculum*, 20(3), 223-235
- Paterson, L., O'Hanlon, F., Ormston, R., & Reid, S. (2014). Public attitudes to Gaelic and the debate about Scottish autonomy. *Regional & Federal Studies*, 24(4), 429-450
- Patton, M. Q. (1990). *Qualitative evaluation and research methods*. (SAGE Publications inc.)
- Patterson, J. L. (2002). Relationships of expressive vocabulary to frequency of reading and television experience among bilingual toddlers. *Applied Psycholinguistics*, 23(4), 493-508
- Pearson, B. Z., Fernandez, S. C., Lewedeg, V., & Oller, D. K. (1997). The relation of input factors to lexical learning by bilingual infants. *Applied Psycholinguistics*, 18(1), 41-58
- Pease-Alvarez, L. (2003). Transforming perspectives on bilingual language socialization. Ann an Bayley, R., & Schechter, S. R. (deas.) *Language socialization in bilingual and multilingual societies* (Vol. 39). (Multilingual Matters) 9-24
- Pérez Báez, G. (2013). Family language policy, transnationalism, and the diaspora community of San Lucas Quiaviní of Oaxaca, Mexico. *Language Policy*, 12(1)
- Pietikäinen, S. (2008a). Broadcasting indigenous voices: Sami minority media production. *European Journal of Communication*, 23(2), 173-191
- Pietikäinen, S. (2008b). Sami in the media: Questions of language vitality and cultural hybridisation. *Journal of Multicultural Discourses*, 3(1), 22-35
- Place, S., & Hoff, E. (2011). Properties of dual language exposure that influence 2-year-olds' bilingual proficiency. *Child development*, 82(6), 1834-1849
- Pollock, I. (2010). 'Learning from learners: Teachers in immersion classes.' Ann an Munro, G., & Mac an Tàilleir, I. (deas.). *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-diugh*. (Dunedin Academic), 117-25
- Réaume, D. G. (2000). *Official-Language Rights: intrinsic value and the protection of difference* (No. 4). (Oxford: Oxford University Press)
- Rice, M. L., Huston, A. C., Truglio, R., & Wright, J. C. (1990). Words from "Sesame Street": Learning vocabulary while viewing. *Developmental Psychology*, 26(3), 421
- Ricento, T. (2006). 'Methodological perspectives in language policy: An overview.' Ann an: Ricento, T. (deas.) *An introduction to language policy: Theory and method* (Oxford: Blackwell), 129-134
- Rideout, V., & Hamel, E. (2006). *The media family: Electronic media in the lives of infants, toddlers, preschoolers and their parents*. (Henry J. Kaiser Family Foundation)
- Ritchie, J. (2003). 'The applications of qualitative methods to social research.' Ann an: Ritchie, J., Lewis, J., Nicholls, C. M., & Ormston, R. (deas.) *Qualitative research practice: A guide for social science students and researchers*. (Sage), 24-46

- Ritchie, J., Spencer, L., & O'Connor, W. (2003). 'Carrying out qualitative analysis.' Ann an: Ritchie, J., Lewis, J., Nicholls, C. M., & Ormston, R. (deas.) *Qualitative research practice: A guide for social science students and researchers*. (Sage), 219-262
- Robinson, J. P., & Godbey, G. (1997). *Time for Life: The Surprising Ways Americans Use Their Time*. (Penn State Press)
- Romaine, S. (1995). *Bilingualism* (Malden, MA: Blackwell Publishers)
- Romaine, S. (2006). Planning for the survival of linguistic diversity. *Language Policy*, 5(4), 443-475
- Rosengren, K. E. (1974). Uses and gratifications: A paradigm outlined. Ann an: Blumler, J. G., & Katz, E. (deas.) *The uses of mass communications: Current perspectives on gratifications research* (London, England: SAGE), 269-286
- Rowe, M. L. (2012). A longitudinal investigation of the role of quantity and quality of child-directed speech in vocabulary development. *Child development*, 83(5), 1762-1774
- Ruangdaraganon, N., Chuthapisith, J., Mo-suwan, L., Kriweradechachai, S., Udomsubpayakul, U., & Choprapawon, C. (2009). Television viewing in Thai infants and toddlers: impacts to language development and parental perceptions. *BMC pediatrics*, 9(1), 34
- Rubin, A. M. (2009). 'Uses and gratifications.' Ann an: Nabi, R. L., & Oliver, M. B. (deas.). *The SAGE handbook of media processes and effects*. (Sage), 147-159
- Ruby, M. (2012). The role of a grandmother in maintaining Bangla with her granddaughter in East London. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 33(1), 67-83
- Schechter, S. R., & Bayley, R. (1997). Language Socialization Practices and Cultural Identity: Case Studies of Mexican-Descent Families in California and Texas. *Tesol Quarterly*, 31(3), 513-541
- Schechter, S. R., & Bayley, R. J. (2005). *Language as cultural practice: Mexicanos en el norte*. (Routledge)
- Scheele, A. F., Leseman, P. P., & Mayo, A. Y. (2010). The home language environment of monolingual and bilingual children and their language proficiency. *Applied Psycholinguistics*, 31(1), 117-140
- Schieffelin, B.B. & Ochs, E. (1986). Language socialization. *Annual review of anthropology*, 15, 163-191
- Scottish Government (2016), Pupils in Scotland, issued as a supplementary spreadsheet to *Summary Statistics for Schools in Scotland*, <http://www.gov.scot/Topics/Statistics/Browse/School-Education/dspupcensus/dspupcensus16> (air luchdadh a-nuas 08/17)
- Scottish Parliament (2005) *Gaelic Language Act*. Edinburgh: Scottish Parliament Pàrlamaid na h-Alba

- Seale, C. (1999). Quality in qualitative research. *Qualitative inquiry*, 5(4), 465-478
- Shohamy, E. (2006). *Language Policy: Hidden Agendas and New Approaches* (New York: Routledge)
- Schwartz, M. (2008). Exploring the relationship between family language policy and heritage language knowledge among second generation Russian–Jewish immigrants in Israel. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 29(5), 400-418
- Schwartz, M., Moin, V., & Leikin, M. (2011). Parents’ discourses about language strategies for their children’s preschool bilingual development. *Diaspora, Indigenous, and Minority Education*, 5(3), 149-166
- Silverstein, M. (1979). ‘Language Structure and Linguistic Ideology.’ Ann an: Cline, R., Hanks, W., & Hofbauer, C. (deas.) *The Elements: A Parasession on Linguistic Units and Levels*, (Chicago: Chicago Linguistic Society), 193-247
- Slavkov, N. (2016). Family language policy and school language choice: pathways to bilingualism and multilingualism in a Canadian context. *International Journal of Multilingualism*, 1-23
- Smith-Christmas, C. (2014). Being socialised into language shift: the impact of extended family members on family language policy. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 35(5), 511-526
- Smith-Christmas, C. (2016). *Family language policy: Maintaining an endangered language in the home*. (Basingstoke: Palgrave Macmillan)
- Smith-Christmas, C. (2017). ‘Is it really for talking?’: the implications of associating a minority language with the school. *Language, Culture and Curriculum*, 30(1), 32-47
- Snape, D. & Spencer, L. (2003). ‘Foundations of Qualitative Research.’ Ann an: J. Ritchie, J. & Lewis, J. (deas) *Qualitative Research Practice: A Guide for Social Science Students and Researchers* (LONDON: SAGE Publications), 1-23
- Spolsky, B. (2004). *Language policy* (Cambridge University Press)
- Spolsky, B. (2009). *Language management*. (Cambridge University Press)
- Stemers, J., & D’Arma, A. (2012). Evaluating and regulating the role of public broadcasters in the children’s media ecology: The case of home-grown television content. *International Journal of Media & Cultural Politics*, 8(1), 67-85
- Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig (2009). *Gaelic Content for Children and Young People: A desk-top study of current activity Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig for the Working Group on Resources, Terminology of Translation Bòrd na Gàidhlig’s National Gaelic Education Steering Group*. <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/TR09-04-Children-and-Youth-Resources-2009-English.pdf>  
(air luchdadh a-nuas 08/17)
- Sundar, S. S., & Limperos, A. M. (2013). Uses and grats 2.0: New gratifications for new media. *Journal of Broadcasting & Electronic Media*, 57(4), 504-525

- Tanimura, M., Okuma, K., & Kyoshima, K. (2007). Television viewing, reduced parental utterance, and delayed speech development in infants and young children. *Archives of pediatrics & adolescent medicine*, *161*(6), 618-619
- Tannenbaum, M. (2005). Viewing family relations through a linguistic lens: Symbolic aspects of language maintenance in immigrant families. *The Journal of Family Communication*, *5*(3), 229-252
- Thomas, E. M., Williams, N., Jones, L. A., Davies, S., & Binks, H. (2014). Acquiring complex structures under minority language conditions: Bilingual acquisition of plural morphology in Welsh. *Bilingualism: Language and Cognition*, *17*(3), 478-494
- Thompson, J. B. (1991). 'Editor's Introduction' and Bourdieu, P. (1991). *Language and symbolic power*. (Harvard University Press)
- Tuominen, A. (1999). Who decides the home language? A look at multilingual families. *International journal of the sociology of language*, *140*(1), 59-76
- Uchikoshi, Y. (2005). Narrative development in bilingual kindergarteners: can Arthur help?. *Developmental psychology*, *41*(3), 464
- Uchikoshi, Y. (2006). English vocabulary development in bilingual kindergarteners: What are the best predictors?. *Bilingualism: Language and Cognition*, *9*(1), 33-49
- Useem, J., Useem, R., & Donoghue, J. (1963) Men in the middle of the third culture: The roles of American and non-Western people in cross-cultural administration. *Human Organization*, *22*(3), 169-179
- Vandewater, E. A. (2010). The effect of video on infant word learning: Can babies learn from commercially available video. *Journal of Children and Media*
- Vandewater, E. A., & Lee, S. J. (2009). Measuring children's media use in the digital age: issues and challenges. *American Behavioral Scientist*, *52*(8), 1152-1176
- Van Herk, G. (2012). *What is sociolinguistics?* (Vol. 6). (John Wiley & Sons)
- Van Horn, D., & Kan, P. F. (2016). Fast mapping by bilingual children: Storybooks and cartoons. *Child Language Teaching and Therapy*, *32*(1), 65-77
- Vincze, L., & Freynet, N. (2014). Objective vitality as moderator of ethnolinguistic identity gratifications. *Communication Research Reports*, *31*(1), 117-123
- Walsh, J., & McLeod, W. (2008). An overcoat wrapped around an invisible man? Language legislation and language revitalisation in Ireland and Scotland. *Language Policy*, *7*(1), 21-46
- Weizman, Z. O., & Snow, C. E. (2001). Lexical output as related to children's vocabulary acquisition: Effects of sophisticated exposure and support for meaning. *Developmental Psychology*, *37*(2), 265

- Will, V. (2012). *Why Kenny Can't Can: The Language Socialization Experiences of Gaelic-Medium Educated Children in Scotland*. Tráchdas PhD neo-fhoillsichte. (University of Michigan)
- Williams, C. H. (1988). 'Language planning and regional development: lessons from the Irish Gaeltacht.' Ann an: Williams, C. H. (deas.) *Language in geographic context*. (Multilingual Matters), 267-303
- Williams, N., & Thomas, E. M. (2017). Exploring minority language input sources as means of supporting the early development of second language vocabulary and grammar. *Applied Psycholinguistics*, 1-26
- Wimmer, R. D., & Dominick, J. R. (2013). *Mass media research*. (Cengage learning)
- Withers, C. W. (1984). *Gaelic in Scotland 1698- 1981* (Edinburgh: John Donald Publishers)
- Withers, C. W. (2007). 'Highland migration to Glasgow in 1851'. Ann an: Kidd, S. (deas.) *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal, City of the Gaels* (Glasgow: Department of Celtic and Gaelic)
- Woolard, K. A., & Schieffelin, B. B., (1994). 'Language Ideology.' *Annual Review of Anthropology* 23: 55-82
- Woolard, K. A. (1998) 'Language Ideology as a Field of Inquiry.' Ann an: Schieffelin, B. B., Woolard, K.A., & Kroskrity, P. V. (deas.) *Language Ideologies, Practice and Theory* (Oxford: Oxford University Press), 3-50
- Wright, J. C., Huston, A. C., Murphy, K. C., St Peters, M., Piñon, M., Scantlin, R., & Kotler, J. (2001). The relations of early television viewing to school readiness and vocabulary of children from low-income families: The early window project. *Child development*, 72(5), 1347-1366
- Yagmur, K. & Ehala, M. (2011). Tradition and innovation in the ethnolinguistic vitality theory. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 32(2), 101-110
- Yamamoto, M. (2001). *Language use in interlingual families: A Japanese-English sociolinguistic study* (Vol. 30). (Multilingual Matters)
- Zimmerman, F. J., Christakis, D. A., & Meltzoff, A. N. (2007). Associations between media viewing and language development in children under age 2 years. *The Journal of pediatrics*, 151(4), 364-368
- Zimmerman, F. J., & Christakis, D. A. (2007). Associations between content types of early media exposure and subsequent attentional problems. *Pediatrics*, 120(5), 986-992

## EÀRR-RÀDH 1: BRIATHRACHAS AN TRÀCHDAIS

**agallaiche:** interviewee

**agallamhair:** interviewer

**air thuirmeas:** by chance

**Aonta-Frèim:** Framework Agreement

**barganachadh:** bargaining

**beachd-bharail:** hypothesis

**beòthalachd claon:** subjective vitality

**beòthalachd etno-cànanach:** ethnolinguistic vitality

**beòthalachd neo-chlaon:** objective vitality

**briathrachas labhairteach:** expressive vocabulary

**briathrachas tuigseach:** receptive vocabulary

**bun-phrògraman:** original programmes

**cànan-a-steach:** language input

**caochladairean:** variables

**ceadachail:** permissive

**ceangal àicheil:** negative association

**ceannsachail:** authoritarian

**ceudachdan:** percentages

**cinnidheach:** racial

**claon:** subjective

**clàran-taic:** menus

**clas-meadhanach:** middle class

**cluich mas fhìor:** role play

**co-choslachadh cànan:** linguistic assimilation

**co-dhàimh bhrìgheil:** significant correlation

**co-èifeachdan co-dhàimheil:** correlational coefficients

**coimhearsnachd mhac-meanmnach:** imagined community

**cruinneachas:** globalisation

**cuibheas:** average

**cultar mòr-chòrdte:** popular culture

**cumhaichean:** conditions

**cunbhalachd:** routine

**do-fhaicsinneach:** implicit

**dòigh-dèiligidh:** approach

**dòigh-sgrùdaidh chuspaireil:** thematic analysis

**duaiseachadh:** gratifying

**dùthchasach:** autochthonous

**eadar-aghaidh:** interface

**eadar-ghnìomhach:** interactional

**faicsinneach:** explicit

**faireachail:** emotional

**fèin-aithnean neo-chànanach:** non-linguistic identities

**fèin-mhothachail:** self-conscious

**fèisteas:** entertainment

**fèisteas neo-eisimeileachd:** independent entertainment

**fiorachas:** reality

**fo-riochdaichte:** under-represented

**giùlan:** behavior

**gluasad cànan a thionndadh:** reversing language shift

**gnath-iomhaigheachd:** stereotype

**gnìomhan:** functions

**ìochdaraich:** subordinate

**iomlanach:** holistic

**iomlanachd ghnìomhach:** functional completeness

**iomlanachd institiuideach:** institutional completeness

**ionadalachd:** localisation

**ìre-mhathais:** quality

**leiteachas:** preference

**leiteachas teann:** strict preference

**luachan ath-neartachaidh:** reinforcing values

**margaid chànanachais:** linguistic market

**miannaichte:** desirable

**mìneachail:** explanatory

**mion-inbhe:** minority status

**modaràtairean:** moderators

**neo-chlaon:** objective

**raointean-cleachdaidh:** domains

**ro-innse:** predicting

**ruigsinneachd:** reach

**samplachadh a dh'aona-gnothach:** purposeful sampling

**samplachadh coltachd:** probability sampling

**siostam giùlain:** behavioural system

**sleamhnaichte:** lapsed

**sòisealachadh buidhne:** group socialization

**sreathan:** series

**staitistigeil brìgheil:** statistical significance



**suathachadh:** contact

**susbaint:** content

**susbaint dhùthchail:** domestic content

**tar-chur cànan eadar na ginealachdan:** intergenerational transmission

**telebhisean talmhaidh didseatach:** digital terrestrial television

**togail cànan mì-choileanta:** incomplete language acquisition

**treas còd:** third code

**triantanachadh:** triangulation

**trioblaidean aire:** attentional problems

**tuairmsean ùine:** time estimates

**ùghdarrasail:** authoritative

## EÀRR-RÀDH 2

### MEDIA DIARY: INSTRUCTIONS

#### Date

Date watched

#### 1. Name of Content

Content = TV programme, DVD, Film.

Please provide the full name of the content if possible. E.g. If the TV programme is a series, also provide the name of the episode, if possible.

#### 2. How was the content watched?

**Live** – watched live as it was broadcast

**Catch-up** – content was watched on a catch-up service e.g. BBC iPlayer.

**Recording** – content was recorded previously

**DVD** – content was watched on DVD

**Other** – please specify if content was watched by other means. E.g. YouTube.

#### 3. What channel does the content come from?

If the content was watched live as broadcast please specify the channel. If the content is from a catch-up service or is a recording please specify the channel on which the content was originally shown.

Select Not Applicable (N/A) if, for example, the content is from a DVD.

#### 4. What time was the content watched?

Please specify when the child started and stopped watching the content. Please also specify whether am or pm.

#### 5. On what device was the content watched?

Please specify the type of device on which the content was watched. For example, television set, iPad/tablet, laptop, mobile phone etc.

#### 6. Where was the content watched?

Please specify where the content was watched. Please give as much detail as possible. For example, if the content was watched at home, please specify the room in which it was watched.

### **7. Did the child watch the content with anyone?**

Please specify if someone was watching the content with the child. For example, if parent watched with child please put ‘Mum’ or ‘Dad’. Or if siblings were watching with the child please specify.

Select ‘don’t know’ if you are unable to ascertain whether someone watched content with child. For example, if you are unsure whether someone watched with child. However, please try your best to ascertain as much information as possible and try to get other caregivers to help provide the desired information.

If the answer to this question is ‘no’ or ‘don’t know’, the entry of the media diary is complete.

However, ‘any other comments’ can still be added at the bottom of the entry.

### **8. Did someone talk to the child about the content during it?**

Please specify, whilst the content was on, whether someone was speaking with the child about the content.

If yes, please specify who this person was – e.g ‘Mum’, ‘Gran’.

If the answer to this question is ‘no’ or ‘don’t know’, the entry of the media diary is complete. However, ‘any other comments’ can still be added at the bottom of the entry.

### **9. If someone spoke to the child about the content during it, which language was spoken?**

**English only** – means only English was spoken.

**Gaelic only** – Only Gaelic was spoken. However, if the occasional English word was used in a Gaelic sentence this would still qualify as ‘Gaelic only’.

**Both English and Gaelic equally** – English and Gaelic spoken in roughly equal proportions.

**Mostly English** – a little Gaelic may have been spoken but the majority of conversation was in English.

**Mostly Gaelic** – a little English was spoken but the majority of conversation was in Gaelic.

Select ‘**Don’t know**’ if, for example, someone else was watching with the child and you weren’t able to ascertain this information.

**Other** – select ‘other’ if another language was used or another language combination and please give details where possible.

### **Any other comments**

If you have any other comments to make or information that might be relevant please include here.